


Starsach

Rosg is Bàrdachd



An Comunn Gàidhealach

National Library of Scotland



B000309119

2715-7060

Starsach

Rosg is Bàrdachd

Starsach

Rosg is Bàrdachd



Am Mòd Rìoghail Nàiseanta
1892-1992

An Comunn Gàidhealach

Air fhoillseachadh an an 1998 leis a' Chomunn Ghàidhealach,
109 Sràid na h-Eaglais, Inbhir Nis
© An Comunn Gàidhealach

LAGE/ISBN: 0 905905 07 5

Dreach le Dòmhnall U MacLeòid, Inbhir Nis
Air a chlà-bhualadh le Highland Printers, Inbhir Nis

Dealbh a' chòmhdhaich aghaidh - An Cuiltheann bho Shligeachan
Dealbh a' chùil - Tràigh Sheileaboist anns na Hearadh

Na dealbhan dathte air fad le Leabharlann Dhealbh na
Gàidhealtachd

Dealbhan dubh is geal le Dòmhnall Moireasdan, an t-Oban

Chuidich Comhairle nan Leabhraichean am foillsichear
le cosgaisean an leabhair seo.

Fhuair eadh taic cuideachd bho

Urras Brosnachaidh na Gàidhlig

Urras Gàidhlig Dhòmhnail MhicThòmais



Ro-ràdh

Tha grunn bhliadhnaichean bho dh'aontaich cuid againn, gum biodh e iomchaidh, leabhar Gàidhlig fhoillseachadh, gu bhith comharrachadh ceud bliadhna den Mhòd Nàiseanta. Air tùs, bha dochas gun ruigeamaid ar ceann-uidhe roimh “Mhòd Rìoghail nan Ceud Bliadhna”, san Oban, ann an 1992. B' fheudar an t-amas seo a leigeil air cùl.

Tha sinn ag iarraidh maitheanais bhon luchd-sgrìobhaidh, a bha cho coibhneil fialaidh às-gaidh, le annas an làimhe. Tha iad uile airidh air moladh, airson am foighidinn. Is iongantach mur bheil cuid aca air na sgrìobh iad a dhì-chuimhneachadh. Coma leibh, ruigidh each mall muileann.

Bho chuireadh An Comunn Gàidhealach air chois, ann an 1892, bha e dileas, taiceil do litreachas Gàidhlig. Is iomadh leabhar a fhuair brosnachadh bhuatha, rè nam bliadhnaichean. Anns an leabhar seo tha againn measgachadh de rosg agus de bhàrdachd, cuid bho ùghdaran a choisinn cliù bho chionn fhada, ann an raon litreachais, ach tha blasad math againn cuideachd bho fheadhainn air nach eil luchd-leughaidh cho eòlach. 'S e ar dùrachd gun còrd an leabhar ris a' mhòr-shluagh, sean is òg.

Aig toiseach tòiseachaidh, bha Ard Chomhairle a' Chomuinn Ghàidhealaich deònach cosgais a' chlà-bhualaidh a sheasamh. Tha sinn gu mòr fodh fhiachaibh do Chomhairle nan Leabhraichean airson cuideachadh airgid agus do Iain MacDhòmhnaill airson a bhrosnachaidh. Rinn Dòmhnall Uilleam MacLeòid, Inbhir Nis, saothair mhòr ag ullachadh an stuth airson a' chlà-bhualadair. Thug Urras Dhòmhnaill MhicThòmais, gu h-ealamh dhuinn tìodhlac-airgid a bha air leth feumail. Nuair a bhitheas an leabhar air fhoillseachadh bithidh dùil ri taic airgid bho chomainn agus buidhnean, a nochd ùidh anns a' ghnòthach, bho toiseach. Ged tha cuibhrecann den leabhar a' bualadh air na làithean a dh'aom, tha iarmad dheth a bhuineas don àm tha làthair.

Dh'iarraim an leabhar a bhith an dà chuid 'na chuimhneachan agus na starsaich a dh'ionnsaigh leabhraichean agus pròiseactan eile fo sgèith a' Chomuinn Ghàidhealaich.

Bu ghasda a bhith lùib an trusaidh.

Murchadh Caimbeul

Clàr-Innse

Td

Seall Romhad 's às Do Dhèidh Ruairidh MacThòmais	1
Spàl Tim Cailein T. MacCoinnich	4
Ceud Bliadhna a' Chomuinn Ghàidhealaich – 1891 gu 1991	
Ruairidh MacDhòmhnaill	13
Iain MacIllEathain, Bàrd Bhaile Mhàrtainn:	
Niall M. Brownlie	14
Tobair Eachdraidh Ruairidh Moireasdan	24
Luath do Choimhearsnaich Dòmhnall Iain MacIomhair	28
Gobha Phabaigh Niall Caimbeul	45
Seun Sgarpach	47
Thoir Dhomh Do Làmh Iain MacLeòid	50
Am Fàinne Eilidh Watt	51
“Chan eil am Mòd mar a chleachd e bhith”	
Seonag NicLeòid	57
Làithean na h-Oige Iain M. MacLeòid	59
An Coigreach Dòmhnall Mac a' Phiocair	63
An Gorm Iain Mac a' Ghobhainn	64
Dealachadh Anna Frater	66
Imcheist is Dùil Niall M. Brownlie	67
Clàrsach Innse Gall Cailein T. MacCoinnich	69
Glaschu tro Shùilean nam Bàrd Iain MacLeòid	71
Dòmhnall MacThòmais, OBE, MA, FEIS:	
“Fear beag a' chridhe mhòir” Alasdair Iain MacLeòid	75
Daoine Onarach Gu Lèir Dòmhnall Alasdair	77
Cidhe Sgalpaigh Alasdair Iain MacLeòid	82
Iongnadh Ruairidh MacDhòmhnaill	84
“Cha robh e air falbh a-riamh” Iain MacLeòid	86
Eòiligearraidh Pòl Mac a' Bhreatunnaich	101
Dòchas Fred MacAmhlaidh	119
Maise Nàdair Niall M. Brownlie	120
Mar a Bha is Mar a Tha Calum MacLeòid	122
Caistealan Steòrnabhaigh Coinneach D. Mac a' Ghobhainn	124
Mar a Dhion Mi Mo Chàr Criosaidh Dick	128
Bantrach Cogaidh Iain MacLeòid	130
Briseadh Latha Dòmhnall Alasdair	132
Dòmhnall Ailig MacLeòid - Cò E? Iain Aonghas MacLeòid	133
Oran don Ghàidhlig Dòmhnall Alasdair	138

Cianalas a' Chuain Pòl Mac a' Bhreatunnaich	139
Am Fàinne Alasdair Iain MacLeòid	172
Foghlam Ruairidh MacDhòmhnaill	174
Rèinigeadal Ceiteag Ailig Iain Bhàin	176
Murchadh MacPhàrlain Niall M. Brownlie	180
Am Prionnsa Teàrlach ann an Sgalpaigh Niall Caimbeul	181
An Neo-Dhiadhaire Dòmhnall Alasdair	183
An Cogadh Tormod MacLeòid	186
Astar Latha Samhraidh Murchadh Caimbeul	187
Banais ann am Moilinginis Alasdair MacLeòid	191
Phàraoh agus an Sàirdseant Iain MacLeòid	192
Do dh'Anna NicGhillEathain Iain Aonghas MacLeòid	194
Cianalas Iain Moireasdan	196
Caochladh Seonag NicIllFhinnein	199
Comhairle air Mo Nighean Dòmhnall Alasdair	201
Marbhrann do Raonaid Thormoid Iain Moireasdan	202
Seach-Rathad Dhùn Blàthain Calum MacMhaoilein	205
"Cluinnidh e am feur a' fàs" Calum MacMhaoilein	206
Sgeulachdan à Sgìre na Pàirce Calum MacMhaoilein	207
A' Dol gu Mòd Dhùn Eideann Calum MacMhaoilein	209
An Uiseag Niall M. Brownlie	210
Nam Aonar le Mo Smaointean Iain MacLeòid	212

Clàr-Innse Dhealbh

Td

Gainneamhan, faisg air an Oban.....	88
Loch Creuran.....	89
Caisteal Dhun Ollaidh agus Aird an t-Snàimh	90
Loch Dubhthaich agus Beanntan Chinn t-Saile	91
Steòrnabhaigh	91
Bàgh Fharra, an Cataibh.....	92
Loch Cuaich.....	92
Bàgh Uige, an t-Eilean SgitheanachLoch	93
Inbhir Nis	93
“Chì mi Muile nam beann fuar fada bhuam thar an t-sàil”	94
Tobar Mhoire.....	95
Caistealan Steòrnabhaigh.....	95
Abhainn Theòrsa, an Gallaibh.....	96
Loch Mhùrlaig agus am Monadh Ruadh.....	96
Muile an Dol Fodha na Grèine.....	97
A' Toirt Chaorach às a' Bheinn (Loch Bhraoin).....	98
Bàgh a' Chaisteil.....	98
Beinn Nimheis agus a' Chorpach.....	99
Toirbheartan.....	99
“Gach làd le a stuagh...”	100

Seall Romhad 's às Do Dhèidh

Ruaraidh MacThòmais

Is iongantach gu bheil cus iomraidh ann an eachdraidh air teaghlach bhàrd a lean cho fada ri Clann MhicMhuirich ann an Albainn. Tha mi air mòran a sgrìobhadh man deidhinn air feadh nam bliadhnachan,¹ agus nì facal beag a' chùis an seo, mus tig mi gu bhith ag innse dè thug fear dhiubh 'na mo chuimhne an là roimhe.

Thathas am beachd gun do theich a' chiad duine den teaghlach seo (a' chiad duine ann a seagh Albannach) à Eirinn timcheall air a' bhliadhna 1213, is gun tàinig e gu crìochan na Leamhnachd, is dòcha faisg air Loch Laomainn. Tha dà dhàn againn a rinn e do Iarlachan na Leamhnachd. 'S e Muireadhach Albanach a bh' aig daoine air, a' cuimhneachadh a thurais a dh'Alba, ged a dh'fhàg e làrach a cheuman mun Mhuir Mheadhan-thìreach cuideachd, timcheall air a' bhliadhna 1220. Tha sinn a' smaoinichadh gur h-ann bhuaithesan a thàinig Clann Mhuirich, agus lean iad orra mar bhàird troimh na linntean, an toiseach ann an seirbheis nan Dòmhnallach an Ile 's an Cinn-tìre, agus mu dheireadh ann an seirbheis Chloinn Raghnaill.

'Nam measg bha Lachlann Mòr, a rinn brosnachadh-catha roimh Chath Gairbheach (1411), Lachlann cìle a bha 'na Ard-ollamh (prìomh bhàrd) anns a' bhliadhna 1485, Giolla Coluim Mac an Ollaimh a bha a' caoidh staid nan Dòmhnallach timcheall air 1493-94, nuair a chaill iad an ùghdarras mar Thighcarnan nan Eilean, Niall Mòr a dh'fhàg dàn againn a tha ag innse mu bhanaid ann an Dùn Bheagain ann an 1613, banais a lean sia oidhche gun traoghadh, Cathal a dh'fhàg còrr is dusan dàn againn anns an t-seachdamh linn deug, agus Niall a bha beò gu 1726 no mar sin, agus a rinn dàin às deidh Blar Shliabh an t-Siorraim (1715), aonan dhiubh sin ann an scann chànan is scann mheadrachd nam bàrd-teaghlaich, agus dhà anns an 'nòs ùr' (ged nach robh an nòs sin ro ùr idir aig an àm sin).

1 Mar eisimpleir: 'The MacMhuirich Bardic Family', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Leabhar 43 (1963); 'The Poetry of Niall MacMhuirich', *Ibid*, Leabhar 46 (1970); 'Three Seventeenth Century Bardic Poets: Niall Mòr, Cathal and Niall MacMhuirich', anns an leabhar *Bards and Makars* (Oilthigh Ghlaschu. 1977); 'The Harlaw Brosnachadh: an Early Fifteenth-Century Literary Curio', anns an leabhar *Celtic Studies: Essays in Memory of Angus Matheson* (Routledge. 1968)

Ach ged a lean Niall sin ag obair anns an ochdamh linn deug, bha staid nam bàrd-teaghlaich a' fàs cugallach anns an t-seachdamh linn deug, an dà chuid an Albainn is an Eirinn. 'S e an aon dòigh sgrìobhaidh a bh' aca anns an dà dhùthaich, agus mar a bha na cinn-feadhna a' fàs na bu Ghallda, agus an cumhachd 's am maoin a' teicheadh (co-dhiù às na ceàrnan Gàidhealach), bha iad a' sgar a dh'fhasdadh bhàrd den t-seòrsa seo. Feumaidh gu robh Cathal a' faicinn gu soilleir mar a bha an saoghal ag atharrachadh, oir tha dàn againn a rinn e, is dòcha eadar 1650 is 1660, ag innse mar a tha e air fhàgail 'na aonar (mar bhàrd). Tha a charaid Eòin Mac Briain air bàsachadh (air Ghalldachd a rèir coltais), 's chan eil duine ann ris an cuir e a chomhairle ann an gnothaichean na bàrdachd. Cha robh a' chùis buileach cho truagh 's a bha e 'n dùil, ach cha bhiodh Niall is dòcha ach 'na ghille aig an àm, agus bha Clann Mhuirich, mar bhàird, a' tighinn faisg air ceann an turais. Tha a' bhàrdachd aig Cathal a' tòiseachadh 'Cionnas mhaireas mé am aonar?'

O chionn ghoirid chuir mi seachad greiseag ann an Sgoil Lìonaclait, a' bruidhinn mu bhàrdachd Ghàidhlig ris na sgoilearan òga. Thug mi cuideachd an aire cho siùbhlach 's a bha a' Ghàidhlig ann an Taigh-òsda an Eilein Dhorcha, ged a thàinig seo a-steach orm ann an dòigh a bha car annasach. Dh'fhaighnich mi do chaileig-frithealaidh: "A bheil Gàidhlig agad?"

"Chan eil," ars ise.

"Chan eil facal?" arsa mise.

"Chan eil aon fhacal," ars ise.

Co-dhiù, chuir mi seachad beagan den dearbh fheasgar a' cur rannan ri chèile a' cuimhneachadh Chathail is a' cuimhneachadh feadhainn eile a bha mu na crìochan bhon linn aigesan. Seo na thàinig às a' mheòmhachadh sin:

"Cionnas mhaireas mi am aonar?"
 arsa Cathal, leis an iargain,
 's Eòin Mac Briain air a thrèigsinn
 gun ach bana-Ghoill ga chaoineadh.

Fada fad' mus deach an lasair
 ris a' chaisteal, man d' chuir còcair'
 Ormacleit 'na smàl, is Ailean
 dol gu bhàs aig Sliabh an t-Siorraim.

Fada mus do ruagadh Teàrlach
às na crìochan seo gu Mòrthir,
fada fada roimh Chùil Lodair,
fada roimh linn MhicCodruim.

Fada roimh chrìoch na sgeulachd
's Aonghas Barrach oidhch' ga h-innse,
fada man d' chuir Donnchadh Clachair
a loinn fhèin air *Fear na h-Eabaid*.

Fada man tug Dòmhnall Ruadh
Bùth Dhòmhnail 'icLeòid gu ar n-aire,
's a dh'fhàg e Clach Sgàin air uideil
eadar Lunnainn 's Tìr nan Gàidheal.

Gheibh an duine 's fhaide mhaireas
deireadh na sgeòil an asgaidh,
ach cha dèan e 'chùis dhuinn cabhaig
chur air fàisneachd chumhach Chathail.

Spàl Tìm

Cailein T. MacCoinnich

Bha Eachann a' dèanamh mòran leughaidh, gu h-àraidh on sguir e dhan a' bheairt. Bha dà rud air cùl e sguir a dh'fhighe. Aon nì, bha e fàs car sean airson na beairte – aig ceithir fichead 's a sia, bha i caran trom air an uchd 's air an druim. Rud eile, bha an clò air a dhol air ais gu mòr mar mheadhan beòshlaint, 's bha Peigi gun fhois an sàs ann airson an obair a leigeil seachad. 'S mu dheireadh thall, fhuair i a h-iarrtas, agus leigeadh leis a' bheairt a dhol mu thàmh an oisean an t-sead. Theireadh Eachann, “Colach rium fhèin, tha feum aice air anail; ach cha reic mi idir i – cò aig' tha fhios nach tig obair a' chlà beò fhathast. Cum rud seachd bliadhna, 's gheibh thu feum dha.”

Ach ma chaidh a' bheairt a chur an dara taobh, cha deach an sead a dhùnadh suas idir. Gann latha nach lorgadh tu Eachann na shuidhe leis fhèin san t-sead, leabhar na làimh 's a' phìob thombaca a' cur sgòthan de thoit dhubh suas, gus am biodh an t-àite cho duatharach ri àtha-cheilpe. Agus corra uair nochdadh a sheann ghoistidh, Murchadh a' Chlachair, a-nall 's chuireadh e seachad uair a thide no dhà an cuideachd Eachainn, a' còmhradh air seann rudan a bh' ann leth-cheud bliadhna no còrr air ais, 's a' cur earrainn fhèin dhan toit a bha a' lionadh an àite. Bha esan e fhèin air a bhean a chall o chionn corra bhliadhna agus a' fuireach còmhla ri mac dha, dìreach mar a bha Eachann còmhla ri nighean. Bha deannan math chloinne san dà dhachaigh, 's cha robh iongnadh ann ged a bhiodh an dithis bhodach a' teicheadh a-mach dhan t-sead-fhighe airson cothrom seanchais agus toit às na pioban, nach robh idir air am meas fiùghail aig na boircannaich.

Cha robh Murchadh na fhear-leughaidh mòr, ach b' fhior thoigh leis a bhith 'g èisdeachd ris na rudan annasach a bhiodh a ghoistidh a' smioradh às na leabhraichean a bha esan a' leughadh, gu h-àraidh ma bha na cuspairean a' tighinn air gnothaichean an-àbhaisteach, mi-nàdarra, na reultan, saoghail eile, diomhaireachd tìm is siorraidheachd. Agus labhradh Eachann gu tuigseach pongail air beachdan leithid Phlato, Shocrateis, Emànuel Kant, Einstein agus feallsanaich ainmeil agus sgoilearan dhan t-seòrsa sin. Ach 's e

Einstein am fear a b' fheàrr leis uile dhiubh. Ged nach robh e a' tuigsinn uile-gu-lèir na bha an sgoilear ainmeil a' ciallachadh le a bheachdan air tìm, astar agus coimeas-meudachd, bha e a' gabhail a-steach nam prìomh phrionnsapalan a bha an teagasg Einstein, 's bha e air leth annasach a' chainnt san dealbhadh e do Mhurchadh na beachdan iongantach a bha sin.

“Tha e ciallachadh nach eil meud aig rud sam bith ach an coimeas ri rudeigin eile, 's tha sin fìor mu na toimhsean cumanta as aithne dhuinne, mar a tha fad, leud, àirde. Ach tha e cumail a-mach gu bheil tomhais eile ann cuideachd – tìm. Tha mise tuigsinn leis a sin gu bheil e ciallachadh na h-ùine a mhaireas rud sam bith sa chruth sam faodar na toimhsean eile a chleachdadh dha thaobh. Saoghal rud, mar gun canadh tu. Ach dè tha e tuigsinn le tìm fhèin – chan eil mi idir cinnteach gu bheil e fhèin buileach soilleir mun chùis. Chanainn fhèin nach eil ann an 'ùine' ach roinn no tomhais àraid dhan rud ris an can sinn tìm – eil thu ga mo leantainn?”

Bheireadh Murchadh tarraing air fheusaig, 's an sin thachaiseadh e a cheann. “Tha, gu ìre cholach, ach chan eil mi fhathast a' tuigsinn càit an deach an là an-dè, no càit a bheil a-màireach nach tàinig fhathast. Diomhaireachd eagalach a th' ann, a dhuine.”

Chrath Eachann a cheann. “Agus diomhaireachd nach tuig sinne an taobh seo dhan uaigh. Ach aig an aon àm, tha amharas agam gu robh Einstein gu math faisg air a' cheist fhuasgladh – sin cho fad' 's a tha e comasach do dh'inntinn nàdarra mhic an duine na toimhsean air a bheil e a' bruidheann a gabhail a-steach. Eil fhios agad, uair no dhà, 's mi fighe air a' bheairt sin thall, shaoil mi gu robh e agam, cha mhòr. Cur is dlùth na fighe, bheil thu tuigsinn – tha, mar gum bitheadh, colas aca ri sreath de shnàithleanan tìm, sa bheil sinn a' fighe cur ar beatha 's ar bliadhnaichean. Nam biodh dlùth na beairte a' ruith thairis air dà chrann-snàth, an àite crann-snàth agus crann-aoadaich, bhiodh e gun cheann – an rud ris an canadh Einstein ribinn Mhoebius. Bheil thu ga mo leantainn?”

Sheall e air a chompanach, ach bha am fear eile mar gum biodh ann an saoghal eile, domhainn an smaoin. Thug e smuais bheag às. “Tha eagal orm nach eil, buileach. Ach a bheil fhios agad cò air an robh mi smaoineachadh? Eil cuimhn' agad an sgeulachd annasach eile bha thu 'g innse dhomh mun phroifeasair a bha a' càradh beairt-

fuaigheil nà mna nuair a shiùd i air falbh e an comhair a chinn a-steach do linn eile mìltean bliadhna air falbh? Tha mi 'n dùil gur e H. G. Wells a sgrìobh an sgeulachd.”

Thainig gàire beag air aodann Eachainn. “Tha, ach chan eil mi 'n dùil gu bheil beairt-fuaigheil na samhla cho coimhionta ris a' bheairt-fhighe idir. 'S cha robh am proifeasair cho fìor fhoghlaimte na bu mhotha: bheil cuimhn' agad gun deach e tro ghrunnan bheairtean-fuaigheil mun do lorg e dè bha toirt air a' bheairt a bhith dol às an t-sealladh eadar a làmhnan – cosgais gun fheum. Ach, a-nis, a' bheairt-fhighe...” Thàinig fiamha de ghàire seòlta thairis air aodann, agus stad e, mar nach robh e cinnteach am bu chòir dha crìoch a chur air na bha fa-near dha a ràdha. An sin, chrath e a cheann air a shocair. “Co-dhiù, 's e ceist a th' ann. Ciamar a chòrdadh e riut fhèin sìnteag a thoirt air ais an tìm gu àm Noah, Alasdair Mhòir, Nero, Spartacuis? No dhà no thrì mìle bliadhna air adhart gu – gu – linn cò air bith a dh' fhaodas a bhith air thalamh aig an àm, ma bhios duin' idir ann? A dhuine, nach ann a bhiodh am fiosrachadh, agus an sgeulachd ri h-innse nuair a thilleadh tu air ais. Dè do bheachd air a' chùis, a Mhurchaidh?”

Bha am fear eile na thàmh airson tìotan. “Cha mhi-chòrdadh e rium idir, ach aon nì, dh' fheumainn a bhith gu math cinnteach gu faighinn air ais, co-dhiù 's ann air ais no air adhart a rachainn. Rud eile, bu mhath leam beagan eòlais a bhith agam air a' chuideachd san lorgainn mi fhèin – sin nam b' ann air ais a rachainn. 'S airson a dhol air adhart – an cual' thu riamh an rud a thuirt Tòmas a' Chnuic ris a' mhinistear, nuair a dh' fhaighneachd Maighstir Seumas dha an còrdadh e ris dùsgadh air nèamh 's e fhein fhaighinn an cuideachd Mhaois, Abrahàim, Isaac agus Iacoib?”

“Cha chuala.” Bha Eachann cleachdte ri sgeulachdan beag eibhinn a ghoistidh.

“An t-Agh, seo dìreach an rud a thuirt Tòmas ris. ‘A Mhaighstir Seumas, chòrdadh e glan rium, ach a dh' innse na fìrinn, saoilidh mi gum bithinn fada na bu mhotha aig an dachaigh ann an cuideachd nan seann eòlach còmhla ris an robh mi fad mo bheatha air an talamh.’ Nach ann an sin a bha am freagairt pongail?”

Rinn Eachann roc mòr gàire. “Dìreach colach ris an rud a theireadh Tòmas còir.”

Thug e suil air an uaireadair mhòr airgid a bha am pòcaid a pheiteig. “Saoile nach eil e fasg air àm tì? Bruidhnidh sinn air Einstein agus a bheachd air tim latha eile.”

Ach 's e bh' ann gu robh còrr is seachdain mhòr mun do dh'èirich an cuspair a-rithist, seachdain san tug Peigi, nighean Eachainn, truisèadh is truisèadh air a' chloinn airson a bhith biathadh nan con le biadh an teaghlaich. Briosgaidean, càise, crogain fheòla 's biadh eile mar sin a bhiodh aice air cùl a làimhe sna preasaichean – bha fhios aice gu robh na coin air am milleadh aig a' chloinn co-dhiù, 's gu robh barrachd 's a chòir de bhiadh an teaghlaich a' dol nam brù, ach cha do dh'ionndrain i riamh uimhir às na preasaichean. Ged a bha a' chlann a' dol às àicheadh, cha robh mòran earbsa aice às rud sam bith a chanadh iad a thaobh a bhith biathadh nan con.

'S an sin, chailleadh a h-athair. Mar as trice, nuair a chleachdar am facal sin, bidh daoine a' ciallachadh gun deach an duine a chailleadh a dhith an dòigh mhi-fhortanach air choreigin. A thaobh Eachainn, bha e fìor gu litireil. Chaidh e às an t-sealladh. Shluig an talamh e. Thog an sluagh e. Dh'fhalbh na sìthichean leis, cleas Fìor Thòmais anns an t-seann sgeulachd. Cuir e mar a thogras tu, 's i an fhirinn gun deach e fhèin agus Murchadh a-steach dhan t-sead-fhighe beagan an dèidh mheadhan-latha, 's nach robh ròs air fear seach fear aca nuair a chaidh Peigi a-mach a dh'iarraidh a-steach a h-athar aig àm tì. A bharrachd, bha doras an t-sead glaiste on taobh a-staigh, 's b' fheudar a bhrisèadh sìos mun d'fhuair iad a-steach.

Cha robh sgeul air na bodaich. Ghairmeadh a-steach na poilis, 's theann an ceasnachadh 's an rannsachadh. Cuin a chunnacas mu dheireadh iad? An robh cleachdadh aca bhith falbh on taigh tric gun innse? An robh eòlaich aca sna bailtean mun cuairt? 'S mar sin air adhart 's air adhart. Ach an dèidh còrr is seachdain de rannsachadh 's de sgrùdadh air dorsan is uinneagan, agus lorg anns gach lag is loch, sgor is uamha, coille agus bogach air an àrainn, cha robh air ach sgor a lorg; a rèir cholais, agus cleas Enoch, Mhaois agus an Fhàidh Elisa, cha d'fhuaras àite nan seann daoine tuilleadh an tìr nam beò. 'S bhiodh e dualach gum biodh na càirdean, na nàbaidhean, na poilis a cheart cho mòr an duathar nan robh fhios aca gu dè thachair.

“Tha greiseag o theann mi feuchainn a-mach a' ghnòthaich. Cha do chuir mi duine no ainmhidh air falbh, ach tha mi air corra rud a

chur air a' bheairt: seann bhrògan, sguab arbhair, coineanach marbh, crogan bhoiteag agus breac-pheadair ann am botal uisge. Dh'fhalbh 's thill iad gun dragh, 's tha mi an dùil gu bheil an aon riaghailt a' buntainn riutha sin 's a bhuineadh ri duine air spàl tim. Nis, na faighneachd dhomh ciamar a tha e tachairt: chan eil dad a dh'fhios a'm; ach m' fhacal dhut, a Mhurchaidh, tha e sàbhailte gu leòr. Cha leig thu leas eagal sam bith a bhith ort. Dè mu dheidhinn?"

Bha Murchadh a' sìor choimhead air a' bheairt, air na h-atharrachaidhean a rinn Eachann oirre – air an dà shuidheachan bheag a bha air an tàthadh a-steach dhan t-slinn-chlàr, air an dòigh annasach a bha an spàl agus na boghaichean-siùdaidh air an cur an eagaibh a cheile. Chan fhaca e na bheatha riamh dad coltach ris; 's an dèidh sin uile, cha robh dad de dh'uidheam ùr einnsearachd Ghallta no eile an sàs anns an acfhainn annasach a bh' ann. Bha earbsa mhòr aige ann am farsaingeachd eòlais agus geòiread eanchainn a ghoistidh, ach bha cnuimh bheag an teagamh 's an eagail a' cuachail an cùl na h-inntinn.

"Tha thu cinnteach gun tèid agad air a stad, 's air a tilleadh an cur tim? Nach tèid sinn ro fhada air ais no air adhart? Nach tig cuideigin a-steach a bhristeas dad sa bheairt?"

Chrath Eachann a cheann. "Chan eil dad as urrainn a dhol ceàrr. Tha mi air a feuchainn ro thrì airson sin. 'S cha bhi sinn air falbh ach tiotan, prioba na sùla mar a thoimhsear tim san t-saoghal choitcheann, cho fada 's gum bi an ùine far am bi sinne. Ach airson a dhèanamh cinnteach, tha mi air dà chlamhean iarainn a chur air taobh a-staigh an dorais eagal gum bean duine ris a' bheairt fhad 's a tha sinn air falbh. Bheil sin gu leòr leat?"

Ach bha Murchadh eadar dhà chor. "Ma bhios sinn air falbh son lathaichean – co-dhiù a rèir tomhais ùine far am bi sinn – dè mu ghrèim bidh?" Aig a' cheithir fichead, cha robh dad a dhith càlach air Murchadh còir.

"Na cuireadh e dragh ort. Bidh e dualach gu lorg sinn grèim air choreigin far am bi sinn, ach air eagal nach lorg, tha sinn a' toirt leinn, tha mi 'n dòchas, na dh'fhòghnas duinn." Thug e aire an fhir eile gu dà bhogsa bheag a bha fo na suidheachain – am biadh a bha Peigi a nighean ag ionndrain às na preasaichean aice o chionn corra latha.

“Aon rud eile, Eachainn. Dè ma thachras dad dhuinn ’s nach tèid againn air tilleadh – nach eil cunnart ann a’ bheairt fhàgail far am faod i duine sam bith a shuidheas innte a shiabadh dhan t-siorraidheachd? Air ar son-ne, chan eil e gu dragh, ach cha bu toigh leam creutair òg sam bith a bheatha a chall ri linn cleas a dhealbh sinne – tha thu cinnteach gun toir an uidheam sinn air ais sàbhailte?” Sheall e air a chompanach ’s ceist na shùilean.

“Nam bithinn-sa agus an teagamh bu lugha agam, chan iarrainn ort falbh còmhla rium, ach ma tha eagal ort, ’s fheàrr dhut fuireach gus an till mise. Ma thèid dad ceàrr, bidh co-dhiù aon duine ann aig am bi fhios dè thachair agus ciamar a thachair e. Cha chuir mise idir às do leth nach d’fhalbh thu còmhla rium.” Bha tuigse agus bàidh an guth Eachainn.

Thug Murchadh sùil air, mar gun do ghabh e gu dona e a sheann ghoistidh teagamh a chur na mhisneachd no na dheòin; bha iad ro eòlach air a chèile, agus b’ fhada na bliadhnaichean a dhearbh iad an càirdeas ’s an dilseachd air muir ’s air tìr, air còmhnard ’s air monadh. Rinn e snodhadh, mar gum biodh e cur suarach cainnt an fhir eile, bhuail e mach an luatha às a phìob, chàirich e na phòcaid i, ’s gun an còrr mu dheidhinn, ghabh e àite san t-suidheachan air a’ bheairt.

“Dè nis ma loisgeas mi air falbh thu leat fhèin, ’s an làn-chothrom agam?” Chuir Eachann a làmh air cuibheall bheag a bha fon t-slinn-chlàr, ’s gàire air aodann.

“Cho fad’ ’s a bheireadh tu air ais mi, cha bhiodh dragh agam. An cuala tu an rud a thuirt Tormod a’ Bhàigh ris an fhear Ghallta a thainig mun cuairt ’s a bha tairgse spioradan feadhainn a dh’fhalbh far an t-saoghail seo a thoirt air ais, nan robh toil aig càirdean bruidheann riutha? Cha chuala? Nuair a thairg an taibhsear athair is màthair Thormoid a ghairm air ais, ’s e thuirt e, ‘Mo màthair, ma thogras tu, ach m’ athair – air do bheatha, fàg e far a bheil e ge bith càit a bheil sin!’ A dhuine, nach e bha amaiseach, Tormod?”

Bha Eachann na lùban leis an lasganaich nuair a shreap e dhan t-suidheachan ri taobh a charaide; a rèir cholais, cha robh astar no tim comasach air clos a chur air eirmseachd an fhir eile. Thug e tionndadh beag dhan chuibhill air an robh a làmh. Dh’èirich fuaim fann iosal às a’ bheairt, theann ballaichean an t-sead a’ fàs neulach mar gum biodh ceò na bu dùmhaile na toit an tombaca air sioladh

a-steach tromhpa, 's an tiotan cha robh ri fhaicinn air àrainn a' bhothain ach a' bheairt lom. Dhe na bodaich cha robh fiù gas gruaige, feòil, cnàimh no ladhar ri fhaicinn. Bha na seòid a-mach air cuan mòr tim.

Bhiodh mu dheich latha ann, no mar sin, an dèidh dha na seann daoine a dhol às an t-sealladh. Bha Eòghainn, an duine aig Peigi, a' tighinn a-nuas on rathad, 's dìreach mu choinneamh an t-sead-fhighe, nuair a chual' e fuaim neònach às broinn a' bhothain. Stad e agus thug e sùil a-steach air an uinneig, caran eagalach; chan e duine gealtach a bha an Eòghainn, 's cha robh e a' toirt mòran gèill do bhòcain, taibhsean, manaidhean, fuathan no rudan dhan t-sèorsa, ach gu cinnteach chuir an rud a chunnaic e crith oillt air. Nan suidhe air a' bheairt bha da mhuncaidh mhòr, iad a' bocail suas is sìos agus mar gum biodh a' connsachadh ri chèile nan cainnt annasach fhèin. Dhreamadh iad am fiacian, ghnogadh iad an cinn, 's theannadh iad an sin a' sìneadh am meòirean gu slinn-chlàr na beairte.

Thug Eòghainn an dara sùil air na creutairean, a dhèanamh cinnteach nach robh a fhradharc air a mhealladh. Ach cha robh atharrachadh air an t-sealladh: bha an dà bheathach choigreach an siud air a' bheairt a' gearradh leum, a' sgreadail ri chèile, 's a rèir cholais an teas argamaid air choreigin a bha air chùl a sheanchais do chàch. Cha d'fhuirich e airson an treas seallaidh; rinn e air an taigh, 's gun dad a ràdha ri Peigi chuir e fòn chon nam poileas 's chon an dotair iad a thighinn gu dàil.

Cha robh cùisean idir farasda nuair a dh'fheuch iad na muncaidhean a cheapadh. Aon nì airson an robh Eòghainn taingeil, agus b' e sin gur e creutairean nàdarra a bh' annta, 's nach e taibhsean no bòcain co-cheangailte ri dol às an t-sealladh nam bodach. Co-dhiù, fhuaras na creutairean a ghlacadh, 's thugadh air falbh iad dhan taigh-chreutairean an Dùn Eideann. Ciamar a fhuair iad a-steach dhan t-sead, cha d'fhuair duine riamh a-mach – no cò às a thàinig iad nas motha. Am beachd a b' fhaisge a chaidh air an diomhaireachd a bha co-cheangailte ris a' chùis, 's i barail Nèill, ogha do dh'Eachann a bha a-staigh air saor-làithean às Oxford an samhradh an dèidh dha sheanar a dhol às an t-sealladh.

Bha e muigh aon latha, a' toirt sùil am broinn an t-sead, nuair a mhothaich e rud no dhà annasach mun bheairt nach do mhothaich na poilis no duin' eile dhaibh. Sin an dà shuidheachan neònach agus a'

chuibheall bheag a bha an tàthadh ris an t-slinn-chlàr. Bha Niall, mar oileanach ann an cùisean cunntaireachd agus tomhais-tim, air leughadh mor a dhèanamh san roinn eòlais sin, agus dhùisg a' bheairt na chuimhne beachd annasach no dhà a chual' e co-cheangailte ri siubhal an tìm – air ais no air adhart, thairis air na linntean a dh'fhalbh 's tarsainn crìochan nam bliadhna bha fhathast gun tighinn.

Seo mar a chuir e e, 's e a' còmhradh ri Eòghainn, an duine aig Peigi piuthar a mhàthar. “Cha mhòr nach eil mi deimhinn às dè thachair. Lorg mo sheanair, an tuairmeas neònach air choreigin, dòigh air spàl tim a chur air ghluasad sa bheairt an dòigh a thug cothrom dha fhèin 's do Mhurchadh a dhol air ais an eachdraidh. Chaidh rudeigin ceàrr san uidheam, 's cha deach aca air tilleadh – co-dhiù, mar a b' aithne dhuinne iad. Tha mi deimhinn gur e seo a thachair; cha ghabhadh an còrr a bhith ann.”

“S dè tha toirt ort a bhith smaoineachadh gur ann air ais a chaidh iad, 's nach ann air adhart? Ma chaidh iad air adhart aon mhionaid seachad air uair am bàis fhèin, cha tilleadh iad ann.” Cha robh Eòghainn idir cho aineolach air beachdan luchd an eòlais mhòir.

“Chan ann, ma-tha! Air ais a chaidh iad, agus 's i a' mhearachd a rinn iad, na mo bharaile-sa, gun deach iad ro fhada air ais – bheil thu ga mo leantainn?”

“Tha – tha mi faicinn a-nis dè tha thu ciallachadh. Chaidh iad air ais gu toiseach eachdraidh mhic an duine – mun tàinig e nuas às na craobhan. Tha thu dèanamh dheth gu bheil do sheanair agus Murchadh an taigh-iongnaidh nam beathaichean an Dùn Eideann? Bheil thu ciallachadh sin dha-rìribh?” Sheall Eòghainn air an fhear òg, uabhas na shùil.

“Na muncaidhean. Direach sin. Ach cuimhnich nach eil ann ach mo bheachd pearsanta fhèin, 's cha bu toigh leam gun canadh tu guth ri duine mu dheidhinn – fhathast co-dhiù. Bu mhath leam beagan ùine 'son an tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air a' bheairt. Ach ma tha beachd sam bith eile agadsa a thaobh dè dh'èirich dhaibh, bu toigh leam a chluinntinn.”

Bha Eòghainn greis na thàmh, mar gum biodh e a' cnuasachadh na chual' e, no a' feuchainn a dhèanamh a-mach an ann a' tarraing a choise a bha am fear eile. Aon rud bha e air a chur roimhe, ceart no ceàrr an sgoilear mòr às Oxford, agus 's e sin nach tachradh tubaist eile dhan t-scòrsa do dhuine tuilleadh air àrainn sead na beairte.

Nuair a chaidh Niall a choimhead na beairte, làrna-mhàireach, cha robh sgeul oirre. Bha toit fhann ag èirigh às an luatha aig ceann an t-sead, far an robh na bha an èis dhith a' cnàmh na èibhlean dearga. Thuig e dè thachair, 's cha do thog e an cuspair tuilleadh ri Eòghainn. Air an rathad a-nuas on t-sead, 's e an smaoin a bha a' tighinn a-staigh air: "Mas iad a th' ann gun teagamh, saoil a bheil iad ag ionndrain an tombaca?"

Ceud Bliadhna a' Chomuinn Ghàidhealaich – 1891 gu 1991

Ruairidh MacDhòmhnaill

Slàinte is fàilte air Comunn ar rùin,
 Tha nis air fàs aosda an eachdraidh ar daoine;
 San Oban na òige gun d' fhosgail e shùil:
 COIG fichead bliadhna – sin meudachd a shaogh'il.

Is iomadh fear calma bha caitheamh do bhàids',
 Is iomadh tè uasal a ghabh leat com-pàirt -
 Seadh, uaisle is calmachd a bhuineadh don àl
 A thogadh an gleanntan 's am beanntan an àigh.

'S e taice na Gàidhlig fìor chuspair do ghaoil;
 Ri cànan ar pàrant' cha d' chuir thu do chùl;
 Am meadhan gach mùthaidh is caochlaidh mun cuairt,
 Gu dìleas do chùm thu a' bhratach sin suas!

Tha traoghadh ar cànan mar thràghadh a' chuain:
 'S ann aosda is àrsaidh a tha i san uair,
 Ach guidheamaid fàbhar ar càirdean fad' uainn,
 Gus an èirich an làn, 's air gach bàirlinn ar duais.

A Chomuinn, 's tu màthair gach comuinn a th' ann;
 Chum gleidheadh na Gàidhlig, tha feum air gach ball;
 Ar cànan, ar cleachdadh, ar n-aodach, 's ar còir
 Gun dìon sinn gu treun o gach nàmhaid tha 'n tòir.

Slàinte is fàilte aig deireadh a' Cheud!
 Ar guidhe 's ar dùrachd gun tèid thu am meud,
 Ro dheireadh na linne gun dùblaichear d' àl,
 'S gun seinn sinn le caithream "A' Ghàidhlig gu bràth!"

Iain MacIllEathain, Bàrd Bhaile Mhàrtainn:

Aithris ghoirid air a bheatha is a bhàrdachd

Niall M. Brownlie

Mo shoraidh le dùrachd do dhùthaich nan laoch,
 A dh'ionnsaigh luchd m' eòlais is òigridh mo ghaoil,
 A sheinneadh na h-òrain mar smeòraich nan craobh,
 'S a bheireadh gach taobh dhomh sòlas.

Tha mise ri faire mar eal' air an raon;
 Cha ghabh mi fear eile 's cha leanainn e taobh;
 'S ann dh'fhàg mi mo leannan an dùthaich an fhraoich
 Fo dhubhar nan craobh 's nam mòr-bheann.

Bàrd Bhaile Mhàrtainn

*Hic sua praeferrì quamquam vetat acta paternis**Libera fama tamen nullisque obnoxia iussis**Invitum praefert unaque in parte repugnat.*

Ovid

Tha e air a ràdh le cuid gum b' e Iain Mac Ailein, Bàrd Thighearna Cholla, a chaidh thairis gu Albainn Nuaidh sa bhliadhna 1819, sàr bhàrd Thiriodh. Tha e duilich dhomh dol leis a sin gu buileach. Theirinn gun robh Iain MacIllEathain, Bàrd Bhaile Mhàrtainn, a cheart cho comasach. Air an adhbhar sin, bu mhath leam clach a chur air a chàrn san aithris ghoirid seo.

Bha MacIllEathain, gun teagamh, ullamh, ealamh am fileantachd is easgannachd teanga nam bàrd. Rugadh e an Gàrradh Shoiribidh anns a' bhliadhna 1827 agus chaochail e sa bhliadhna 1895. B' e croitear a bha ann ach, mas fìor an sgeul, cha robh mòran ùidh aige san obair. B' fheàrr leis fada fichead a bhith ri bàrdachd is air chèilidh na bhith an spàgan a' chruinn is a' cluich a' chorrain. Tha beul-aithris ag ràdh nach robh e air aon chuid no air a' chuid eile èasgaidh no math air ceann croite.

Ged nach gabh e air chor sam bith a choimeas ri sàr bhàird na Gàidhealtachd, cha robh dìth bhuadhan nàdair air. Bha teanga sgaiteach, lom, gheàrrte aige nuair a dh'fheumadh, is bha e deas-chainnteach an cuspair sam bith a dhùisgeadh e gu bàrdachd. A bhàrr air sin, bha e dealasach is gun urram do mhaor, bàillidh no diùc nuair a dhùisgeadh a dhiomb riu. Seo deagh eisimpleir den eas-urram:

Tha 'm bàillidh 's ròpa làidir lùbt' aig'
 Ann an cùl a mhàis;
 Badan coirce na làimh chli,
 'S e dìreadh ris a' mhàm;
 Cuiridh e le shùilean caogach
 Taod ri gach each blàir:
 Tha 'n ainmeannan air làimh nan ceud
 Aig Niall Mac Dhonnchaidh Bhàin.

B' ann do linn Màiri Mhòr nan Oran a bhuineadh MacIllEathain agus na là rinn e àireamh mhath òran mu ar-a-mach na tuath. Ach mus dèan mi iomradh a thaobh sin, bu toigh leam sùil a thoirt air cuid eile de na cuspairean a ghluais a mhac-meanmna.

Mar eisimpleir, bha *Breacan Màiri Uisdein* air a shnìomh gu snasail aige mus do chuir Màiri Mhòr snàithean ri beairt. Agus nach brèagha an dealbh a dh'fhàg e againn sna rannan seo:

Nuair thèid gach sreath air fhìaradh dheth
 Le sìoda liath ri chùlaibh,
 Bidh earradh ùr don bhàn-rìgh
 Ann am breacan Màiri Uisdein.

Tha coig ceud deug 's trì àireamhan
 'S dà shnàithean air a chùl sin;
 'S tha 'm bogha-frois air dhath an t-snàith
 Am breacan Màiri Uisdein.

Gur ballach, strìanach, boillsgeil e,
 Cur deàlradh soills' mur sùilean,
 'S an oidhch' bu duirch' a thàinig oirn
 Tha 'm breacan Màiri Uisdein.

Tha leòmhann, bradan tarragheal glas,
 Làmh dhearg is dealbh a' chrùin air;
 Ceann tuirc is fèidh mar sgàthan leagt'
 Air breacan Màiri Uisdein.

Ach ma bha e measail air breacan Màiri, nach mòr an sad a ghabh e den ti? Seo rannan bho *Di-mholadh na Tì*:

Bodach a' bhrochain bha foghainteach seideanta,
 Dh'itheadh gu somalta bonnach an leth-òirlich,
 Gearan 's a' caoidh le làimh fo lethcheann,
 'S gun chungaidh eile ni leigheas ach ti.

Chi sinn cailleach na suidh' aig na h-èibhlean,
 Flanainn mu citheall 's i gearan an dèididh;
 'S gann gun toir i ort freagairt le rèite,
 'S bidh i cho breun mur toir thu dhi ti.

Ged thig am bainn' orra toiseach an t-samhraidh,
 Leanaidh gach cailleach ri fasan a' gheamhraidh;
 Fiacail fhallain chan eil i nan ceann,
 'S na bunan a th' ann cho dubh ris an ti.

B' aithne dhomh cailin bha faramach, foirmeil,
 Beò, brisg, beadarrach, caithreamach, calma,
 Slàn, bras, fallain gu obair, ach dh'fhalbh siud –
 Cuid dhiubh tha gorm le galair na ti.

Nuair a rachadh e an ceann òran gaoil, bha e beusach, blàth-chridheach agus suairc – na briathran a' dòrtadh bho chridhe gu srùthlach, siùbhlach:

A ghruagach a' chùil shniomhanaich,
 Bean òg as miannach leam,
 Do phearsa dhìreach chumadail,
 'S i chuir mi ort an geall:
 Gur maiseach banail cliùiteach thu
 'S ro mhodhail aig gach àm;
 'S tha blàth mar dhriùchd na h-iarmailt ort,
 Nuair dhèarsadh grian air fonn.

Mo chailin ghrinn, dheas, fhuranach,
 Tha urram ort nach gann;
 'S tu thogadh smal is mì-ghean dhìom
 An uair bhiodh m' inntinn trom;
 'S tu dhèanadh tric dhomh ùrachadh,
 'S bu shunndach thogadh fonn,
 Le guth mar cheòl na fìdhle,
 No mar smeòraich bhinn nam beann.

Agus am freagairt:

Do chùl dualach, cuachach, bòidheach,
 Falt do chinn mar ite 'n lòin-duibh;
 Do dhà ghruaidh air dhreach nan ròsan,
 'S iad fo dhealta ceò na maidne.

Tha do chalpa cuimir, dìreach
 Mar bhradan aibhne ruith gu fìorghlan,
 Is gura fìor gun tug mi luaidh dhuit
 Am measg na bheil de shluagh air thalamh.

Cha b' iongnadh idir e ged a phòs Donnchadh Dòmhnallach a' chailin mhaiseach dhonn.

A-mach bho bhith a' cur na tuath air tapadh gu dèanamh ar-a-mach an aghaidh droch dhiùc agus bàillidh an-ìochdmhor, bha cuspair eile ann a mhosgail a mhac-meanmna os cionn chàich, agus b' e sin a bhith a' dèanamh luinneagan èibhinn da nàbaidh Calum MacArtair. Saoilidh mi gu bheil fìor smìor na h-aoir ri fhaotainn sna duain seo. Chan eil iad ach mar rionnaig air oidhche fhraasach, na bàird sin a bheireadh bàrr air an Leathannach anns a' ghnè bàrdachd seo.

A rèir beul-aithris, ged a bha eathar bheag aig Calum, cha deachaidh e na bheatha fada bho chladaichean creagach eilein a bhreith is àraich. Ach cha do chum sin srian air teanga a' bhàird. Mas fòr an ràdh, bha e na chleachdadh aige air là teth samhraidh togail air gu tom seilisdeir a bha faisg air an dachaigh, is an uair a dhèanadh e nead shocrach dha fhèin, rachadh na siùil ris an iùbhraich bhrèid-ghil dhà-chrannaich agus chite i a' siubhal sìthe gu sìn-teagach uallach thar garbh-thonnan a' Chuain Sgith fo iùl an t-sàr mharaiche Calum Beag:

Aig Sotha Chinn-I chuir thu rith' anns a' chòrs e;
 A tharraing air Caol Ile thoirt sgriob bhàrr a h-eòlais;
 Bha cainbe 's a canabhas a' snagarsnaich le dòilich;
 'S b' aithreach leat nad òige nach d' fhòghlam thu snàmh.

B' choingeas leat an crann a bhith cam no bhith dìreach
 Nuair a thogaidh i ri marannan 's a theannaicheadh am breeze rith':
 Bha ullagan a' bùirich air ùileadh gu finealt',
 'S iad a' lùbadh 's a' dìreadh is dìosgan nam bàrr.

Bha i dìreadh ris gach fiar-bhruthach liath 's i ri saothair,
 Nuair a thogte a siùil bhòidheach an còmhdhail na gaoithe;
 Bho gualainn gu sliasad bha cliathach a' glaothach,
 'S i cur na coire daonnan air taobh Mhic Iain Bhàin.

Cha b' iongnadh i bhith caranta air bharraibh nan tonn uaine –
 Bha fiodha math sna saithean aic' is darach anns an ruadh-bhòrd;
 Bha tàirmean air an sparradh ann gan teannachadh le cruaidh-òrd;
 'S bha rogha 'n iarainn Shuainich bho gualann gu sàil.

Sin, am briathran a' bhàird, mar a chuir Calum còir na siùil
 bhaidealach, bhòidheach ri croinn fhulangach, fhiudhaidh na Dubh-
 Lunndaich air an turas gu Glaschu. Ach nach b' iad eunlaith na speura
 agus sìthichean Ghlaic nan Smeur a bha cianail, tùrsach nuair nach
 robh Calum Beag à Tir a' Mhurain a' tilleadh dhachaigh:

Bha sinn uile gabhail fadail
 Nach robh thu tighinn dhachaigh oirn;
 Bha thu latha-breith na bànrigh
 Air a' Bhroomiclaw 's tu 'g òl.

Ann an dubhar Ghlaic nan Smeur
 Chan fhaicear a' ghrian tro neòil;
 Claisean an Ruigh-bheinn air dubhadh
 'S an lòn-dubh cha chluinnear a cheòl.

Tha an clacharan 's e fo mhulad,
 Tha 'n lacha ri gul air an lòn,
 Chaill an naosg fhearas-cuideachd,
 'S cha chluinnear a' chuthag nas mò.
 Tha luchd-ceilearaidh a' bhruighne
 'S iad a' cumha dhuit le bròn!
 'S tric a chual' thu iad sa Chèitean
 Nuair bha sinn le chèile òg.

Aig an àm seo, gheall e nach dèanadh e òran tuilleadh da nàbaidh. Ach bha marsanta – fear MacGuaire – a' fuireach faisg air, is an uair a chual' e seo, chaidh e thuige a dh'agairt air aon òran eile a dhèanamh do Chalum. “Cha dèan,” fhreagair e. “Thug mi m' fhacal dha.”

“Bheir mi dhuit punnd tombaca ma nì thu aon duanag eile dha,” thubhairt MacGuaire.

“Cha dèan,” fhreagair am bàrd. “Ach airson duais mar sin, nì mi laoidh dha.” 'S e sin a chuir *Laoidh Chalum* an altan a chèile, is ged nach robh cus aithne aige air a' bhaile mhòr cha robh e aineolach air a dhòighean:

Bha fear a' coiseachd mun cuairt
 Gabhail beachd air an t-sluagh gu dlùth;
 A' cumail sùl air an t-sluagh,
 'S coltas coimheach glè fhuar na ghnùis:
 Le ad de leathrach is còt' air
 Le putain ghlan bhòidheach ùr,
 'S àireamh a' choileir fo chluais
 Mar air pulaid a' ghuail geal-sgùirt'.

Sin thuirt m' aigne a' clisgeadh:
 “Tha thu labhairt mar mhisgear, ach dùisg;
 Am fac' thu idir an dìg
 Cham dhomhainn bu lionmhor siùil?”
 Luingeas rothan nan deann
 'S inneil sgolaidh nan teann-char dlùth,
 Air an robh similear mòr
 Cur duibhr' air na neòil le smùid.

Bha solas geal agus gorm
 Agus dearg air dhearbhadh dlùth
 Am broinn chrogan neo-ghann
 Air barraibh nan crann 's gach cùil;
 Air gach similear mòr,
 Air gach doras taigh-òsd' is bùth;
 Dh'fhàs m' aigne cho faoin
 'S ged a bhithinn air saoghal ùr.

Mar a thubhairt mi cheana, bha am bàrd an sàs air taobh na tuath ri linn aimhreit an fhearainn an Tiriodh. B' ann sa bhliadhna 1886 a dh'èirich an tuath-cheatharn an aghaidh an Diùc 's a chuid mhaor. Is cha b' iongnadh e, oir is iomadh gnìomh uabhasach a rinneadh san eilean ri linn nam Fuadaichean. Seo beachdan a' bhàird an dà rann bhon òran *Gur Muladach Mise*:

Tha luchd fearainn shaoir anns an àm seo ro ghaolach
 Air stòras an t-saoghail a shlaodadh bho chàch;
 'S bidh innleachdan baoghalt' sa Ghàidhealtachd daonnan
 Gu fògradh nan daoine 's cur chaorach nan àit'.

Tha òigrìdh ghrinn uallach an-diugh air am fuadach;
 Tha deas agus tuath taighean fuar agus fàs;
 Chan fhaic mi a' ghruagach dol feasgar don bhuaile
 'S cha chluinnear a duanag 's i cuallach an àil.

Luchd fhèileadh is osan is bhonaidean cocte
 Bha riamh air am moladh 's air thoiseach sna blàir,
 Tha iad gan cur thairis gu dùthaich mhi-fhallain,
 'S gun nì air an air' ach am fearann chur fàs.

Nuair a thàinig an Còirneal Iain Caimbeul (Am Bàillidh Mòr) ann an 1846 bha mu chòig mìle anam an Tiriodh, ach mun do chaochail e an 1873 bha an àireamh mu dhà mhìle. Chan eil teagamh sam bith ann nach b' e giùlan an duine an-ìochdmhoir seo a b' adhbhar do mhòran dhe na thachair san eilean, ged a dh'fhaodar a ràdh nach do rinn Eòghann MacDhiarmaid, a thàinig na dhèidh, dad sam bith a chur air dòigh chùisean, is cha robh meas a' choin aig na Tirisidich air.

Co-dhiù, ràinig a' chùis a leithid de dh'ire is gum b' èiginn don oighreachd maoir-shithe a chur don eilean a cheannsachadh nan

reubalach a ghabh thairis taca Ghrianail. Agus abair gun robh blàr eadar na croitearan is na maoir. Ach chaidh an là leis an tuath agus b' fheudar do na maoir an casan a thoirt às air a' chiad bhata a thàinig do Loch Ghot.

An dèidh sin thàinig dà cheud gu leth saighdear-mara don eilean, ach ged a bha an tuath deònach gu leòr dùbhlán a thoirt dhaibh, shìolaidh cùisean is thàinig an ar-a-mach gu crìch gun urchair a losgadh à gunna.

Ach a dh'aindeoin sin chaidh cuid de na croitearan a chur don phrìosan. Nuair a chaidh an tarraing gu cùirt chaidh am bàrd gu Dùn Eideann a thogail fianais às an leth. Seo beagan dhe na thubhairt e aig an àm sin:

Mun tàinig Diùc ann no aon de shinnsir,
 No Deòrsa rioghail a rioghachd Hanòbhair,
 Bha 'n t-eilean ìosal bu lionmhor àirigh
 Aig clann nan Gàidheal na àite-còmhnaidh,
 Tha luchd-àiteachaidh an eilein ìosal
 Fo ghrunnan millteach, gun àite-còmhnaidh,
 'S e 'n-diugh na fhàsach aig luchd ar mì-rùin
 A chuir sa phrìosan ar gillean òga.

An Inbhir Aora, toll dubh a' chruadail,
 Dhùineadh suas iad a Luan 's a Dhòmhnach;
 Ach bha de dh'uaisle an com MhicGuaire
 Nach biodh iad uair ann nam fuasgladh òr iad.

Theich na tràillean bho chùis na h-aimhreit –
 Mar nì an t-aingidh gun aon an tòir air;
 Gun deach an tilleadh: cha robh ach breugan
 An cùirt Dhùn Eideann – bu lèir siud dhòmhsa.

Chaidh sinn' a bhuaireadh le luchd an tuaileis,
 Ach sheasadh suas leinn airson na còrach,
 Gu fearail, cliùiteach air chùl nan Gàidheal,
 Mar rinn ar bràithrean san Eilean Cheòthar.

Thàinig Teachdairean na Bànrigh gu Tiriodh anns a' bhliadhna 1887 agus thug seo cothrom don bhàrd, aon uair eile, a chruit a thogail gu seinn air a' chuspair a bha cho dlùth da chridhe:

O seinnibh cliù nan teachdairean
 Bhon t-seachdamh là den mhios sin;
 Ceud soraidh slàn thar chuantan
 Leis a' chomann uasal, rioghail.

Ach saoghal buan don Bhànrigh,
 Thug don chomann àithne rioghail
 Gu teachd don eilean uaine seo
 Air uchd a' chuain gu h-ìosal.

Tir-bhàrr-fo-thuinn nan garbh-thonnan –
 An t-eilean ainmeil, fiachail;
 Gu buan tha fuaime na fairge ris,
 'S Tiriodh ainm ri innse.

Tha dòchas math is dùil againn
 Gun dèan an Diuca sith rinn;
 'S gun èirich grian na h-ùr-mhaidne
 A nì gach stùc a dhireadh.

Mar long bhiodh ga tonn-luasgadh sinn,
 'S gach sadadh cruaidh a' strì rith';
 Ach gheibh sinn caladh sàbhailte
 Ma bhios na Gàidheil dileas.

O dheas gu tuath den Ghàidhealtachd,
 On tha gach àit' is rìgh air,
 Chuir iad fo fhèidh is caoraich i
 'S tha sliochd nan laoch gan diobradh.

On rinn na caoraich fàsach dhith,
 Le togail mhàl is chisean,
 Tha glinn le sraithean 's monaidhean
 Gun duine beò ach ciobair.

'S i creathail chloinn nan Gàidheal i,
Tir fhallain àrd nam fìor-shruth;
'S tha còir aca cho aosd' oirre
'S nach urrainn eachdraidh innseadh.

Sin agaibh, ma-ta, geàrr-aithris air aon de shàr bhàird an eilein far an do rugadh 's an do thogadh mi, bàrd air a bheil mòr-mheas gus an là an-diugh, bàrd nam bheachd-sa a bhios a chliù neo-bhàsmhor fhad 's a bhios Gàidhlig air bilean an t-sluaigh. Choisinn e na dhòigh fhèin àite siorraidh an cridhe sliochd nan croitearan is nan coitearan a bha cho dian is dicheallach gu còir dhligeach fhaighinn air na fearainn bheaga air an robh iad ri saothair fo dhroch uachdarain.

Anns a' cho-dhùnadh, bu mhath leam mar mhac croiteir urram a chur air Iain MacIllEathain, sàr Ghàidheal, anns an rann a leanas:

Sheas mi agus choimhead mi
Na bha sgriobhte air a' chàrn
A thog clann a chinnidh
Gu cur urram air a' bhàrd;
Is smaoinich mi cho neo-bhàsmhor
'S a bha bhàrdachd rinneach, gheur,
Is cho cinnteach 's a bha teanga
Tha càimhte an-diugh san eug.

© *Na còraichean glèidhte.*

Tobair Eachdraidh

Ruairidh Moireasdan

Nach e an sgrìobhaiche ainmeil, am Morair MacAmhlaidh, a thuir gur anns na pàipearan-naidheachd a b' fheàrr a gheibhte fìor eachdraidh rioghachd. Is dòcha gur e sin as coireach an taitneas a th' ann a bhith leughadh seann phàipearan is seann irisean a tha a' cur solais air nithean a ghabh àite o chionn fhada – mar an iris a bhathas a' cur a-mach airson nan tuathanach an Albainn dà cheud bliadhna air ais: *The Farmer's Magazine*. Is mòr a thogas neach o dhuilleagan na h-iris seo mu smaointean is fhaireachdainnean an luchd-leughaidh aig an àm a bha seo, nuair a bha uiread a' tachairt ann an eachdraidh nan Gàidheal, gu h-àraidh o na litrichean a bhathas a' sgrìobhadh chun an fhìr-deasachaidh.

Seo an t-àm aig an robh mòran de shluagh na Gàidhealtachd gam fuadach às na glinn, agus bha litrichean air an sgrìobhadh chun na h-irise a' toirt seachad beachd an luchd-sgrìobhaidh air na nithean sin a bha tachairt ann an ceann a tuath na dùthcha. Bha cuid a' caoidh gu robh am fògradh seo an-ìochdmhor agus amaideach, gu robh na Gàidheil comasach gu leòr air am beòshlainte a thoirt às an talamh is às a' chuan, gu robh deagh eòlas aca air an talamh is air an aimsir ris am biodh sùil aca tro ràithean na bliadhna, agus gun obraicheadh iad am meadhan droch shìde na b' fheàrr is na b' fhaide na coigrich a bha a' tighinn a-nuas o Ghalltachd na h-Albann.

Chan e sinn a-mhàin, ach nach robh duine ciallach sam bith nach bu chòir mothachadh a bhith aige gum b' iadsan a b' èasgaidhe is bu tùraile a dh'fhàgadh an dachaighean an toiseach, agus mar bu mhotha a bhiodh an àireamh acasan a' fàs gur ann bu lugha a bhiodh de luchd-obrach air fhàgail. Mar sin, le gainne luchd-obrach, 's ann a b' àirde a dh'fheumadh an tuarasdal aca a dhol, agus bha cuid de ghnè obrach – obraichean a bha salach agus mì-chàilear – a bha cunnart ann nach fhaighte duine idir a dhèanadh iadsan.

Ach bha litrichean ann o dhaoine is bha am beachd acasan an ceart aghaidh seo. 'S ann a bha iadsan a' coimhead air mar amaideas a bhith smaoinichadh gun dèanadh an Gàidheal a chaoidh an t-adhartas a bha a cho-Albannach air a dhèanamh sa Ghalltachd. Ged nach robh iad ro dheònach air a bhith a' tilgeil air an co-

chreutairean gu robh iad leisg agus neo-adhartach, dh'fheumadh gach neach aideachadh nach robh tlachd aig a' Ghàidheal ann an obair a bha ro chruaidh. Nam biodh an tlachd sin aige, cha bhiodh an staid anns an robh e beò a' fantainn cho truagh cho fada. Cha robh e math do dhuine a bhith smaoinichadh gun tigeadh caochladh ann am beatha nan Gàidheal eadhon ged a gheibheadh iad an talamh a bha iad ag iarraidh. Chaidh sin a thoirt dhan càirdean ann an Eirinn, agus bha iadsan fhathast a cheart cho borb is cho fada air ais is a bha iad a-riamh.

Bha iad seo ag aontachadh gur e nì duilich a bh' ann a bhith tuigsinn dè an seòrsa duine a bh' anns a' Ghàidheal. Cha bhiodh e ceart idir a ràdh nach robh nithean co-cheangailte ris a bha rim moladh, ach bha de dh'fhèin-fhoghainteachd is de neo-eisimeileachd na nàdar is nach freagradh e a chaoidh a-steach a mheasg luchd-obrach na dùthcha. Agus dè am feum do mhath na rioghachd a bh' ann an duine le trì no ceithir de chrodh caol dubh anns an Eilean Sgitheanach?

Cha robh ceum a-riamh ann an eachdraidh nan Gàidheal cho ciallach is cho feumail ri àite fhaotainn dhaibh thall air chuan, tha iad seo a' sgriobhadh. 'S e bha seo ach nì a thachair uair is uair ann an ceann a deas na dùthcha. Tha e fìor gu bheil cuid a' dol a chall leis a' ghluasad seo, ach aig a' cheann mu dheireadh tha an rioghachd uile a' dol a bhuanachd. Cha tig math uair sam bith gun olc na chois, ach faodaidh na h-uachdarain a dh'fhuadaich air falbh an sluagh faochadh fhaotainn dhan cogais ann a bhith meòrachadh gu bheil seo a' toirt dhan t-sluagh sin cothrom air beatha ùr agus beatha mòran nas soirbheachaile a dhealbh dhaibh fhèin is dhan sliochd a' tighinn nan dèidh. Le aon cheum tarsainn air a' Chuan Siar bha iad a' leum a-mach às a' phrìosan anns an robh iad glacte. Bha ceangal aca ri ionad am breith 's an àraich, ach tro thìde dheigheadh sin is a' chuimhne a bh' aca air na dòrainnean a dh'fhuiling iad anns an àite bha sin a thìodhlaicheadh anns an aon uaigh.

'S e nì duilich gum feum neach sam bith a dhachaigh fhàgail, ach ma thig e mun cuairt gun toir an sluagh a tha a' tighinn a-steach nan àite piseach agus leasachadh air an talamh nach robh nan comas-san a thoirt thuige, chan eil cothrom air.

Sin faireachdainnean eadar-dhealaichte sluagh na rioghachd anns an naodhamh linn deug mu shuidheachadh na Gàidhealtachd, dìreach

mar a sgrìobh iad fhèin sìos iad aig an àm. Tha sinn a' creidsinn gu bheil na faireachdainnean a rèir inbhe an neach-sgrìobhaidh. Tha sin air fhoillseachadh ann an litir eile san aon iris.

B' e cuspair na litreach seo am plana a bha ann an rùn cuid gun deigheadh aca air acadamaidh a stèidheachadh an Inbhir Nis far an deigheadh a' Ghàidhlig is ceòl-pìoba a theagasg do dh'òigridh na Gàidhealtachd, agus gum biodh Diùc Shussex (Iarla Inbhir Nis) air a ceann. Cha robh seo a' còrdadh ri fear-sgrìobhaidh na litreach idir. Bha e fhèin na uachdaran, bha e ag innse, agus bha e a' failleachadh air faotainn dlùth dhan tuath aige do bhrìgh is nach robh facal Beurla aca. Bha sin gan cumail fada bho chèile, agus cha tìgheadh iad thuige le gearain sam bith a bh' aca, oir dh'fheumadh iad a' ghearain innse dhan t-seumarlan. B' esan a bha a' deanamh an eadar-theangachaidh, agus cha robh earbsa acasan gun dèanadh e an t-eadar-theangachadh ceart, do bhrìgh is gur ann na aghaidh fhèin a bhiodh a' ghearain mar bu trice.

Bha dith na Beurla agus an ceangal a bh' aca rin cànan fhèin, ann am beachd an fhir-sgrìobhaidh, ag adhbhrachadh gu robh iad a' cumail grèim teann air seann dòighean is seann chleachdaidhean nach robh e a' smaoinachadh a bha gu am math idir, agus a bha gan cur air leth bho an co-luchd-dùthcha aig deas.

Tha mi an dòchas, tha e a' crìochnachadh, gun tig an latha anns am faic mi a' Ghàidhlig am measg nam marbh-chànan agus gun tèid "una lingua" a chur ri "Unus Deus, unus rex, unus grex" nar tìr.

Ach cha robh luchd-sgrìobhadh nan litrichean uile dubhach, brònach mu chor na dùthcha. Tha aon de luchd-àiteachaidh baile Inbhir Nis, le uaill anns gach facal, a' moladh adhartas a' bhaile aige fhèin. Cha chreid an òigridh an-diugh, tha e a' sgrìobhadh, an suidheachadh anns an robh an athraichean beò. Aig an àm sin cha robh taigh ann a bha airidh air an ainm dachaigh. Cha robh rathad ann a bha freagarrach do charbad siubhal air. Eadhon anns na teaghlachan bu bheartaiche bhathas ag ithe 's a' cadal anns an aon seòmar. Bha na mnathan a' reic toradh bochd na talmhainn air na sràidean. Bhathas gu tric ag òl tron oidhche is a' cadal an latha. 'S e fìor chorra fhìreannach air an robh lèine, is bha na mnathan gun bhrògan. Cha robh banais no adhlaiheadh gun bhuaireadh, is bha inntinnean dhaoine air an lìonadh le uirsgeulan buidseachd is saobh-chràbhadh.

Ach an-diugh, tha e a' dol air adhart, abair gu bheil an dealbh eadar-dhealaichte. Chan eil càil a gheibhear ann am bùthan Lunnainn nach eil ri fhaotainn am bùthan Inbhir Nis. Tha na taighean is na sràidean glan, grinn, le gnìomhachas a' dol air adhart anns gach ceàrn dhen bhaile. Tha na mnathan air an còmhdach le aodach bòidheach le dathan cho deàlrach ris a' ghrèin, agus tha na nighneagan a tha a' tighinn a-steach on tuath air an èideadh gu grinn, snasail, le brògan air gach tè dhiubh. Agus sa ghleann a-steach a dh'Inbhir Nis far nach do chleachdadh a bhith dèanamh ach a' sgrìobadh na talmhainn is a' tilgeil an t-sìl ann san Earrach, gun duine a dhol air àrainn gus am bite a' dol thuige leis a' chorrann san Fhoghar, tha an-diugh achaidhean mòra torrach le iomadh bàrr a' fàs orra.

Sin mar a bha luchd-sgrìobhadh aig an àm a' toirt seachad am beachd fhèin air suidheachadh na Gàidhealtachd o chionn faisg air dà cheud bliadhna. Tha na sgrìobhaidhean sin feumail rin leughadh, is, mar a thuirt am Morair còir, tha na h-uiread co-dhiù dhen fhirinn air an toinneamh annta.

Luath do Choimhearsnaich

Dòmhnall Iain MacIomhair

Aig àm comanachadh an earraich ann am Baile Choille, bha còmhach math de shneachd air an talamh. Bha an geamhradh air a bhith uabhasach rag le sneachd 's le stoirmean, 's cha robh càil aige mu dheidhinn gèilleadh don bhlàths ris an robh sùil. Ach ged a bha an geamhradh air a bhith rag, cha robh e na annas do mhuinntir Bhaile Choille a bhith a' faicinn craiteachan de shneachd a' liathadh na coimhearsnachd aig àm a' chomanachaidh. Am bliadhna bha e na bu truime na b' àbhaist agus 's ann gu math neo-thruasail a bha na speuran a' coimhead. Nuair chunnaic iad Sneachd an Trasgaidh, mar theireadh iad, cho trom air an talamh, bha cuid a' dol air ais tro thrannsachan na cuimhne gu comanachadh eile. Bha còrr air fichead bliadhna bhon uair sin. Bha cuimhne aca air mar a rug am Ministear Bàn air làimh orra aig doras na h-eaglaise an dèidh dha seirbheis na Sàbaid a chuartachadh, agus a chunnaic iad e a' falbh anns a' chàr air a shlighe gu mansa an Dòmhnallaich. Ach cha do ràinig e am mansa a-riamh. Chaidh an càr leis an rathad faisg air an Drochaid Mhòir. Cha d' fhuair am Ministear Bàn às le a bheatha, ged nach robh gearradh no eadhan làrach buille ri fhaicinn air a chorp.

Chan e gun robh an sneachd am bliadhna cho trom 's a bha e a' bhliadhna a chailleadh am Ministear Bàn. Cha robh e eadhan trom gu leòr, bha iad a' smaoinichadh, airson luchd-tadhail a chumail air falbh bho òrduighean Bhaile Choille. Bhiodh an eaglais làn a h-uile latha mar a b' àbhaist, sneachd ann no sneachd às.

Bha iomadh bliadhna bho bha Iain Friseal ann am Baile Choille roimhe. Bha e a-nis na mhinistear aig coimhthional Bhun an t-Slèibhe, agus bha toileachas mòr na chridhe nuair fhuair e cuireadh a chum òrduighean Bhaile Choille a fhrithealadh. Chitheadh e daoine air an robh e eòlach, daoine a bha air a bhith air leth coibhneil ris nuair bha e san oilthigh 's a thog airgead dha airson a chuideachadh tro bhliadhnaichean an ionnsachaidh. Bha e a-nis beagan 's an dà fhichead, fhathast gun phòsadh. 'S cha do dhiochuimhnich e Baile Choille a-riamh agus b' iomadh uair a smaoinich e air a' Mhinistear Bàn. Cha b' e gun robh cuimhne aige air a' Mhinistear Bàn gu

pearsanta. Cha robh esan san eaglais an t-Sàbaid ud idir. Bha e aig an taigh ceart gu leòr, ach bha sin mus robh saigheadan an iompachaidh air a chridhe a bhualadh. Ach bha cuimhne aige air a' chòmhradh, air athair 's air a màthair a' cagarsaich ri chèile taobh an teine, mar gun robh seòrsa de chiont air choreigin orra airson a bhith a' bruidhinn mun ghnothach idir, mar gun robh eagal orra gun cluinneadh am baile iad a' bruidhinn mu rud air an robh fhios aig a' bhaile uile. Ach bha còrr air fichead bliadhna bhon uair sin.

Bha esan a-nis air aoi gheachd aig coimhthional Bhaile Choille. Agus, a bharrachd air sin, b' e a bha a' dol a ghabhail seirbheis na Sàbaid anns an eaglais. Ged bha sin na thoileachas dha, bha seòrsa de eagal air aig a' cheart àm. Ge air bith dè theireadh e san t-searmon, bhiodh feadhainn san èisdeachd a theireadh gun robh e iongantach co-dhiù. Ach bha amharas air gum faodadh feadhainn eile a bhith an làthair nach tugadh dha ach cluais an sgrùdaidh. Bha cuimhne aca air làithean òige. Bha cuimhne aca air Eilidh. Bha cuimhne aca air mar a chaidh a toirt don ospadal trì mìosan ron àm, 's air a' chreutair neo-chiontach nach tàinig a-riamh don t-saoghal. Ach b' fhada bhon uair sin. Agus nach bu daor a phàigh e air a mhearachdan le goirteas an aithreachais. 'S dh'iarr an Dòmhnallach air, aon Shàbaid, mar dh'iarr e orra uile an là sin agus iomadh là roimhe 's na dhèidh, a chuid aithreachais a dhearbhadh fa chomhair an t-sluaigh. 'S thàinig an t-iompachadh. Chaidh na bliadhnaichean seachad. Agus dhearbhadh sluaigh Bhaile Choille gun robh creideas aca ann nuair chruinnich iad an t-airgead dha. Airson Eilidh, thug i a casan leatha, fada air falbh gu ionad anns nach biodh sgòthan na cionta a' cur sgàile air a beatha. Cha do thill i gus na dh'fhàs a màthair tinn. 'S bha moladh aig an t-sluaigh oirre airson mar a fhrithheil i a màthair anns na làithean deireannach. Cha mhòr gun deach i a-mach air doras taighe anns na h-ochd mìosan deug ud. Bha a màthair air an leabaidh, 's anns na seachdainean mus do dh'fhalbh am bàs leatha, cha dèanadh i càil air a son fhèin. Cha thogadh i am biadh no an t-uisge gu a bilean, 's cha deigheadh aice air feuman a' chuirp a choileanadh leatha fhèin. Bhiodh na coimhearsnaich gu tric ag iarraidh air Eilidh a màthair a chur don ospadal no don dachaigh airson seann dhaoine. Ach chan èisdeadh i riutha. Bha fios aice gun robh an tinneas deireannach a' falbh leatha, 's nach dèanadh ospadal feum sam bith dhi. Dh'fhaodadh gum faigheadh Eilidh fhèin faochadh

gun teagamh, ach cha bhiodh an sin ach faochadh cuirp gun an cadal na bhun, oir cha bhiodh faochadh inntinne na chois idir. Agus co-dhiù, bha fiachan aice ri phàigheadh do a màthair airson nan làithean a chaidh seachad. Agus bha fiachan aice ri phàigheadh dhi fhèin cuideachd. 'S nuair thàinig an t-àm, leig a màthair dhith cuing saoghail agus cuing beatha. 'S bha Eilidh a-nis na h-aonar, toilichte gun robh iad còmhla aig a' chrìoch, ach fuasgailte, gun dìon. Bha grunn bhliadhnaichean bho chaidh leabhar na beatha a dhùnadh air màthair Eilidh, 's cha robh Eilidh fhèin a' dèanamh mòrain am measg an t-sluaigh. Bhiodh i a' dol don eaglais corra Shàbaid gun teagamh, ach bha i mì-chomhfhartail am measg dhaoine. Saoil an robh cuimhne aca oirre fhèin 's air Iain Friseal?

Co-dhiù, bu tric a chuimhnicheadh Iain Friseal oirrese. Càite an robh i? Na ghabh i aithreachas mar a ghabh esan? An robh i an-diugh pòsda aig fear eile? An robh fear eile ga dìon, a' cur gàirdeanan an t-saoghail timcheall oirre?

Ceistean nach b' urrainn dha a fhreagairt, 's ged bha na bliadhnaichean a' cur dorchadais air a chuimhne bha a chogais ga soilleireachadh. Ach carson a bha e fo iomagain, eadhan a-nise? Bha spèis aige do Eilidh. Cha robh teagamh sam bith mu dheidhinn sin. Agus carson nach biodh spèis aige dhi? 'S dè bha e air a dhèanamh nan robh cùisean air a dhol a rèir a dhùil? Cha robh fhios aige. Co-dhiù, bha na fiachan pàighte le aithreachas, 's bha sin fhèin na chomhfhartachd dha.

B' e Dòmhnall Mac an Tòisich a ghabh an t-seirbheis madainn Disathairne aig òrduighean Bhaille Choille. Duine comasach. Cha robh mòran san sgìre a dhèanadh mineachadh air an Fhirinn coltach ris. Agus fhad 's a bha Mac an Tòisich a' searmonachadh, cha b' urrainn do Iain Friseal gun a bhith a' smaoinichadh air a' mhadainn a bha ri teachd, madainn na Sàbaid, 's air ciamar a dheigheadh dha fhèin sa chùbaid mhòir ud. Bha an eaglais an ìre mhath làn, 's bhiodh i buileach làn a-màireach.

An dèidh na seirbheise, chaidh e fhèin is Mac an Tòisich gu mansa an Dòmhnallaich gu am biadh. Shaoil e gun robh an aois a' laighe gu mòr air bean an Dòmhnallaich, 's i a' seòladh ann an dilseachd am measg bhrot is phraisean. Rinn an Dòmhnallach an t-altachadh nuair shuidh iad aig a' bhòrd. Agus chuimhnich Iain air a' bhòrd aig am biodh iad nan suidhe a-màireach. Anns an altachadh bheannaich an

Dòmhnallach am biadh agus an t-ullachadh, agus chuimhnich e air an t-seirbheiseach a chaill a bheatha aig comanachadh Bhaile Choille bho chionn fichead bliadhna is còrr. Dh'iarr e gràs agus comas a chum 's gum biodh iadsan a' frithealadh Dhè mar a bha esan. Sheall Iain a-mach air an uinneig, agus chunnaic e gun robh cabhadh uabhasach a' dol a-muigh. Ghluais e a shùilean air ais gu h-obann, agus chronaich e e fhèin gu sàmhach airson aire a ghluasad bhon altachadh. Bha a shùilean fhathast dùinte leth mionaid an dèidh don Dòmhnallach na briathran a chur nan còis.

Dh'ith iad biadh math, agus gu leòr dheth. Bha iad a' bruidhinn a-null 's a-nall... air leabhraichean... air bàrdachd... air peacadh... 's air an t-sneachd.

“Saoil dè thachair don Mhinistear Bhàn?” dh'fhaighnich Iain.

“Chaidh an càr aige leis an drochaid,” arsa Mac an Tòisich. “Ach bha cuid a' smaoineachadh nach b' e sin a thug bàs dha idir. Bha cuid a' smaoineachadh gun ghèill a chridhe mus deach an càr bhon rathad. Chan urrainn gun robh e a' dol glè luath, oir cha robh beud ri fhaicinn air. Sin mar a tha an cridhe co-dhiù. Tha e cho furasd a bhriseadh. Chan fhaic neach eile dè tha a' tachairt dha, no dè tha a' dol air adhart ann, gus a bheil e tuilleadh is fadalach. Tha e cho falaichte bho shùilean chàich. 'S dòcha nach robh anns an t-sneachd ach rud a ghabh an dàn airson ar car a thoirt asainn. Nach iomadh sglèò a chuireas an duine agus an saoghal air rùintean 's air inntinn a' chridhe. 'S an uair sin chan eil air fhàgail againn ach creideamh. 'S cò as urrainn a ràdh a bheil an creideamh meallta no nach eil? Ma ghèill cridhe a' Mhinistear Bhàn, chan eil fhios cò dha a ghèill e.”

Bha iad a' còmhradh mar sin, agus cha b' fhada gus na dh'fhairich Iain e fhèin a' gèilleadh do chagarsaich a' chadail. Bha an rùm cho blàth, 's cha robh cus cabhaig air a stamaig a' cnàmh na dh'ith e airson a dhinneir. B' i bean an Dòmhnallach a' tighinn a-steach le cupan tì a chuir stad air a norradaich. 'S gu dearbha cha robh e a' faireachdainn coltach ri tì, ach cha bhiodh e modhail a diùltadh 's i dèanta, deiseil aice. Dh'òl iad uile tì, 's bha iad a' coimhead nan dealbhan a bha na lasraichean a' dèanamh anns an t-simileir. Nach robh iad coltach ri beatha duine, smaoinich Iain, le gach tè a' ghèilleadh, mar ghinealach, don tè a bha a' tighinn na dèidh.

“Cha chreid mi fhìn gun tèid mi don èisdeachd a-nochd,” ars Iain. “Tha mòran ullachaidh agam ri dhèanamh fa chomhair na maidne. ’S fheàrr dhomh fuireach a-staigh nam rùm ’s mo smuaintean a chur an altaibh a chèile gu cunbhalach. ’S math dh’fhaodte, ma leigeas an sneachd fodha, gun tèid mi a-mach, dìreach airson mionaid, a dh’ùrachadh mo sgamhanan. Agus ’s iongantach mur bi mi san leabaidh mus till sibh. Gheibh mi cupan tì dhomh fhìn, ma bhios sin a dhìth orm.”

Cha tuirt an dithis eile facal. Ach thuig iad nach biodh Iain ro chomhfhartail san eaglais feasgar, ’s uallach Sàbaid a’ chomanachaidh air a ghuailnean.

Cha robh an sneachd buileach cho trom a-nise. Shuathadh corra bhleideag i fhèin ris an uinneig a-muigh, ’s dheigheadh i à sealladh gu bràth ann an an-ìochdmhorachd a’ bhlàiths a bha a’ bualadh air an uinneig a-staigh. ’S bha tè bho tè a’ tighinn. ’S bha tè bho tè a’ dol à sealladh. ’S mu dheireadh sguir iad a thighinn. ’S ann an tiotan bha am feasgar a’ coimhead rudeigin coibhneil.

Dh’fhalbh an Dòmhnallach agus Mac an Tòisich don eaglais tràth am feasgar seo. Bha eagal orra gun cuireadh an sneachd bacadh orra, ’s gum biodh iad fadalach airson na seirbheise. ’S dòcha cuideachd gun robh iad ag iarraidh Iain fhàgail leis fhèin. Ach cha b’ urrainn do Iain mòran a dhèanamh. Bha an teine agus an sneachd a’ sabaid an aghaidh a chèile gus grèim a ghabhail air a smuaintean. ’S mar bu mhotha a bha iad ga tharraing, b’ ann a b’ an-fhoiscile a bha e a’ fàs. Agus gann mus robh an t-seirbheis Shathairneach air tòiseachadh ann an eaglais Bhaile Choille, chuir e air a chòta agus chaidh e a-mach.

Bha am baile cho geal. Bha am baile cho sàmhach. Ach bha am feasgar cho geur. ’S bha Iain a’ faireachdainn rudeigin ciontach. Càch san eaglais a’ coileanadh an dleasdanas, agus esan fillte anns na leisgeulan a’ coiseachd na sitige. Cha robh fhios aige carson a rinn e e. Gun teagamh, bha seirbheis na Sàbaid, seirbheis na Sàbaid am Baile Choille, a’ dèanamh dragh dha. Ach nach robh e a-nis na mhaor meadhanach eòlach agus iomadh Sàbaid air a chùl? Cha b’ e, cha b’ e sin idir a bh’ ann. Bha cumhachd diomhair air choreigin air labhairt ris agus air iarraidh air gun an eaglais a fhrithealadh an oidhche seo. ’S ged a bha e ga cheasnachadh fhèin, cha robh a

fhreagairtean a' tighinn a rèir a chèile. Bha mirean-measgte air clàr na h-inntinn aige, 's co-dhiù aon phios cudthromach a dhith. 'S às aonais a' phios sin, cha robh aige air fhèin ach dealbh le beàrn ann. Cha robh comasan a bhreithneachaidh a' toirt fuasglaidh dha idir. 'S ann a bha e coltach ri gun robh làmh mhòr uabhasach a' gabhail grèim air, 's i ga dheilbh 's ga stiùireadh mar bu mhiann leatha. 'S bha e a' coimhead nan craobh a' fàs às an t-sneachd. Cha robh an geugan a' gearain air cudthrom a' ghile. Bha iad cho neo-chiontach. 'S bha esan, Iain Friseal, am ministear, cho ciontach. Agus thàinig smuain uabhasach a-steach air. Dè nam biodh tubaist aig an Dòmhnallach 's aig Dòmhnall Mac an Tòisich anns an t-sneachd? An e eagal tubaiste a chum esan gun a dhol don eaglais, 's nach do mhol e dhaibhsan eadhan a bhith faiceallach? Chuimhnich e air a' Mhinistear Bhàn. Agus stad e an làrach nam bonn, air meadhan an rathaid, 's rinn e ùrnaigh. An dèidh sin dh'fhairich e na b' fheàrr.

Thòisich an sneachd a' tuiteam a-rithist. 'S na chois thàinig gaoth eagalach bho thuath. Rinn Iain airson tilleadh chun a' mhansa, ach bhiodh a' ghaoth agus an sneachd na aghaidh. 'S carson a bha e a' dol a chogadh riutha? 'S cinnteach nach leanadh an aimsir seo ro fhada. 'S cinnteach gun robh mòran am Bailie Choille am feasgar seo nach robh san eaglais, oir cha robh aon thaigh gun sholas ann. Bha e fhèin a' faireachdainn cho fuar. Ach chan aithnicheadh e na taighean 's chan aithnicheadh e cò a bha a' fuireach anna. 'S mu dheireadh cha b' e am fuachd bu mhiosa dha, oir bha e a-nis a' faireachdainn rudeigin lag. Sheall e ri na taighean. Agus smaoinich e gun gnogadh e air doras air choreigin 's gun iarradh e fasgadh car greiseig gus an deigheadh an stoirm shneachda seachad. 'S an uair sin choisicheadh e air ais chun a' mhansa.

An dèidh an smaoinichaidh dh'fhosgail e a' chiad gheata gus an tàinig e. Chaidh e letheach slighe suas an staran, a' fàgail a lorgan anns an t-sneachd, agus stad e. Cha robh fhios aige carson a stad e. Agus thill e. Nuair bha e a' dùnadh a' gheata, mhothaich e cho neònach 's a bha lorgan a chasan a bhith a' dol à scalladh letheach slighe suas an staran. Dè shaoileadh esan nam faicheadh e a leithid sin air a staran fhèin? Chaidh e chun an ath gheata, agus ràinig e an doras an turas seo. Leis gach criomag misnich air am faigheadh e grèim, bhuail e gu cruaidh air an doras. Chuala e gluasad a-staigh,

agus guth boireannaich a' trod mar gum biodh i a' toirt achmhasain do chuideigin. Cha b' fhada gus na dh'fhosgail i an doras, agus dh'fhaighnich e am biodh i cho math agus a leigeil a-steach airson mionaid gus an sguireadh an sneachd.

“Trohadh a-steach,” ars ise.

Chrath e cuid den t-sneachd dheth fhèin anns an doras, agus chaidh e a-steach.

“Thoir dhomh do chòta,” ars ise, “agus crochaidh mi anns a' chidsin e.”

Chuir e dheth a chòta, agus sin nuair a chunnaic e a h-aodann airson a' chiad uair. Theab a chridhe leum a-mach às a chom.

“Eilidh!” ars esan.

Sheall i ris airson mionaid le scòrsa de theagamh na sùilean. 'S dòcha gur e an t-aodach, aodach dubh a' mhinistear, agus an coilear, bu choireach.

“Gu sealladh Scalbh orm!” ghlaodh i. “Gu sealladh Scalbh orm! 'S cinnteach nach e Iain Friscal a th' ann!”

“'S e,” ars esan. “Iain Friscal... Eilidh...”

“Cò às a thàinig thu?” ars ise.

“Tha mi aig na h-òrduighean,” ars esan. “Tha mi aig òrduighean Bhaile Choille. 'S mi bhios air ceann na seirbheise a-màireach...”

“Cha robh fhios agam... cha robh fhios agam fiù gun robh thu... gun robh thu nad mhinistear... Cuin?... Ach, siuthad, siuthad, suidh sios ris an tèine. Feumaidh gu bheil thu fuar, agus gu bheil an t-acras ort. Siuthad, suidh sios.”

Shuidh e sios ri taobh an teine, agus shuidh Eilidh mu choinneamh ann an cathair eile. Bha iad a' coimhead a chèile 's gun chomas aca air an còrr a ràdh. B' iomadh bliadhna bho chunnaic e i, ach cha tug iad mòran atharrachaidh oirre. Agus chuimhnich e air na làithean a dh'fhalbh. Agus chuimhnich e air an aithreachas. 'S chuimhnich ise air na làithean a dh'fhalbh cuideachd, air a' bhlàths agus air an aithreachas. Ach bha e a-nis a' coimhead cho stuama anns an aodach dhubb ud, 's bha an coilear cruinn geal mar bhruadar mu amhaich.

Mu dheireadh thuirt i, “Tha mi a' dol a dhèanamh tì.”

“A bheil cuideigin eile san taigh còmhla riut?” ars esan. “Tha mi cinnteach gun cuala mi thu a' bruidhinn ri cuideigin nuair ghnog mi air an doras.”

Rinn i gàire. An aon sheòrsa air an robh cuimhne aige.

“Chan eil,” ars ise. “An cù. Thèid e an còmhnaidh às a chiall nuair thig cuideigin chun an dorais. Cha dèan e comhartaich idir, ach leumaidh e chun an dorais mar nach biodh e ag iarraidh orm fhosgladh, mar gum biodh e gam dhìon bho rudeigin... no bho chuideigin.”

Dh’èirich i, agus chaidh i a-mach às an rùm a dhèanamh na ti.

Dh’èigh i ris gun robh an sneachd air sgur. Ann an dòigh bha e toilichte sin a chluinntinn, ’s ann an dòigh cha robh. Bhiodh an t-seirbheis Shathairneach a-nis seachad, ’s bhiodh Mac an Tòisich ’s an Dòmhnallach air ais anns a’ mhansa. Ma bha an sneachd air sgur, cha robh uimhir air a bhith ann ’s gun cuireadh e dragh orra. ’S nach tuirt e riutha gur iongantach mur biodh e fhèin san leabaidh mus tilleadh iad. Mar sin, cha bhiodh iomagain orra mu dheidhinn.

Thill Eilidh a-steach agus an ti aice air sgàl mhòr fhiodha. Mhòthaich e gun robh beagan de chrith anns na làmhan aice. Bha i an-fhoiseil. Bha i mar bhàta ann an stoirm, gun smachd aice air dè an taobh a ghluaiseadh na tuinn i. Bha crith fhathast na làmhan nuair dhòirt i an ti às a’ phoit.

An dèidh do Iain am biadh a bheannachadh, dh’òl iad an ti. Cha b’ urrainn e càil ithe leatha, agus mhòthaich e nach do dh’ith ise càil na bu mhotha.

“Cha do phòs thu a-riamh?” ars esan.

“Cha do phòs,” ars ise,

“ ’S dè mu do mhàthair?” ars esan.

“ ’S fhada bho shiubhail mo mhathair,” ars ise. “Nuair dh’fhàs i bochd thill mise dhachaigh. Cheannaich sinn an taigh seo. ’S bho dh’fhalbh i, chan eil duine beò agam san t-saoghal. Seadh, ach Eachann a-mhàin.”

“Eachann?” ars esan, le crith na ghuth.

“An cù,” ars ise. “ ’S e Eachann a thug mi air a’ chù.”

Smaoinich e air an staran an ath dhoras, an staran nach tàinig gu ceann. Dè thug air stad? Dè thug air tilleadh ’s tighinn chun an dorais seo? Dè na cumhachdan a bha taisgte ann an coimhearsnachd Bhaile Choille ’s a bha ga stiùireadh mar seo? Sheall e ri uaireadair, agus chunnaic e gun robh e a’ fàs anmoch.

“Feumaidh mi falbh,” ars esan. “Nach tig thu don eaglais anns a’ mhadainn. ’S mi tha gu bhith air ceann na seirbheise anns a’ mhadainn.”

“ ’S dòcha gun tig,” ars ise. “ ’S dòcha gun tig.”

Ach bha e an ìre mhath cinnteach nach tigeadh. Bha i a’ coimhead uabhasach mi-chomhfhartail. Nuair chuir e air a chòta, dh’fhairich e coltach ri a pògadh anns an dealachadh. Dh’fhosgail i an doras dha. Agus theab e tuiteam nuair chunnaic e an sealladh a bha a-muigh. Bha àirde nan crann de shneachd ann, ’s an tuilleadh a’ tuiteam. Nan deigheadh e a-mach ri seo cha ruigeadh e mansa an Dòmhnall-aich gu siorraidh. Ruith mìle smuain tro inntinn a’ mhionaid sin. ’S an uair sin mìle eile.

“Uill,” ars esan.

“Chan urrainn dhut...” ars ise.

Bha crith na guth. Bha i mar gum biodh i a’ tarraing nam briathran à trannsa dhorch a bha iomadh mìle air falbh.

“Chan urrainn dhut,” ars ise, “coiseachd chun a’ mhansa anns an t-sneachd seo. Dè ma thachras rudeigin...?”

Chuimhnich Iain air a’ Mhinistear Bhàn. Agus smaoinich e nach b’ e a chridhe a ghèill idir. Cha robh teagamh na inntinn nach b’ e an sneachd bu choireach.

“Agus dè nì mi?” ars esan.

“Feumaidh tu an oidhche a chur seachad an seo,” ars ise.

“Chan urrainn dhomh... chan fhaod mi... dè chanas daoine?”

Cha robh e a’ creidsinn nach b’ urrainn dha. Cha robh e an dòchas nach fhaodadh e. ’S cha robh cus de dhragh aige san dearbh mhionaid ud dè chanadh daoine.

Bha iad fhathast nan seasamh san doras. Chan fhaca e a leithid de shneachd a-riamh. Ciamar a thàinig a leithid ann an ùine cho goirid? Sheall e ri aodann Eilidh, agus chunnaic e sgrìobhte air facal a bha ag innse dha gum bu ghòrach dha feuchainn air a’ mhansa. Ach, aig a’ cheart àm, smaoinich e gur iomadh facal aig an robh barrachd air aon bhrìgh.

Dhùin e an doras agus chuir e dheth a chòta a-rithist. Bha cabhag air choreigin air èirigh ann an Eilidh.

“Faodaidh tu cadal air an t-sòfa,” ars ise. “Chaidlinn fhìn air, ach dh’fheumainn aodach glan a chur air an leabaidh. ’S tha an rùm eile rudeigin fuaraidh mun àm seo den bhliadhna, oir cha bhi mi a’ cumail teine ann. Bidh tu ceart gu leòr air an t-sòfa gu madainn. Ach chan eil fhios agam dè tha a’ dol a thachairt. Cha chreid mi gum bi a bheag de sheirbheis aca an eaglais Bhaile Choille a-màireach.”

“ ’S fheàrr dhomh fònadh chun a’ mhansa,” ars esan.

“Fònadh?” ars ise.

“Seadh,” ars esan, “ a dh’innse dhaibh dè a thachair. Bidh iad fo iomagain anns a’ mhadainn.”

“Chan eil fòn agam,” ars ise gu h-aithghearr.

Carson a dh’innis i breug dha? Ged nach robh fhios aice, ’s dòcha gun robh fhios aice glè mhath. Co-dhiù, bha am fòn a-staigh ri taobh na leapa aice, falaichte bho a shùilean.

“Gabh mo leisgeul,” ars ise, leis an aon chabhag na guth.

Ruith i a-steach do a rùm-cadail, a bha a’ falbh bhon t-seòmarsuidhe. Dhùin i an doras gu grad, agus thog i an t-inneal-èisdeachd ’s chuir i air a’ bhòrd e.

Shuidh Iain air an t-sòfa, ’s a chridhe a’ bualadh na asnaichean, le breab bho bhreab, le brag bho bhrag.

Thill Eilidh is ultach phlaideachan aice na gairdeanan. Sgaoil i a-mach ris an teine iad, agus dh’fhosgail i a-mach an sòfa. Chàirich i an t-aodach gu cùramach air an t-sòfa, ’s bha e a’ coimhead a làmhan a’ sliobadh an anairt.

“Seo a-nise,” ars ise. “Tha ’n t-àm ann a dhol mu thàmh.”

Thug i sùil air an teine. Bha e beò gu leòr, ach bha e sàbhailt.

“Tha mi ’n dòchas gum bi thu comhfhartail,” ars ise.

“Bithidh,” ars esan. “Agus mìle taing airson mo chuideachadh mar seo.”

Choisich i a-null gu doras a seòmair-cadail fhèin.

“Eilidh,” ars esan.

Stad i gu h-obann. Bha seòrsa de eagal oirre.

“Nach bu chòir dhuinn earrann no dhà den Fhirinn a leughadh mus dùin sgàilean a’ chadail oirnn, agus ’s dòcha facal ùrnaighe a dhèanamh.”

Bha e air a dhol às a cuimhne gur e ministear a bha ann, ’s i a’ smaoineachadh air làithean eile. ’S an dèidh an adhruidh ghoirid dh’èirich i às a cathair. Thug i sùil eile air an teine, ’s an uair sin sheall i ris an t-sòfa.

“Tha mi a-nis a’ falbh,” ars ise.

Dh’fhosgail i doras a seòmair-cadail, agus thionndaidh i gu socair air an starsaich ’s thug i sùil air ais. Bha Iain na sheasamh ri taobh an t-sòfa ga coimhead. Bha e na bu choltaiche ris fhèin às aonais a’

choileir. Sheall e ri a sùilean 's i na seasamh an siud. 'S chunnaic e rudeigin anns na sùilean aice, 's chuala e rudeigin na chridhe fhèin. Thug e ceum socair a-null chun an dorais... 's chaidh e a-steach còmhla rithe... 's le chèile dhùin iad an doras.

Anns a' mhadainn rinn iad gàire nuair a chunnaic iad an cù na shuain chadal am measg nam plaideachan air an t-sòfa. Sheall Iain a-mach air an uinneig, 's ged a bha sneachd gu leòr ann fhathast, bha an t-aiteamh air deagh obair a dhèanamh tron oidhche. Cha robh teagamh sam bith nach dèanadh e eaglais Bhaile Choille dheth roimh mheadhan-latha.

“Ach tha aon cheist agam, Eilidh,” ars esan, 's iad ri taobh a chèile aig a' bhòrd a' gabhail am bìdh. “Cha do leig mi guth orm a-raoir... ach carson a thuirt thu rium nach robh fòn agad?”

Thug i sùil iongantach air. Bha i an dòchas gun robh e a' tuigsinn, 's chaidh a' cheist seachad gun a freagairt. Nach robh i air a freagairt roimhe, ged nach tuirt i facal?

Ann am mansa an Dòmhnallaich bha ceòl an iomagain a' falbh air feadh na fìdhle. Cha robh sgeul air Iain Friscal. Bha a leabaidh mar a chaidh a fàgail a' mhadainn roimhe, gun duine beò air cadal innte. Cha robh iad a' tuigsinn. Bha iad nan tràir nan suidhe mun bhòrd gun ghuth air bracaist, an Dòmhnallach 's a bhean agus Dòmhnall Mac an Tòisich. Bha fhios aca gun robh sneachd trom air a bhith ann, ach bha e follaiseach gun robh e a-nise a' gèilleadh don aiteamh. Cha b' fhada gus am biodh fhios. Agus bha eagal mòr orra, 's gach aon a' faicinn a' Mhinistear Bhàin cho soilleir 's ged bhiodh e còmhla riutha mun bhòrd.

'S bha seòrsa de amharas air Iain mu dè na seòrsachan smuaintean a bhiodh a' ruith orra anns a' mhansa. Bha fhios aige cò air a bhiodh iad a' smaoinichadh.

“'S fheàrr dhomh fònadh chun a' mhansa,” ars esan.

“Stad mionaid,” ars Eilidh. “Dè tha thu a' dol a ràdh riutha? Bidh iad a' faighneachd cheistean. A bheil thu a' dol a ràdh riutha gun chaidil thu còmhla riumsa a-raoir? A bheil thu a' dol a dh'innse dhaibh...? Dè chanas iad? Nach fheàrr dhut dèanamh air an eaglais, agus chì thu an sin iad. Bi anns a' chùbaid nuair ruigeas iad. Can rudeigin san t-searmon mu mar fhreasgair caraid ort a-raoir anns an stoirm shneachd.”

“Eilidh, feumaidh mi fònadh,” ars esan.

Agus chaidh e a-steach don rùm-cadail, far an robh am fòn. Choimhead e ris an leabaidh, agus ruith faireachdainnean na h-oidhche tro chorp a-rithist. Bha aon rud cinnteach. Cha b’ urrainn dha an t-seirbheis a chuartaichadh san t-suidheachadh seo. Thog e am fòn.

“Mise th’ ann. Iain Friseal.”

“O, nach math gu bheil thu beò,” ars an Dòmhnallach.

“Nas beòtha na bha mi riamh,” ars esan. “Ach... ach, tha eagal orm nach urrainn dhomh an t-seirbheis a ghabhail. Bha mi a-muigh anns a’ chabhadh, agus b’fheudar dhomh a dhol gu doras taighe agus fasgadh iarraidh. ’S e am Freasdal fhèin a stiùir ann mi. ’S cha d’fhuair mi... cha d’fhuair mi fhathast seachad air mar thachair dhomh. Tha mi... tha mi duilich.”

Cha robh facal aig an Dòmhnallach. Cha bhiodh e iomchaidh dhàsan, ministear na h-eaglaise, seirbheis a’ chomanachaidh a ghabhail. ’S mu dheireadh:

“Dè tha ceàrr?”

“Chan eil càil ceàrr, ’s dòcha gur ann a tha rudan ro cheart.”

“’S nach tig thu, ma-ta. Bidh an eaglais làn. Tha dùil aig an t-sluagh riut.”

Dh’fhairich Iain gun robh Eilidh san rùm. Sheall e mun cuairt agus chunnaic e i a’ suidhe air uachdar na leapa, ’s i a’ gnogadh a cinn. Shaoil e gun robh fhios aige dè bha i a’ ciallachadh.

“Glè mhath, ma-ta. Bidh mise anns a’ chubaid ro mheadhan-latha.”

Chuir e sìos am fòn, ’s bha Eilidh fhathast na suidhe air an leabaidh.

“Chan eil e ach deich uairean,” ars ise, ’s i a’ putadh na cuibhrige gu socair le a làimh. Bha i cho follaiseach, mar chuireadh sgriobhte air cairt mhòir uaine.

“Cha tèid,” ars esan. “Chan eil math dhomh. An t-searmon,” ars esan.

Cha tuirt i facal, ach dh’aithnich e gun robh fearg oirre. Dhùin i na trì putanan a bha a’ ceangal a dreasa gu h-àrd.

“A bheil thu a’ dol don èisdeachd?” dh’fhaighnich e.

Chrath i a ceann. ’S cha tuirt i facal eile ris. Eadhan nuair thug e taing dhi anns an doras, cha do leig i guth oirre. ’S nuair chunnaic i e, dubh, a’ coiseachd anns an t-sneachd gheal, thòisich i a’ smaoin-

eachadh. Nuair bha i cinnteach nach robh e fada bhon eaglais, chuir i oirre a còta agus chaidh i a-mach.

Ràinig Iain mu dheich mionaidean mus robh an t-seirbheis a' dol a thòiseachadh. Rinn e gach leisgeul a bu dùraig dha, gun suathadh ri na breugan. Dh'innis e dhaibh mu oidhche Shathairne, seadh don Dòmhnallach 's do Mhac an Tòisich, ach cha do dh'innis e idir dhaibh.

“Bha eagal oirn...” ars an Dòmhnallach.

“Bha sinn a' cuimhneachadh...” arsa Mac an Tòisich.

'S bha Iain a' gnogadh a chinn, 's e a' toirt a chreidsinn air fhèin agus orrasan gun robh e gan tuigsinn. Ach bha iad ga choimhead ann an dòigh àraid, agus sin nuair thuig e gun robh fhalt gun chireadh 's gun robh feusag na h-oidhche a' cur sgàile air a ghnùis. Bha iad ro mhodhail airson càil a ràdh ris. Ach cha robh air. Dh'fheumadh e dìreadh don cùbaid, mì-rianail 's mar a bha e. 'S bha a' chùbaid cho àrd, 's Iain a' faireachdainn mar gun robh e a' dìreadh staidhre gun chrìoch suas gu mullach taigh-solais. 'S bha e an dòchas gum biodh a' chùbaid gu dearbha mar thaigh-solais, 's e fhèin na sholas na mhullach, mar reul-iùil a chumadh maraichean samhlauchail Bhaile Choille bho dhol air seachran air creagan a' pheacaidh. Ach chaidh an solas às nuair chuimhnich e air oidhche Shathairne. Sheas e anns a' chùbaid agus sheall e riutha mar rìgh ag amharc air rioghachd. Agus las an solas a-rithist nuair chunnaic e Eilidh am measg an t-sluaigh anns an eaglais. Ach bha e an dòchas nach biodh an solas a' cur charan, à fianais na bu trice na bha e am follais.

Cha chualas a leithid ann an eaglais Bhaile Choille a-riamh. Bha gach neach, sean is òg, ag aontachadh nach do thaom, orrasan co-dhiù, a leithid de shearmon à cùbaid a-riamh. Ach rud bu neònaiche, nuair chrom Iain Friseal chun a' bhùird fhada ghil gun chrìoch, cha robh cuimhne aige air facal de na labhair e. 'S nuair bha an t-seirbheis seachad, rug iad uile air làimh air, is Eilidh nam measg agus na deòir a' sruthadh sìos air a gruaidhean. Rug an Dòmhnallach agus Mac an Tòisich air làimh air cuideachd.

“Leum don chàr,” ars an Dòmhnallach, “ 's gun tèid sinn chun a' mhansa airson blasad bìdh.”

Thug Iain sùil mun cuairt agus chunnaic e an sneachd, 's e a' coimhead cho neochiontach. An dearbh shneachd a bha air a stiùireadh an oidhche roimhe chun na h-àithne ùire a chuir e air Eilidh. 'S bha i an sin, na seasamh, cho fuasgailte, anns an t-sneachd.

“Cha tèid, le ur cead,” ars Iain. “Gheall mi gun deighinn còmhla ris an neach a rinn cobhair orm a-raoir.”

Cha do dh’innis e breug, oir anns a’ mhionaid ud, ga faicinn an siud, bha e air an gealladh a thoirt dha fhèin. Choisich e a-null far an robh i agus stad e mionaid. Chaidh Mac an Tòisich agus an Dòmhnallach don chàr, agus rinn iad às gun fhacal a ràdh. Rug Iain air Eilidh air ghàirdean, agus dh’fhalbh iad nan cois. Stad iad aig an Drochaid Mhòir.

“Seo,” ars esan, “far na bhuail làmh an dàin air a’ Mhinistear Bhàn bho chionn còrr air fichead bliadhna. ’S chì mi an dàn fhathast, le a làimh deiseil gus a bualadh a-rithist. Tha e an sin na sheasamh anns an t-sneachd, mar bha e bho chionn fichead bliadhna. Nach cluinn thu e ag èigheachd rinn. Nach eil thu a’ tuigsinn dè tha e ag iarraidh oirnn?”

Sheall i ri a shùilean.

“Tha,” ars ise.

Phòs iad ro cheann na mìosa. Phòs iad ann an eaglais Bhaile Choille, ’s cha robh neach a bha san èisdeachd nach robh a’ cuimhneachadh air searmon Sàbaid a’ chomanachaidh. ’S rinn a’ chàraid an dachaigh ann am mansa Iain aig Bun an t-Slèibhe.

Ach ro dheireadh an fhoghair, ’s an t-arbhar cruinn ann an saibhlean Bhaile Choille, chaidh Eilidh don ospadal.

Bha fios aig Baile Choille agus aig Bun an t-Slèibhe nach robh Iain agus Eilidh air a bhith pòsda ach na seachd mìosan. ’S nuair a chaidh Eilidh a thoirt don ospadal bha teangannan an dà bhaile a’ tuiteam thar a chèile le sonas nach robh fada bho bhith deamhnaidh. Bha fhios aca a-nise nam beachd fhèin carson nach robh i a’ nochdadh ach ainneamh a-mach air toll dorais, ’s carson nach robh Iain ag iarraidh cus a ràdh nuair dh’fhaighnichist mu deidhinn. B’ iomadh guth caillich a chualas ag ràdh cho neònach ’s a bha i, ’s an truas a bha aca ri Iain bochd. ’S bha fhios aige nach robh anns na beachdan aca ach ceistean, ceistean a bha ag èirigh a-mach à seòrsa de thoileachas mu neònachas na linne. Cha robh guth gun robh feadhann nam measg fhèin a bha an dà chuid diolain agus neònach, no eadhan nan linn fhèin gun robh dhà is dhà glè chomasach air a dhol nan còig. ’S airson a’ chiad uair a-riamh dh’aidich iad riutha fhèin, ged a bha Dia air cùl an seanchais, gun robh iad ceàrr. ’S fhuair iad faochadh nuair dh’èirich callach na mì-chinntè bho an guailnean. Bha iad uile

nam peacaich 's nan sagartan a' cur bogsa an aideachaidh na theine dearg. Fhuair iad faochadh seach gun robh a' chùis na bu mhiosa eadhan na bha iad an dùil, 's a-nise, an ceann seachd mìosan bha Iain agus Eilidh a cheart cho dubh ri dubh. Seachd mìosan pòsda, 's i a-nis air a togail don ospadal!

“Cha do rinn i siud leatha fhèin,” ars a' chiad tè.

“Cha do rinn no esan,” ars an dara tè.

“'S a bheil cuimhn' agad air an turas mu dheireadh...?”

Chuimhnich iad, agus bhruidhinn iad, air a' ghùn bhreàgha gheal a bha oirre an oidhche a phòs i. Chuimhnich iad air mar a sheas i, “an spideag gun nàire”, ars an treas tè, air beulaibh an Dòmhnallaich, mar dhorchadas a' snàmh ann an solas. Chuimhnich iad air cho sgìth 's a bha i a' coimhead nuair leig iad beannachd leatha, 's an ceòl peacach a bha siud gan iomain air falbh mar chù a' ruagadh chaorach. Bha fhios aca a-nise carson a bha i a' coimhead cho sgìth. O, nach iad a bha leibideach nach tàinig e a-steach orra aig an àm. Bha nighean piuthar a seann-seanmhar a' fuireach an Astràilia, 's bha mac aice mus do phòs i. Nach robh sin fhèin gu leòr. Bha e anns na daoine. Bha gun teagamh. 'S airson Iain, uill, bha iad cinnteach gun deach cuideigin a bhuineadh dhàsan air seachran uair no uaireigin cuideachd, ach, an donas, cha smaoinicheadh iad cò no cuin. Ach feumaidh gun robh a leithid de neach ann. Cha do rinn, cha do rinn i siud leatha fhèin. Sin na co-dhùnidhean gun robhar a' tighinn air cùl nan cùirtearan, air cùl nan cùirtearan a bha a' leigeil nan co-dhùnidhean a-mach air feadh an t-saoghail, ach aig a' cheart àm a bha gan cleith bho Dhia. Eilidh bhochd. Bha gùn geal a' phòsaidh a-nis cho dubh ris an t-sùich, cho dubh ris a pheacadh fhèin.

Thàinig Iain dhachaigh bhon ospadal gu mansa Bun an t-Slèibhe. Bha am mansa a' faireachdainn cho fuar. Bha iad nan seasamh aig na h-uinneagan, cha b' ann ga choimhead-san, mo chreach cha b' ann, ach a' sealltainn ach an robh coltas uisge air na neòil, no eadhan an robh coltas gaoithe orra. Nach b' iongantach mar a bha iomagain mun aimsir gam bualadh uile aig an aon àm. Cha b' iongantach. Cha robh e iongantach idir.

Saoil an innseadh e dhaibh? Chan innseadh. Carson a dh'innseadh? Carson a bheireadh e orra a bhith gan ithe fhèin 's gun iad fhathast abaich?

Thug Eilidh trì mìosan san ospadal. Seachdain no mar sin mus d' fhuair i dhachaigh, rugadh leanabh mic dhi fhèin 's do Iain Friseal. Cha robh fhios aig an t-sluagh dè a theireadh iad. Bha iad a-nise abaich gu leòr airson iad fhèin ithe. 'S bha cuid a rinn dìreach sin. Ach bha cuid eile a' faireachdainn pian na feirge na bu mhotha na pian an aithreachais.

Cha b' e gun robh cus aithreachais air cuid dhiubh airson ro-bhreithneachadh ceàrr a dhèanamh, no aithreachas gun deach an cunntadh ceàrr orra. 'S ann a bha seòrsa de fhearg orra airson mar, nam beachd fhèin co-dhiù, a leig an dàn sìos iad. 'S nuair chualas gun tàinig an gille grunn sheachdainean ron àm, cha b' e sin a b' fheàrr.

Co-dhiù, thàinig Eilidh dhachaigh, i fhèin agus Murchadh beag. Bha sin tràth air feasgar Disathairne. Thàinig fios fòna gu mansa Bun an t-Slèibhe bho Dhòmhnallach Bhaile Choille a' guidhe dhùrachdan gu Iain 's gu Eilidh, 's a' guidhe beannachd Dhè air an naoidhean bheag. Mus robh am feasgar seachad thàinig am fios ceudna bho Dhòmhnall Mac an Tòisich, agus bho mhinistearan eile a bha a' cur meas air tiodhlac na beatha, nam measg an Rosach ann an Cille na Cloiche, agus fear a bha ann am Bun an t-Slèibhe fhèin bho chionn fhada, Coinneach Maclain, no Coinneach Tàillear, mar theirte ris.

Ach cha tàinig fios no sanas bho aon den choimhthional ann am Bun an t-Slèibhe. Cha b' e gur e daoine cruaidhe, gun diù, a bha anns a' mhòr-chuid dhiubh idir, ach bha am mòran a' faireachdainn an-fhoiseil agus ciontach mu smuaintean 's mu shanasan a' bheagain.

Madainn na Sàbaid, ge-ta, bha eaglais Bhun an t-Slèibhe làn gu na starsaichean. 'S ged a bha Iain Friseal air searmon ullachadh mar a b' àbhaist, nuair dhìrich e don chùbaid agus a chunnaic e cuan de ghnùisean, 's dà chuan de shùilean deiseil gus a bhàthadh mu choinneamh, dh'fhalbh gach nì a bha e air ullachadh a-mach à inntinn mar smùr a' dol tro shioltachan.

Shuidh e anns a' chùbaid le cheann na làmhan. Bha iad a' fàs an-fhoiseil nuair sheas e. Agus nuair a sheas, chluinneadh tu lòineag sneachda a' tuiteam às an adhar.

“Chan cil mise,” ars esan, “a' dol a ghabhail ceann-teagaisg às a' Bhioball an-diugh idir.”

Sheall e mun cuairt.

“Tha mo shùilean agam, agus tha mo chluasan agam.”

Thòisich casadaich a’ lionadh na maidne. Nuair shiolaidh i, thog e a ghuth agus a làmhan.

“Tha mi a’ dol a stèidheachadh mo smuaintean air briathran ar n-athraichean. Briathran a tha a’ freagradh suidheachadh na coimhearsnachd seo. Cha bu chòir dhomh briathran a’ Bhiobaill a thruaillleadh le mo smuaintean an-diugh. ’S dòcha nach còrd seo ribh... ’s mur còrd ’s e as coireach gu bheil sibh ciontach. Bha an seanfhacal aig ar n-athraichean mar mheadhan air gèiread spioraid a chur an cèill, ’s mar mheadhan air teachdaireachd suidheachaidh a chur ann am beagan bhriathran. Agus seo mo sheanfhal.”

Cha tuirt e càil airson greis. Bha an coimhthional sàmhach.

“Seo ma-ta mo sheanfhal,” ars esan.

Cha robh crith na ghuth. Bha iad uile a’ coimhead ris.

“Feuch gu bheil do theallach fhèin sguabte mus tog thu luath do choimhearsnaich.”

’S cha do choisich aon neach a-mach às an eaglais.

Gobha Phabaigh

Niall Caimbeul

Tha eilean àlainn, torrach Phabaigh an Caol na Hearadh an-diugh fo fhèidh 's fo chaoraich, 's gun duine beò a' fuireach ann mura bi ciobairean corra uair ann. Ach bha latha eile air a chaochladh, nuair a bha sluagh ga àiteach 's iad air an làn-dòigh ann.

Mu mheadhan na naoidheamh linn deug chaidh an sluagh fhuadach à Pabaigh air òrdan an uachdarain, mar leisgeul ma b' fhiar gu robh iad ri bristeadh an lagh ann a bhith dèanamh uisge-beatha. Cha robh ann anns an latha bha siud ach ma bha thu lag dh'fheumadh tu bhith umhail, 's cha robh diùltadh do mhuinntir Phabaigh ann. Ach 's e tha sin ach sgeul eile. An sgeul a tha agamsa 'n dràsda, tha i a' dol air ais nas fhaide na sin ann an eachdraidh an eilein.

Anns an t-siathamh linn deug, timcheall air a' bhliadhna 1560, bha gobha ainmeil ann am Pabaigh dom b' ainm Pàdraig Moireasdan. Mar gach gobha eile, bha e treun, tapaidh, fuasgailte; ach ged a bha e ealanta 's tùrail mar ghubha, choisinn e cuideachd ainm air feadh na dùthcha mar fhear-carachd a bha air leth sgiobalta. Tha e ri chreidsinn nach robh duine riamh a dh'fheuch car ri Pàdraig nach d' fhuair e fhèin glaiste ri talamh 's làmh-an-uachdair aig Pàdraig.

Aig an àm a bha seo, bha MacLeòid na Hearadh a' dèanamh a dhachaigh ann an Ròghadal, agus an turas a bha seo, 's e a' dol air chuairt a Phabaigh, ghabh e na cheann grunnan cheatharnach a thoirt leis am beachd dùbhlán a thoirt do Phàdraig Gobha ann an carachd.

Ràinig iad Pabaigh 's fhuair iad, mar a b' àbhaist, deagh ghabhail romhpa ann. An uair a fhuair MacLeòid seachad gach gnothach riatanach a bha fa chomhair, thadhail e fhèin 's a chompanaich air Pàdraig Gobha. Dh'fheuch fear an dèidh fir car ri Pàdraig, ach cha b' fheàrr siuthad na siad, 's mun canadh tu, "Sealbh gad bheannachadh", bha gach fear aig Pàdraig air slèisnich a dhroma. Bha MacLeòid na sheasamh a' gabhail beachd air a' chùis, 's nuair a chuir Pàdraig druim an fhir mu dheireadh gu talamh, thuirt MacLeòid ris, "Is treun an duin' thu, a Phàdraig. 'S ann a thig orm fhèin 's ort fhèin car fheuchainn."

“O, chan fheuch, chan fheuch,” arsa Pàdraig.

“Carson nach fheuch?” arsa MacLeòid.

“Innsidh mise sin dhuibhse, a MhicLeòid. Ma dh’fheuchas sibh car riumsa, èiridh dhuibhse mar a dh’èirich do chàch, is chan iarrainn-sa a leithid sin de thàmailt a thoirt dhuibhse mu choinneamh na tha an làthair an seo.”

“O,” arsa MacLeòid, “cha tàmailt do dh’fhear sam bith leagadh fhaighinn bhuatsa, a Phàdraig.”

Choitich e mu dheireadh air Pàdraig gus an do dh’aontaich e car fheuchainn ris. Sheas iad air am bonnaibh is chaidh iad an caraibh a chèile.

Ach mar a thuir Pàdraig, b’ fhiar. Ann am priobadh na sùl bha MacLeòid a’ tachas a dhroma ri machaire Phabaigh.

Ach mar gun tigeadh peithir às na speuran, thachair aimlisg an uair sin nach do shùilich aon chuid MacLeòid no Pàdraig. Nuair a chunnaic fear dhe na ceatharnaich a bha an làthair gu robh MacLeòid ri làr, nach ann a tharraing e a chladheamh às a thruaill, shàth e an druim Phàdraig e, ’s mharbh e e. Gu cinnteach, thàinig fealla-dhà gu dha-riribh! Bha MacLeòid air uabhasachadh. Dh’èigh e na creachan ’s mhaoidh e gu garg ris an fhear a rinn an cron.

Nuair a thuig an duine truagh meud na feirge a bh’ air MacLeòid, rinn e às mar a bheatha, ’s càch an tòir air, MacLeòid ag òrdanachadh an duine a mharbhadh sa bhad airson an uilc a rinn e. Cha do stad ’s cha do sheall an duine bochd gus an tàinig e gu bearradh creige, is air faicinn dha nach robh dol às ann, thilg e e fhèin leis a’ chreig is chaidh e às an rathad. Ach cha do leasaich sinn an call a rinneadh air tùs, is bha MacLeòid fo iomagain ro mhòr, oir b’ esan a bha na mheadhan air an rud a bh’ ann a thachairt idir.

Bha aon mhac òg aig Pàdraig Gobha, agus b’ e Pàdraig a b’ ainm dha fhèin. Ghabh MacLeòid làn-chùram an teaghlach ’s thug e an gille, Pàdraig, air ais a Ròghadal is thogadh e mar aon de theaghlach MhicLeòid fhèin. Cha robh dith oilein no oideachaidh air, ’s dh’fhàs e suas na dhuine suairce, suimeil. Bha meas mòr aig MacLeòid air, is eadhon nuair a bha e na dhuin’ òg thug MacLeòid dha dleasdanas riaghlaidh na h-oighreachd o chaolas Stiadair mu dheas gu Mol na Hearadh mu thuath.

Seun

Sgarpach

'S e fhèin a bha ag innse dhòmhsa mar a dhiùlt am muir a bhàthadh trì uairean. Ma rinn am muir sin, cha bu neònach; bha ceangal neònach aig Ailig Bàn ris a' mhuir.

Ris a' Chiad Chogadh bha Ailig san Nèibhidh. Thug iad an soitheach latha suas an abhainn gu iomall Lunnainn. Fhad 's a bha iad ceangailte ri cidhe thugadh air na gillean teannadh ri peantadh. Nuair a sheòl iad air ais sìos an abhainn cha robh an sgiobair fada an taigh na cuibhle nuair a mhothaich e gu robh sgall lom faisg air fìor bhàrr a' chruinn. Dh'iarr e air Ailig Bàn a dhol suas.

Co-dhiù a chaill e a chas no a chaill e a ghrèim, dh'fhalbh Ailig à bàrr a' chruinn. Bhuail e air a' bheul-mhòr aice agus chuir e car a-mach air a cliathaich.

Abair aimlis! Abair breislich! Chaidh stad a chur air an t-soitheach agus a tionndadh an aghaidh sruth na h-aibhne. Agus càit an robh Ailig Bàn? Fhuair iad e air uachdar an uisge. Bha e beò! Ach bha cnàimh-mòr na slèisne aige na dhà leth. Chuir iad air tìr dhan ospadal e. Sin mar a bha Ailig riamh on uair sin agus ceum crùbach aige.

Thàinig Dùghallaich à Dùn Ollaidh agus rinn iad dachaigh ris a' mhuir, air taobh an iar-thuath Mhuile, rathad na Hann. Sin na daoine aig Ailig Bàn – daoine sònraichte, làidir agus foghainteach. Nuair a thachair mise air an toiseach, bha e fhèin agus Iain, a bhràthair, leotha fhèin agus taigh beag snog aca ris an tìorra an Cuithnis. Cha robh taigh ann ach iad fhèin bho dh'fhàgadh tu an taigh-mòr no, mar a chanadh Ailig fhèin, "An Sguèar".

Bha e riamh ris na giomaich. Bhiodh an *Lochinvar* a' fàgail Thobar Mhoire mu sheachd uairean sa mhadainn agus a' dèanamh air an Oban. Nuair a bhiodh giomaich aig Ailig Bàn dheigheadh e timcheall ceann a tuath Mhuile leis an eathar aige fhèin ach am beireadh e air an *Lochinvar*. Diluain fèill nan giomach.

Tha astar math mara romhad bho dh'fhàgas tu an taigh aig Ailig Bàn an Cuithnis gus an toir thu a-mach cidhe Thobar Mhoire – Rubha Chuithnis fhèin, cladach creagach Shòrn, Peighinn Albannach, Rubha na h-Airde Mòire. Nuair a chuireas tu Rubha na h-Airde Mòire

togaidh tu an taigh-solais air Rubha nan Gall. Ach eadar thu agus an taigh-solais tha camas fada farsaing gad fhàgail eadar thu agus tìr – Camas na Fala.

Aig a' cheart àm bha dithis an Tobar Mhoire fhèin ris na giomaich, dìreach mar a bha Ailig, agus an dearbh mheud cathair aca – Dòmhnall Mac a' Phiocair agus Seumas Mac a' Mhaighstir. Diluain a bha seo chuir Dòmhnall agus Seumas na giomaich air an *Lochinvar* agus rinn iad gu muir. Tide mhath ghiomach! Cha robh iad fada air Rubha nan Gall a chur nuair a mhothaich iad eathar, agus i mar nach fhac' iad eathar riamh – a' falbh cam anns an uisge, i letheach a-null no a-nall Camas na Fala, a rèir de an cùrsa a thog i.

Rinn iad oirre. Mus do ràinig iad i dh'aithnich iad an t-cathar aig Ailig Bàn! Rug iad oirre. Bha Iain na throm-chadal san 'deana' na toiseach. Cha robh fios aige càit an robh Ailig. Dh'fhàg esan air an stiùir e nuair a dh'fhalbh iad à Cuithnis. Feumaidh gur h-e tuiteam a-mach às an eathar a rinn e, an dèidh dhaibh tighinn cho fada ri Camas na Fala.

Cha robh air ach siubhal sìos agus siubhal suas ach am faiceadh iad a chorp.

Mu dheireadh chunnacas a cheann sa chuan agus a làmh a' smèideadh mar duine a bhiodh a' feuchainn ri stad a chur air càr.

Chleachd eathar Bucach a bhith aig Ailig Bàn – mu ochd troighean deug. An dèidh sin thog an Dòmhnallach sa Phort Bheag cnapach eathair dhà no trì troighean air fhichead. Thug Ailig an *Edith* oirre agus chuir e Kelvin innte.

A-mach bhon taigh aig Ailig a-null gu cladach na Croige, tha oitir mhòr sgeirean air a bheil na Sgeirean Beaga. Air doimhne gu math a tuath air na Sgeirean Beaga, tha droch fhiacail sgeire agus i leatha fhèin – an Sgeir Mhòr. Tha i cruinn agus cho lom ri ugh, agus chan fhaic thu ris an làn i. An latha bha seo bha Ailig a-muigh leis an *Edith*. Ge b' e air bith de chuir na cheann e, 's ann a chuireadh Ailig cas air tìr air an Sgeir Mhòir.

Chuir e toiseach na h-*Edith* ris na feusgain. Leum e gu tìr, gun fiù agus ròpa na làimh. Mus d'fhuair e tionndadh agus grèim a dheanamh oirre, bha an *Edith* far nach dèanadh e grèim idir oirre!

Siud Ailig Bàn ri port air an Sgeir Mhòir. Cha robh buille snàmh aige. Cha robh duine beò far an cluinneadh no far am faiceadh iad e. Cha robh eathar eile ri muir cho fad' 's a dhèanadh e fradharc. Bha

an *Eilidh* air a toraiste fhèin agus esan na shuidhe mar colc air sgeir mhara agus an làn a' tilleadh.

Ach thàinig freasdal. Thòisich an *Edith* a' diogladh air ais an rathad a bha an sgeir. Mu dheireadh bhuail a meadhan a' chreag. Siud Ailig air bòrd leis a' chois chrùbaich! Tha sgoilearan mara ag innse gu robh dòigh aig na cailleachan againne air rud air an robh "seun" aca a chur air fir a bhiodh a' dol fo ghàbhadh.

Nach bochd a chaill iad am fasan.

Thoir Dhomh Do Làmh

Iain MacLeòid

Thoir dhomh do làmh, thoir dhomh do làmh,
 'S ged tha an saoghal fada ceàrr,
 'S e tha dhìth air tuilleadh gràidh -
 Thoir dhomh do làmh, thoir dhomh do làmh.

Mo sheanair fhìn 's do sheanair fhèin,
 Cha b' ann tric a bha iad rèidh,
 Le peilearan a' murt a chèil' -
 Ach thoir thusa dhòmhs' do làmh.

Is thuit iad fuar an cogadh faoin
 Is rinn am fuil lòn dearg mar aon;
 An cuirp san uaigh tha taobh ri taobh -
 Nis thoir thusa dhòmhs' do làmh.

Tha mis' à Nis 's tha thus' à Uig,
 'S tha 'm fear ud thall cho dubh ri sùith,
 Ach tha ìomhaigh Dhè na ghnùis -
 Tugainn leam 's thoir dha do làmh.

Ged tha mise leis a' Phàp,
 Is canaidh tu gu bheil mi ceàrr,
 Chan eil nì nach ceartaich gràdh -
 Seo mo làmh, thoir dhomh do làmh.

Am Fàinne

Eilidh Watt

Nuair a bha Màiri a' tilgeil sil chun nan cearcan, chitheadh i fàinne le saiphirean is le daoimeanan a' deàrrsadh air a meur, is bhiodh ioghnadh oirre ciamar a fhuair Iain, a fear-pòsda, a leithid. Bha e soirbh fhaicinn gu robh am fàinne luachmhor, ach dè b' fhiach e cha b' aithne do h-aon aca. Nuair a cheasnaicheadh Màiri esan, bhiodh soillseachadh eadar-dhealaichte aige a h-uile turas; ach daonnan aig ceann na sgeòil theireadh e le cinnt, "Bi thusa coma. Cha b' e a ghoid a rinn mi."

Seo mar a fhuair e e.

Bha Iain fhathast gun phòsadh ach a shùil air Màiri, ach gun chabhaig, agus is dòch' air tè no dhà eile a thigeadh na shealladh. Bha e riarichte le chrannchur, is tuathanas beag aige ga chumail gun èis is a mhàthair a' cumail an taighe dha. An dèidh latha obrach bu tric leis a dhol a-staigh don bhaile, don taigh-òsda, far an gabhadh e pinnt. Gheibheadh e naidheachan na dùthcha is ghabhadh e pàirt ann an dibhearsain a bha dol.

Bha Tormod, a chompanach bho àm sgoile, daonnan ri thaobh. Bha iad ao-coltach ri chèile nan coltas, oir bha Iain dorcha le falt dubh crasgach is sùilean mear, is Tormod bàn, le sùilean neo-chiontach, gorma. Bha e làidir, dèanta na bhodhaig, is bhon dh'fhàg e an sgoil bha e ag obair ann an sgoil-marcaiseachd, is b' esan a bha nis a' coimhead thairis air na h-eich.

B' ainneamh a thigeadh boireannaich don taigh-òsda mur biodh cèilidh no a leithid ann. An uair sin thigeadh iad le am fir fhèin, is nuair a thigeadh iad às aonais fir bhiodh ban-chompanach aca is i fhèin stòlda, suidhichte. Cha robh iarraidh air riaghailtean atharrachadh.

Air feasgar, a-null meadhan an fhoghair, thaining dithis bhoireannach a-staigh leotha fhèin is dh'iarr iad deochan neo-àbhaisteach, a chaidh a chur ann an glainneachan àrda, aimhleathann nuair a thomhais an t-òsdair iad gu cùramach. Bhruidhneadh an tè a b' òige dhiubh faclan Gàidhlig is Beurla gu fileanta. Thuirt an t-òsdair gu robh cead aca suidhe far an togradh iad – nach robh àite air a thoirmeasg.

Sgrùd ise na bha an làthair is thug i an aire do shùilean mear Iain, ged a b' e Tormod a thuir a-rithist gu robh na sùilean aicese coltach ri glumag dhorcha, dhomhainn far am bogadh tu do làmh is tu a' sireadh breac ach anns an robh a leithid de thàladh is gun laigheadh tu air do bhroinn gun chuimhn' agad dè bha thu a' sireadh. Chan eil e air aithris gun tug Iain riamh iomradh air a sùilean. Thug iad ainmean seachad da chèile is thuig iad gum b' e Inis a b' ainm don tè òig, a bha ann am beagan tìde a' brìodal ri Iain ach a' cromadh a sùilean ri Tormod an dràsda 's a-rithist.

Chaidh Tormod a-null chun a' chunntair a dh'òrdachadh tuilleadh ri òl, is nuair a thill e bha Inis is Iain ann an argamaid, esan a' cumail a-mach nach robh duine no àite a chuireadh eagal airsan. Dòcha gum b' e gnè de thàmailt no de dh'eud a thug air Tormod bristeadh a-staigh leis na faclan "Geall, Iain, nach rachadh tu leat fhèin gu Clachan Trianaoin aig meadhan-oidhche is a' ghealach slàn."

Thug Iain sùil nimheil air a charaid is thuir e gu goirid, geur, "Nam biodh adhbhar math air sin."

Thug Inis sùil thoilichte bho aodann gu aodann is thuir i gu laghach, "Nach innis sibh dhomh." B' ann ri Tormod a bhruidhinn i, ach bha a sùil daonnan air Iain.

Dh'innis Tormod eachdraidh mhi-chneasda nan clachan, is nan craobh annasach, dorcha a bha nan seasamh làimh riutha, is dh'innis e i leis a' bharrachd toileachais chionn 's gu robh tlachd Inis a' dol am meud an coimeas ri mì-thlachd Iain. Nuair a thàinig an eachdraidh gu ceann, chuir i a dà bhois bhuig ri chèile mar gu robh i ag ùrnaigh is thuir i, "Tha a' ghealach slàn an ath-oidhch'. Coinnichidh sinn aig Clachan Trianaoin."

"Tha Trianaon dusan mìle às a seo," thuir Iain gu fuar.

"Tha, ma ghabhas tu an rathad mòr," dh'aontaich Tormod.

"Seadh, is dè eile? Air iteig?" ars Iain.

"Chan ann," arsa Tormod. "Chan eil ann ach beagan is mìle tarsainn a' mhonaidh."

"Is cò a choisicheadh tarsainn a' mhonaidh aig meadhan-oidhche?" ars Iain.

"Mise," ars Tormod. "Ach chan eil adhbhar dhuinn coiseachd."

"Seadh?" gu às-creideach bho Iain.

"Mmm, bhucl, tha eich agamsa a shiùbhladh am monadh gun chas a chur ceàrr."

“Tha eich agadsa?” ars Iain.

“O bhuel, ma-tha, tha eich aig MacAsgaill, is bheir Gealach nan Càrn solas dhuinn.”

“Gealach an Abachaidh,” cheartaich Iain e gu tarsainn, fuar. Lean e air, “Is fhada bhon a chuala mi a’ chomhairle, ‘Am fear a tha dol a dh’Ifrinn, put ann e!’ Mas e sin t’ iarraidh, bidh mise a’ feitheamh aig Clachan Trianaoin aig meadhan-oidhche. Mar sin leibh.” Is dh’fhalbh e.

Bha Iain aig Trianaon mu mheadhan-oidhche, a’ mineachadh dha fhèin gum b’ e an dealta reòthte a bha a’ cur chrithean fuara air is nach b’ e nì mi-nàdarra sam bith. Ach a dh’aindeoin, bha e air a chòmhnadh nuair a mhothaich e do na marcaich, Tormod air thoiseach air seann làir ghlic aig nach robh iarraidh mhòr air a bhith a’ siubhal aig an àm seo. Còmhla ris air pilleig bha ban-chompanach Inis. Bha i air a suaineadh ann an cleòca dubh bho mhullach a cinn gu a h-adhbrannan.

Fad ’s a bha Tormod a’ toirt làmh-chuideachaidh do chompanach, rinn Iain air Inis, a leag i fhèin na ghàirdeanan sìnte thuice. Cha do rinn i oidhirp cas a chur air talamh is a làmhan mu amhaich, is ghiùlain e i gu dubhar fuar nan craobh.

Gun ghuth ri chèile, sheas Tormod is a bhan-chompanach fhèin taobh ri taobh, is ged nach robh grèim air srian, lean an làir e. Ann am beagan mhionaidean mhothaich Tormod gu robh an làir a’ maoladh a cluasan, gum faiceadh e geal sùil na làrach, gun tàinig rocan na seice, is chuir i na bha de chruaidh mu ceann gu gliongadaich. Dh’fhoghain sin da. Ar le Tormod gu robh iad fada gu leòr an siud, is dh’èigh e gu smachdail, “Bitheamaid air ar rathad,” is ann am mionaid bha e fhèin is a chompanach an àird. Cha d’ rinn Inis is Iain iad fhèin dàil, is gun chuideachadh bha ise san diollaid is esan is làmh thlàth air gualainn an eich. Rug ise air làimh air, chrom i sìos is chuir i a bilean air a mhala, rinn i gàire mear is thug i tarraing air an t-srian, is bha i air falbh. Na bhois bha fàinne a’ priobadh gu fuar. Choisich e dhachaigh air a shocair.

Chaidh seachdain seachad mun do choinnich na fir a-rithist, is cha robh guth air tachartas na h-oidhche ud gus an duirt Tormod às a’ ghuth-thàmh, “Tha mi ’m beachd gun d’fhàg an fheadhainn ud an sgìre.”

“Umph,” ars Iain, is nuair a thàinig facal eile bhuaithe b’ ann air cuspair tur eadar-dhealaichte a bhruidhinn iad.

Bha Iain ann an imcheist. Bha e airson a bhith cuidhteas am fainne. Nan toireadh e e do Mhàiri, ghabhadh i e mar ghealladh pòsaidh, is ged a bha e an làn-bheachd a pòsadh, cha robh e airson ceangal teann a bhith catarra fhathast. Bha feum aige air an taigh a mheudachadh gus am biodh àite aig a mhàthair dhi fhèin nuair a phòsadh e. B’ fheàrr dha am fainne a reic. Ach dè a b’ fhiach e? Am b’ fhiach e dad idir?

Chaidh e far an robh seudair. Chuir am fear sin inntinn ris a’ cheist. Bheachdaich e gu mionaideach air na clachan tro chòrr is aon ghlainne. Chuir e solais làidir orra. An uair sin chuir e ceistean. Thuirt Iain gum b’ ann aig a mhàthair a bha e, ach b’ fhada bhon stad i ga chosg, is a meur air at le lòinidh. An robh a mhàthair riamh thall thairis? Cha robh. Mhinich an seudair dha nach b’ e an aon dòigh a ghabhadh seudairean na dùthcha seo gus clach a ghearradh is a ghabhadh iad air taobh eile a’ chuain. An lùib sin, bu mhat leis barrachd tide mun cuireadh e pris mu choinneamh an fhàinne. Dh’iarr e air Iain tilleadh thuige an ceann leth-uair a thide.

Nuair a thill Iain bha an seudair is poileasman a’ feitheamh air ann an rùm-cùil na bùtha. Thàinig am poileasman gu cnag na cùise gun dàil. Dh’fhoillsich esan gun deach mòran de rudan luachmhor a ghoid às a’ Chaisteal bho chionn ghoirid is gun deach iarraidh air seudairean fios a chur chun a’ phoilis nam biodh iad amharasach. Thigeadh air Iain a cheasnachadh.

Nam b’ e is gun rachadh a mhàthair a cheasnachadh, bha fios aig Iain gun canadh ise gu coibhneil, “A luaidh, cha robh a leithid sin agamsa riamh.” Thogadh i meur a bha air a fiaradh le lòinidh is le obair.

Cha b’ urrainn da Tormod ainmeachadh, oir an latha a thigeadh fathann de seo gu cluasan MhicAsgaill bhiodh Tormod gun obair, gun teisteanas; is b’ e Tormod a dheagh charaid bho òige. Mar a rinn an Sealbh, cha deach ceist a chur air a mhàthair, is shìolaidh a’ chùis.

Aig toiseach an ath gheamhraidh phòs Iain is Mhàiri, aig àm a dh’fhaodadh Tormod màthair Iain a chuideachadh leis an sprèidh fad ’s a bha a’ chàraid òg air sgriob ann an Lunnainn.

Cha robh cùmhnadh acasan air airgead, is a chionn 's nach robh an tide ach goirid chaidh iad chun a h-uile dibhearsain a bha Lunnainn dheàlrach a' tathann. Ged a chòrd sin uile riutha, shàraich sràidean cruaidhe is dùmhlachd dhaoine nan cabhaig iad, is air latha shuidh iad nan rùm cadail is, ged a bha 'glosaidh' an t-aon aca fosgailte mun coinneamh, bha iad ion 's a bhith tuiteam nan cadal. Thug Màiri sùil air Iain is thuir i, "Fuirich thusa far a bheil thu, is thèid mise leam fhìn a thoirt suil eile air bùthainean."

Seo mar a bha, is dh'fhalbh Màiri air a turas. Ach shàraich sàilean biorach i, is nuair a chunnaic i àite far nach robh ach beagan dhaoine beusach nan suidhe fada bho chèile ann an rùm farsaing, foiseil, chaidh i staigh is shuidh i aig bòrd iomallach. Thàinig nighean a bha a' frithealadh is dh'iarr Màiri cupa tì. Thuir ise gu fuar, "Tha poit tì do dh'aon neach còig notaichean."

"Gasda fhèin," arsa Màiri, mar nach b' fhiach leatha na bu lugha. Nuair a thill i, thuir i, "Gabh siud dhut fhèin" is shìn i bonn not dhi.

Lìon Màiri cupa tì dhi fhèin is shuidh i air ais a' coimhead mun cuairt, is b' ann an uair sin a fhuair i cothrom mothachadh do dhithis bhoireannach nan suidhe astar beag bhuaipe. Bha boireannach is a cùlaibh rithe, is tè na bu shine a' coimhead oirre le leithid de mhì-rùn is ged a bhiodh i air a bhith a' slupraich a tì às a sàsar. Chan fhaca Màiri a leithid de shùilean dubha, nàimhdeil ach ann an ceàrd nan spàinean. Gus sealltainn nach robh am mì-rùn seo a' cur dragh sam bith oirre, chuir Màiri a h-uileann gu socair air a' bhòrd, is a' cur taic ri smeigead chuir i an làmh air an robh fàinne le saiphirean is daoimeanan a' deàlradh.

Riamh cha do thuig Màiri dè chuir an cuthach dearg air a' bhoireannach, oir cha tuigeadh i facal den chànain anns an robh ise cho fileanta. Thionndaich a ban-chompanach aodann mear ri Màiri, choimhead i gu dian oirre, ach gun ghamhlas. Ar le Màiri gun do chaog i sùil rithe mun do thionndaich i bhuaipe a chur casg air ruapais a bana-chompanaich, nach tug a sùilean nimheil far Màiri.

Nuair a thill Màiri far an robh Iain, phaisg esan seachad an glosaidh air an robh e air a bhith a' coimhead fad ùine. Air duilleig mhòir bha dealbh boireannaich a dh'aithnich e, ar leis, ged a b' ann às Ameireaga a Deas a bha i, is a bha ion 's cho beartach ri Ban-rìgh Bhreatainn, is i ag agairt eòlas air buadhan mì-chneasda.

“Seadh a-niste?” ars Iain nuair a thàinig a bhean a-staigh.

“Cha creid mi nach fhaca mi na dh’fhòghnas de Lunnainn.”

“An tèid sinn dachaigh, ma-ta?”

“A-màireach fhèin,” ars ise.

Chaidh iad dhachaigh, is chuir Màiri dhith am fàinne, gun fios aice carson, is stad i a chur cheistean.

Dòcha nuair a bhios Iain na sheann duine gun innis e do na h-oghaichean ciamar a fhuair e am fàinne. Cha chreid iadsan e nach do chuir còlas air Clachan fuara Trianaoin.

“Chan eil am Mòd mar a chleachd e bhith”

Seonag NicLeòid

Tha e glè dhoirbh smaoinichadh dè ghabhas a ràdh no a sgrìobhadh mun Mhòd nach deach a ràdh roimhe. 'S iomadh moladh is càineadh a fhuair e. Nuair a chuimhnicheas mi air na Mòdan aig an robh mi – dà fhichead co-dhiù – 's e cho fìor mhath 's a chòrd iad rium a tha tighinn gu m' aire. Bhiodh boir-cannach còir nach eil beò an-diugh glè thrìc a' ràdh rium, “Chan eil am Mòd mar a chleachd e bhith”, agus cha b' ann a' moladh nan atharraichean a thàinig air a bhitheadh i. Thàinig gu dearbh iomadh atharrachadh, cuid dhiubh math is cuid nach robh math idir.

Tha mòran a bharrachd fharpaisean ann na chleachd. Tha fileantaich is luchd-ionnsachaidh ann am farpaisean air leth. Chan e a-mhàin gu bheil sin nas fheàrr, ach tha e nas ciallaiche cuideachd. Tha brosnachadh a bharrachd ann do luchd-ionnsachaidh fàs nas fileanta anns a' chànan ma tha iarraidh aca air feuchainn airson a' Bhuinn Oir. Chan e “Dè an t-ainm a th' ort?” agus “Cò às a tha thu?” na dh'fheumas iad a fhreagairt anns a' cheasnachadh an-diugh.

Tha inbhe agus àite aig seinn anns an t-seann nòs, agus tha buinn òir an lùib nam farpaisean seo. Seo an seòrsa seinn a bha dualach do ar daoine, 's tha e glè thaitneach a bhith faicinn uimhir a dheagh sheinneadairean a' gabhail pàirt anns na farpaisean seo.

Tha barrachd dràma a' tighinn am follais aig na h-inbhich agus, nas fheàrr buileach, aig a' chloinn. A bheil cuimhn' agaibh air *Jelly a' Cho-op* agus air a liuthad rann is sgeulachd a chualas aig a' chloinn bho chionn beagan bhliadhnaichean? Tha oidhirp mhath air a dèanamh gus bàrdachd is sgeulachdan freagarrach a thoirt dhan chloinn, 's bha làn-àm ann sin a dhèanamh.

'S e aon ghearan a th' agam. Bha uair a bha àite agus urram air a thoirt dhan bhàrd. An-diugh, mura leugh thu ainm anns a' phàipear, 's gann gun cluinn thu cò e. Cha robh mòran a' gabhail àite aig cuirm chrìochnachaidh a' Mhòid anns an robh uimhir a dh'ùidh aig daoine ri Crùnadh a' Bhàird. Dh'fhaodainn a ràdh gun d'rinneadh an toiseach cùis-bhùrta dheth, 's an uair sin gun do chuireadh às dha gu buileach.

Tha bàird òga ag èirigh suas an-diugh agus cuid dhiubh glè mhath. Saoil nach biodh e na mhisneachadh do dh'fheadhainn òga eile aig a bheil gihht na bàrdachd a cur gu feum nam faiceadh iad na bàird a' faighinn an urraim is na h-inbhe a chleachd a bhith aca – “sàr-urram a' Mhòid.”

Naidheachd bheag anns an dealachadh. Bha mi uair a' tilleadh bho Mhòd air an tràan còmhla ri duine urramach a chuir an cèill dhomh ann am beagan bhriathran a bheachd-san air a' Mhòd. “Dè,” thuirt e, “a tha sibh a' smaoinichadh am feum a tha sibh a' dèanamh? Tha a' Ghàidhlig tinn – gu dearbha, faodaidh mi ràdh gu bheil i an galair a bàis.” Thuirt mi ris gu robh mi smaoinichadh gum bitheadmaid le chèile marbh roimhe. Chaochail an duine còir bho chionn beagan bhliadhnaichean, 's tha mise cuideachd air a dhol pios math leis a' bhruthaich, ach 's e mo bharaile gur h-ann a tha a' Ghàidhlig a' beothachadh.

Làithean na h-Oige

Iain M. MacLeòid

Bha Iain is Ruairidh dusan bliadhna dh'aois anns a' bhliadhna 1936, agus b' e deagh chompanaich a bh' anna.

Aig àm na Nollaige thuirte Murchadh, am balach bu shine anns an sgoil, gum feumadh a h-uile balach anns an sgoil Duan na Callainne ionnsachadh agus i bhith aige air a theanga ron dara latha deug den Fhaoilleach – Oidhche na Callainne.

Ged is e a' Ghàidhlig a bha aig na balaich gu lèir mar an cainnt mhàthaireil, cha robh mòran ùidh sa chànan sin aig an luchd-teagaisg anns an sgoil; 's e Beurla agus cunntas an dà phrìomh chuspair a bha air an teagaisg. Co-dhiù, choinnicheadh na balaich air an rathad-mhòr gach oidhche agus chanadh Murchadh, “Ionnsaichidh sibh a-nochd

Taobh an fhearainn, taobh a' phlocain,
Nochd oidhche na deagh bhinn air an uinneig;
Thàinig mi gu modhail, eòlach
An àm tòiseachdainn na Callainn;
Cha leig thusa leas sin inns' dhomh –
Bha i ann bho linn mo sheanar.

Duine sam bith nach bi siud aige air a theanga an ath-oidhch', gheibh e a dhòlas.”

An ath oidhche bhiodh siud aca air an teanga – 's dòcha le beagan brosnachaidh bho Mhurchadh anns an sgoil an latha sin fhèin. Fhad 's a bhiodh iad a' coiseachd an rathaid leanadh e air:

Leis an tart a th' anns an dùthaich,
Chan eil dùil agam ri drama;
Ach rud beag de mhath an t-Samhraidh –
Ma tha e ann, cuir a-mach e.

Oidhche an dèidh oidhche leanadh seo a' dol, Murchadh a' teagaisg a' chòrr dhen Duan dhaibh.

Bhean an taigh', theirg suas;
Geàrr cùl càbaig, 's na geàrr d' òrdag.
Thoir an leòr do mhuinntir an taighe
Is thoir a' bhonnag dhòmhsa.

Gabhaidh sinn an t-aran gun an t-ìm,
 Gabhaidh sinn an t-ìm gun an t-aran;
 Gabhaidh sinn a' chàis leatha fhèin –
 Carson a rèisde bhiodh sinn falamh?
 Ach aon rud a tha i 'g àicheadh dhuibh –
 Siolagan de bhuntàta carrach;
 Chan eil iad furasd' an giùlan,
 Chan eil iad sunndach 's chan eil iad fallain,
 Is cumaidh iad seachd tràth gun èirigh
 Am balach as trèine th' anns a' bhaile.
 Tha Challainn an seo!

Nuair a gheibheadh iad rudeigin ann an taigh, dheigheadh an t-aitreabh a bheannachadh mar a leanas:

Beannaicht' gu robh an taigh is na th' ann,
 Eadar chrodh is chaoraich,
 Is slàinte dhaoine gu robh ann!"

Mura faigheadh iad càil ann an taigh – agus gu dearbh 's ann ainneamh a thachradh sin – dheigheadh muinntir an taighe sin a mhallachadh mar seo:

Gum biodh do mhionach aig na starragan
 Air na feannagan ro Latha Fhèill Bride.

Nach iad a bha borb!

Bhiodh cuirm mhòr ann an taigh air choreigin anns a' bhaile air Oidhche na Callainne, ach 's iomadh mionach goirt a bhiodh anns a' bhaile làrna-mhàireach.

'S e an ath rud a bhiodh aig na balaich ri coimhead ris an tràigh fhaochag – an tè bu mhotha, tràigh mhòr Fhèill Bride. Dh'fhuirich Iain is Ruairidh às an sgoil nuair a bha reothart ann, agus chrunnich iad poca fhaochag. Nuair a thuit an oidhche chuir iad am poca fhaochag ann am bara-cuibhle agus dh'fhalbh iad leis fad mìle gu bùth a' cheannaiche – an aon fhear anns a' bhaile a bhiodh a' ceannach fhaochag.

Mar a bha an reothart làn, bha a' ghealach slàn, agus air an rathad gu bùth a' cheannaiche cò a thachair riutha ach am maighstir-sgoile. Dh'aithnich e iad ann an solas na gealaich agus thuirte riutha, "Dè th' agaibh anns a' bhara?"

“Tha faochagan,” ars iadsan.

“An toir sibh dhomh dhà no trì?” ars esan.

Stob Iain is Ruairidh an crògan dhan phoca agus lion iad pòcaid dheas seacaid chlà a’ mhaighstir-sgoile gus an robh i loma-làn. Lion iad an uair sin pòcaid chli na seacaid aige. Làrna-mhàireach cha do dh’fhaighnich e idir carson nach robh iad anns an sgoil an latha roimhe sin; feumaidh e bhith gun do chòrd na faochagan ris!

Fhuair iad leth-chrùn an ciorda air na faochagan, ach chuir e tàmailt orra cho mòr ’s a bha ciorda a’ cheannaiche – bucaid mhòr uabhasach!

Nuair a nochdadh copag na Bealltainn thilgeadh na balaich am brògan, oir cha robh mòran an èis dhiubh co-dhiù, agus bhiodh iad a’ falbh cas-rùisgte. Bha na bonnan aca car maoth an toiseach, ach cha b’ fhada gus an cruadhaicheadh iad. ’S e a’ chiad dùbhlán a bh’ ann cò a ruitheadh tarsainn air mòintich far an robh falaisgear air a bhith; agus an dara dùbhlán, nuair a thigeadh am Foghar, cò a ruitheadh tarsainn air raon coirce a bha air ùr-spealadh. Dhèanadh Iain is Ruairidh seo ged bu chràiteach a bhiodh na bonnan aca – ach cha leigeadh iad sin orra idir!

Rè an t-Samhraidh is nan làithean-saora bhiodh an dithis bhalach a’ falbh air feadh a’ bhaile, air feadh nan cladaichean is air feadh nam mòintichean a’ lorg cur-seachad dhaib’ fhèin, oir cha robh rèidio no telebhisean aca, ged a bha rud na b’ fheàrr aca – am mac-meanmainn fhèin. Cha chualas iad a-riamh ag ràdh mar a chanas cuid de ghinealach an là an-diugh anns an droch Ghàidhlig a tha cho bitheanta: “Tha mi bored!”

Bha Iain is Ruairidh aon latha a’ cleasachd air beulaibh bothan beag dubh, far an robh seann bhodach is a chèile a’ fuireach, nuair a thàinig am bodach a-mach agus a thuirt e, “Trobhadaibh a-steach ach am faigh sibh dà bhuntàta.” Bha fhios aig a’ bhodach air firinn an t-seanfhaicail “Balach òg is e ri fàs, dh’itheadh e mar mheileadh brà”, ged nach robh cus ann ri ith anns na làithean a bha siud. Nuair a thàinig Iain gu ire sgrìobh e:

Chanadh nàbaidh rium gu suilbheir,
 “Thig a-steach is ith buntàta”;
 Ged nach robh ac’ mòran stòrais,
 Rud a bh’ aca, gheibheadh càch e.

Sin mar a bha cùisean nuair a bha na balaich a' fàs suas, ach cha cheadaich tide leudachadh air a' chòrr de chaitheamh-beatha nam balach – na sòlasan agus na h-àmhghairean a bha fuaighte nan crannchur.

Thàinig an cogadh agus ghabh Ruairidh san Arm agus Iain anns an Fheachd Adhair. Sgrìobh Iain agus an cianalas air:

Ged tha mi 'n seo nam fhògarrach
 Ann am fàsaichean na h-Eipheit,
 Gur tric a thèid mo smuaintean
 Thar chuain is chluan gu Leòdhas.
 Is tric a tha mi smuaineachadh
 Air làithean mear ar n-òige,
 Nuair bha sinn ruideil cas-rùisgte
 Tro ghleann is bheann bha bòidheach,
 A' sireadh mhil is dhearcagan,
 Ag iasgach loch na mòintich,
 A' ruith an dèidh nam caileagan
 Le gaol an toiseach tòiseachaidh.

Chaidh Ruairidh a mharbhadh gu h-obann ann an tubaist-rathaid goirid an dèidh a' Chogaidh, ach tha Iain beò fhathast is gu tric a' cnuasachadh air làithean mear an òige.

An Coigreach

Dòmhnall Mac a' Phiocair (Sgoil Lionacleit)

Chùm mi orm thuige gu faiceallach. Duine meadhanach mòr a bh' ann. Coltas Innseanaich no ceàird. Choimhead mi air gu geur. Aodach bian beathaich agus màileid air a dhruim. Tuagh mhòr crochte mach aiste, le itean buidhe-ruadh air a làimh.

Choisich e seachad orm aon taobh den rathad gun choimhead orm. Thug mi sùil air ais air agus ann an solas na gealaich chithinn e a' tuainealaich bho thaobh gu taobh.

Rinn mi cabhag orm dhachaigh gun eagal no gealt. Ghabh mi mo shuipear.

B' e m' àbhaist cuairt a ghabhail a-mach, nan ceadaicheadh an tìde, mus rachainn a chadal.

Bha a' ghealach a-nis à sealladh air cùl sgòthan.

Ann an dorchadas ruig mi a' choille aig ceann an rathaid. Shoilleirich a' choille timcheall orm. Deàrrsadh mòr buidhe. An uair sin fuaimean mar bhruidhinn. Lean mi seo a-steach an lùib nan craobhan.

Saoil an robh còir agam dèanamh dhachaigh?

Chaidh mi staigh na b' fhaide. Teine mòr agus fàileadh losgaidh às an sin. Deichnear dhaoine a' dannsa timcheall air. Ghluais mi gu cùl craoibh.

Chaidh iad air an glùinean a dh'ùrnaigh. Laigh mo shùil air aon. Am fear neònach a chunnaic mi feasgar a' dannsa timcheall orra agus an tuagh iteach air a crathadh os a chionn!

Cha b' e seo m' àite. Rinn mi cabhag air falbh. Cha tuirt mi guth ri duine. Dè a chunnaic mi? Rinn mi air ais. Cha robh sgeul air duine. Làrach loisgte anns an fheur. Làrach cumadh tuaigh. Bhual e orm. Adhradh don t-Sàtan. Mallachd air an duine a chunnaic.

Chan fhaca mi an coigreach gu siorraidh tuilleadh.

An Gorm

Iain Mac a' Ghobhainn

Tha mi dol a sgur a dh'òl.

Chan eil càil a chuimhn' agam cuin a thàinig mi dhachaigh a-raoir, ach tha gearradh air m' aodann.

An ann a-raoir a bha am buaireadh agam ri cuideigin an dèidh do Rangers call? Tha an gearradh seo gu math dona, agus tha mo bhilean air sèideadh.

Brùite, briste, gorm...

Agus tha mo sgòran tioram. Nach fheàrr dhomh a dhol air ais don leabaidh, is mi diomhain co-dhiù? Na soithichean fhathast anns an t-sinc, 's duslach air feadh an taighe, 's botail fhalamh air an làr.

'S fheàrr dhomh an uinneag fhosgladh: tha fàilcadh àraid air feadh an taighe.

Latha na Sàbaid: latha sàmhraidh.

Chan eil fhios nach e tuiteam a rinn mi. Neo thug cuideigin sgleog dhomh anns a' bhathais.

'S chaill Rangers. Rangers – gorm. Celtic – uaine.

An t-adhar is an talamh.

Tha mo cheann cho goirt, 's mo sgòran cho tioram.

Chunnaic mi Rhoda an-dè, ach sheall i air falbh.

Tha an TV a' dol os mo chionn. 'S cinnteach nach e *Neighbours* a th' ann air Latha na Sàbaid.

A' choimhearsnachd.

Thug cuideigin buille dhomh, fear mòr àrd le stais. Thuirt mi rudeigin ris: thug mi dhà tàthag. Tha mi smaoineachadh gun do chuir iad a-mach mi.

'S an dèidh sin choisich mi dhachaigh. 'S bha am fear seo a' coiseachd còmhla rium fad na tìde – aodach dubh air; aodann tana geal. Gruamach.

Cha robh e ag ràdh smid. Tha mi smaoineachadh gu robh e ag ithe coiridh.

Feumaidh mi sgur a dh'òl is obair fhaighinn.

Chan eil mi toilichte leis an sgàthan. Tha e gluasad gun sgur 's tha e dèanamh m' fhuilt liath.

Thuir mi ris an sgàthan an-dè, Cuimhnich, chan eil mise ach
ochd air fhichead. Carson nach eil thu ag innse na firinn?

Tha balach gu h-ìosal an sin is bailiùn dearg aige. Bailiùn dearg.
Saoghal. Saoghal aotrom. Cho aotrom. Bha gach nì an toiseach
cho aotrom, 's an-diugh cho trom. Tha mo chorp trom, tha mo chasan
trom, tha mo cheann trom.

Bailiùn cho trom ri clach.

'S tha fàileadh bho mo sheacaid. Feumaidh e bhith gun do
dhìobhair mi. A thruaghain bhochd, feumaidh mi ràdh ris an sgàthan.

Agus Rangers 's na brataich, 's gach nì cho gorm, coltach ris an
adhar, 's an dòchas, an dòchas.

'S chaill iad. Chaill iad a-rithist. Chaill mise a-rithist.

Shàth cuideigin snàthad tron a' bhailiùn. 'S chan eil ann ach
raga, a dh'aindeoin cùise.

'S tha an latha cho fosgailte, grianach, 's tha mise an seo.

Tha am bailiùn a' sgiathalaich. Cho ciùin, cho brèagha.

Carson a tha mi gal? Coltach ri nighean. Ris an latha a dh'fhàg
i, 's an taigh cho sàmhach.

Chan urrainn dhomh sgur a dh'òl. Mar a thionndaidh i air falbh
bhuam, coltach ri srainnsear. Air Sràid Sauchiehall. 'S thàinig bus
mòr eadarainn. Bha còta ùr gorm oirre: feumaidh e bhith gu bheil i
ag obair.

Tha seo amaideach. Chan fhaigh mi air sgur a ghal. Mar gum
biodh uisge air an uinneig. 'S am bailiùn ud cho aotrom.

Na deòir a' dòrtadh. Tha iad ag ràdh gu bheil tòrr bùirn ann an
corp an duine.

'S Rhoda ann an còta gorm gam fhàgail.

'S am bailiùn a' falbh air feadh an adhair.

Dealachadh

Anna Frater

Cheannaich e thu mar thràille,
a' creidsinn
air sgàth 's gur ann le òr a phàigh e
gum biodh tu modhail.

Thug e air èiginn thu
uair an dèidh uair;
thug e ort a dhol a shabaid dha
fhad 's a bha e fhèin 'na shuidh'
ri taobh an teine;
chuir e air falbh do chlann
mus fhàsadh iad neartmhor
agus lion e a bhroinn le do bhiadh
fhad 's a bha thu a' gal leis an acras.

Ghoid e gach nì a bh' agad:
ghoid e na fàdan a-mach às do theine;
ghearr e do ghruag agus reic e i;
thug e 'n fhuil fhèin
a-mach às do chuislean,
agus rinn e siùrsach dhiot,
ga do reic ri chuid fhèin.

Alba àlainn,
cuimhnich
air a' bhean uasal a bh' unnad,
agus bris am pòsadh seo
mus bi na trì ceud bliadhna suas.

Imcheist is Dùil

Niall M. Brownlie

Dèan an cadalan samhach, mo leanabh,
 Gu suaimhneach am broilleach do mhath'r;
 Gabh thusa do shith is do shocair,
 Gu sàbhailt' a-nochd biodh do thàmh.
 Dèan thusa an t-suain tha gun smalan
 Gus an dùisg thu aig bristeadh an là:
 Tha d' athair na shineadh san fhaiche
 'S mo chridh'-sa an impis bhith sgàint'.

Is fhada on chailleadh do sheanair –
 Tha chadal fo thonn an t-sail;
 Chuir an nàmhaid a-sìos e don aigeann
 Nuair bhuail e le staoin-èisg a' bhàis.
 Chaidh flùr ùr na h-òige a ghearradh
 Anns a' chogadh dh'fhàg dachaighean fas,
 Ach nach diomhain bha iobairt a bheatha –
 Cha robh san t-sìth a bha againn ach sgàil.

“Cha leig sin air diochuimhn' na gaisgich
 Sa mhadainn aig bristeadh an là,
 No rithist aig ciaradh an fheasgair
 Nuair theid eunlaith nan speuran mu thàmh.”
 Ach chuir sinn an dimeas an gealladh
 A fhuair sinn bho bhilean a' bhàird:
 Mun deachaidh ach fichead bliadhn' seachad
 Bha 'n saoghal an cogadh an sàs.

Tha d' athair an-diugh 's e na shineadh,
 Fuil bhlàth-dhearg a chridh' air an làr;
 Nach cruaidh agus daor dhomh an iobairt?
 Nach geur ann am chridh'-sa a bhàs?
 Seo agad, mo phàisde, an dileab
 Chaidh innseadh an sgrìobhadh nam fàidh.
 A chaoidh an tig sìth air an t-saoghal?
 Gu bràth an tig faochadh air cràdh?

Nach beag bha dar n-ùidh anns na laoiach ud
 A choisinn dhuinn saorsa lem bàs;
 Nach truagh nach do sheas sinn gu dileas
 Do gach nì chaidh a sgrìobhadh 's a ràdh;
 Gheall sinn nach dèanamaid diochuimhn'
 Air na dh'fhàgadh nan sineadh sna blàir;
 Ach nach luath dh'fhàg na bòidcan ar n-inntinn –
 Tha linn ùr na sineadh sa bhàs.

Am fàg sinn an talamh lom, rùisgte,
 Gun duilleach, gun fhùran a' fàs;
 Am fàg sinn gach baile na smùrach
 Le sannt airson dhùthchannan chàich?
 Le teine is pronnasg is fùdar
 Is innleachdan ùra a' bhàis,
 Am fàg sinn an saoghal na fhàsach
 Gun àite don phàisde no mhàth'r?

Fad 's bhios anail na beatha sa chùirt seo
 Bidh dùil gun tig dusgadh air gràdh,
 'S gun till rian agus sith ri gach dùthaich –
 Sin mo ghuidhe às ùr do gach pàisd'.
 Tog suas iad an gliocas 's an cùram
 Is fosgail an sùilean gu gràs;
 A Rìgh a tha riaghladh na h-ùir seo,
 Bean riusan gu mùirneach am bàidh.

A' chiad dhuais aig Mòd Nàiseanta Shruighlea, 1987.
 © Na còraichean glèidhte.

Clàrsach Innse Gall

Cailein T. MacCoinnich

Tha 'n oidhche fuar 's an cuan fo cheò,
Tha guileag bhròn sa ghaoith;
Tha ceann na màthar crom fo leòn,
'S i caoidh nan seòid nach till.

Tha guth na faoilinn 's fàth a sgeòil
'N co-shèisd ri bròn nan stuagh,
Far a bheil Innse Gall sna neòil
Na h-ònar caoidh a sluaigh.

Far am bu shunndach uair an ceum
Ri uchd an t-slàibh 's mun tràigh,
Gach làrach lom do aon a chèil'
Ag aithris sgeul na bha.

Chan fhaiccar òigear triall tron ghleann
No bean is clann mun chrò;
Chan fhaic thu 'n Gàidheal sealg nam beann –
Aig sliochd nan Gall tha chòir.

B' an-diadhaidh reachd, 's b' an-ìochdmhor làmh
Chuir lagh na nàir an gnìomh;
Dh'fhàg cabair lom ar daoine' nan smàl,
'N t-seann bhean 's am pàisd' gun dìon.

O sibhse, pòr na thriall thar chuan
'S a dh'fhuadaicheadh thar sàil,
Na ceilibh sgeul na h-àmhghair thruaigh
No 'n eachdraidh chruaidh bhor n-àl.

Ged tha bhur ceum san dùthaich thall
'S an t-slighe nall leibh sgìth,
Tha clàrsach àghmhor Innse Gall
A' seinn le fonn nur cridh'.

Ach faic air fàire bhàrr nam beann
Ciad sholas fann an là;
Cluinn guth na smeòraich, toirm nan allt
Le gealltanais nan gàir.

Tha mhadainn bristeadh oirnn às ùr,
Og-mhadainn chiùin an àigh
San tiormaichear na deòir on ghnùis
Tha fliuch le tùrs' nan àl.

Glaschu tro Shùilean nam Bàrd

Iain MacLeòid

Anns an leabhar aige, *Na Guthan*, tha sgeulachd aig Iain Mac a' Ghobhainn mu dheidhinn boireannaich òig à Leòdhas a' fuireach ann an Glaschu agus cho toilichte 's a bha i a dh'aindeoin cho bochd 's a bha an taigh anns an robh i a' feitheamh gus an tigeadh an duine aice dhachaigh à muir. Nach iomadh boireannach Gàidhealach a bha a' feitheamh anns an aon dòigh, oir tha an ceangal eadar Glaschu agus na Gàidheil a' dol gu math fada air ais.

Alasdair nan stòp ann an Sràid a' Chùil,
Sin an duine còir air a bheil mo rùn;
Alasdair nan stòp ann an Sràid a' Chùil,

arsa Donnchadh Bàn nan Oran ann an dàn a rinn e a' moladh a charaid, Alasdair Caimbeul, seann saighdear à Gleann Urchaidh, a bha a' cumail taigh-seinnse ann an Sràid a' Chùil, Back Wynd, ann an Glaschu, sràid a bha a' ruith eadar Sràid Margaidh an t-Salainn, Saltmarket Street, agus Sràid Stockwell. Tha e coltach gum biodh am bàrd, an dràsda 's a-rithist, a' toirt sgrìob a-nall à Dùn Eideann, far an do chuir e seachad dàrna leth a bheatha, a dh'fhaighinn crac mun t-seann dùthaich agus, is cinnteach, drama no dhà.

Bha bàrd mòr Gàidhlig eile na h-ochdamh linne deug ann an Glaschu mu thrì fichead bliadhna mus d' rinn Donnchadh an t-òran sin. B' e am fear sin Alasdair MacDhòmhnaill, Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, à Aird nam Murchan. 'S e mac ministear a bha gu math càirdeach do Mhac 'ic Ailein, Ceannard Chloinn Raghnaill, a bha ann an Alasdair, agus chuir e seachad greis ann an Oilthigh Ghlaschu. Fhad 's is fhiosrach sinn, cha d' rinn Alasdair aon òran a' moladh no a' di-moladh Ghlaschu, ach is dòcha gur e bu chòir airson sin gu robh inntinn 's a chridhe ann an àite eile. Phòs e Sine Dhòmhnullach, nighean Fear Dhail an Easa ann an Gleann Eite, agus bha aige ris an t-Oilthigh fhàgail.

Gheibh sinn Margadh an t-Salainn air ainmeachadh ann an òran a rinneadh anns an dàrna leth dhen naodhamh linn deug. Tha Dòmhnall Mac a' Phearsain (fear nach aithne dhomh a bhuinteanas) a' ràdh ann an *Oran do Ghlaschu*:

Dol tro Mhargadh an t-Salainn,
 Far an lionmhor luchd-malairt an èisg,
 'S iomadh bodachan peallach
 Bhios a' seinn air gach ealaidh fon ghrèin;
 Cailleach mhòr, bhuidhe, ghrisfhionn
 Fighe stocaidh is piob ann a beul,
 Ag èigheach, 'Sgadan Loch Fìne!
 'S i air tùchadh le innse nam breug!

Agus tha Iain MacPhàidein à Muile ann an *Oran Margaidh an t-Salainn* a' toirt dhuinn dealbh air hòrò-gheallaidh a bha ann uaireigin mun àm seo:

Nuair a thòisich an tuasaid bu chruaidh a bha 'n
 sadadh,
 Bha slaodadh air cluasan is struaiceadh air claiginn,
 Gach fear air a bhualadh le spuaic air a' mhalaidh,
 'S e glaodhaich air caraid gu streup.

Saoilidh mi gu bheil Sràid Margaidh an t-Salainn air fàs nas stòlda agus nas sìobhalta on uair sin.

Ann an dàrna leth dhen naodhamh linn deug bha am bàrd Gàidhealach Uilleam MacDhùn-lèibhe à Ile a' fuireach aig Sràid Dale ann an Glaschu. 'S e duine caran sgaiteach, crosda a bha ann an Uilleam, agus bha beatha gu math cruaidh aige; ach a dh'aindeoin sin, lean e air a' dèanamh bàrdachd, na measg an t-òran ainmeil *Fios chun a' Bhàird*, agus ag eadar-theangachadh à cànaichean eile a bha e air ionnsachadh ged nach d' fhuair e mòran tìde anns an sgoil.

Bha "Fionn" – Eanraig MacGilleBhàin, à Eisdeal, fear-sgrìobhaidh dha na pàipearan-naidheachd, agus fear a bha e fhèin a' sgrìobhadh agus ag eadar-theangachadh bàrdachd – a' fuireach ann an Glaschu mun àm seo cuideachd. 'S e a rinn an t-òran *Fuadach nan Gàidheal*, agus bha e dhen fheadhainn a chùm taic is cuideachadh ris na croitearan Gàidhealach aig àm Cogadh an Fhearainn.

Bha Màiri Nighean Iain Bhàin, Mairi Mhòr nan Oran, neach eile a rinn obair cho ionmholta aig àm Cogadh an Fhearainn, a' fuireach anns a' bhaile eadar 1872 agus 1876. Bha i ag ionnsachadh obair banaltraim agus bean-ghluine anns an Taigh-eiridinn Rìoghail agus a' leantainn na dreuchd sin ann an Glaschu agus ann an Grianraig. An deaghaidh dhi Glaschu fhàgail, thill i na h-uiread a thursan a

sheinn aig cèilidhean nan Sgitheanach. Anns an òran *Camanachd Ghlaschu* tha i ag innse mar a thill na gillean bhon chluich le pìobaire air an ceann:

Nuair chuireadh am blàr,
 Gun choisich na sàir
 Le pìob gu Sràid an Dòchais leo.

Mar a bha na Gàidheil co-dhiù, is ann ris an t-seann dùthaich a bha na faireachdainnean a bu làidire aig na bàird ceangailte. Chì sinn sin anns an òran a rinn Iain Camshron à Baile Chaolais, agus sùil aige ri dhol dhachaigh às a' bhaile airson saor-làithean an t-samhraidh anns a' bhliadhna 1856:

Fàgaidh mi ùpraid, sùrd agus glgarsaich
 Dh'fhaicinn an fhuinn anns an cluinnteadh a'
 chagarsaich,
 Fàgaidh mi cùirtean dùint' agus salach
 A dh'amharc air gleannaibh nam bò.

Agus thuirt Murchadh MacLeòid, am bàrd Leòdhasach:

On thàinig mi Ghlaschu
 Tha m' aigneadh fo bhròn,
 'S mi call mo chuid claidneachd
 Le glagraich nan òrd.

An uair a bha Gilleasbaig Alasdair mac Iain 'ic Nèill, bràthair mo sheanar, ag ionnsachadh na saorsainneachd ann am Port Dundas ann an Glaschu, thuit e anns a' chlais-uisge agus, an deaghaidh a shàbhaladh, rinn e òran a tha a' tòiseachadh

Aig sruthan coimheach Bhàbiloin
 A ta mi greis an cèin

anns a bheil e ag innse nach e a-mhàin gu robh e na fhògarrach "làimh ri aibhnichean Bhàbiloin" ach gun d'fhuair e a bhogadh annta!

Tha pàirt dhen bhàrdachd mar a tha i, ach tha i a' sealltainn dhuinne as urrainn a tuigsinn fhathast an ceangal dlùth a bha eadar Glaschu agus na Gàidheil. Thuirt cailleach Sgitheanach aon uair, 's i a' sìor fhaicinn feadhainn a' togail orra a Ghlaschu, "Tha Glaschu coltach ris an t-siorraidheachd. Gabhaidh e a h-uile duine a thèid ann!"

Bha riamh barail mhath aig na Gàidheil orra fhèin an taca ri muinntir Ghlaschu, feadhainn a ghabh gu ìre mhath gu càirdeil agus gu fad-fhulangach ri iomadh coigreach eile a bharrachd air na Gàidheil. Saoilidh mi gun do thoill muinntir a' bhaile 's dòcha barrachd molaidh na fhuair iad ann am bàrdachd nan Gàidheal. Ach tha aon de bhàird mhòra na linne seo, Ruaraidh MacThòmais, a' coimhead le sùil bhàidheil air muinntir Ghlaschu anns an dàn *Sràid ann an Glaschu*, anns a bheil e a' dèanamh dealbh air sràid ann an Glaschu air oidhche foghair anns na 50an, no na 60an, dàn a tha a' crìochnachadh leis na faclan seo:

'S e grian foghair is saorsainn feasgair
 a chruinnich na blàthan daonda cneasd seo
 air sràid anmoch am baile Ghlaschu
 goirid mum facas na speuran laiste.

Tha e coltach nach eil na ceanglaichean a bha a' cumail Gàidheil Ghlaschu còmhla cho daingeann 's a bha iad, ach tha eachdraidh nan Gàidheal toinnte ann an eachdraidh a' bhaile air leithid a dhòigh 's nach gabh iad toirt às a chèile.

**Dòmhnall MacThòmais, OBE, MA, FEIS:
“Fear beag a’ chridhe mhòir”**

Alasdair Iain MacLeòid

Se dilleachdan a bh’ ann an Dòmhnall agus bhuineadh e do Lìonal, ann an Eilean Leòdhais. Bha a leanabachd agus òige glè ghoirt ach, le neart bodhaig agus buadhan inntinn, rinn e a rathad gu Sgoil MhicNeacail. Nuair a chrìochnaich e cùrsa an fhoghlaim ann an Steòrnabhagh, mar iomadh Leòdhasach tèoma smiorail eile, thog e air gu Oilthigh Obar-Dheathain. Thug e a-mach M.A., le urram ann an Gàidhlig.

Chuir e seachad beagan bhliadhnaichean a’ teagaisg ann an Obar-Dheathain agus ann an Leòdhas mun do shuidhicheadh e air ceann Roinn na Gàidhlig ann an Ard-Sgoil an Obain, a’ gabhail àite Leòdhasach comasach iomraiteach eile, Aonghas MacLeòid nach maireann. Phòs e Catriona NicIlleathain às Liùrbost agus fhuair iad ceathrar a theaghlach. Chaill iad gille aig aois chòig bhliadhna, ann an tubaist ri droch shìde. Cha d’fhuair Dòmhnall agus Catriona riamh seachad air bàs Lìonail.

A thaobh na Gàidhlig – a’ chànan anns an robh Dòmhnall an sàs, agus a bha e a’ teagaisg le dùrachd – b’ fheadar dha cothachadh, le neart agus dìongmhaltas, an aghaidh cuid den luchd-teagaisg am measg an robh e a’ saothrachadh. ’S e an fheallsanachd a bha aig an t-seòrsa seo, san àm ud, gu robh a’ Ghàidhlig marbh agus gum bu chòir i bhith air a h-adhlaiceadh. Bha dualchas na strì agus smior an dichill air fhilleadh a-steach, gu làidir, anns an spiorad agus anns an fheallsanachd aig Dòmhnall. ’S e fhèin a dhearbhadh seo a thaobh na Gàidhlig, ann an Ard-Sgoil an Obain agus ann an iomadh suidh-eachadh eile. Mu dheireadh, san sgoil sin bha barrachd òigrìdh a’ gabhail Gàidhlig agus a bha a’ gabhail Frangais no Laideann no Gearmailtis.

A thaobh na spàirn às leth ar cànan, saoilidh mi nach eil mòran ann a rinn barrachd air Dòmhnall ann a bhith cumail na Gàidhlig beò. ’S e an t-saothair agus an t-strì a rinn Dòmhnall MacThòmais agus Somhairle MacGill-Eain a thug a-mach mu dheireadh *O Grade* airson luchd-ionnsachaidh anns a’ Ghàidhlig.

Bha Dòmhnall mòran bhliadhnaichean 'na chomhairliche air Comhairle Baile an Obain. B'è Pròbhaist a' Bhaile airson sia bliadhna. Mar thoradh air a ghliocas, air a dhìcheall agus air a ghràdh da dhachaigh, fhuair an t-Obain urram is inbhe nach robh aige riamh roimhe sin. Cha robh comhairle no comann riamh anns an robh Dòmhnall 'na bhall far nach do thaghadh e mar cheann-suidhe aig a' cheann thall. 'Na latha, bha e 'na Cheann-Suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach. Bha na h-urraman sin a' comharrachadh meud a neart agus a ghliocais. Is iongantach gum biodh an Comunn Gàidhealach no eadhon am Mòd Nàiseanta ann an-diugh mura b' è strì Dhòmhnail MhicThòmais às leth na Gàidhlig.

Tha sinn taingeil gu robh Dòmhnall agus a theaghlach againn mar nàbaidhean, rè mòran bhliadhnaichean.

Daoine Onarach Gu Lèir

Dòmhnall Alasdair

Nuair a thàinig am fios bha Rena anns an leabharlann a' sgrìobhadh litir do dhuine dall. Thug i taing dhan nighean a thàinig leis an t-sumanadh bhon chomataidh, ach cha do sguir i a sgrìobhadh.

"Nach fheàrr dhut falbh," ars an duine dall. "'S cinnteach gur e gnothaich cudromach a th' ann."

"Chan eil e cho cudromach ri do litir," ars Rena, cho suilbhir 's a b' àbhaist, agus a peann deiseil. Ach bha an sumanadh air an duine a chur troimhe-chèile agus cha robh an còrr aige ri ràdh.

"Leughaidh mi na sgrìobh mi," arsa Rena, "agus 's dòcha gu smaoinich sibh air tuilleadh." Ach bha an dall a' tuigsinn gu robh Rena ann an trioblaid air choreigin, agus seach nach robh caraid aige cho math rithe, cha robh e airson a bhith ga buaireadh. Dhùin Rena an litir agus thug i leatha i airson a cur dhan phost.

'S e bantrach a bh' innte, agus bha a h-òige seachad. Thàinig i bho dhaoine beairteach, agus phòs i duine beairteach. Mar sin, cha robh dìth oirre a riamh. Ach dh'fhàs Donnchadh, an duine aice, dall, agus 's ann an uair a thòisich i a' coimhead às a dhèidh a thuig i nach do rinn i fhèin obair fheumail a riamh. 'S e miorbhail a bh' ann dhi gu robh feadhainn ann a bha a' cuideachadh nan dall fad am beatha air fìor dhroch phàigheadh. Seo mar a thàinig i gu bhith ag obair anns a' Highlands and Islands Institute for the Blind – no HIIB, mar a bhiodh aig a h-uile duine air an àite.

Bha an obair a' còrdadh rithe. Bha i mar stiùir na beatha o bhàsaich Donnchadh. Bha meas aig na doill agus aig a companaich oirre, agus cha do rinn an stiùireadair ùr atharrachadh sam bith air a suidheachadh, gu seo co-dhiù. Gun theagamh, bha diofar eadar Mgr. MacLeòid agus Mgr. Friseal. Bha MacLeòid – an scann cheannard – aosda, socrach agus coibhneil, agus bha Friseal òg, mar sguab ùr agus car fad' às na dhòigh. Ach b' aithne dha a gnothaich agus bha e ceart, modhail a' dèiligeadh ris an luchd-obrach. Agus bha e coltach rithe fhèin ann an aon dòigh – chuireadh e math nan dall os cionn a h-uile ni.

Bha e an dràsda shuas an staidhre, far an robh a' chomataidh riaghlaidh cruinn. Bha leth-dhùil aug Rena gun gairmeadh iad i, oir thuirt Mgr. Friseal rithe fuireachd anns an leabharlann gun fhios nach biodh a' chomataidh airson a faicinn. 'S ann ainneamh a dh'iarraidh iad an luchd-obrach fhaicinn, agus bha Rena cinnteach nach ann airson rud gun seagh a chuir iad fios oirre; ach ged a chaidh iomadh rud tro a h-inntinn, cha smaoinicheadh i air càil a bha airidh air gairm dhen t-seòrsa sa.

Chaidh i timcheall a' bhùird mhòir – tiodhlac bho chuideigin neo-ainmichte – agus sheall i anns an sgàthan a bha air cùl an dorais. Nuair a thionndaidh i mhothaich i gu robh an dà dhuine a bha aig ceann shìos an rùm an-fhoiseil. Bha iad air sgar a leughadh nan leabhraichean braille. Bha iad a' tuigsinn gu robh rudeigin ceàrr.

Dh'fhosgail Rena an doras agus chaidh i gu bonn na staidhre – tiodhlac eile bho fhear-malairt às a' bhaile. Mura b' e na tiodhlacan seo agus na dileaban, bha cho math dhan HIIB a dhorsan a dhùnadh.

Glè thric bhiodh feadhainn a' comharrachadh an rud airson an robh an t-airgead – airson leabhraichean braille, làithean-saora nan dall, reacòrdairean, coin-treòrachaidh agus a h-uile seòrsa uidheim air an cuir dall feum. Nuair a thàinig Rena dhan àite an toiseach, bhiodh a companaich ag ràdh gu robh dileab aca airson a h-uile ni ach pàigheadh ceart dhaibhsan.

Aig bàrr na staidhre ghnog i an doras agus dh'fhosgail Friseal e. “Thig a-staigh,” ars esan, “agus gabh sèithear aig a' bhòrd.” Bha triùir dhaoine agus dithis bhoireannach aig a' bhòrd, agus shaoil Rena gu robh iad car an-fhoiseil. Bha an Ceann-suidhe – Sir Seumas – mu coinneamh. Air a làimh chli bha an Còirneal Mac an Tòisich agus an t-Urramach Mgr. Camshron. Air a laimh dheis bha a' Bhean-phòsda NicIain, bean a' Bhuill-Pàrlamaid, agus an Comhairliche, a' Bhean-phòsda NicIomhair. Daoine agus boireannaich a bha cùramach, measail, agus a' toirt an eòlais 's an tìde an asgaidh airson cuideachadh nan dall. 'S e gàire fann a rinn Sir Seumas mus do bhruidhinn e. “Tha mi cinnteach,” ars esan, “gum beil thu a' gabhail iongantais gun chuir sinn fios ort, agus bu chaomh leam a ràdh anns a' bhad gum beil sinn glè riarichte leis an obair a tha thu a' dèanamh agus am meas a tha ort am measg nan dall. Tha sinn uile airson gu lean sin. Ach tha Mgr. Friseal air ar n-aire a tharraing gu rud glè neònach.” Sheall Rena ri Friseal, a bha nise na shuidhe ri taobh.

“Tha e coltach,” arsa Sir Seumas, “nach aithne dhut leughadh no sgrìobhadh braille.

“Tha sin ceart.”

“’M beil thu ’g innse dhuinn,” ars an Còirneal, “gum beil thu air a bhith ’g obair an seo o chionn iomadach bliadhna is gun braille idir agad?”

“Chan eil feum agam air nam obair. ’S e a tha mi a’ teagaisg ceàrdan – dèanamh bhasgaidean, stòl, bhrratan-ùrlair...”

“Tha sin glè mhath na àite fhèin,” ars a’ Bhean-phòsda NicIain, “ach dè nì thu nuair a dh’iarras duine dall ort ionnsachadh braille dha?”

“Innsidh mi dha mo chompanaich. Tha braille aig a h-uile duine aca. Bidh mise ghan cuideachadh fhèin le na ceàrdan.”

“Tha mi cinnteach gum bi sibh a’ cuideachadh a chèile,” arsa Sir Seumas. “Ach nach eil e ceart dhomh a ràdh gu feum an luchd-obrach teisteanas fhaighinn bho Cholaisde nan Dall?”

“Tha sin ceart,” arsa Mgr. Friseal, “ach cha robh an lagh sin ann nuair a thòisich a’ Bhean-phòsda Rothach ag obair dhan HIIB.”

“Na dh’fheuch thu ris an teisteanas seo fhaighinn nuair a thàinig an lagh ùr?” dh’fhaighnich an t-Urramach Camshron.

“Cha robh an stiùiriche a bh’ againn an uair sin a’ coimhead adhbhar sam bith dhomh braille ionnsachadh,” arsa Rena.

“Nach fhaodadh tu fhathast a dhol do Sgoil nan Dall airson ionnsachadh?” ars a’ Bhean-phòsda NicIomhair.

“Dh’fhaodadh,” arsa Mgr. Friseal. “Agus tha tiodhlaic againn airson a leithid sin. Gheibheadh a’ Bhean-phòsda Rothach tabhartas mar a fhuair dithis dhe a companaich an-uiridh.”

Chunnaic Rena gu robh iad uile a’ feitheamh ri freagairt. “Chan eil e fearasd aig m’ aois-sa braille ionnsachadh,” ars ise. “Chan eil mo fhradharc làidir agus chan eil faireachdainn na mo mheuran mar a th’ ann am meuran na h-òige.”

“Och,” ars an Còirneal, “cha bhiodh boireannach cho geur-chùiseach riut fhèin fada ga thogail.” Agus dh’aontaich càch ris.

“Rinn mi a’ chùis às aonais gu seo,” arsa Rena. “Tha mo chompanaich comasach air dèiligeadh ri duine sam bith a tha airson braille ionnsachadh. ’S e corra dhuine a tha ’g iarraidh ionnsachadh an-diugh. Tha inneal aig a’ mhòr-chuid a leughas leabhraichean dhaibh.”

“Tha dà dhòigh air coimhead ris an t-suidheachadh,” arsa Sir Seumas. “’S e a’ chiad dòigh nach eil thu airidh air a’ phàigheadh a tha agad an dràsda gu faigh thu an teisteanas a th’ aig càch. ’S e an dòigh eile gum bi e na chall mòr dha na doill ma thig ort d’ obair a leigeil seachad, teisteanas ann no às.”

“Tha dòigh eile air coimhead ris,” ars a’ Bhean-phòsda NicIain. “Tha mi cinnteach gun can feadhainn gum beil thu cumail cosnadh bho chuideigin a tha ionnsaichte.”

“’S e sin an sealladh a th’ aig an aonadh againn air,” arsa Mgr. Friseal.

“Saoilidh mi fhìn,” ars a’ Bhean-phòsda NicIomhair, “gu feum sinn do phàigheadh a ghearradh mura dèan thu mar a tha Mgr. Friseal a’ moladh – ’s e sin thu a dhol do Sgoil nan Dall agus braille ionnsachadh.”

“Feumaidh tu faighinn air an aon cheum ri càch,” ars an Còirneal.

“Chan eil càil agam an aghaidh mo phàigheadh a ghearradh,” arsa Rena. “Tha mi glè dheònach m’ obair a dhèanadh gun phàigheadh idir ma nì sin an gnothaich nas fhasa dhuibh.”

Rinn Sir Seumas casad agus sheall e air gach taobh an robh duine a’ dol ga chuideachadh. Ach ’s e Mgr. Friseal a bhruidhinn.

“Tha fios a’ m,” ars esan, “gum beil corp is inntinn na Mnà-pòsda Rothaich anns an obair a tha i a’ dèanamh, ach ged a dhèanadh i ’n obair an asgaidh...”

“Nach sàbhaileadh sin airgead dhuinn?” ars an t-Urramach Camshron.

“Chan atharraicheadh sin a’ chùis. Bhiodh i fhathast a’ cumail turasdal bho chuideigin ionnsaichte. Agus cò a riamh a chuala mu aonadh a bhiodh deònach leigeil le daoine obrachadh gun phàigheadh?”

“Tha mi cinnteach,” ars a’ Bhean-phòsda NicIomhair, “gun can gu leòr mura bheil feum aig duine air pàigheadh nach eil feum aige air obair.”

“’S e sin a chanas an t-aonadh cuideachd,” arsa Mgr. Friseal. “Agus a thuilleadh air a sin dh’fhaodadh stailc a bhith ann.”

“Tha rud eile ann,” ars an Còirneal. “Dè an seòrsa smachd a bhios aig ceannard sam bith air duine a tha ag obair gun phàigheadh?”

“Tha mi coimhead,” arsa Sir Seumas, “nach eil dòigh fosgailte dhuinn ach aon. Mura dèan thu mar a tha Mgr. Friseal a’ moladh –

agus mar a thubhairt e, cha chosg e sgillinn dhut – feumaidh tu do dhreuchd a leigeil seachad. 'S e rud uabhasach neònach a tha seo. Cha bhi càil ann ach call – dhuinn fhèin, dhut fhèin agus gu h-àraidh dha na doill.”

“Smaoinich air do shuidheachadh,” ars an t-Urramach Camshron. “Bheir sinn tide gu leòr dhut airson sin a dhèanamh.”

“Tapadh leibh,” arsa Rena, “ach tha mi leigeil seachad mo dhreuchd an dràsda fhèin.” Dh'èirich i agus bha i air an doras a dhùnadh às a dèidh mus d' fhuair duine air gluasad. Thàinig Mgr. Friseal a-mach gu bàrr na staidhre agus thuirt e rithe, “Tha còir agad fios a thoirt dhuinn mus fhàg thu d' obair, air neo chan fhaigh thu pàigheadh...”

“Thoir mo phàigheadh dha na doill,” ars ise. “'S ann dhaibh a bha mi 'g obair, cha b' ann airson pàigheadh.”

A-muigh air an t-sràid, 's e fearg a' chiad rud a lion a h-inntinn. Cha robh cùram oirre mu dheidhinn a teachd-an-tìr. Ach ghortaich e i nach robh iad ga h-iarraidh tuilleadh. An ceann greis rinn i gàire. Cha b' e a-mhàin gu robh a suidheachadh neònach – bha e èibhinn cuideachd. Chaidh i a-steach do Bhanca na h-Alba, far an robh a bràthair na Mhanaidsear.

“Fhuair mi an sac,” ars ise, agus dh'innis i mar a thachair.

Thòisich an dithis a' gàireachdainn.

“Cha chuala mi leithid a riamh,” ars a bràthair. “Nach ann le do thiodhlac a rinn iad an leabharlann braille. Leth-cheud mìle not, nach e? Neo-ainmichte cuideachd. Agus nach do dh'fhàg Donnchadh...”

“Dè 'm math a bhith bruidhinn air a sin a-nise?”

“Dè tha thu dol a dhèanamh mu dheidhinn?”

“Chan eil càil. Tha fios a'm gur e daoine onarach a th' annta gu lèir agus gun ann airson math nan dall anns an fharsaingeachd a rinn iad e.”

“Nach mòr an call a dh'fhaodas daoine a dhèanamh le deagh rùn,” ars a bràthair.

Cidhe Sgalpaigh Cuimhneachain (1939-45)

Alasdair Iain MacLeòid

Mo mhàthair – bha i beag iosal – dubh co-dhiù: le dicheall agus sgiobaltachd, cha do chuir a cuideam dragh riamh oirre. An latha ud bha i air leth dubh, le tè de na bana-chàirdean air gach taobh dhith, agus iad dubh air fad. Bha a h-aghaidh biorach; cha robh gean ri fhaicinn innte. Bha mise, an aon mhac, a' falbh don chogadh. Thug mi an t-sùil mu dheireadh oirre 's mi dol suas gangway an *Lochmor*. Chaidh mi sìos à sealladh gun fhios nach tigeadh deòir – dh'fheumainn a bhith duineil!

Bha mi naodh bliadhna deug a dh'aois agus an saoghal romham. Bha an saoghal ud aig an àm ga fhreumhachadh fhèin às a chèile le cogadh mòr. Mar a thachair do dh'iomadh òganach eile a dh'fhàg Sgalpaigh aig an àm ud, cha robh uallach oirnn. Ach do gach màthair a dhòirt a deòir air a' chidhe ud – Cidhe Sgalpaigh, agus an *Lochmor* a' falbh – 's e a bh' ann ach gnothach eile.

Chaidh na bliadhnaichean seachad agus sinn air feadh an t-saoghail, a' tighinn dhachaigh an dràsta agus a-rithist. 'S e daoine bha eòlach air an t-slighe bho dheas: tràan bho Euston (7.20 p.m.) gu Inbhir Nis; tràan a' Chaol a bha riamh air dheireadh; an *Lochmor* gu Sgalpaigh madainn Diciadain no an *Lochness* do Steòrnabhagh; bus Mhitchell don Tairbeart. As a sin le dilseachd a bha sònraichte, ge b' e dè an t-àm no an aimsir bha *Morea* nam beannachd gar toirt gu sàmhchair shàbhailte ar màthar is iad gar feitheamh air an t-seann Stèisean. Dh'èisdeadh iad ris na naidheachdan ged a bhiodh e anmoch 's ged bu Shàbaid e. Diluain bha an *Lochmor* a' fàgail Mhalaidh, agus a' tadhal ann an Loch Baghasdail, Loch nam Madadh, Ròghadal, an Tairbeart agus Sgalpaigh, air a slighe air ais dhan Chaol. Ruigeadh i Sgalpaigh mu dheich uairean madainn Dimàirt. B' e seo madainn a' chianalais is an sgaraidh.

Bha mise air a' *Victorious* nuair a chaidh a bomadh mu chladach Sheapan. Bha leòntaich agus mairbh oirre. Cha robh cadal ann dhise san dachaigh an oidhche ud. Rinn i moch-èirigh agus chaidh teileagram a chuir a dh'ionnsaigh na h-Admiralty. Thàinig fios air ais: "Cha robh m' ainm am measg nan leòntach no nam marbh."

Thill mi dhachaigh. Ghabh mi mach am Bràigh – an aithearrachd – an latha ud: bha cabhag orm. Nuair a nochd mi os cionn an Rubha Ghlais, chunnaic mi m' athair a' tighinn 'na mo choinneamh. Choinnich sinn aig cùl taigh Nèill. Ghlac e gu teann ri chridhe mi. B' e sin an aon uair a dh'fhairich mi a ghràdh – gràdh athar do mhac.

B' e na rinn mi a dh'uallach do mo mhathair rè nam bliadhnaichean ud – 1939 gu 1945 – a thug bàs aithghearr dhi, is i fhathast òg. 'Ille òig! Thoir urram do d' athair agus do d' mhàthair...

Tha cidhe Sgalpaigh an-diugh air beagan feum. Dha na seann eileanaich air fhàgail, is iongantach mur bheil e fhathast na oisean cianalais, iargain is dheur.

Iognadh
(Còmhradh am Màrs)

Ruairidh MacDhòmhnaill

“A bheil sibh a’ creidsinn
An nì a tha ar speuradairean
Ag innse dhuinn -
An-diugh air ar nàbaidh, an Talamh,
Gu facas a’ gluasad
Fear agus bean?
Is an t-ainm a tha na speuradairean
A’ toirt dhaibh:
Adhamh agus Eubh ...

Is tha luchd-leughaidh nan rionnag
Ag innse dhuinn,
Ann an ùine ghoirid
– Beagan mhìle bliadhna -
Gum bi an clann a’ gabhail turais
Gu bhith ag àiteachadh
Aon eile de ar saoghail:
A’ Ghealach ...”

“A charaid, nach eil fios math agad
Gu bheil an dara cuid den sgeul sin
Cho eu-comasach ris a’ chuid eile;
Cha tug ar fàidhean is ar feallsanaich
Guth riamh
Air creutairean reusanta
A bhith air thalamh -
'S ann a labhair iad gu dian na aghaidh.

“Reusanta, an duirt thu!
Tha e air aithris, an ùine glè ghoirid
Gun tòisich iad air a chèile
A mhurt is a mharbhadh,
Is gun lean iad air a’ chur-seachad sin
Gu deireadh tim.

Reusanta?
Is iongantach mur robh
Ar fàidhean is ar feallsanaich
Ceart gu leòr.”

“Cha robh e air falbh a-riamh”

Iain MacLeòid

Se fìor dheagh naidheachd a chuala mi air an t-seachdain seo. Tha an sgoil ann an Tairbeart na Hearadh gu bhith air a h-àrdachadh chun na siathamh bliadhna. Leis a sin gheibh an òigridh foghlam faisg air an dachaighean fhèin – rud ris nach robh muinntir na Hearadh cleachdte. Nuair a bha na Hearadh ceangailte ri siorrachd Inbhir Nis, bha a’ chlann a’ dol gu Port-Rìgh no gu Inbhir Nis aig aois aon bliadhna deug airson àrd-fhoghlam, agus cha mhòr a thill dhiubh gu na h-Eileanan. B’ e cùl a chur ri Gàidhlig is dualchas an aon slighe gu foghlam, agus bhiodh sinne ag ràdh mu fhir aineolach nach bruidhneadh Beurla ri luchd-turais, “Gabhaidh a leisgeul – cha robh e air falbh a-riamh.” Bha foghlam ceangailte ri bhith air falbh. An-diugh tha beachdan air atharrachadh, agus tha sgoiltean ionadail ag ullachadh òigridh gu ìre colaisde agus oilthighe.

Is fhada bho bha sluagh an t-saoghail den bheachd gu robh foghlam nam bailtean mòran na b’ fheàrr na còlas mara is còlas mòintich. Rinn clas an sgoil a’ bhaile mhòir fanaid air mac tuathanaich nach do dh’aithnich dealbh de bhoin a rinn a’ bhean-teagaisg air a’ bhòrd dhubh. “O,” fhreagair am balach, “tha fhios a’ m gur e bò a tha ann. Ach cha dèan mi a-mach an e bò Ghàidhealach no bò Inbhir-Air a tha innte.” Rinn sinne a cheart uiread de ghàireachdaich mu mhearachdan luchd-turais bho dheas mu iasgach is iomradh ’s a rinn iadsan oirne mu chleachdaidhean agus fasanan na Galltachd.

Cha b’ ann a’ tàladh òigridh bhon Ghàidhealtachd a bha na ciad sgoiltean an 1811 ach a’ teagasg do mhuinntir na Gàidhealtachd am Bioball agus leabhraichean feumail a leughadh nan cànan fhèin. Gu cumanta, bha rùm ceangailte ri taigh a’ mhaighstir-sgoile anns am biodh e a’ teagasg fad na seachdain agus a’ cumail adhradh no Sgoil Shàbaid air Didòmhnaich. Rinn na maighstirean-sgoile sin obair mhath agus bha meas mòr aig an t-sluagh orra. Dhùisg sin eudachd eadar iad agus na ministearan, agus air sgàth sin chan eil am moladh orra a choisinn iad an eachdraidh na h-eaglais. Canaidh iad fhathast an Leòdhas “An Taigh-Sgoile” ri taigh-coinneimh a’ bhaile, ach ’s e “An Taigh-Leughaidh” a their iad anns na Hearadh.

Tha mòran sgrìobhte mu Fhuadach nan Gàidheal, ach saoilidh mi gun do rinn fuadach an fhoghlaim fàsalachd air dachaighean agus bailtean a cheart cho cinnteach 's a rinn làmhachas-làidir nan uachdaran.

Tha sinn taingeil gu robh Dòmhnall agus a theaghlach againn mar nàbaidhean, rè mòran bhliadhnaichean.



Gainneamhan, faisg air an Oban



Loch Creuran



Caisteal Dhun Ollaidh agus Aird an t-Snáimh



Loch Dubhthaich agus Beanntan Chinn t-Saile



Steòrnabhagh



Bàgh Fharra, an Cataibh



Loch Cuaich



Bàgh Uige, an t-Eilean SgitheanachLoch



Inbhir Nis



“Chi mi Muile nam beann fuar fada bhuam thar an t-sàil”



Tobar Mhoire




Port na h-Abhainne, Ile



Abhainn Theòrsa, an Gallaibh



Loch Mhùrlaig agus am Monadh Ruadh



Muile an Dol Fodha na Grèine



A' Toirt Chaorach às a' Bheinn (Loch Bhraoin)



Bàgh a' Chaisteil



Beinn Nìmheis agus a' Chorpach



Toirbheartan



“Gach làd le a stuadh, Cho luaisgeach faramach bàn,
’Na chabhaig gu cruaidh, ’S e gruamach dosrach gun sgàth.”

Eòilgearraidh

Pòl Mac a' Bhreatunnaich

Eachdraidh mu bhaile beag ann am Barraigh a chaidh a chruthachadh an dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir.

Sgriosadh glinntean na Gàidhealtachd o dhaoine is ghabh caoraich an àite. Thug na daoine an aghaidh air fàsaichean is coilltean dhùthchannan thar nan cuan airson dachannan 's teachd-an-tìr às ùr a thogail dhaibh fhèin 's dhan teaghlaichean. Dh'fhàg iad far an deachaidh an togail, agus linntean de shìnsre romhpa, làn bròin 's bristidh-cridhe, sean agus òg gun fios gu dè bha romhpa; ach cha b' ann len roghainn fhèin. Bha claidheamh nan uachdaran gan ruaig gun iochd no fàbhar airson àite a dhèanamh dhaib' fhèin 's dhan caoraich, às an robh am barrachd buannachd.

Cha do sheachain an t-olc seo na h-Eileanan an Iar a dh'aindeoin an iomallachd; agus, beag ged a tha e, thuit an claidheamh air fir-aiteachaidh eilean Bharraigh mar air a' chòrr, agus chaidh cuid mhòr de na daoine a chur à seilbh, gu an saoghal farsaing a shiubhal mar chuideachd eile na Gàidhealtachd.

Chaidh iadsan nach deachaidh a ruaig air falbh a chruinneachadh air na sgrìobagan mì-thorrach de dh'fhearann air na lic os cionn nan cladaichean, agus cha robh dòigh eile aca ach am beòshlainte a thoirt à toradh na mara. Dh'fhàg sin na raointean mòra tuathanais air taobh an iar is a tuath an eilein aig na h-uachdarain airson am buannachd fhèin. Thug iad coigrich dhan eilean 'nam fir-choimhid, 'nan ciòbairean agus 'nan ceannsaichean; agus bha iad sin gu tric na bu mhosaiche ris an t-sluagh na na h-uachdarain a bha gam pàigheadh.

Sin, ma-ta, mar a bha cùisean an fhearainn am Barraigh gu na bliadhnaichean ron Chiad Chogadh, nuair a bha daoine òga pongail a' fàs suas nach robh deònach gnothaichean mar sin a ghiùlain na b' fhaide. Thòisich iadsan air strì airson eilean torrach Bhatarsaigh, le a raointean machaire, a roinn 'na chroitean, agus an dèidh iomadh argamaid – agus cùirt is prìosan do dh'fheadhainn – bhuannaich iad an latha, is chaidh an t-eilean a roinn eatarra 'na chroitean.

Tha fios gun tug sin misneachd do dh'fheadhainn eile an sùilean a leagail air ceann a tuath eilean Bharraigh, is air tuathanas mòr

Eòiligearraidh, is e fo uachdaranachd Chlann MhicGhilleBhràth à Obar-Dheathain. B' e sin sgrìob fearainn cho torrach, eireachdail 's a bha san eilean, is far a bheil làrach seann mhanachain Chille Bharra gus an là an-diugh. Goirid dhan làraich sin bha na h-uachdarain a' còmhnaidh san Taigh Mhòr, is a ghàrraidhean loma-làn de chraobhan mheas agus lusan dhe gach seòrsa.

Bha an tuathanas sgaoilte o chrìochan na h-Airde Mòire gu Gob Sgoireabhal – faisg air ceithir mìle – agus a bhàrr air a sin bha deannan de dh'eileanan sa chaolas eadar Barraigh is Uibhist fo uachdaranachd an tuathanais airson saor-ionaltradh cruidh is chaorach.

Airson an t-àite obrachadh dhaibh, bha am buachaille fhèin aig na h-uachdarain, agus cha bu bheag an t-saothair dhàsan agus dha theaghlach gach nì a bha riatanach a dhèanamh. Cha robh aon dhen teaghlach nach robh ri a chuideachadh fhèin a thoirt seachad – eadar buachailleachd a' chruidh-bhainne, tarraing tothair às a' chladach sa gheamhradh, treabhadh agus spealadh. Ach sin mar a bha cuisean sa h-uile h-àite aig an àm. Aig àm foghair, gheibheadh iad cuideachadh o fheadhainn fileanta an cùl speal o bhailtean eile an eilein, ged bu bheag an tuarasdal a choisinneadh iad airson an saothrach.

Chuir na h-uachdarain air bonn acarsaid a thogail ri oir nan sgeirean bu fhreagarraiche air aghaidh a' chaolais, far an cumadh iad an long mhòr aon-chrannach a bha cho riatanach dhaibh airson an crodh is na caoraich aiseag gu na h-eileanan beaga mun cuairt. Bha na tràighean gainmhich mun cuairt an tuathanais cho lom 's nach robh àite acarsaid freagarrach san tarraingte bàta gu tìr ann idir, mura togte laimrig chloiche. Sin a thug orra tòiseachadh air an obair; agus ann an linn anns nach robh uidheam ri làimh ach neart dromannan nam fear, is eich is cairtean, cha b' e an euchd bheag a ghabh iad os làimh.

Choisicheadh an fheadhainn a fhuair obair aig an togail mìltean astair às gach cèrna dhen eilean moch gach madainn, agus na h-aon mhiltean romhpa an deireadh gach latha de dh'obair sgith riaslach. B' e an tuarasdal bolla mine air an druim aig ceann nam mìosan obrach.

Cha robh clach no creag ri faighinn air na raointean machrach mun cuairt, agus b' fheadar gach spealg, beag is mòr, a ghearradh à sgeirean a' chladaich. Nuair a chithear an togalach san là an-diugh,

tha e duilich a chreidsinn gun gabhadh a leithid a dhèanamh gun inneal ach neart gàirdeanan nan gaisgeach a thog e.

An dèidh do Bhatarsaigh a bhith air a roinn a-mach, bha na dearbh òganaich a shruth am fallas ag obair do dh' uachdaran a' cur mu dheidhinn an tuathanas ud a roinn 'na chroitean cuideachd; oir cha robh iad idir deònach am beatha a chur seachad air na sgrìobagan fearainn, am measg nan leac, san robh iad. Cha robh Dreuchd Fearainn na Dùthcha an cabhaig mòran thuathanas eile a thoirt fon sgèithidh cho grad – agus gu h-àraid nuair a bha fuaimean cogaidh cho faisg. Ach gheall iad gu rachadh sin a dèanamh nuair a thilleadh sìth chun na dùthcha, agus a thilleadh na fir dhachaigh.

Chaidh an Cogadh Mòr seachad, agus cha do dhìochuimhnich na fir òga an gealltanais a rinneadh dhaibh. Co-dhiù, mar as tric a thachras, cha robh luchd a' chumhachd an cabhaig tionndadh gu gnothaichean cho neo-chudromach ri fearann ann an cìlean beag Bharraigh, nuair a bha gu leòr eile aca ri coimhead ris. Is e sin a thug air na fir òga gnothaichean a ghabhail 'nan làmhnan fhein, mar a rinn an càirdean romhpa ann a Bhatarsaigh; agus 's e a rinn iad grèim fhaotainn air an tuathanas iad fhèin, agus toirt air Ughdarras an Fhearainn an Dùn Eideann beachd a thoirt air na bha ri tachairt.

B' e beachd nan daoine taigh a thogail an Eòilgearraidh, agus fear dhiubh fhèin a thaghadh airson còmhnaidh ann gus am faicheadh iad gu dè a dhèanadh an t-uachdaran airson am bacadh.

Bha balla-criche pàirce a' sìneadh thar astar dhen mhachair air taobh an ear an tuathanais os cionn a' chladaich, agus b' e suidheachadh an tacsas a' bhalla sin a thagh na fir airson an taighe. Cha bu togalach eireachdail e, le a bhallachan phloc agus a sparran air an tughadh le muran; ach o nach robh 'nam beachd ach faicinn gu dè a dhèanadh an t-uachdaran mu dheidhinn, bha e taitneach gu leòr airson a' ghnòthaich.

B' e Eòin Fhearchair mhic Nèill agus a theaghlach a roghnaich seilbh a ghabhail sa bhothaig. B' iadsan a dh' fhuilingeadh toradh a' ghnìomh, a rèir mar a thionndaidheadh an t-uachdaran. Chaidh na lathaichean seachad, gun ghuth no aimhreit o na h-uachdarain; agus, le am misneachd air a h-àrdachadh, thòisich feadhainn eile air taighean a thogail 'nan sreath ri oir gàrradh na pàirce-chreagain, mar a theirte ris an àite. Sin mar a chaidh na ciad thaighean-tughaidh a thogail

'nan sreath, taobh ri taobh. Thog iad na ballachan le cloich as a' ghàrradh-chriche, agus cha robh gainnead sam bith air muran a' fàs 'na phailteas air bruaichean a' chladaich airson tughadh.

Thàinig nithean gu ceann nuair a thàinig seirbheisean Dreuchd an Fhearainn a thoirt ghnòthaichean gu buil leis na h-uachdarain. Dh'aontaich iad seilbh a ghabhail air an tuathanas airson a roinn a-mach 'na chroitean. Air do bhrath a dhol mun cuairt gu robh sin ri tachairt, cha robh gainnead air daoine a bha deònach croitean – nach biodh an leithid san eilean – fhaotainn.

A-nis, thàinig na daoine a bha sireadh nan croitean sa bhaile ùr às gach ceàrn dhen eilean. Le cion rathaid aig an àm, agus duilgheadas ann faighinn o àite gu àite, bha na bailtean beaga an cùl nam beanntan cho fada o chèile a thaobh com-pàirteachaidh is a tha dùthchannan thar nan cuan an-diugh. Mar sin, bha gach cuideachd às gach baile caran 'nan coigrich dha chèile, agus deònach gu fuiricheadh gach comann faisg air a chèile san roinn air na croitean sa bhaile ùr.

Bheachdaich luchd Dreuchd an Fhearainn is shaoil iad gum b' fheàrr na croitean a thaghadh ann an crannchur – is gach earrann dhen bhaile ga roinn a rèir cuideachd nam bailtean às an robh na daoine a' tighinn. Sin mar a thagh cuideachd taobh siar an eilein taobh siar baile Eòiligearraidh, le a bheinn agus sgoran Sgoireabhal. Roghnaich iadsan à ceann a deas Bharraigh meadhan a' bhaile, fad 's a b' fheàrr le iasgairan an taoibh an ear a bhith faisg air an laimrig, far an cumadh iad sùil air an sgothan.

An dèidh dhan roinn a bhith air a crìochnachadh, bha deannan fhathast air fhàgail nach robh a' dol a dh'fhaighinn croit idir; agus sin a thug air Dreuchd an Fhearainn pàirt eile dhen tuathanas, air ainmeachadh Ciola – a chuir iad a-mach 'na shaor-ionaltradh dhan bhaile – a roinn 'na chroitean eile, ged nach robh iadsan ri bhith cho mòr no cho farsaing ri càch.

Bha sluagh Bharraigh thuige sin eòlach air an dachaighean a bhith 'nan cnap còmhla air na cnuic os cionn na mara; agus bha e coltach gu leòr gum b' e deòin na cuideachd a bha a' suidheachadh baile ùr Eòiligearraidh an taighean a thogail mar an ceudna, 'nan sreath dlùth ri chèile, agus an croitean obrachadh on astar.

Mar sin, chaidh tuilleadh thaighean-tughaidh agus thaighean fiodha a thogail còmhla ris na togalaichean a chaidh a chur suas roimhe – sin air taobh an ear a' bhaile os cionn a' chladaich. Cha b' fhada gus

an deachaidh na còmhnaidhean ainmeachadh mar ‘An t-Sràid Ghòrach’ – ainm a tha air an àite gus an là an-diugh, ged nach eil cuimhne air cò a thug an t-ainm air, no carson.

Bha an fheadhainn nach do roghnaich taighean a thogail fhathast a’ còmhnaidh am bailtean eile san eilean; agus cha bu bheag an diol ag obair an croitean an dèidh tighinn air astar gach madainn.

Co-dhiù, mun àm aig an do thòisich na teaghlaichean air tighinn, bha an comann a’ faireachdainn duilgheadas an croitean obrachadh o astar; agus beag air bheag dh’imrich iad gu an croitean fhèin, far an do thog iad dachaighean tlachdmhor, a’ chuid bu mhotha dhiubh taighean air an tughadh le muran min-bhuidhe o bhruthaichean a’ mhachair, a bha eireachdail amharc an deàrrsadh grian an t-samhraidh.

Nuair a bha am baile air fhior shuidheachadh, agus dachaighean air an stèidheachadh, thug na fìr an làmh air cosnadh a rèir an deòin agus an eòlais. Thionndaidh feadhainn aig an robh sgothan ri iasgach ghiomach san t-samhraidh; feadhainn eile ri sgriobadh an t-srùbain ’na phailteas às an Tràigh Mhòir – ach b’ e obair geamhraidh sin, agus i fuar is goirt air an druim. Bha gach sac shrùban ri tharraing gu Bàgh a’ Chaisteil; bheireadh am bàta à sin e gu tìr-mòr, agus air a rathad fada gu margadh an èisg am Billingsgate. Cha b’ iongnadh gum bu tric a thigeadh a’ chairt ag ràdh gu robh an srùban grod mun do ràinig e. Co-dhiù bha gu nach robh, cha robh mòran a b’ urrainn na daoine bochda a dhèanamh mu dheidhinn – ach a bhith an làn-dòchas gum biodh an ath luchd na bu shona. Nuair a thigeadh airgead airson an saothrach, bu thoilichte am baile uile.

Thug feadhainn eile an aghaidhean air cosnadh fhaotainn aig muir, no aig an iasgach, a’ fàgail am mnathan ’s an teaghlaichean òga ’nan dèidh airson an dachaighean a chumail a’ dol gus an tilleadh iad. Bha na mnathan òg, agus deònach cuideachadh cho math ’s a b’ urrainn dhaibh; ach cha bu shaothair fhurasda a bha romhpa, eadar croit, crodh agus teaghlach òg a thogail leotha fhèin gun làmh fireannaich gan cuideachadh.

Cha robh mòine ri faotainn an Eòiligearraidh le a mhachairean; is cha robh puill na bu ghiorra na an Gleann Dorcha – còrr is còig mìle air falbh – a ruigte le cairt is each. Bha feadhainn aig an robh sgothan a’ gearradh mònachd sna h-eileanan san robh e comasach dhaibh sin a dhèanadh, agus ’s iomadh luchd mòr a chaidh a chur air tìr aig an

laimrig. Cha b' ann gun strì agus riasladh a bha sin idir ga dhèanamh, oir a bhàrr air sgìths na puill a ruighinn, bha iomadh latha obrach ri chur a-staigh mun robh a' mhòine tioram agus faisg air rathad no laimrig airson a tarraing le cairt. B' e sin obair samhraidh, nuair a bha gu leòr eile a' feitheamh ri dhèanamh air na croitean – cadar glanadh sgrìoban buntàta agus bleoghan a' chruidh a bha a' ruith fiadh air feadh raointean saor-ionaltraidh a' bhaile. Bha caoraich rin lomadh, is uain rin tearbadh air eileanan Ghioghaidh agus Fhlodaigh. Bha gamhna rin aiseag tarsainn gu cilcanan Fhùideigh agus Fhiaraigh, far an ionaltradh iad saor gu toiseach an ath shamhraidh, nuair a dh'aisigte air ais na beathaichean, a bha fiadh ach bòidheach an amharc, len adhaircean mòra agus seicheannan 'nam fallas on deagh gheamhrachadh. B' ann an uair sin a chìte an long mhòr a chuir na h-uachdarain (a bha fhathast a' còmhnaidh san Taigh Mhòr) gu feum nan croitearan; agus bu riochdail an sealladh i, is i le a seòl mòr geal làn gaoithe a' siubhal tarsainn a' chaolais.

An dèidh dhan tuathanas a bhith air a roinn a-mach 'na chroitean, chum Clann MhicGhilleBhràth seilbh air cuid dhen fhearann, mu mheud trì chroitean, faisg air an Taigh Mhòr, airson àl cruaidh-bhainne a chum iad a' dol; agus pìos eile de dh'fhearann mun cuairt dachaigh ceannsaiche an tuathanais – Calum MacAsgaill – airson fheum fhèin. Thuige sin cha robh feum aig an duine ghasda sin air tuilleadh fearainn, oir bha a riatanasan rim faotainn on Taigh Mhòr; ach mar a thionndaidheas gach cùis ri àm, bha e duilich a-rithist nach do chuir e ainm fhèin sìos airson tè dhe na croitean torrach a bhathar a' gearradh a-mach, oir an latha a chaochail an t-uachdaran mu dheireadh, chaidh fearann an Taighe Mhòir a chur a-mach 'na chroitean eile. Mar sin, cha robh air fhàgail aig an teaghlach a rinn uiread dhan tuathanas ach criomag de thaobh beinne, nach robh gu mòran feum 'na croit. Ach sin mar a bha cùisean.

A bharrachd air gainnead na mònadh, cha robh cnap guail ri fhaotainn gu ceann còig bliadhna an dèidh suidheachadh a' bhaile; agus b' e Murchadh Moireasdan, aig an robh Oifis a' Phuist am Bàgh a' Chaisteil, a chuir air dòigh gun tàinig a' chiad phufair guail dìreach gu acarsaid Eòiligearraidh. Sin far an robh an gual air a roinn a rèir iarrtas gach croiteir. Dh'fheumadh gach fear cuid na bliadhna fhaotainn, oir cha robh dòigh air am b' urrainn am bàta a turas a dhèanadh ach san t-samhradh.

Cha bu mhotha bha bùth na bu ghiorra na am Bàgh a Tuath – ceithir mìle air falbh – agus cha b’ annas mòr sam bith e boireannach fhaicinn, is a pàisdean beaga ri a sàil, a’ slaodadh callach bìdh, is gach riatanas eile a b’ urrainn dhi a tharraing, air a druim, fad an astair dhachaigh. Bha e duilich gun teagamh air na mnathan a bha am fir air falbh aig muir, oir cha robh e ’nan comas eich a bheairteachadh is cairtean a làimhseachadh. Bha feum acasan air càirdean agus deagh nàbaidhean a chuidicheadh iad le callaichean na bu throma, mar a bha bollachan mine agus siol agus biadh bheathaichean.

B’ e sonas a bh’ ann dhan bhaile uile nuair a dh’fhosgail Eàirdsidh MacGhillEathain a’ chiad bhùth agus a shàbhail e iomadh ceum sgitheil. Greis mhath ’na dhèidh dh’fhosgail Uilleam Cananach oifis-puist agus bùth bheag eile far am faighte cuid mhath de riatanas gach dachaigh.

Cha robh sgoil sa bhaile dhan chloinn airson nan ciad trì bliadhna, agus cha robh iongnadh ged a bhiodh iad a’ ruith fiadh air feadh nan cnoc. B’ e an duilgheadas bu mhotha togalach freagarrach fhaotainn a dhèanadh an gnothach mar sgoil. A bhàrr air an Taigh Mhòr anns an robh Clann MhicGhilleBhràth a’ fuireach, bha taigh-samhraidh a bhuineadh do Bhan-Diùc Bhedford ’na sheasamh os cionn a’ chladaich goirid dhan àite san deachaidh ciad thaighean nan croitearan a thogail. Fad ’s a bha a’ Bhaintighearna ’na h-òige, thigeadh i gach samhradh ’na sgoth-luingeanach, a dh’acrachadh san doimhneachd mu choinneamh a taighe, agus thigeadh i fhèin agus a cuideachd air tìr. Bha crann mòr àrd ’na sheasamh air bruaich a’ chladaich faisg air an taigh, agus a’ mhionaid a chuireadh a’ Bhaintighearna a cas air tìr, dh’èireadh bràtach mhòr a teaghlach gu a bhàrr.

Cha robh gach grèim bìdh a bha ri ithe san taigh-shamhraidh aice nach robh air a dheisealachadh air bòrd na luinge, agus air iomradh gu tìr. Tha e air a ràdh cuideachd, nuair a bha a’ Bhaintighearna deònach cuairt a ghabhail gu Oifis a’ Phuist sa Bhàgh a Tuath, gum b’ ann air carbad beag eich, no air druim eich, a dh’fhalbhadh i, agus nach b’ ann gun mhòran deasachaidh a dhèanadh i sin. Cha robh rathad à Eòiligearraidh aig an àm, ach mun tigidh am boireannach air a turas, bha seirbheisean air a dhol roimhe a’ cur chomharran san talamh fad an astair a leanadh i.

Co-dhiù, le innleachdan eile a bhith toirt a h-aire on luing, thòisich a' Bhaintighearna air toirt gu na speur-charbadan ùra. Air turas dha robh i, chaill i a beatha; agus mar sin bha an taigh-samhraidh air taobh na tràghad an Eòiligearraidh falamh, gun a càirdean a' sealltainn mòran cùraim ann. Bha uaislean eile às a dhèidh, ach nuair a chaidh sgoil a chur air dòigh sa bhaile, cheannaich Ughdarras an Fhoghlaim an Inbhir Nis e. Sin mar a fhuair am baile a chiad thaigh-sgoile.

Bha Cairistiona NicDhùghaill, ban-sgoilear òg, air tè dhe na bha a' teagasg ann an Sgoil a' Bhàigh a Tuath, agus b' ann rithese a dh'earbadh an sgoil ùr a chur air bonn.

Cha robh mòran am beachd gum biodh a' chlann a bha ruith fiadh airson trì bliadhna ro mhiannach a bhith glaiste an seòmar sgoile fad latha; ach an sin bha iad buileach ceàrr. Co-dhiù an e a b' adhbhar dha sin gu robh a' chlann uile ro dheònach ionnsachadh fhaotainn, no gu robh am miadh air a' bhan-sgoilear òig gan toirt a-mach, cha robh aon anam dhiubh a dh'fhuiricheadh aig an taigh. A dh'aindeoin feum am pàrantan air cuideachadh na cloinne aig àm foghair no earraich, chan fhanadh iad às an sgoil.

Mun deachaidh bliadhna no dhà dhe sin seachad, bha Ughdarras an Fhoghlaim an Inbhir Nis a' toirt faire air a' ghnothach neo-àbhaisteach, agus chuir iad mun cuairt an iongnadh cho math 's a bha an sgoil ùr a' dèanamh. Cha robh eudmhorachd sgoiltean eile an eilein a' dol a leigeil sin air aghaidh fada; agus mun robh mòran tìde seachad, cha robh sgoil am Barraigh nach robh ag innse an aoin sgeòil, gus an robh an t-eilean ainmeil am measg an luchd-ionnsachaidh airson frithealadh na cloinne sna sgoiltean.

An dèidh dhan bhan-sgoilear sin fàgail, thainig Calum MacNèill (Calum a' Phosta mar a b' eòlaiche e) 'na mhaighstir-sgoile; agus le barrachd theaghlaichean a bhith a' fàs suas gu aois sgoile, b' fheudar togalach eile a chur suas ri taobh na sgoile do bhan-sgoilear a chuidicheadh am fear eile. Cha robh taigh sa bhaile às nach robh dithis no trìuir chloinne a' dol dhan sgoil, deich bliadhna an dèidh ciad shuidheachadh a' bhaile.

Bha na croitean a-nis gan dearbhadh fhèin, agus cha robh tè dhiubh air nach robh deannan de dheagh stoc bheathaichean. Sguabadh gailleannan a' gheamhraidh luchdan de dh'fheamainn suas an cladach, agus sin far am biodh an t-saothair 's an deuchainn ga

faighinn suas gu na bruaichean mun toireadh an ath làn àrd air falbh i. Bhiodh eich is cairtean 'nan sreathan a' tarraing suas an luchdan o mhoch gu feasgar, gus am fuadaicheadh an làn às a' chladach iad. Thòisicheadh iad an uair sin air na luchdan a shlaodadh gu na croitean, far an sgaoilte iad air na h-imrichean a bha rin treabhadh. Mar bu mhotha luchd na feamainn sa chladach, 's ann a bu dhuibhe a chite raointean a' mhachair leatha – agus a bu mhotha dòchas gach duine airson toradh siolmhor san fhoghar. Bha feamainn dhearg a' gheamhraidh anabarrach fhèin math airson buntàta a' mhachair; agus cha leigte smodal dhith air falbh ma bha e idir comasach a thoirt às a' chladach.

San earrach thòisicheadh an treabhadh, is paidhir each a' gearradh sgrioban fada de mhachair furasda obrachadh. Rachadh am buntàta 's an siol a chur; agus bu riochdail an sealladh na mìltean de dh'imrichean treabhaidh o cheann gu ceann dhen bhaile. Aon uair 's gun tòisicheadh an treabhadh dh'fheumte an crodh, a bha thuige sin ag ionaltradh air feadh nan croitean, a ruaig gu feurachadh sna beanntan beaga agus sna raointean air an cùlaibh. Bu shealladh an crodh fhaicinn a' cruinneachadh deireadh an fheasgair airson tilleadh dhachaigh airson am bleoghann, is balaich òga a' bhaile 'nam buachaillean gan stiùireadh.

Toiseach an t-samhraidh thoirte na gamhna à eileanan Fhùideigh agus Fhiaraigh, far an do gheamhraich iad, agus thoirtheadh iad na beathaichean chun na fèille am Bàgh a' Chaisteil. Thigeadh dròbhairean à tir-mòr a-null mun Bhealltainn a cheannach crodh an eilein uile. B' e latha sònraichte dha na balaich òga latha an aiseig, nuair a thoirte na beathaichean às na h-eileanan, oir 's ann an uair sin a bhiodh na sradagan a' leum. Dh'fheumadh fir a' bhaile a dhol tarsainn a' chaolais len sgothan beaga, agus an long mhòr san aisigte na beathaichean. 'S ann air an òigridh a bu thrice a thuiteadh cruinneachadh nan gamhna às gach ceàrn, agus gu h-àraid ann am Fùideigh, nach robh cho buileach beag. Cha bu shaothair fhurasda i na gamhna fiadhaich ud a ruaig sìos gu laimrig, oir chaill iad eòlas air daoine a bhith mun cuairt orra; ach a dh'aindeoin sin bha fealla-dhà gu leòr aig na balaich gan cruinneachadh romhpa. Aig an àm ud dhen bhliadhna bha eilean Fhùideigh loma-làn de neadan fhaoileann làn uighean; agus dh'fhuiricheadh na balaich a' lìonadh am pòcannan

leotha gus an robh na fir a' fàs droch-nàdarrach, trang a' ruaigeadh nan gamhna sìos gu laimrig. Is ann an uair sin a thilgeadh iad na h-uighean orra! Cha robh teagamh nach b' fheàrr leotha cuimseachadh orrasan a ghabhadh an fhearg bu mhotha, agus a thigeadh às an dèidh, oir cha robh an còrr a dhith orra ach targaid fhaighinn a spairteadh iad le tuilleadh uighean. Is iomadh droch fhacal a chaidh a ràdh, agus druim a chaidh a sgailceadh le bata; ach cha do lagaich sin an spòrs.

Cha b' e saothair gun strì na beathaichean fhaighinn air bòrd, agus an t-eathar trom a sheòladh tarsainn a' chaolais. Air taobh a' bhaile cha dèanadh iad ach an seòl a leagail agus na gamhna a thrusadh a-mach thar taobh a' bhàta, gu snàmh suas an tràigh gu tìr. Ma bha argamaid aig na bodaich san eilean, bha uiread eile gu tric aig na cailleachan, is iad a' cath ri chèile cò bu leis na gamhna, is iad a-nis 'nan dà-bhliadhnaich mhòra le adhaircean fada, agus gun an coltas bu lugha aca ris na gamhna beaga a chaidh aiseag a-null an samhradh roimhe sin.

B' e latha sònraichte cuideachd latha na fèille, nuair a sgeadaicheadh sean is òg iad fhèin gu an crodh a thoirt a Bhàgh a' Chaisteil. Nan tigeadh cùisean prise gu an còrdas, cha bhiodh teaghlach nach tilleadh dhachaigh le eallach dhe gach seòrsa às na bùthan.

Thoireadh na fir ceum orra suas an cnoc chun an taigh-òsda, agus gu dearbh cha bhiodh an latha idir dòigheil mura crìochnaicheadh e le fear no dhà a' feuchainn a neirt an aghaidh gàirdean fir eile; ged nach robh tric de dhroch nàdar catarra ach argamaid mu sgrobag de dh'imire a lom bò, no dig nach do dh'fhosgail nàbaidh. Mun robh an t-seachdain seachad, cha bhiodh cuimhne air a' ghoraiche – co-dhiù, gu fèill na h-ath-bhliadhna.

A-null anns na bliadhnan an dèidh 1930, bha am baile gu fìor suidhichte, agus teaghlachan a' sìor fhàs suas. 'S ann an uair sin a bha a' chiad phòsadh on bhaile ùr ann. Thug Niall Mhicheil Aonghais Ruairidh (MacNèill) a bhean òg dhachaigh, agus cha b' e an t-iongnadh bu lugha a bhith gam faicinn sa chiad chàr a thàinig dhan bhaile.

Bha a-nis an t-scann sgoil a' fàs cumhang airson na bha de chloinn sa bhaile, agus thogadh sgoil ùr – ach an cùl na beinne a-mach à sealladh a' bhaile. B' e an reusan air a sin gum biodh an sgoil na bu

ghiorra do chlann na h-Airde Mòire, 's gum biodh e na b' fhasa dhaibh tighinn thuice na gu Sgoil a' Bhàigh a Tuath. Bha aig na pàisdean beaga sin ri na mìltean mun cuairt na Tràighe Mòire a choiseachd moch is anmoch; ach gu tric nuair a bhiodh an làn a-muigh ghabhadh iad tarsainn na tràghad. Gus an deachaidh pàisde beag a bhàthadh a' dol tarsainn na tràghad mar sin, cha do rinneadh oidhirp air giùlain fhaotainn a thoireadh a' chlann dhachaigh, a dh'aindeoin tagradh nam pàrantan agus a' mhaighstir-sgoile – a dh'fhalbhadh e fhèin an cuideachd na cloinne gach feasgar gus am biodh iad an sealladh an taighean fhèin.

Cha robh an t-astar aig clann a' bhaile na bu lugha, gu h-àraid acasan a bha a' coiseachd à Gob Sgoireabhal, ach a dh'aindeoin sin cha do chùm astar no droch shide iad ro thrìc às an sgoil.

B' e am maighstir-sgoile an uair sin Niall MacDhòmhnaill (Niall Ruairidh Nèill Sheumais), duine gasda – agus piobaire ainmeil, ceart cho fileanta ri athair. Ma tha piobairean sa bhaile an-diugh, faodaidh iad taing a thoirt do Niall airson na dèidh a ghabh e sa chloinn agus an t-ionnsachadh a chuir e 'nan cinn.

Mar a bha teaghlaichean a' fàs suas, bha riatanas thaighean a' nochdadh na bu mhotha; agus mar sin thòisicheadh air togail nan ciad thaighean geala – mar a theirte ris na taighean mòra ùra. Air na croitean machair far nach robh mòran cloiche ri fhaotainn, chaidh na taighean a thogail le concrat – le cloich mhìn a' chladaich shiar, nach robh aca ach a tharraing gu stèidhean nan taighean. Fhuair na croitearan cuideachadh airgid o Roinn an Fhearainn airson na taighean a chur suas, is mar sin cha b' fhada gus an robh dreach eile air a' bhaile, gun mhòran thaighean-tughaidh air fhàgail.

Cha robh taigh a bha leth-chrìochnaichte, fad is a bha a chlàraidh sìos, nach deachaidh ùisneachadh 'na thalla airson dannsa banais-thaighe. Sin far an robh an spòrs, is piobaire a' sgoilteadh a sgamhain a' sèideadh pioba fad bhuan oidhche, fad 's a bha sean is òg a' toirt sùrdag air dannsa; agus sparran an ùrlair a' gearain mun diol a bha iad a' fulang o na ceumannan troma – nach robh idir buileach cho fileanta 's a dh'fhaodadh iad a bhith. Bhiodh lainntearan crochte air na sparran os an cionn, oir cha robh a leithid a rud ri cumhachd dealain air smaointinn air san eilean aig an àm.

Cha robh a' bhanaid-thaighe riamh iomlan mura robh pailteas bìdh air a chur a-mach, agus dramannan gun ghanntas. Fad 's a bha na taighean ùra a' dol suas, cha robh cion aoigheachd sa bhaile.

Car mun àm seo cuideachd, thòisich fear no dhà dhe na croitearan ri callaidean iarainn a thogail mun cuairt crìochan an croitean. Is iomadh argamaid a rinn sin ann am baile a bha a raointean fosgailte o cheann gu ceann. Co-dhiù, beag air bheag, chaidh sin gu cùl, agus mun robh mòran bhliadhnachan eile seachad cha robh croit nach robh le a callaid iarainn. Cha robh teagamh nach b' e gliocas sin a dhèanamh, oir, mar as tric a thachras, bha cuid a chroitean na bu thorraiche na feadhainn eile, agus b' e gnothach nàr raointean a chaidh a dheagh leasachadh a chrìomadh lom aig crodh feadhainn nach robh cho àraidh mun cuid fearainn fhèin.

Fad an t-samhraidh, bhiodh a' chlànn sgaoilte on sgoil, a' ruith air feadh nan cnoc 'nan casan rùisgte is a' snàmh 's a' cleasachd air gainmhich mhìn-ghil na tràghad. Cha robh oidhche ann, is a' ghrian ag èirigh moch sa mhadainn 's a' laighe sa Chuan Shiar faisg air meadhan-oidhche. Chan fhaicte clann fo tharsannan taighe fad bhuan latha, ach nuair a chuireadh acras dhachaigh iad airson am bìdh. Mar bu trice, b' e sin diathad de bhuntàta ùr is iasg le cuachan bainne, agus sgonnan de dh'aran dìreach far na greideil, le ìm agus gruth a bha gach bean-taighe a' dèanamh i fhèin. Bhiodh srùban far na tràghad air a ròstadh an ìm ùr nuair a thoireadh a' chlànn bucaidean dheth dhachaigh. Cha robh cion uighean air duine, oir cha robh taigh aig nach robh treud de chearcan a' sgrobadh air feadh nan imrichean arbhair.

Aig an àm cha robh croit nach robh glè chùmhantach a thaobh bìdh; agus cha robh feum air mòran fhaotainn à bùithean ach na gnothaichean nach fàsadh iad fhèin.

B' ann san t-samhradh cuideachd a chìte treudan de cheàird a' dol mun cuairt len cairtean làn dhe gach seòrsa chuman, bhucaidean is shoithichean creadha; agus gun teagamh, bu mhòr riatanas an àite air gach nì a bh' aca ri reic. Cha b' e aon cheàrd a thigeadh chun an dorais ach a theaghlach uile, on t-seanmhair gu sreath de phàisdean dhe gach aois, is gach fear is tè dhiubh le gruag dhearg. Eadar an seasmhachd gu am malairt a reic agus saobh-chràbhadh nan daoine mu na ceàird a thionndadh air falbh air eagal 's gun cuireadh iad guidhe orra, cha do dh'fhàg iad taigh gun an deagh phàigheadh airson

na cheannaichte bhuapa, agus roinn mhath de dh'im is uighean is bainne airson na cloinne; gun bhruidhinn air na sguaban arbhair agus na badan feòir a gheibheadh iad airson nan each. Co-dhiù bha a' bhuannachd aig na ceàird no nach robh, bha na daoine ro thoilichte na h-uidheaman riatanach dhaib' fhèin fhaotainn aig na dorais; agus cha deachaidh bliadhna seachad nach biodh gnothaichean air an crìochnachadh eatarra leis an aon chàirdeas is taingealas.

Thigeadh am foghar, agus àm toradh an dichill fad na bliadhna a bhuain 's a chruinneachadh. O Ghob Sgoireabhal gu Ciola, bha raointean de dh'fheur gorm a' gluasad mar thonnann na mara le gach oiteag gaoithe; imrichean de dh'arbhar òr-bhuidhe fon ghrèin, agus sreathan air sreathan de bhuntàta le a fhùran geal – iad uile a' dearbhadh na saothrach 's a' chùram a chaidh an obair na talmhainn o thoiseach an earraich.

Rùisgeadh na fir an gàirdeanan agus le sguaban daingeann thòisicheadh an spealadh. Ghearradh iad am feur an toiseach, agus an dèidh gach sgriob leanadh na mnathan 's a' chlann, a' togail nan cuiseag às an fheur agus ga sgaoileadh airson a thionndadh. Ma bha an t-side fàbharrach, bhiodh am feur air a thionndadh 's air a chrathadh tioram ann an lathaichean. Air dhaibh am feur a chrìochnachadh, thoiradh iad làmh air an arbhar, na mnathan a-rithist a' leantainn an spealadair gu na sguaban a cheangal, fad 's a bhiodh a' chlann a cruinneachadh nan sguaban 's gan cur 'nan seasamh. Nuair a bha na raointean lom, chuirte acainn na cartach air na h-eich, agus tharraingeadh iad na luchdan feòir is arbhair gu na h-iodhlannan, far an togte na cruachan a chumadh an crodh am biadh gu earrach.

Chìte na lathaichean a' fàs na bu ghiorra mun robh an obair sin crìochnaichte, agus dh'fhairicheadh duine ciad osagan fuachd a' gheamhraidh a' tighinn on tuath. Bha an t-àm am buntàta a thogail mun tigeadh an reothadh, agus nuair a bha sin air fhaighinn seachad, agus a bha e air a stòradh sàbhailte, bha gach nì fo chùram airson cruadal a' gheamhraidh a sheasamh – gus an tòisicheadh an aon teachd an ath bhliadhna.

B' e Oidhche na Samhna toiseach cleasachd na h-oigrìdh tron gheamhradh fhada, 's gun mhòran aca ri dhèanamh ach an toil-inntinn fhèin. Bha e riamh 'na chleachdadh air Oidhche Shamhna ruaig a thoirt air na bodaich a bha car sradagach 'nan nàdar, oir cha robh an

còrr a b' fheàrr leis na balaich na toirt air fear tighinn às an dèidh agus a thoirt a measg dhìgean 's bogaich, far an cinnteach am faigheadh e a bhogadh am poll. Thigeadh fear no dhà dhe na h-òganaich, ma b' fhìor, air chèilidh air taigh a chumail inntinn a' bhodaich socair, fad 's a bha an companaich a' cuibhleadh air falbh na cartach agus ga falach an cùl cnuic, gu tric air taobh eile a' bhaile. Thoireadh iad bò no gamhainn à bàthach agus chuireadh iad beathach eile à bàthach nàbaidh 'na h-àite. Thogadh iad geata o cheann taighe agus dh'fhàgadh iad e an tacsas gàrraidh no bàthcha taobh eile a' bhaile. Bha a' chleasachd sin neo-chiontach gu leòr, ged as iomadh mionnachadh a thug iad air na bodaich mun d' fhuair iadsan an cuid fhèin air ais.

Rachadh cùisean a-mach à rian uaireannan cuideachd, agus reubadh feadhainn dhen òigridh currain is càl à gàrraidhean a chaidh a ghleidheadh le cùram, agus thilgeadh iad am biadh air feadh nan cnoc. Nuair a thachradh a leithid sin, cha robh iongnadh ged a dh'fhàsadh na bodaich mosach. Gu fortanach, cha tachradh e ro thrì, agus rachadh an gearhadh seachad le daoine a' cruinneachadh an taighean-cèilidh a dh'èisdeachd sgeulachdan is òran, agus cha robh ganntas sam bith air luchd-innse no seinneadairean. Gu tric bhiodh cèilidh is dannsa an talla a' Bhàigh a Tuath; agus a dh'aindeoin na sìde, thionndaidheadh na b' urrainn a-mach gus an t-astar a thriall. B' oidhcheannan aoibhneach iad sin.

Bha ciad òigridh nan teaghlach a-nis air fàs suas, agus thòisich iad air tarraing air falbh gu an cosnadh fhèin. Thug feadhainn sgoiltean is oilthighean thìr-mòir orra; thug a' chuid bu mhotha dhe na balaich an aghaidh air muir gus an saoghal a shiubhal, agus chaidh caileagan air falbh a dh'ionnsachadh eiridnidh agus a dh'obair an taighean-òsda nam bailtean mòra fad an t-samhraidh.

Nuair a bha clann na sgoile a' ruighinn aois dol air aghaidh, thoireadh feadhainn a bha am beachd barrachd ionnsachaidh fhaotainn Ard-Sgoil Bhàgh a' Chaisteil orra, agus às a sin gu sgoil a' Ghearasdain, is oilthighean no colaisdean a rèir am miann.

'S ann an uair sin a thòisich fathann gruamas cogaidh a bhith faisg; agus ged nach do chuir e mòran cùraim air an oigridh, bha e a' cur chrithean-bàis an cnàmhan nam pàrantan a chaidh tron chogadh roimhe sin. Air cho fada 's gu robh a' Ghearmailt air falbh, bha smaointean gach duine air a' chuan fharsaing a' sluaisreadh dhan

cladach fhèin, air an robh agus am bitheadh am balaich òga fhèin a' seòladh mun tigeadh cùisean gu crìoch.

Thàinig an cogadh, agus mun do thuig daoine dòigheil gu dè a bha a' tachairt, bha na ciad bhrathan a' ruighinn an eilein gun deachaidh bàta an dèidh bàta a chur dhan ghrund, agus seòladairean à Barraigh leotha. B' e sin bliadhnachan tùrsach dhaibhsan a bha air am fàgail a-staigh a' cumail nan dachaighean ri cheile, fad 's a bha am mic air bhàrr a' chuain a' fulang gach diol agus trioblaid eadar cruadal nan gailleann agus cron an nàimhdean gam bualadh gun fhois no fios. Cha robh teaghlach am baile Eòilgearraidh aig nach robh dithis no triùir air falbh – a' chuid mhòr dhiubh aig muir, ach feadhainn eile san Arm agus san adhar. Cha mhòr gu robh taigh nach do dh'fhairich truas na droch naidheachd a thigeadh a dh'innse gu robh mac air chall no 'na phrìosanach. Cha rachadh oidhche seachad nach cruinnicheadh daoine an taigh san robh wireless airson èisdeachd ri bòsdadh 'Haw-Haw', mar a theirte ris an fhear a bha a' toirt seachad nan naidheachdan air wireless nan Gearmailteach. Cha b' e am miann èisdeachd ris an trusdar a bha a' toirt orra tionndadh a-mach, ach an dòchas gun cluinneadh iad fios no fàth an robh am balaich fhèin sàbhailte. Dh'innseadh 'Haw-Haw' ainmean nam bàtaichean a chuir na U-boats fodha, agus gu tric thoireadh iad seachad ainmean nan seòladairean a chaidh a thogail às a' mhuir. Gu tric, sin mar a gheibhte fios, ùine mun tigeadh brath o chumhachdan mara ar dùthcha fhìn.

Bha casgradh a' chuain follaiseach gu leòr air cladaichean an eilein, oir cha robh latha nach tug an làn gu tìr luchdan dhe na bha na bàtaichean a chaidh a chur fodha sa Chuan an Iar a' giùlan. Am measg sin thigeadh cuirp na chaidh air chall – nàimhdean cho math ri ar cuideachd fhìn, mar a chithear gus an là an-diugh sna claidh far an deachaidh an tìodhlaicheadh. O àm gu àm thigeadh bàta-iomraidh air tìr le seòladairean a sheas ri cruadal an nàimhdean agus a' chuain gu tìr a ruighinn. Aon thuras thàinig a leithid sin a sgoth bheag air tìr air cladach siar a' bhaile gun duine air bòrd, ach 's e a dh'fhàg cho tùrsach an gnothach gun deachaidh dithis bhalach gasda às a' bhaile, gun iad mòran is fichead bliadhna dh'aois, a chall air a' bhàta mhòr on tàinig an sgoth bheag. Cha b' iongnadh ged a bha iomadh màthair a' cnàmh 'na truas, gun chadal gach oidhche ach ag ùrnaigh airson a mic. Chaill aon teaghlach dithis mhac san aon t-seachdain; agus fhuair iad brath aig an aon àm gu robh an treas fear air chall, 's a

bhàta air a dhol fodha. Nochd esan an dèidh a bhith trì latha deug an sgoth bheag am meadhan a' chuain sa gheamhradh.

Sa bhaile, bha an t-seann fheadhainn a' cumail nan dachaighean ri chèile cho math 's a b' urrainn dhaibh, ach cha robh aoibhneas no gàire ri fhaicinn cho tric 's a b' àbhaist. Thug feadhainn tìr-mòr orra gu obraichean riatanach airson a' chogaidh, agus chite na solais a' dol às an taigh an dèidh taigh, 's iad air am fàgail falamh.

Chriochnaich an cogadh, ach b' ann an uair sin a chunnacas a' phris a phàigh am baile. Chaidh mòran bhalach òga gasda a chall, agus maille ris a sin, dh'fhan iadsan a thug tìr-mòr orra gu cosnadh air falbh. Phòs cuid math dhe na càileagan air falbh tro bhliadhnachan a' chogaidh, 's thug iadsan an saoghal farsaing orra. Dh'fhàg sin taighean falamh; agus far nach faiceadh cuid a phàrantan an còrr dòchais dhaib' fhèin fuireach, thug iadsan iad fhèin an aghaidhean air tìr-mòr airson a bhith faisg air an cloinn.

Bha a' chlann bu bhige ro thoiseach a' chogaidh a-nis aig aois falbh gu sgoiltean thìr-mòir; agus cha robh air fhàgail sna taighean 's air cnuic far am b' àbhaist sgalan gàire cloinne a chluinntinn ach na daoine a bha a' fàs sean. Bha cuid dhiubhsan iad fhèin a' tighinn gu deireadh an làithean, an dèidh faisg air deich bliadhna fichead a chur seachad a' togail agus a' suidheachadh a' bhaile a chaidh a chur air bonn aig crìoch aon chogaidh, ach a bha e coltach a bha tighinn gu crìoch an dèidh cogadh mòr eile.

Bha an cladh ri taobh làrach manachainn Chille Bharra, air taobh na beinne os cionn a' bhaile, thuige sin farsaing gu leòr airson uaighean na bha 'nan sìneadh ann; ach an ùine glè bheag b' fheudar a leudachadh airson tuilleadh àite a dhèanamh. Dhùin doras an dèidh dorais, agus chaidh na solais às; bha na raointean farsaing air am fàgail gun treabhadh; agus far an do thuit posta callaide, dh'fhan e 'na shineadh.

Bha am baile a' bàsachadh gun dòigh ri faicinn air ciamar a thilleadh e gu bràth gu bhith coltach ri mar a bha e. Bha na seann dhaoine a' sìor fhalbh agus na teaghlaichean air sgaoileadh. Cha robh obair san eilean a thoireadh air an òigridh tilleadh air ais, oir bha e na b' fhasa teachd-an-tìr fhaotainn air falbh na tilleadh gu riasladh nan croitean – gu h-àraid nuair a dh'atharraich cùisean cho mòr o na làithean a chumadh croit teaghlach le beagan cuideachaidh o thuarasdal cosnaidh sam bith a bha dol.

Thàinig cumhachd an dealain a dh'aindeoin sin, agus gach taitneachd a bha ri fhaotainn leis. Cha robh an còrr feum falbh leis a' phige pharabhain airson na lampan a chumail laiste. Thainig na refrigerators, na h-uidheaman nigheadaireachd agus an telebhisean. Thigeadh bhanaichean chun nan dorsan le gach nì bidh – bha a-nis rathaidean tearradh gu ceann gach taigh. Bha uisge teth is fuar anns gach dachaigh, bratan-ùrlair o thaobh gu taobh far am b' àbhaist na bùird rùisgte a bhith rin sguabadh, agus àirmeis dhe gach cofhurtachd – agus gach nì eile a b' urrainn na teaghlaichean air falbh a sholarachadh dham pàrantan airson na dachaighean a chumail suas.

Chaidh bleoghann bheathaichean is cur a' bhuntàta à fasan; chaidh na seann ghreidealan a thilgeadh gu taobh, is na coireachan iarainn a bha riamh a' goil air cùl an teine; cha robh an còrr feum air a' bholla mhine no coirce aig ceann na beinge – oir bha e na b' fhasa gach nì fhaighinn aig bhan.

Chluinntean an t-seann fheadhainn a' gearain gum bu bhoich nach robh na nithean ud acasan nuair a thòisich iad air an teaghlaichean a thogail – ach nan robh, an deachaidh na croitean riamh a chur air bonn mar a chaidh iad, a dh'aindeoin gach riaslaidh is obrach a bha ceangailte riutha? Am biodh a' chlann cho deònach an telebhisean fhàgail air feasgar fuar geamhraidh airson falbh a shiubhal a' chruidh à fasgadh am measg nan tomagan os cionn a' chladaich, no idir am biodh iad cho deònach bàthach a ghlanadh no gach gnìomh eile a bha ri dhèanamh gu am pàrantan a chuideachadh?

Dh'fhàg an cogadh an t-eilean gun bhàta-iasgaich, agus chuir e crìoch air gach margadh a bha uair ann airson an sgadain a bha air a shailleadh 's air a tharraing air falbh 'na luchdan gu gach ceàrna dhen Eòrpa. Thug na h-òganaich a bhiodh ris an iasgach an aghaidh air muir, is gach cosnadh eile a gheibheadh iad air falbh on eilean – ged a bha an cridheachan 's an smaointean fhathast air an eilean bhòidheach san deachaidh an togail.

Beag air bheag, thòisich luchd-ùghdarras na dùthcha air foilleas a thoirt air staid nan eilean; agus le cuideachadh o dhaoine gasda deònach gnothaichean a leasachadh, thainig bàtaichean-iasgaich ùra calma gu an laimrig fhèin uair eile. Chaidh togalach a chur suas an Aird Mhìghinis san rachadh an t-iasg a làimhseachadh, agus leis a sin thog misneachd na h-òigrìdh tilleadh dhachaigh chun an iasgaich – ceàird a bha 'nan nàdar mar an nàdar an sinnsre romhpa.

An Eòilgearraidh thill an ath linn gu dachaighean am pàrantan; agus thog feadhainn taighean ùra snasmhor dhaib' fhèin. Thog iad eaglais air làr nan gàrraidhean aig an Taigh Mhòr; agus mar chomharra gu robh an t-seann aimsir seachad, leagadh an Taigh Mòr, is e air a bhith falamh agus a' cnàmh airson bhliadhnachan, agus 'na àite thogadh sreath de thaighean-còmhnaidh.

Chan fhaicear each no cairt mar a b' àbhaist, ach 'nan àite cluinnear tractaran a' tarraing an todhair suas às a' chladach agus a' treabhadh a' mhachair, ged nach dèanar gu bràth uiread 's a b' àbhaist, nuair a bha gach croit air a h-obrachadh o cheann gu ceann. Chan eil feum air na miltean a choiseachd, oir chan eil taigh aig nach eil càr 'na sheasamh aig a cheann.

Chithear clann a' cluich air na cnuic uair eile; agus ged a tha an telebhisean aca a-nis, cha do chaill an òigrìdh cuimhne air òrain is dannsa an sinnsre, mar a dhearbhar le èisdeachd rin guthan binn a' seinn aig cèilidh. Chan eil fios no cuimhne acasan air duilgheadas na caitheimh-beatha a bha aig an fheadhainn a bha romhpa.

Dh'fhalbh iadsan a chuir a leithid a shaothair an suidheachadh a' bhaile. Tha iad uile 'nan sìneadh fo chnoc gorm Chille Bharra os a chionn; agus tha fios nach eil iad mì-thoilichte às na rinn iad, a dh'aindeoin gach èiginn a chaidh iad romhpa, 's iad a' sealltainn sìos air an òigrìdh à Tìr nan Og.

Fhuair seo duais ann am farpais airson eachdraidhean ionadail a bha aig Comhairle nan Leabhraichean ann an 1981, ged nach deachaidh fhoillseachadh thuige seo.

Dòchas

Fred MacAmhlaidh

Tha laoidh aca ann an Esperanto agus eadar-theangachadh dhith anns a' mhòr-chuid de chànanan an t-saoghail. Gu chionn beagan bhliadhnaichean, cha robh Gàidhlig idir san àireamh, ach dh'iarraidh ormsa oidhirp a dhèanamh, agus seo a thàinig às.

Tha rùn às ùr air tighinn don chruinne,
Iolach àrd air feadh an t-saogh'il;
Air sgèith na gaoithe, tlàth is milis,
Gun ruigeadh e an cinne-daonnd'.

Chan e an claidheamh fuilteach ruisgte
Bhios na cheann-iùil do theaghlach Dhè;
Tha seo a' tabhann aonta 's naomhachd
Do shaoghal tha fo dhaors' gun chèill.

Fo bhratach bheannaichte làn dòchais
Tha laoich a' treòrachadh gu sìth
Is iad a' neartachadh an adhbhair
Le sòlas suairc' an uile chridh'.

Tha miltean bliadhn' de bhalla làidir
Sgaradh dhùthchannan le tàir,
Ach leaghaidh clachan, siùbhlaidh sgàilean
Nuair a dheàrrsas naomhachd gràis.

Stèidhicht' ann an càirdeas cànanain,
Tuigidh gach cinne càch-a-chèil',
Is ann an carthannas is bàidh
Aon-ghuthach bithidh, gu gràdhach rèidh.

A chaidh cha lasaich laoich ar cànanain
San obair bhlàth nach gabh a luach
Gus an tig an dùrachd àillidh
Gu buil, le beannachd sìorraidh buan.

Maise Nàdair

Niall M. Brownlie

Nuair thig grian bhlàth an earraich,
 Fàsaidh luibhean às ùr,
 'S thig blàth air an t-sòbhraich
 A chinneas sa chùil -
 Glòir-mhais' às ùr.
 Dùisgidh geugan na doire
 Nuair bheir reothadh a chùl,
 Is fàsaidh na chaidil;
 Cha tèid 'n aimsir bhàrr chùrs' -
 Maise nàidir, seud na chrùn.

Feuch an lilidh a' cromadh
 Fon oiteig bheir lùb
 Air a' chuisseig chaoil, chuimir
 Tha giùlan a flùir -
 Glòir-mhais' às ùr.
 Cha robh Solamh cho sgeadaicht'
 Na latha sa chùirt;
 An Rìgh taisbean a chumhachd,
 Cha tèid 'n aimsir bhàrr chùrs' -
 Maise nàdair, seud na chrùn.

A' chraobh a' sgaoileadh a duillich
 Am brat uaine às ùr;
 Na h-eòin feadh nan duilleag
 A' seinn òran mùirn -
 Glòir-mhais' às ùr.
 Gheibh an àlach am fasgadh
 Measg nam meanganan ùr;
 An Rìgh cumail a gheallaidh,
 Cha tèid 'n aimsir bhàrr chùrs' -
 Maise nàdair, seud na chrùn.

Tha ròs bòidheach an t-samhraidh
 Ag aomadh fon drùichd
 Tha a' sileadh gu 'n talamh
 Mar dheòir bhon dà shùil –
 Glòir-mhais' às ùr.
 Ach bròn chan eil ceangailt'
 Ri sileadh a ghnùis;
 An Rìgh 'n gràdh air a' chruinne,
 Cha tèid an aimsir bhàrr chùrs' –
 Maise nàdair, seud na chrùn.

A' chiad dhuais aig Mòd Nàiseanta Shruighlea, 1987.

© Na còraichean glèidhte

Mar a Bha is Mar a Tha

Calum MacLeòid

Thogadh mi eadar an dà chogadh ann am baile beag anns na Hearadh far an robh Gàidhlig ga bruidhinn a h-uile latha. Tha cuimhn' agam gun cuireadh e nàir' orm nan robh agam ri Beurla a bhruidhinn ann an èisdeachd muinntir a' bhaile – 's ann aig a' bhalach-sgoile no aig an nighinn a bhiodh e air fhàgail còmhradh a dhèanamh ri luchd-tadhail aig nach robh ach Beurla. Mar sin bha a' Ghàidhlig cho nàdarrach dhòmhsa agus a bha an anail a bha mi a' tarraing.

Thàinig àm na mo bheatha agus cha robh cothrom air Gàidhlig a chleachdadh ach glè ainneamh, fìor ghlè ainneamh. An uair a thill mi dhachaigh bha a' Ghàidhlig agam cho siùbhlach 's a bha i riamh ach gu robh beagan fhacal nach tigeadh thugam. Tha cuimhn' agam gu robh spàirn agam a' cuimhneachadh air *caoran* (caoran mòna)!

An uair sin bha mi an sàs an cuid de dh'obair na Gàidhlig, agus b' inntinneach a bhith tadhal air eileanan agus a' cluinntinn caochladh Gàidhlig. Fear no tè a bhuineas do dh'Ile no do Mhuile a tha fileanta sa Ghàidhlig, tha iad math dha-rìribh – cha chleachd iad aon fhacal Beurla. Chan ann mar sin a tha cùisean anns na h-eileanan mu thuath – cluinnear mablaich Gàidhlig is Beurla. Far an do cleachd Gàidhlig a bhith gu siùbhlach aig cloinn, cha bhruidhinn iad facal an-diugh – cuid dhiubh a thuigeas i, ach cha bhruidhinn iad i. Mura cleachd iad a' Ghàidhlig, cha bhi i aca.

Tha feadhainn eile ann a fhuair àrd-fhoghlam gu ìre chonaisdean is oilthighean: tha iad rudeigin siùbhlach, ach mo thruaighe a' Ghàidhlig a th' aca – dìreach air a h-cadar-theangachadh on Bheurla, gun sgeul air gnàthasan-cainnte! Tha cuid mhòr de na tha mi a' cluinntinn an-diugh a' cur uabhas orm! Dè a chuala mi 'n-diugh ach “bana-bhoireannach” – saoil dè an seòrsa creutair a th'innte/th'ann! Bha uair a bhathar a' cleachdadh *obair*, *cosnadh*, *dreuchd* – an-diugh cha chluinn sinn ach *DREUCHD!* Nach iongantach an cloc a tha an cuid a thogalaichean – tha e streap ri fichead mionaid an dèidh a naodh!

Tha fhios againn uile gu feum Gàidhlig atharrachadh gu bhith beò, ach tha eagal mòr orm gu bheil a' Ghàidhlig mar a b' aithne

dhòmhs' i air a dhol bhuaithe. 'S e nì prìseil a bh' ann an Gàidhlig na dachaigh – Gàidhlig glùin mo mhàthar. 'S ann ainneamh a thig duine thairis air suidheachadh mar sin an-diugh. Chuala mi iomradh air a dhèanamh bho chionn ghoirid air cùrsa Gàidhlig do luchd-craolaidh, agus sin bho luchd-craolaidh. Tha mi 'n dòchas gun tèid cùrsa den t-seòrsa seo a chur air chois, oir na mo bhàrail-sa bhiodh e air leth feumail.

Tha mòran ga dhèanamh às leth na Gàidhlig an-diugh le sgoiltean àraich is caochladh bhuidhnean, cuid dhuibh sean, cuid dhiubh òg, foillseachadh leabhraichean, cuid de chraoladh air radio is telebhisean – ach mura bi a' Ghàidhlig *air a bruidheann*, cha mhair i beò. Tha mòran an crochadh ri pàrantan le Gàidhlig aig a bheil clann.

Tha Mgr. MacLeòid às na Hearadh, agus b' àbhaist dha a bhith na Leas Fhear-Stiùiridh aig a' Chomunn Ghàidhealach.

Caistealan Steòrnabhaigh

Coinneach D. Mac a' Ghobhainn

Tha Steòrnabhagh àlainn nan sràidean 's nam bùth
Is Gearraidh Cruaidh nan allt is nan coilltean tha dlùth;
'S e an Caisteal as bòidhche – 's e pròis an Taobh Tuath,
Anns an eilean laigheas àlainn sa cheàrnaidh mu Thuath -
Leòdhas mo ghràidh.

Murchadh MacGhilleMhoire

Siud mar a sgrìobh am bàrd Leòdhasach air an aitreabh a chithear thar sràidean baile mòr Steòrnabhaigh – togalach snasail am measg nan craobhan air taobh a deas a' bhàigh air a bheil am baile air a thogail. Tha an Caisteal air a thogail gu daingeann le clach air a tarraing bho Dail Beag agus air a sgeadachadh a-muigh le *freestone* a thàinig bho Eilean Mhàrtainn.

An coimeas ri caistealan eile ann an Alba, chan eil Caisteal Steòrnabhaigh fìor shean idir – gu dearbh, chan eil e ach còrr is beagan bhliadhachan thairis air a' cheud ann an aois. B' e an Ridire Seumas MacMhathain à Dùthaich MhicAoidh a thog an Caisteal, an dèidh dha Eilean Leòdhais a cheannach air pris dlùth air dà cheud mìle nota anns a' bhliadhna 1844. Bha e air ùr-thilleadh as an Airde 'n Ear, far na thionail e mòr-bheartas.

Chosg an togalach, anns an robh faisg air ceithir fichead seòmar, suas ri ceithir fichead mìle nota eile, agus mus do sguir an duine urramach, fialaidh de a chuid obrach, chuir e leth-cheud mìle nota eile an sàs ann an rathaidean, craobhan agus curachd de gach seòrsa anns an fhearann ceithir-thimcheall a' Chaisteil.

Is Gearraidh Cruaidh nan allt is nan coilltean tha dlùth...

Tha muinntir Steòrnabhaigh air leth sealbhach gu bheil aca air bràighe a' bhaile togalach eireachdail agus lios fìor bhòidheach a tha a' cur loinn air a' bhaile.

Bha seumarlan aig an Ridire Seumas a bha cealgach, agus thàinig croitearan Bheàrnaraigh gu ruige rèidhlean a' Chaisteil airson casaid a dhèanamh na aghaidh. B' e a bhliadhna 1874 agus a' mhìos an t-Iuchar, ceann-latha ainmeil. Sgrìobh bàrd nan Lochan, Murchadh a' Cheisteir, gu soilleir air a' chuspair ann an *Oran Muinntir Bheàrnaraigh*:

Nuair dh'innis sibh don t-siorram
 Mu na dh'fhuiling sibh de dh'fhòirneart,
 'S a cheasnaich e gach fear agaibh
 Mun earraid 's mun a' chòta,
 Ràinig sibh am Matsonach
 Sa chaisteal san robh chòmhnaidh,
 Is chuir sibh iollach suas an sin
 A chual' e staigh na sheòmar.

Nuair a chunnaic e tro uinneig
 Na bha muigh gha iarraidh
 De threun-fhir throma dhèanadh pronnadh
 Nam bu chron bu mhiann leibh,
 Thàinig agus dh'èisd e ribh,
 'S am Beurla rinn sibh sgeul dha
 Mar bha sibh air bhur sàrachadh
 Fo làmh a dhroch fhir-riaghlaidh.

Aig deireadh a' Chogaidh Mhòir chaidh Leòdhas a reic mar oighreachd, agus is e am Mhorair Leverhulme a thàinig don Chaisteal. Bha e na rùn mòran a dhèanamh às leth nan daoine – an crannchur a leasachadh is obraichean ùra a chur air adhart, leithid rathaidean agus iasgaich. Is e “Bodach an t-Siabainn” a thug iad air, oir is ann à Port an t-Siabainn a bha a mhaoin ri tighinn.

Am measg nan daoine ainmeil a thàinig air aoigheachd don Chaisteal ri linn Leverhulme – eadar an dà chogadh – bha an seinn-eadair agus am fear-atharrais cliùiteach, an Ridire Harry Lauder; an cleasaiche barraichte sin, Teàrlach Coburn; an neach-trusaidh coisrigte a thog ceòl is òrain nan Gàidheal air feadh nan Eilean – a' Bhean-phòsda uasal, Marjory Kennedy-Fraser.

Gheibhear cunntas breithneachail air làithean agus saothair a' Mhorair Leverhulme ann an Caisteal Steòrnabhaigh ann an leabhar intinneach Nigel MhicNeacail, *Lord of the Isles*.

Air don Mhorair uasal bàsachadh anns a' bhliadhna naodh ceud deug is còig thar fhichead, thainig atharrachadh air cùisean. Bha e air fearann an Eilein a reic na earrannan mar oighreachdan beaga, agus thàinig an Caisteal agus am fearann na chois mar dhìleab gu Baile Steòrnabhaigh, agus tha e an-diugh mar Urras aig Comhairle nan Eilean. Aig àm a' chogaidh mu dheireadh, bha an Caisteal na

thaigh-eiridinn, agus an-diugh tha an aitreabh ainmeil mar ionad-foghlaim do dh'òigridh an eilein.

Aig toiseach tòiseachaidh is e balaich a-mhàin a bha air an oileanachadh – ann an Seòladaireachd, Einnseanaireachd, Togalachd is Breabadaireachd. Tha balaich a' Chaisteil an-diugh ri seòladh nan seachd cuantan aig inbhe caiptein air iomadh seòrsa soithich.

Chaidh leudachadh nach bu bheag a dhèanamh air na cuspairean a ghabhadh faotainn ann an Colaisde a' Chaisteil fo riaghladh na Comhairle, agus a-nis faodar teagaisg fhaighinn ann an Còcaireachd, Marsantachd is Clèireachd gu ìre nan teisteanas as àirde san tìr. Gu dearbh fhèin, nach ann air an làrach seo air na sheas taigh-còmhnaidh Iarla Shìophoirt bho thùs a thàinig an dà latha?

Tha e inntinneach, agus cuideachd annasach, ri innse nach b' ann idir air an làrach seo a *bha* Caisteal Steòrnabhaigh, air a bheil eachdraidh sgrìobhte cho fad' air ais ri toiseach na seachdamh linn deug. Air feadh nan Eileanan Siar, agus eadar iad agus tìr-mòr, bha mòran aimhreite, agus dh'fhàg seo an Riaghaltas glè an-shocrach. Rinn an Rìgh Seumas VI oidhirp air smachd fhaighinn. Chaidh cùmhnant sgrìobhte a thoirt don bhuidheann na '*Fife Adventurers*' iad fhèin a shuidheachadh air bràigh baile beag iasgaich Steòrnabhaigh dlùth ris a' Chaisteal. Chaidh an cùl-sgrìobhadh a thoirt air an ochdamh latha thar fhichead den Og-mhios, 1598.

Chaidh a' chiad iomairt a thug na coigrich à Fìobha nan aghaidh, ged a bha sia ceud saighdear tuarasdail air an siubhal.

Ann an bhliadhna sia ceud deug agus a seachd, thàinig luchd-àiteachaidh Fhìobha aon uair eile agus ghabh iad sealbh air an t-seann chaisteal. Bha a h-uile coltas ann gu robh cùisean ri dol leotha, ach, a charaid ort, 's beag aithne a bha aca air ceatharnaich an eilein. Air taobh nan Leòdach nochd an t-eucorach ainmeil Niall MacLeòid, agus còmhla ris an gaisgeach treun Uigeach sin, Dòmhnall Cam MacDhùghaill. Le chèile thug iad ionnsaigh fhiadhaich agus loisgeach air a' Chaisteal, far an robh na mòr-thìrich air iad fhèin a dhaingneachadh. Bha a' bhuaidh le na Leòdaich aig deireadh an latha, agus le sin thàinig an dara h-oidhirp air Leòdhas a cheannsachadh gu neoni.

Is e na saighdearan aig Cromwell a thug an ath ionnsaigh air daingneach Steòrnabhaigh, agus rinn iadsan fìor dhroch mhilleadh

air an aitreabh, gu ìre nach do thog an caisteal àite tuilleadh ann an eachdraidh.

Aig deireadh na naodhamh linn deug bha baile Steòrnabhaigh, agus gu h-àraid an acarsaid, a' sior dhol am meud. Bha bàtaichean-iasgaich agus iomadh soitheach eile a-mach agus a-steach às a' phort, agus bha tobhta a' Chaisteil na cunnart dhaibh. Chithear dealbhan fhathast den togalach, dlùth do prìomh chidhe na h-acarsaid (No. 1 Wharf). B' fheudar an càrn a thogail air falbh, agus mar sin chaidh na bha an èis a spealgadh às a cheile. Chan eil air lorg an-diugh ach clàr air balla nam *Maritime Buildings* leis an teachdaireachd shimplidh seo:

AIR AN LARACH SEO BHA SEANN
CHAISTEAL STEORNABHAIGH
AN DAIGHNEACHD AIG CINN-FEADHNA
CLANN MHICLEOID LEODHAIS O SHEAN

Sin agaibh e, ma-ta. An Caisteal o shean air nach eil lorg ach ann an eachdraidh agus a tha na chàrn chlach fo phrìomh chidhe a' bhaile, agus Caisteal an là an-diugh na ionad-foghlaim cliùiteach.

Agus nach e sùileachan a tha ann gur e ainm an fhir a bha mar mheadhan air an seann chaisteal a leagail a tha an-diugh air sràid àrd a' bhaile?

Mar a Dhìon Mi Mo Chàr

Criosaidh Dick

Cheannaich mi càr ùr – fear dearg. Thug mi greiseag a’ deasbad nam inntinn co-dhiù cheannaichinn fear dearg no fear geal. ’S e fear gorm a bh’ agam.

Bha nàbaidh – Gall – a-staigh againn latha agus fhad ’s a bha e ag òl cupa cofaidh, bha e a’ toirt sùil air fear de na pàipearan-naidheachd Gàidhealach a bh’ air a bhòrd. “Nach eil seo annasach,” ars esan. “Seall na sanasan a tha seo airson chàraichean. Tha h-uile fear aca ag innse dè an dath a th’ air a’ chàr agus chan eil aonan aca ag innse dè a’ phris a tha iad. ’S fheudar nach eil pris a’ cur dragh air na *teuchters* idir.”

Chòimhead mi air na sanasan a bha e a’ leughadh agus chòimhead mi an uair sin anns na pàipearan Gàidhealach eile. Bha e ceart! Cha robh pris mu choinneamh aon aca!

“Ach carson a bhitheadh?” dh’fhaighneachd mi dha. “Tha fios aig a h-uile neach dè as urrainn dhi a phàigheadh airson càr agus tha fios aice dè seòrsa càr a tha i ag iarraidh. (Chan e sin an aon rud ri dè seòrsa càr a chòrdadh rithe!) Ach ’s e cheist – dè an dath?”

Cha robh esan ach a’ crathadh a chinn. Tha mi a’ tuigsinn às a sin gu bheil na *teuchters* do-thuigsinneach do na Goill.

Co-dhiù, nuair a thàinig e gu h-aon ’s gu dhà dhòmhsa mo roghainn a dhèanamh eadar càr geal ’s càr dearg, cha robh deasbad ann. Mur gabhainn an càr a bh’ aca anns a’ bhùtha – càr dearg – dh’fheumainn fuireach seachdain no dhà gus am faigheadh iad dath eile den t-seòrsa bha mi ag iarraidh. Chan eil foighidinn ann. Ma tha mi a’ ceannach càr ùr, tha mi ga iarraidh anns a’ bhad. Mar sin cheannaich mi an càr dearg.

Ach ’s e nis an càr a dhìon.

Cha toigh le John càraichean agus cha mhotha na sin a tha e math dhaibh. Bidh e gan call anns a’ bhaile mhòr. Cha bhi cuimhn’ aige càit an do dh’fhàg e an car. Bidh e cuideachd a’ call na h-iuchrach agus bidh e a’ faighinn bhileagan-parcaidh nan torran.

Cha mhotha na sin as toigh leis neach eile bhith ga dhraibheadh. Mar sin nuair a bhitheas sinn còmhla ’s esan a bhitheas a’ draibheadh. Agus bidh an càr bochd a’ faighinn a dhochann. Bidh na *gears* a’

sgreuchail; bidh an t-einnsean a' bàsachadh aig na solais; bidh an càr a' bocadaich agus bidh John ga chàineadh.

Agus a' chlann: "Am faigh mi iasad den chàr agaibh? Tha e nas brèagha/nas motha/nas luaithe/nas glaine na 'n càr agamsa." 'S e tha seo a' ciallachadh ach: chan eil mi a' faicinn carson a bhiodh càr ùr math agaibhse agus gun agamsa ach ablach, agus co-dhiù chan eil boinne peatroil anns a' chàr agamsa agus mur toir sibh dhomh airgead chan urrainn dhomh sgath a chur ann.

Tuigidh fear-leughaidh leth-fhacal!

Agus coin is caoraich. Chan eil e gu diofar dè cho tric 's a tha mi a' maoidheadh air John agus air a' chloinn nach eil a chridhe' aca cù no caora a chur don chàr agam, bidh iad a' toirt mo char asam.

Aon latha bha Gilbert – an gille as òige – ag iarraidh a' chàr airson a dhol a dh'Inbhir Air. Sin far a bheil sinn a' geamhrachadh nan othaisgean agus bha e airson a dhol a choimhead an robh iad ceart gu leòr, ma b' fhior. Thuir mi gum faigheadh e an càr fhad 's nach robh e a' toirt leis cù. Cha robh. Cha robh feum aig' air cù ann.

Bhon a bha aige ri dhol tro Ghlaschu, dh'iarr mi air tadhal air Ceit – tè de na h-ighnean – le gnothach, air a dhol seachad. Cha robh ise fada gus an robh i air a' fòn. "Chunnaic mi sealladh, ann an teis-meadhan Ghlaschu, cho annasach ri sealladh a chunnaic mi riamh. Chaidh mi sìos chun a' chàr còmhla ri Gilbert an uair a bha e a' falbh. Bha nighean bhòidheach na suidhe gu dòigheil an toiseach a' chàr agus caora gu dòigheil na stob anns an deireadh!"

Nis, cha do dh'innis duine dhomhsa gun robh tè dhe na h-othaisgean air bàsachadh agus gur ann airson tèile chur na h-àite bha e a' dol air an turas. Ach mar as tric a thachras, "Gheibh thu deireadh na sgeòil an asgaidh!"

Carson mar sin a bhiodh e na iongnadh do Ghall no do Ghàidheal gu bheil e cudthromach gum biodh smachd aig neach air dath a càr fhèin?

Bantrach Cogaidh

Iain MacLeòid

Sgaoil i aodach air gàrradh:
 Briogais bhàn is lèine gheal,
 Crios gorm leathann,
 Còrd geal caol.
 Bha mi air clach ri taobh,
 Bonaid cruinn air mo cheann:
 Bonaid m' athar.
 Deise ghorm na stiallan,
 Mar reub iad bho chorp i
 Nuair fhuair iad e
 Fuar bàthte air an tràigh,
 Air a pasgadh le làmhan gràidh
 Is cridhe brist':
 Mar deise rìgh dol gu banais.

Carson tha thu dol uair sa mhios
 Don phost-oifis nad aodach dubh,
 Le cridhe trom,
 'S a' tilleadh feasgar
 Le leabhar a' pheinnsein nad làimh?
 Carson a thog thu mi nad uchd
 'S do cheann crom,
 Is fhluich thu m' aodann le do dheòir
 Nuair thuir mi,
 "Mhàthair, cà'il m' athair?"

Aon là san sgoil
 Sheas sinn sàmhach dà mhionaid,
 A' cuimhneachadh
 Air laoich a' Chogaidh Mhòir,
 Is ruith mi dhachaigh na mo dheann
 A dh'innse dhi,
 "Cha bhi cogadh tuilleadh ann."

Oidhche gheamhraidh bha i sniomh,
Shuidh mi ri taobh.
Bha ceann dol liath, 's i fhathast òg.
An lùib an t-snàth chaidh fuiltean min
Mar shioda measg an duibh.
Thuirt i, “Glèidh cuimhne orms’
Nuair chì thu m’ fhalt an lùib an t-snàth
'S nach bi mi ann.”
'S mar thubhairt, bha.

Rinn iad d’ uaigh ri taobh nan tonn.
Cha chlisg thu chaidh aig gaoith no stoirm.
Sibh 'n sin cho rèidh – thu fhèin 's an cuan.
Cha toir e tuilleadh uat do ghràdh.
'S nach math gun tug an bàs thu tràth
'S nach fhac' thu cogadh ùr nad là.
'S nach fhac' thu mise falbh don bhlàr,
Le deise ghorm is bonaid cruinn
Mar bh' air m' athair
Nuair fhuair iad marbh e
Aig a' Bhràigh.

Briseadh Latha

Dòmhnall Alasdair

Moch sa mhadainn dh'èirich mi
 'S an cruinne-cè dhomh òg -
 Nam bhalach fallain geur-chùiseach,
 Bha dèidh agam air eòl.
 Bha ghrian aig bonn nan speuran
 Air ruagadh reul is sgòth,
 'S i deàlradh air an uisge rèidh
 Dhèanadh eudmhor airgead-beò.

Laigh mi anns an fheur gu h-àrd
 Air bàrr nan creagan ciar;
 Chunna mi biast-dhubh a' snàmh
 'S a' tighinn gu tràigh le biadh;
 Ròn na chadal anns a' bhàgh
 Gun càil ach sròn air sgeul,
 'S thàinig sgarbh a-mach à sàl
 Is sgaoil ri blàths gach sgiath.

Gu h-àrd bha uiseag a' sgaoileadh a ciùil -
 Cha dhearcadh mo shùil oirre fhèin;
 An traon le torghan air mo chùl
 'S an guilbneach siùbhlach air sgèith;
 Coinean a' criomadh feur fon driùchd
 'S na flùran a' dathadh an t-slèibh -
 Briseadh an là ud a chunna mo shùil
 Tha nam chuimhne cho dlùth ris an-dè.

Bha mi 'n iomadh àite bòidheach
 Air tìr-mòr 's an tìrean cèin,
 Ach nam chuimhn' an-diugh tha sgleò orr'
 Ged a chòrd iad rium gu lèir -
 Ach a' mhadainn ud nam òige
 Bha cho òirdheirc agus sèimh,
 Cha tig smal oirr', cha tig ceò oirr',
 Chan eil sgòthan ann an nèamh.

Dòmhnall Ailig MacLeòid – Cò E?

Iain Aonghas MacLeòid

Is math a dh'fhaodadh sibh faighneachd, oir is aithne dhuibh uile, tha mi cinnteach, còrr is aon fhear den ainm sin. Ach ma bheir mi dhuibh an t-ainm is an combarradh Dòmhnall Ailig MacLeòid *CBE*, tha sin a' toirt fa-near Gàidheal sònraichte a rugadh air croit anns na Hearadh agus a dh'imich a-mach do shaoghal mòr na Malairt, far an do choisinn e cliù agus urram a tha foillsichte anns an Onair sin a chuir Riaghaltas buidheach air ann an 1965 – Ceannard ann an Ordugh Impireachd Bhreatainn.

B' ann an dreuchd bancair, anns a' cheàrn de thaobh an Iar Afraga ris an abrar an-diugh Nigeria, a chuir e seachad an earrann bu tairbhiche is bu chliùitiche de bheatha. Ach ged a leig e dheth a dhreuchd ro aois trì fichead, mar as dual do Bhreatannaich ag obair ann an dùthaich theth, agus ged a dheònaich e cluaineas ann an sàmhchair iomall de bhaile mòr Dhùn Eideann, cha b' ann idir airson suidhe le a chasan air stòl a' leughadh leabhair. Bha an eanchainn fhathast air ghleus; bha tàlann, eòlas is fiosrachadh an siud a ghabhadh cur gu buaidh, is rinn e sin – mir bheag gu leasachadh dha fhèin ach mòran de dh'obair luachmhor, shaor-thoileach air sgàth muinntir eile. Bhiodh e ris a sin fhathast, ach air a' bhliadhna seo fhèin, is e air trì fichead bliadhna is a còig deug a chur na dhèidh, dh'òrdaich an lighiche gu robh a thìde aige gach eallach a leigeil dheth.

Nuair a sgrìobh fear-deasachaidh an leabhair seo thugam a' sireadh criomag sgrìobhaidh, mhol e, am measg nan cuspairean a bhiodh freagarrach, eachdraidh-beatha Gàidheil no Eileanaich a fhuair cliù air muir no air tìr, an cogadh no an sìth, anns an dùthaich seo no an tìrean cèin. Gu grad leum iomhaigh Dhòmhnail gu m' inntinn mar chuspair a bhiodh air leth freagarrach. Bha làn-fhios agam nach biodh cothrom fèin-eachdraidh a tharraing às an duine mhàlda, stuama, nach cualas riamh a' dèanamh bòsd air a ghniomhan buadhach; bha mi eòlach air iomadh sgrìobhaiche Gàidhlig aig an robh peann gu math na b' fhileanta na mise airson dleasdanas mar seo; ach, ar leam, tha aon ni a' toirt dhòmhsa, is dòcha, làmh-uachdair air feadhainn eile – is e Dòmhnall mac bràthair m' athar fhèin. Chan

e a-mhàin sin ach, bho chionn trì fichead bliadhna air ais, bha greis a bha e agam mar bhràthair nar teaghlach, is e a' còmhnaidh nar dachaigh-ne, aig àm a bhith a' dol do Sgoil an Ridire Eideard Scott ann an Tairbeart na Hearadh. Bha Dòmhnall ceithir bliadhna na bu shine na mise is cha robh bràthair agam nar teaghlach.

Ma-ta, gu ar sgeul. Rugadh Dòmhnall (cha leig sinn a leas a bhith ag ath-aithris an ainm mheadhanaich gach uair) ann an Driniseadar, anns na Hearadh, anns a' Ghearran 1916, an ath-dhoras ri ar seanair is ar seanmhair, Iain Bàn agus Raonaid. B' e athair Ailig Iain Bhàin agus a mhàthair Mòr Alasdair à Sgadabhagh. Tha e glè inntinneach anns an dol seachad sealltainn air fear eile a ràinig àrd-inbhe, cliù is urram, fear a bha càirdeach do Dhòmhnall air an dà thaobh, taobh athar is taobh a mhàthar. Is e sin an t-Ard-Ollamh Urramach Murchadh Eòghainn Dòmhnallach, a bha a' teagasg ann an Oilthigh Ghlaschu. Cha robh ach ochd mìosan deug eadar Murchadh Eòghainn is Dòmhnall, agus mar sin thug iad greisean còmhla anns an aon sgoil, an toiseach ann an Driniseadar agus a-rithist air an Tairbeart.

Ann an teaghlach Iain Bhàin is Raonaid bha nighean is triùir bhràithrean, is Ailig na bhràthair meadhanach. A rèir na dòigh àbhaistich, bhiodh a' chroit a' dol chun a' ghille a bu shine is an taigh-còmhnaidh chun a' ghille a b' òige. Bhiodh aig nigheanan is bràithrean meadhanach an seòl fhèin a ghabhail. Is e teaghlach dlùth, gràdhach a bha aig Iain Bàn, agus leis a' bhràthair a bu shine a bhith na mharaiche, bha an cothrom aig Ailig is a theaghlach fuireach air a' chroit. Mar sin, bha Dòmhnall ann an Sgoil Dhriniseadair gus an robh e deich bliadhna dh'aois. Ann an 1925 chaidh oighreachd mhòr ann an Uibhist a Tuath a bhristeadh sìos mar chroitean, agus fhuair Ailig Iain Bhàin tairgse air aon de na croitean ann am Bàgh a' Chàise. Rinn an teaghlach imrich aig toiseach 1926, agus chaidh foghlam Dhòmhnail air adhart ann an Sgoil Loch Portain – ach abair slighe gharbh, fhada gach madainn is feasgar, seach an trì cheud slat bhon taigh gu Sgoil Dhriniseadair.

Ann an trì bliadhna bha an clas mu dheireadh na dhèidh anns a' bhun-sgoil. B' e Sgoil Eideird Scott air an Tairbeart a roghnaich e. Bha bràthair-athar an sin is an taigh aige cha mhòr ri taobh an taigh-sgoile; cha robh Driniseadar ach còig mìle air falbh, agus air a' chroit air an do rugadh e bha am bràthair athar a b' òige. Sin mar a thàinig

e gu bhith fuireach anns an dachaigh againne agus gu bhith ann an riochd bràthar agamsa bho Dhiluain gu Dihaoine. Gach ceann seachdain, choisicheadh e sìos gu Driniseadar còmhla ri grunnan de sgoilearan eile a bha ann an loisdinn air an Tairbeart is a' coiseachd dhachaigh do na Bàigh gach feasgar Dihaoine.

Ann an 1931, bhuannaich e am Bonn Oir mar Dux na Sgoile is fhuair e tabhartas gu àrd-sgoil ainmeil – Sgoil Keil ann an Dùn Breatann. Thug e trì bliadhna an sin le deagh thoradh ann an sgoilearachd, agus anns a' Ghiblean an 1934 ghabhadh a mar phreantas ann am Banca na h-Alba, ann an Obar-Pheallaidh. Cha do chuir deuchainnean Reachd a' Bhancaidh maille-rathaid sam bith air. Bhiodh e cubhaidh aithris dìreach an seo gu robh e an sàs ann an gnothaichean Comunn Gàidhealach Obar-Pheallaidh còmhla ris an t-sàr bhana-Ghàidheal laghach ud Petrìne Stiùbhart. Bha Dòmhnall ag ràdh rium nach do rinn e moran "ach cuideachadh ann a bhith a' cur chèilidhean air bonn, a' gabhail pàirt ann an dealbh-chluichean agus a' dèanamh fhuaimnean neònach anns a' chòisir". Co-dhiù, tha fios agam bho dhuine no dithis gu robh e trang, dìcheallach air sgàth na Gàidhlig, agus ged nach robh e ann an Obar-Pheallaidh ach dà bhliadhna gu leth, nochd an Comunn an taingealachd le peann agus cuibhrige-siubhail. Is cuimhne leis cuideachd a' chiad duais fhaighinn air Beul-aithris aig Mòd ionadail.

Anns na làithean ud cha robh mòran tuarasdail aig gillean òga ann am Banca, agus b' e £70 anns a' bhliadhna a bha e a' faotainn, agus le smaointean ris na bliadhnaichean ri teachd, thàinig e gu co-dhùnadh a bha ri saoghal mòr ùr fhosgladh air thoiseach air. Ann am foghar 1936 fhuair e cothrom àite ann am Banca Ceàrn Breatannach Afraga an Iar. Thug e aona mìos deug anns an oifis aca ann an Lunnainn, agus an uair sin sheòl e a-null thairis. Thòisich e a dhreuchd ann an Afraga ann am baile Ibadan agus an dèidh greis chaidh e gu baile Kano. Thàinig e air ais air saor-làithean sa Chèitean 1939; thill e gu ruige Kano, a' ruigheachd a' bhaile dìreach am feasgar mun deachaidh an Cogadh a ghlaodh. Cha robh saor-làithean aige tuilleadh gu meadhan 1941, agus dheònaich e tighinn dhachaigh leis a' bhàta-smùid. Bha am Banca an aghaidh seo, agus dh'fheuch iad a chur dheth, a' moladh a shaor-làithean a chur seachad ann an Afraga a Deas. Dhiùlt e an comhairle is sheòl e; ach, mo chreach, eadar Dakar is Eileanan Azores fhuair long-fo-mhuir sealladh orra agus

bha toirpead a-steach innte mun cnagadh tu cnò. Bha Dòmhnall deich uairean a thìde ann am bàta-teasairginn air an fhairge, gun stiall aige ach na bha air a dhruim. Gu fortanach, chaidh an togail agus ràinig Dòmhnall dhachaigh gu sàbhailte.

Sgrìobh Dòmhnall chun a' Bhanca a' toirt suas a dhreuchd, agus dheònaich e seirbheis-cogaidh anns an RAF. Chaidh a theagasg ann an dealbh-thogail bhon adhar agus chuir e seachad a sheirbheis anns an Aird an Ear: na h-Innseachan, Burma, Ceylon agus Eileanan a' Chuain Shèimh. Chaidh a dhì-fheachdachadh anns an Iuchar 1946, agus dà mhìos an dèidh sin phòs e tè air an d' fhuair e eòlas rè na h-ùine a bha e ann an Obar-Pheallaidh, Barabal NicIlleBhàin à Ceann Loch Raineach. An dèidh mìos nam pòg, thug e suas a dhreuchd aig a' Bhanca agus ro àm na Nollaig a' bhliadhna sin bha e air ais ann an Afraga. Ann am meur a' Bhanca ann an Lagos, chaidh e air adhart bho bhith na Chunntaisear gu bhith na Iar-Mhanaidsear gu suidheachadh Manaidseir ann am meuran Ibadan, Jos, Kano agus Kaduna. Anns a' Mhàrt an 1958 chaidh a shuidheachadh mar Fhear-Stiùiridh na dùthcha uile, le còrr is 70 meur agus còrr is trì mìle de chòmhlain. Tha mi an dùil gum bi e inntinneach innse gu robh, cadar 1966 and 1967, am fear a tha an-diugh na Phrìomhaire againn am Breatann, Iain Major, na ghille òg ag obair ann am meur den Bhanca ann an Ceann a Tuath na dùthcha, car fada air falbh bho oifis Dhòmhnail ann an Lagos. Co-dhiù, bhrist Iain Major a chas ann an tubaist le càr mun d' fhuair Dòmhnall cothrom coinneachadh ris, agus thill esan air ais do Lunnainn. Tha sibh uile eòlach air mar a chaidh leis ann an gnothaichean poilitigeach.

Bidh cuimhne aig deagh chuid air a' cheannairc a bha ann an Nigeria, nuair a dh'fheuch pàirt den dùthaich ris an cante Biafra bristeadh air falbh gu bhith saor bhon Riaghaltas. Chuir seo eallach uabhasach trom air Dòmhnall, oir bha an treas cuid de na meuran aige ann am Biafra, agus fàgaidh mi aig bhur mac-meanmainn dè a' chreach is an spùinneadh a chaidh air adhart agus a' mhì-riaghailt a bha am follais an dèidh don Arm a' cheannairc a cheannsachadh. Cha deachaidh e seachad air an Riaghaltas an dòigh anns an do ghiùlain Dòmhnall e fhèin agus an dìongmhaltas leis an deachaidh e air adhart a' leasachadh toradh na h-ùpraid. Ann an 1968 dh'òrdaich an Riaghaltas gum biodh am Banca is gach companaidh choimheach air an stèidheachadh anns an dùthaich, agus chaidh Dòmhnall a shuidh-

eachadh mar a' chiad Fhear-cathrach air Bun-Bhanca Nigeria Earranta. Bha e an sin gus an do leig e dheth a dhreuchd ann an 1971.

Chan e a-mhàin gu robh e ann an àrd-inbhe sa Bhanca, ach bha iarrtas air an ealantachd, air an còlas, an comas-labhairt is gach tàlann a dh'fhoillsich e bho bhuidheannan eile anns an dùthaich. Aig amannan chaidh a shuidheachadh sna h-àitean a leanas: air Bòrd-stiùiridh Banca Nigeria airson gnìomhachas a leasachadh; air Bòrd-stiùiridh Ughdarras Phort-mara Nigeria; na Iar-Cheann-suidhe Seòmar Malairt is Gnìomhachais baile Lagos; na Fhear-cathrach Companaidh Bhogsaichean Meatailt (Nigeria) Earranta.

Mar a dh'innis mi, fhuair e urram CBE ann an 1965, ach beagan roimhe sin bha Reachd a' Bhancaidh air urram àraidh a chur air Dòmhnall, ga thaghadh mar Chompanach den Reachd.

Chan iongnadh, ma-ta, nuair a chualas gu robh fear den chliù seo fa sgaoil is coltas de bhliadhnaichean comasachd ann fhathast, nach fhada gus an robh clag an teileafon agus clag an dorais a' seirm anns an taigh air a bheil an t-ainm freagarrach "Na h-Airdean" ann an iomall de Dhùn Eideann, Pàirc a' Chnuic.

Airson beagan bhliadhnaichean bhiodh companaidh Eadailteach a' tighinn thuige a' sireadh comhairle ann an gnothaichean maoineachail; bha e ceithir bliadhna na ionmhasair cuid den latha ann an Sgoil Ullachaidh Achadh Charaghail; agus rinn e mòran obrach gu saor-thoileach do bhuidheannan mar Comhairle Seirbheis Comannach na h-Albann; Co-chuideachd Albannach Bhuidheannan Saor-thoileach Cùram Cloinne; agus, air dha fhèin is a bhean ceangal gu tràth ri Eaglais Chramoind, cha b' fhada gus an do thogadh e gu comataidhean na h-Eaglais, agus gu sònraichte mar Fhear-gairme Comataidh na Maoin.

Mar a thuirt mi cheana, tha a' bheath'-eachdraidh seo airidh air peann nas fhilcanta na mo pheann-sa, ach tha mi an dòchas gun d' fhuair sibh boillsgeadh air sàr-Ghàidheal. Dhìrich e àirde nach eil ceadaichte ach do bheagan den chinne-daonna; chuir e a thàlann gu feum fada 's farsaing, is cha do rinn e riamh diochuimhne no tàir air na freumhan a thug dha cothrom fàs. Tha mòran a' mealadh dha fhèin is do Bharabal slàinte, sith is sàmhchair, agus an toil-inntinn a tha ag èirigh às a bhith dlùth ris an nighinn aca, am mac-cèile agus na h-oghaichean, dà chaileig cho laghach is a dh'iarradh seanair sam bith.

Oran don Ghàidhlig

Dòmhnall Alasdair

Fada mu thuath tha i buan is daingeann
 Air carraigean cruaidh an cuan an taobh siar;
 Seo far 'eil Gàidhlig gu làitheil ri faighinn –
 Tha freumhaichean làidir an sàs ann o chian.

Tha againne dileab tha priseil is buadmhor,
 Cànan ar sinnsir o thìde gun àireamh;
 Na cois iomadh seud tha feumail is luachmhor –
 Ma dh'èireas dhaibh beud nach b' e 'n t-adhbhar nàire.

An lùib ar cànan tha blàths agus uaisleachd,
 Ceòl is àbhachd is bàrdachd nach clì,
 Aoigheachd is càirdeas is gràdh air suairceas,
 Dilse tha gnàthach sa bhlàr 's ann an sìth.

Ma dh'eugas a' Ghàidhlig, dè dh'fhàsas na h-àite?
 Thig tuaineal a' bhàis air ar nàbachas còir –
 Mar crè gun chnàmhan tha cultar gun chànan;
 Air a' chluaran bidh nàire, is gàiridh an ròs.

Cha leig sinn i bàs gun spàirn is sabaid –
 Mar long ann am blàr ri nàmhaid ghuineach,
 Tha i gabhail muir-cùil 's tha siùil air an spadadh,
 Ach tha bratach gu h-àrd 's tha ràn aig a gunna.

Thèid i dhan chùirt 's a chùiltean Taigh Anndra;
 Am Pàrlamaid Alba cha bhalbh iad le tàir i;
 'S na gaoithein tha 'n dràst' a' sàthadh an lanns' innt',
 Chi na truaghain 's their iad, "Suas leis a' Ghàidhlig!"

Cianalas a' Chuain

Pòl Mac a' Bhreatunnaich

B'ann air ar turas às an t-Seapan gu Astràilia a fhuair mi am brath a' dearbhadh gum bithinn a' fàgail a' bhàta *King Richard* ann an Gladstone, air taobh an Ear Queensland, agus a' gabhail plèana air mo rathad dhachaigh. Bha an naidheachd tuilleadh 's taitneach dhomh, oir a dh'aindeoin miann neach a bhith a' siubhal an t-saoghail, b' e faighinn dhachaigh aig ceann gach sgrìob an aon rud a chumadh inntinn an t-seòladair beothail. Ach nuair a thòisich mi air mo chuid aodaich a chruinneachadh gus a phacadh, dhrùidh e orm gum b' e seo an turas mu dheireadh a bhithinn a' dèanamh sin, oir bha mo làithean aig muir a' tighinn gu crìch, agus bhithinn a' fàgail charaidean 's dòigh-beatha a lean mi airson còrr 's deich bliadhna fichead. Ged a smaointich mi iomadh uair air an latha a dh'fhàgainn saoghal na mara, agus a gheibhinn an cothrom mo làmh a thionndadh ris gach nì nach d'fhuair mi riamh an ùine a dhèanamh air mo làithean-saora eadar gach turas thar nan cuan, nuair a thàinig an t-àm, cha robh mi idir cho cinnteach gu robh mi deasaichte an dealachadh a dhèanamh gun chianalas nam smaointean.

Sin mar a bha mi a' faireachdainn a' tarraing mo bhagaichean sìos an t-fhàradh air taobh a' bhàta mhòir, is i na laighe aig laimrig ann an Gladstone. Bha mo charaidean nan sreath aig an rèile os mo chionn a' toirt am beannachdan dhomh – cuid a sheòl mi còmhla riutha air iomadh sgrìob tro na bliadhnan, agus gu cinnteach nach faicinn a-rithist. Co-dhiù, aon uair 's gu robh mi air bòrd a' phlèana a bha ri mo thoirt air an t-slighe fhada tarsainn leth an t-saoghail, leig mi smaointean na mara às m' inntinn agus thionndaidh mi gu dùbhlán nam bliadhnan a bha romham, saor ghnàth-chùrsa teann agus cùram caitheamh-beatha a' mharaiche.

Chuir mi seachad a' chiad mhìos no dhà aig an taigh mar gu robh mi air saor-làithean on mhuir – a' toirt làmh air gnothach riatanach a dhèanamh, mar gum feumainn an crìochnachadh an latha sin fhèin; agus daonnan a' cumail leth-chluais airson na fòn a bhiodh gam shireadh gus tilleadh gu muir mar a b' àbhaist. Tha mi creidsinn gum b' e sin an rud bu duilghe a leigeil às m' inntinn – nach robh mi

tuilleadh ri gairm fhaotainn o fhear na shuidhe ann an oifis gus mo stiùireadh fada o m' theaghlach 's mo dhachaigh fad mhiosan dhe mo bheatha. Chòrd bliadhna dhen sin rium glè mhath, gam chumail fhìn trang leis gach saothair a bha ri dèanamh mun cuairt an taighe, agus beag air bheag a' call ùidh ann an saoghal na mara, ged nach robh sin cho fìor fhurasda. Nuair a thigeadh latha fuar le gailleann, smaointichinn air blàths na grèine agus a bhith a' sèoladh tro mhuir shèimh san teas agus bhithinn teagmhach nam ghliocas m' obair aig muir a thoirt suas na bu tràithe na bha gnàthach.

An Gairm gu Tilleadh

B' ann air latha mar sin, 's mi a' smaointinn air taitneas na grèine anns na tropaigean, 's gun cothrom agam mo shròn a chur a-mach air doras leis an uisge, a chuala mi seirm na fòn. Cò bha sin ach mo charaid eòlach san oifis, 's e a' faighneachd dhomh am bithinn deònach aon turas eile a dhèanamh dhaibh. A rèir choltais, cha robh aon fhear eile aca ri làimh aig an àm a b' urrainn dhaibh a chur an àite oifigeach-rèidio a bha ri tilleadh dhachaigh air adhbharan pearsanta. Fhreagair mise gum feumainn smaointinn air, agus gun cuirinn brath thuige a-rithist. A dh'aindeoin mo smaointean air blàths na grèine air taobh eile an t-saoghail, cha robh mi idir buileach cinnteach gu robh mi deònach mo chaitheamh-beatha sìothchail air an do dh'fhàs mi cho eòlach a thoirt suas. Cha bu mhotha a bha mi cinnteach an robh e ceart iarraidh air mo mhnaoi cur suas ris an aonaranachd an dèidh dhi fàs eòlach air mi a bhith aig an taigh. Bha ar dithis mhac air a' mhuir a leantainn cuideachd, agus bhiodh ise leatha fhèin nan toirinn-sa cuairt eile air falbh.

Co-dhiù, bha an t-sradag na las nam inntinn, agus mar bu mhotha a smaointichinn air, 's ann bu dèidheile a dh'fhàs mo mhiann gu aon sgrìob eile a ghabhail. Bha mo bhean na bu thuigsiche air a' chianalas a bha nam inntinn na shaoil mi, agus b' e a beachd gum faodadh nach bu droch rud e nam falbhainn, agus math dh'fhaodte gun cuireadh sin tarraing na mara às mo cheann gu buan. B' e a dhaingnich mo mhiann buileach nuair a dh'innis esan san oifis dhomh gum b' e bàta glè ùr gu am bithinn a' dol, agus gun toireadh a turais air chuaritean mi gu puirt aig nach do thadhail mi riamh roimhe. A rèir choltais, b' e aon dhe na puirt sin Valparaiso – àite air an cuala mi m' athair a' toirt iomraidh nuair a bha e fhèin aig muir, ach àite nach

faca mise riamh. B' e buil a' ghnòthaich gun deach na bagaichean a ruaigeadh a-mach uair eile, agus èideadh na mara a shaoil mi nach cuirinn air mo dhruim tuilleadh a shlaodadh a-mach à preasan.

Bha seachdnar mharaichean dhen chompanaidh ri falbh air plèana à Lunnainn – ceathrar gu aon bhàta, agus triùir chun a' bhàta air an robh mise ri seòladh, is an dà eathar ann am port Jeddah, air a' Mhuir Ruadh. A-nis, air thàillibh 's gum b' e àm sònraichte na *Haj* a bh' ann – tha sin mar àm na Nollaige dha na Mohamadanaich – bha sluagh mòr a' sireadh àite air plèanaichean a' dol gu Jeddah, agus a thaobh sin cha b' urrainn dhan t-seachdnar againn falbh san aon phlèana. Mar sin, chaidh an triùir againne a stiùireadh gu plèana le Saudi Airlines.

Sin far an robh na seòrsachan a' dol air bòrd – feadhainn air an còmhach mar gun tàinig iad dìreach à beanntan Afghanistan, len lèintean fada is am feusagan air an dathadh donn, feadhainn le treudan mhnathan aig an cois nach faicte dhen aodainn ach an sùilean tro chleòcan dubha o mhullach an cinn gus an òrdagan, ach a' chuid mhòr dhiubh ann an aodach 's an deiseachan mar an fheadhainn air a bheil sinn eolach. Cha do chunntais mi na bha air bòrd a' phlèana, ach gu cinnteach cha robh na bu lugha na trì cheud gan stèidheachadh fhèin agus an cuid bhagaichean anns na h-àitean-suidhe. Nuair a thòisich an sgioba air gach aon ionnsachadh ann an cànan Arabach mu na bha ri dhèanamh nan tachradh tubaist, gu dearbh smaointich mi fhìn gu robh mi am measg choigreach a-nis ga-rìribh.

An Turas gu Jeddah

Dh'èirich an t-eathar trom gu sgiobalta, agus a' gabhail cuairt air baile mòr Lunnainn, chuir i a sròn os cionn nan neul agus a h-aghaidh dhan Ear-dheas. Eadar scallaidhean tro na neòil chithinn raointean bòidheach ceann a Deas Shasann fada fodhainn, agus ann an tiota bha sinn tarsainn a' Chaolais Shasannaich agus os cionn na Frainge. Thug ar cùrsa seachad air Paris sinn, agus air beanntan àrda nan Alps is an glinntean fo shnèachda.

Air bòrd a' phlèana bha na caileagan-frithealaidh trang a' cuibhleadh luchdan bìdh mun cuairt, agus abair thusa gum b' e diotan blasda a chaidh a thairgsinn dha gach duine – earrann de ghiomach le lusan, truinnsèaran de dh'fheòil 's tuilleadh lusan 's buntàta, agus taghadh de rudan milis, maille ri diubhar sheòrsachan càise 's

bhriosgaidean. Ma bha aon nì air ionndrain, b' e dileag dhrama, ach cha robh am boinne air bòrd a' phlèana, oir tha creideamh nam Mohamadanach grad na aghaidh. Ach cha ruigeadh am pathadh a leas a bhith air neach, oir bha iomadh seòrsa deoch aotrom ri fhaotainn.

Nuair a thog sinn ar cinn o ar biadh, bha sinn os cionn a' chuain turas eile, agus bha oirthir na Grèige a' sineadh à sealladh astar romhainn. Bha a' mhuir ghorm ciùin fodhainn, agus an t-adhar ceart cho sàmhchaireach, ach sopain bheag de neòil fada fodhainn. Nuair a thàinig sinn faisg air cladach na h-Eipheit agus beanntan loisgte na Sinai, dh'fhairicheamaid am plèana mòr trom a' tulgadh fo chas-shruth nan gaothan teithe a bha ag èirigh on fhàsaich bhruicheil gu h-iseal.

Sin nuair a thòisich an gnìomhachas air bòrd – sreathan dhen chuideachd a' dèanamh air na seòmaran-nighe gu iad fhèin a dheiscalachadh airson àite-eilthireachd an creideimh, Mecca, a ruigsinn gun smal. Sin far an robh an coileanadh – iad uile a' tilleadh gu an àitean-suidhe, a-nis còmhdaichte ann am braithlinnean anairt coltach ris an fheadhainn a bha sinn còlach air fhaicinn ann an dealbhannan de Ghandi, agus gach deise, cleòca agus bròg a bha orra air a phasgadh air falbh gus am biodh iad air an rathad air ais a-rithist. Bha mi fhìn 's mo chompanach mar fhògarraich nam measg!

Lean am plèana oirthir fàsach mhòr Aràbia, 's a' Mhuir Ruadh a' sineadh fada gu Deas oirnn. An siud 's an seo chitheamaid srùthlag bhàtaichean cho beag ri cuileagan gu h-iseal a' sèoladh gu Tuath agus gu Deas. Bha an fhàsach ghainmhich mar thràigh an dèidh dhan làn a dhol a-mach – a' ghainmheach dhonn lom ach far an do dh'fhàg a' ghaoth a stiallan airson mhiltean is mhiltean. An siud 's an seo chitheamaid àiteachan far an robh tobair ola, agus na pioban air uachdar na talmhainn a' toirt na h-ola na ceudan mhiltean gu àitean-stòraidh aig puirt.

Bha an ciaradh air tuiteam, ged nach robh sinn air a bhith san adhar ach beagan is sia uairean, nuair a thàinig sinn an sealladh baile Jeddah. Cha robh mi riamh roimhe san àite, 's mar sin cha robh mòran beachd agam air meudachd a' bhaile. Mar a b' isle a thàinig am plèana a' fiaradh a-staigh gu tìr, chitheamaid na sreathan bhàtaichean air acaire taobh a-muigh a' phuirt, agus am baile fhèin na shoillse solais fad airson mhiltean ri oir a' chladaich. Thagh am

plèana solais a stiùireadh i chun na talmhainn, agus gun sinne a' bhuille fhaireachdainn, bha i a' rolladh gu a h-àite-laighe. Dh'fhosgail na dorais agus thàinig bus mòr fada gu taobh a' phlèana. Chòisich sinn dìreach às a' phlèana dhan bhus gun chas a chur air an talamh, agus bha am bus fuar fionnar na bhroinn. Thug e gu doras an *terminal* mhòir fharsaing sinn – agus a-rithist bha sinn a' faireachdainn cofhurtail, gaoth fhuar a' sèideadh air feadh nan seòmair is sinn roinnte on teas bhruicheil a-muigh le ballachan grinne àrda glainne agus marmoir. B' e glainnead an àite a mhothaich mi fhìn dha, gun smal air fhàgail mionaid air an ùrlar nach robh air a sguabadh suas gun dàil.

Chaidh na coigrich mar a bha sinne a dhealachadh o na h-eilthirich agus shìn sinn ar pàipearan dha na h-oifigich-teachd. On a b' e mar-aichean a bha annainn, b' e ar leabhraichean-seòlaidh a bha iad ag iarraidh an àite ar cead-dol-thairis, o nach bitheadh ri bhith fuireach san dùthaich. Bha sin math gu leòr gus an do dh'fhaighneachd iad an robh fear-ionaid na companaidh-mara a' tachairt oirnn. Dhearbhaich sinn gum bitheadh, ach cha robh sgeul air an duine sin, 's cha robh dòigh air am faigheadh brath thuige, oir bha na h-oifisean uile dùinte gu madainn. Cha robh air dhuinn ach suidhe far an robh sinn fad bhuan na h-oidhche, glè mhothachail gum bu choigrich sinn ann an dùthaich fada on àite a dh'fhàg sinn. Fad na h-oidhche bha luchdan de luchd-siubhail eile a' tighinn às gach ceàrna, agus cha robh coltas gu robh strì aig aon aca a' faighinn tro dheas-ghnàthan nan oifigeach-teachd. Co-dhiù, cha do leigeadh sinn air diochuimhn' buileach, oir thugadh biadh agus deoch thugainn feadh na h-oidhche.

Bha sinn ceithir uairean deug an sin, a' faireachdainn mar gu robh sinn fo chis, mun d'fhuair sinn ar fear-ionaid air fòn sa mhadainn. An dèidh sin cha tug esan fada air ar ruigsinn agus ar saoradh. Gu dè a thachair ach gun deach brath thuigesan gu robh ar buidheann uile a' tighinn air a' phlèana a thàinig a-steach gu port-adhair eile a' bhaile, deich mìle on fhcar aig an robh sinne. Thachair e ris a' phlèana sin agus thug e càch gu taigh-òsda airson na h-oidhche. Cha robh fios aige dè a thachair dhuinne gus an d'fhuair e ar fòn sa mhadainn.

Cas air Talamh Jeddah

Nuair a dh'fhàg sinn fionnarachd a' phuirt-adhair, bhual an teas sinn mar chraoslach teine, agus thòisich am fallas air sruthadh mar

fhras air ar cuim. Thug am fear-ionaid aghaidh air an rathad mhòr chun a' bhaile, agus bha mo chridhe nam bheul a' faicinn an astair aig an robh e a' stiùireadh. Bha sia sreathan de chàraichean taobh ri taobh a' stiùireadh mar gum b' e deireadh an t-saoghail a bh' ann, 's iad a' feuchainn ri sheachnadh. Shuaineadh iad o shreath gu sreath ann an oidhirp faighinn air thoiseach air neach eile, 's cha robh smaoin air toirt buille dhan fhear a thigeadh nan rathad. Chan eil mi smaointinn gum faca mi aon – agus bha feadhainn dhiubh a bha rìomhach – nach robh coltas gun d'fhuair e slac na thaobh uaireigin.

Ach ràinig sinn an taigh-òsda gun tubaist, agus an sin fhuair sinn cothrom bogadh ann an uisge fuar agus aodach na b' aotruime a chur umainn. Shuidh sinn aig bòrd le biadh snasail, agus an dèidh sin chaidh sinn fhìn agus an ceathrar eile le ar bagaichean air bus a thug chun na laimrig sinn. B' e mo bheachd air a' bhaile mhòr sgaoilte gu farsaing fad mhiltean nach robh cion airgid san àite, is togalaichean àlainn a' dol suas air gach taobh. Bha e mar gu robh am baile air a shuidheachadh às ùr, le sràidean farsaing agus togalaichean grinn air an dreachadh anns na dòighean ùra. Bha bùthan air gach taobh, a' foillseachadh gach gnè a chite sna stòran as motha nar dùthaich fhìn. Cha robh duine a' gluasad air sràid ach ann an càraichean mòra a chosgadh fortan dhuinne – ach an siud bha e coltach gu robh iad aig a h-uile duine.

Port Jeddah

Thug am bus chun a' chala sinn, agus a-rithist dh'fhosgail mo shùilean. B' e a' bheachd a bh' agam nach faicinn ach laimrigean le bàta no dhà, agus math dh'fhaodte deannan dhe na soithich-shiùil – na *dhows* – a bha riamh aig na h-Arabaich. Cha b' urrainn dha mo bharail a bhith na bu mhearachdaiche. Bha an cala air a thogail às ùr, agus sgaoilte gu farsaing thar mhiltean de dh'oir na mara gu gach seòrsa eathair a làimhseachadh. Shaoil mi gu robh ar puirt fhìn glè sheann-fhasanta an taca ris. Bha gach seòrsa bàta ga làimhseachadh an sin – feadhainn le luchdan innealan, saimeant agus ola; feadhainn eile le luchdan de dh'fheòil reòhta agus measan à Ameireaga a Deas – mar am bàta gus an robh mi fhìn ri dhol – agus bàtaichean le miltean chaorach is ghobhar beò air an casan gus an ruigeadh iad na taighean-casgraidh. A dh'aindeoin cruas cridhe duine, cha b' urrainn do neach gun a bhith duilich airson nan creutairean truagha ud a

thriall an t-astar fada o àiteachan mar a bha Astràilia gu an ceann-uidhe a ruigsinn ann an àite cho neo-fhàilteach. Gu dearbh, dhe na chunnaic mi, cha robh mòran bàidh no faireachaidh ann do chreutairean aig an robh casan briste no a bha an tubaist eile – bhathar gan tilgeadh beò a-mach air a' mhuir.

Dh'fhàg am bus an ceathrar airson a' bhàta eile ri a taobh aig ar laimrig-ne, agus bu mhòr mo thoileachas fhin tachairt ri mo mhac, a bha na innleadair orra. Cha leigeadh riaghailtean na dùthcha le neach a dhol air tìr no air bòrd bàta eile, ach co-dhiù bha mi toilichte an cothrom fhaighinn bruidhinn ris airson an tiota bhig ud fhèin.

Air Bòrd an *Sirocco Universal*

Cha robh mi air mo bhàta fhìn, an *Sirocco Universal*, ro fhada gus an do dh'fhairich mi nach do dh'fhàg mi a' mhuir riamh. Cha do shaoil mi gun tàinig mòran atharrachaidh air nithean, ach b' e a chuidich mi gu mòr gu robh eòlas agam air cuid mhath dhen sgioba, is mi air seòladh còmhla riutha roimhe. B' e cuideachd à Bangladesh a bha nan seòladairean, agus bha cuid dhiubh air an robh mi eòlach. Chuir iadsan fàilte chridheil orm mar charaid nach faca iad o chionn greis mhòir.

Chuir sinn còrr is seachdain seachad an sin a' cur a-mach an luchd de dh'fheòil reòthta agus ùbhlán a thàinig à Ameireaga a Deas. Cha robh uidheam no inneal air an smaointicheadh duine nach robh aig luchd-obrach a' phuirt. Bha iad uile air an deagh chòmhdach, agus bhiodh biadh air a thoirt thuca air làraidhean gu taobh gach bàta aig amannan riaghailteach. Ach ann an dùthaich far a bheil mèirle air a peanasachadh gu cruaidh, chuir e iongnadh orm eadhon muinntir an fhreiceadain air an laimrig a bhith a' bristeadh bhogsaichean mheasan, agus ag ithe nan ùbhlán gu follaiseach. B' e a thuig mi nach robh bacadh sam bith air a chur orra biadh a thoirt às a' chargu, ach nach robh seòrsa mèirle sam bith eile ceadaichte.

Sheòl sinn à Jeddah air feasgar, a' cur ar n-aghaidh air a' Mhuir Ruadh agus a' dol gu Deas. Bha a' mhuir sèimh, ach bha an t-adhar dorcha le ceò de shiaban gainmhich a bha a' sèideadh on fhàsaich. Cha robh an aon oiteag gaoithe ri faireachdainn, agus ga-riribh bha i teth taobh a-muigh àitean-còmhnaidh a' bhàta. Aig an àm ud bha sanasan fhathast air an cur a-mach airson bàtaichean a bhith furachail airson coltas mhèinnean cunnartach a bhathar am beachd a chaidh a

sgaoileadh air feadh a' chuain, ach chan fhaca 's cha chuala sinne iomradh air aon a bhith faisg air ar cùrsa.

Air Turas gu Durban

Dh'fhàg sinn cumhachd na Mara Ruaidhe nar dèidh, agus thug ar cùrsa fiaradh gu cladach Afraga tro Chaolas Aden agus farsaingeachd a' Chuain Innseanaich. Air an treas madainn on a dh'fhàg sinn Jeddah, thionndaidh sinn Maol Gardafui – an oisinn as fhaide dhan Ear de mhòr-roinn Afraga. Tha an rubha àrd mar gum biodh beann mhòr air a sliseadh na leth, caran coltach ri sgorran Dhòbhair, ach an àite a bhith geal, tha na sgorran donn, loisgte, mar a tha an talamh uile mun cuairt. Bha sinn a-nis a' tionndadh gu Deas agus an cuan farsaing romhainn air ar turas gu Afraga a Deas. Thuit fras no dhà de dh'uisge mìn ris an do rinn sinn toileachadh ga-rìribh agus a nigh an siaban gainmhich thar a' bhàta. Shoillearich an t-adhar an dèidh sin is cha robh neòil rim faicinn. Bha a' mhuir ghorm socair ach bha gluasad mall nan tonn mòra a' tighinn thar a' chuain. Air bòrd bha gach aon ri a dhreuchd fhèin. Le innealan an là an-diugh chan eil feum aig seòladair seasamh an cùl cuibhle, 's mar sin chan eil riatanach air an drochaid ach an aon oifigeach a' cumail faire. Air a' bhàta againne, bha an t-oifigeach sin air a chuartachadh le gach uidheam – dà rèidear a' sealltainn a' chuain mun cuairt gu astar ceud mìle air gach taobh; stiùiriche saideil a h-uile deich mion-aidean a' taisbeanadh suidheachadh a' bhàta anns a' chuan, ceart gu leth-cheud slat (agus cha mearachd mhòr sin an teis-meadhan a' chuain); uidheaman eile ag innse na doimhneachd chun a' ghrund; clàr sgrìobhte air a' chùrsa a bhiodh am bàta a' stiùireadh; agus iomadh rud eile ag innse astar a' bhàta, rathad na gaoithe, còmhla ri rèidio airson labhairt ri bàtaichean eile a bha a' dol seachad 's ri luchd-cumhachd nam bailtean-puirt. Dh'fhalbh an latha a bhiodh cuimhne aig seòladairean air leithid *crow's nest* air bàrr a' chruinn-thoisich far am biodh seòladair, a dh'aindeoin fuachd no gaillinn, a' cumail sùil air a' chuan air thoiseach air.

Shìos am measg nan einnseanan cumhachdach, cha robh feum aig innleadair suidhe no seasamh a' cumail sùil air na bha a' dol. An sin cuideachd, bha an coimpiutair air àite a ghabhail, 's cha rachadh nì ceàrr nach buaileadh clag agus nach sealladh solas air clàr far an robh coire. Bha sin a' toirt cothrom dha na h-innleadairan dèanamh

direach air a' ghnòthach a bha ceàrr gun mhòran ùine a chall a' siubhal dè a b' adhbhar dha.

B' e m' obair fhìn a bhith cumail nan rèidearan agus gach uidheam eile dhen t-seòrsa sin air an drochaid ann an òrdan; agus còmhraidh a chumail ri gach oifis air feadh an t-saoghail a bha gabhail gnothach ris a' bhàta. Bha sin comasach le *morse code* no leis a' fòn, ach bha a' chuid bu mhotha de bhrathan o thìr agus on bhàta a' dol a-mach air an teileags. Bhiodh am brath a' fàgail a' bhàta a' dol direach gus an oifis air tìr, agus bhiodh am freagairt a' tilleadh ceart cho luath. Bha a' fòn math gu bruidhinn ri ar cuideachd aig an taigh, a dh'aindeoin cò an earrann dhen chuan anns am bitheamaid, agus b' e furtachd a bh' ann gu robh cothrom aig neach sam bith bruidhinn ri chuideachd fhèin nan robh sin riatanach aig àm bochdainne. Bu mhòr an t-eadar-dhealachach a bha ann an cùisean aig muir seach mar a bha iad nuair a thug mi fhìn a' mhuir orm an deidh a' Chogaidh; ach bha iad buileach eadar-dhealaichte ri gnothaichean an linn m' athar.

Bha a rùm fhèin aig gach neach air bòrd – rumannan mòra leis gach cofhurtachd. Bha seòmran eile air leth far an tachradh an comann còmhla airson sealltainn air bhidio nuair a bha am bàta ro fhada o thìr airson telebhisean a thogail; rèidio airson cèol 's naidheachdan an t-saoghail a thogail; agus ann an oisinn bha bàr anns am faighte deoch dhe gach seòrsa a rèir gach miann. Cha b' urrainn dhomh fhìn gun ghàire a dhèanamh ag èisdeachd ri feadhainn a bhiodh a' gearain air na prìsean, a bha cho fìor ìseal seach an fheadhainn a dh'fhàs mi còlach orra fad 's a bha mi air tìr.

Bha am biadh na b' fheàrr na gheibhte ann an iomadh taigh-òsda, ach a dh'aindeoin sin bhiodh feadhainn a' gearain nam faigheadh iad earrann de staoig, a dhèanadh an gnothach do dhithis air tìr, ro thrìc. Gu tric bhiodh mu chòig nithean rin taghadh aig gach suidhe, eadar brot, iasg, feòil theth agus fhuar, còmhla ri gach seòrsa lus is buntàta. Bhiodh taghaidhean de rudan milis an dèidh sin, agus cofaidh no tì. A dh'aindeoin sin, bhiodh cuid nach robh buileach riarichte. B' e mo bheachd fhìn nach b' e am biadh idir nach robh gu am miann, ach gu robh iad a' fàs scarbh le bhith aig muir cho fada, agus gum feumadh iad a bhith gearain air rudeigin. Bha mi a' smaointinn nan robh iad gun obair air tìr, mar a bha cuid mhòr de dh'òigridh na dùthcha, gum biodh iad na bu taingeile às a' chaitheamh-beatha mhath a bha aca aig muir.

Chaidh na làithean seachad, 's am bàta a' cuir smùid aiste sìos taobh an Ear Afraga, seachad air oirthir Kenya agus Tanzania. Leanadh neach an turas le bhith ag èisdeachd ri rèidio gach dùthcha. Mar a bha sinn a' faighinn air aghaidh agus a' tighinn na b' fhaighe air ar ceann-uidhe, Durban, 's ann bu mhotha toil-inntinn gach aon, a' coimhead air aghaidh ris a' chothrom sgriob a ghabhail air tìr. Bha an t-side nar fàbhar fad an rathaid, agus le am bàta a bhith a' dèanamh mu fhichead mìle san uair, cha robh sinn mòran 's ochd latha air an t-slighe.

Durban

Bha an latha air soilleireachadh nuair a thàinig sinn am fianais a' bhaile mhòir sin, a tha sgaoilte fad mhiltean ris a' chladach, agus ceart cho sgaoilte a-staigh dhan tìr. Is baile rìomhach e gun teagamh, le sreathan is sreathan de thogalaichean àrda air aghaidh a' chladaich. Chitheamaid an tràigh riochdail a' sìneadh à sealladh, agus na h-àiteachan air an ullachadh airson luchd-turais. Thachair am fear-iùil rinn aig toiseach a' bhàigh, agus stiùir e am bàta gu a laimrig. B' e Durban baile air an robh mi fhìn glè eòlach, agus bu toil-inntinn dhomh cothrom fhaighinn cuairt a ghabhail a dh'fhaicinn a sheallaidhean uair eile. B' e a' chiad rud dhan tug mi an aire, agus a chuir iongnadh orm, nach robh aon bhàta Breatannach eile sa phort – gnothach a bha gu math eadar-dhealaichte seach mar a b' àbhaist bliadhnaichean air ais.

Nan àite, ceangailte ri taobh nan laimrigean, bha Greugaich, Frangaich, Eadailtich agus bàtaichean à iomadh dùthaich eile, ach càit an deach bratach dhearg nam Breatannach à sealladh! Chan eil teagamh nach eil sinn air ar cabhlach-mara a lughdachadh gu àireamh a tha eagalach, ach nuair nach eil sinn a' cumail suas na malairt mhòir a b' àbhaist a bhith againn ri leithid Afraga a Deas, chan eil e na iongnadh nach eil bàtaichean air fhàgail. Tha a' mhalairt a dol air aghaidh, ach is e dùthchannan eile a tha a' faighinn a mathas. B' e malairt na mara a dh'fhàg cliù ar dùthcha cho sònraichte am measg rìoghachdan an t-saoghail, ach an latha nach bi cothrom againn ar soithich fhìn a chur gu muir, cha bhi mòran cliù no meas air fhàgail againn.

Ghabh mi cuairt suas am baile. Bha an t-àite cho trang 's a bha e riamh, ach mhothaich mi nach robh uiread de dhaoine geala mun

cuairt 's a b' àbhaist. Ceart gu leòr, cha b' e an làithean-saora a bha ann; ach a bhàrr air a sin, chan eil an luchd-turais a b' àbhaist tighinn à àiteachan mar Rhodesia, agus na dùthchannan eile Tuath orra, cho lionmhor 's a bha iad nuair a bha na dùthchannan sin fo riaghladh dhaoine geala. Thuig mi cuideachd gu robh cuid mhòr dhen t-sluagh gheal air gluasad a-mach às a' bhaile gu bailtean ùra taobh a-muigh chriochan Dhurban, mar a tha a' tachairt anns na bailtean mòra againn fhìn. Bha na bùthan loma-làn le bathar dhe gach seòrsa, às gach ceàrna dhen t-saoghal, ach shaoil mi gu robh na prìsean air a dhol suas gu mòr seach mar a bha iad nuair a bha mise air tadhal ann roimhe. Co-dhiù, cha robh e coltach gu robh sin a' cuir bacadh air na bha a' brùchdadh a-mach 's a-steach air na bùthan. Cha robh mòran coltais gu robh cion airgid air neach sam bith – biodh e dubh no geal; agus a rèir choltais na feadhainn dhuibh, gu dearbh chanainn nach robh cion bidh orra no cion aodaich a bha ùr agus fasanta. Bha togalaichean ura a' dol suas air gach taobh an àite sheann aitreabhan a bha air an leagail gu làr; agus bha na sràidean làn de charbadan dhe gach seòrsa, trang rin obair fhèin. B' e mo bheachd, a' faicinn nan seann togalaichean a bha iad a' leagail gu làr, nach robh iad idir cho dèidheil air an leithidean a dhion 's a tha sinne nar dùthaich fhìn. Chan eil teagamh nach robh gu leòr dhe na seann togalaichean làn de dh'eachdraidh na dùthcha, on a chaidh an cur suas an àm leasachadh Afraga a Deas – ach chan eil mòran ùidh do chudrom seann eachdraidh aig feadhainn nach eil a' smaointinn air dad ach dèanamh airgid, 's iad a' cur suas spirisean àrda glainne agus saimeanta air an làrach.

An Ath Cheum – gu Port Elizabeth

Bha am bàta a' luchdadh òr-mheasan, na miltean bhogsaichean, agus cha tug luchd-obrach a' phuirt fada ris a' ghnòthach. Sheòl sinn à Durban gu Port Elizabeth airson gnè eile mheasan a luchdadh, airson gum biodh am bàta làn gu tilleadh air ais gu Jeddah.

Ràinig sinn Port Elizabeth anns a' mhadainn, agus thòisich an obair gun dàil. Thug mi cuairt eile orm suas am baile sin. Is e àite bòidheach a th' ann a tha car mu mheudachd Ghrianaig, ach le togalaichean ùra a tha ag èirigh suas dhan speur, chan eil mòran seann-phasanta mu dheidhinn. Bha leasachadh grinn air meadhan

a' bhaile airson carbadan a thoirt rathaidean eile, 's mar sin b' e toileachas a bh' ann siubhal mun cuairt nam bùthan agus seallaidhean a' bhaile gun a bhith an cunnart do bheatha mar a b' àbhaist.

Thug an còrr dhen sgioba a bha saor gus a dhol air tir an rathaidean fhèin orra - feadhainn a' dèanamh air taighean-òsda agus dìotan de sheòrsan bìdh nach faigheadh iad air a' bhàta; feadhainn eile a' faotainn chàraichean airson an latha a chur seachad a' siubhal a-mach san dùthaich a choimhead nan diubhar bheathaichean fiadh anns na h-àitean sònraichte far an robh iad fo thasgadh.

Chaidh an ùine seachad buileach 's luath, agus an ath latha bha an luchdadh crìochnaichte 's an t-àm ann smùid a thogail airson cùrsa a dhèanamh gu Tuath tro fharsaingeachd a' Chuain Innseanaich chun na Mara Ruaidhe turas eile. Bha mi caran tùrsach a' faicinn a' bhaile a' seargadh às mo shealladh, 's am bàta a' cuir a sròin air a' chuan, oir bha fios agam gum b' e siud mo thuras deireannach ann, agus mi a' smaointinn air gach turas inntinneach a thadhail mi ann tro na bliadhnan agus na seallaidhean riomhach nach faicinn tuilleadh.

Tilleadh gu Jeddah

B' e seo mo dhàrna turas gu baile-puirt Jeddah. Air mo chiad uair ann, bha mi sgìth on chuairt fhada air a' phlèana agus gach imcheist a thachair mun d'fhuair mi fhìn 's mo chompanaich air a' bhàta; agus cha d'fhuair mi mòran cothruim sùil na bu gheòire a thoirt air an dùthaich. Chan eil teagamh nach eil dùthaich Saudi Arabia air ceumannan fada a thoirt o làithean Lawrence of Arabia agus caitheamh-beatha co-cheangailte ri beòshlaint fhaotainn air feadh na fàsaich fharsaing agus neo-chàirdeil. Chan eil mòran is leth-cheud bliadhna on a chaidh dùthaich Saudi a stèidheachadh na rìoghachd fo Rìgh Idris – ach anns na bliadhnan sin, thug an rìoghachd sìn-teag aiste gu an saoghal san fharsaingeachd a ghlacadh. Chan e a-mhàin gun do choilean iad sin, ach b' e mo bheachd-sa gu robh iad a' fàgail an t-saoghail a-muigh fada nan dèidh ann am foillseachadh caitheamh-beatha an t-sluaigh agus a' cur rìoghachd air bhonn às a bheil iad uile mòr-chùiseach.

Cha robh sgath dhe seo air tachairt mura b' e gu robh an ola air a faotainn fon ghainmhich bhruicheil; ach b' e na chaidh a dhèanamh leis an airgead a bha a' tighinn on ola a dh'fhosgadh sùilean.

Thathar a-nis a' dèanamh a-mach bho eachdraidh an àite gu robh sìobhaltachd ann o chionn chòig mìle bliadhna, is tha an t-sreath de sheann bhailtean a thathar a-nis a' cladhach fon ghainmhich a thiodhlaic iad fad linntean a' nochdadh gu robh an dùthaich a' dèanamh malairt chudromach ri dùthchannan eile fada air falbh. Tha làrach nan seann bhailtean a' sealltainn gu robh iad nan sreath eadar cladaichean a' Chamais Arabaich agus a' Mhuir Ruadh. An-diugh, tha an aon t-slighe air a leantainn, ach le rathaidean farsaing tearradh, agus bailtean ùra air an sìor stèidheachadh le gach innleachd 's goireas a tha daoine an là an-diugh a' cleachdadh air a shon sin. Tha togalaichean air a dhol suas mar a chì sinn nar bailtean ùra fhìn, agus le uisge 's gaoth fhionnar anns gach taigh, tha eadar-dhealachadh mòr ann an caitheamh-beatha an t-sluaigh seach mar a b' àbhaist.

Is e Riyadh prìomh bhaile na rìoghachd, 's tha e air a thogail às ùr le eireachdas nach faicear mòran dhe leithid air feadh an t-saoghail. Fad 's a bha sinn ann am port Jeddah, bha mi ag èisdeachd ri prògram air an telebhisean aca a' sealltainn na dùthcha, agus na bha a' dol air aghaidh innte. Shaoil mi gu robh iad a' cur cudrom mòr air teagasg na cloinne agus gu robh sgoiltean 's colaisdean ann a bha a' toirt cothrom dha gach aon ionnsachadh fhaighinn a dheisealaicheadh iad airson an àite a ghabhail gus an dùthaich fhèin a chumail am measg na tha air thoiseach de dhùthchannan an t-saoghail. Bha gach uidheam mar a bha an coimpiutair 's an telebhisean air an sealltainn a bhith anns gach sgoil gus a' chlann a theagasg anns na doighean ùra.

Bha an sluagh uile pròiseil às am bailtean, is bha e mar fhiachaibh air gach aon gach àite a chumail glan gun smal. Cha robh oisinn dhe na bailtean nach robh air an sguabadh moch gach madainn, agus gach salchar air a tharraing air falbh. Cha robh neach ri fhaicinn a' tilgeadh pìos pàipeir air na sràidean, no, nan dèanadh fear a leithid sin, bhiodh cuideigin às a dhèidh a' togail a' phàipeir agus a' cur facal cruaidh an cluais a' chiontaich. Nach mòr an diubhar anns a' rìoghachd sin seach na chì sinn air ar sràidean fhìn!

Sgrìob gu Brazil

Ach a dh'aindeoin gach ùrachais, tha teas an àite uile bruicheil, agus tha e duilich do dhaoine nach eil eòlach air a leithid a shìde cur suas rithe. Mar sin, cha robh mi fhìn duilich cùl a chuir rithe uair eile. Thug am bàta a h-aghaidh air a' chuan, a' fàgail teas na fàsaich

na dèidh, agus le oiteag ghaoithe on iar a' toirt beagan fionnarachd nar measg, b' e faireachdainn mhath a bha ann a bhith aig muir uair eile. Lean sinn cùrsa mar a ghabh sinn roimhe, sìos gu ceann a Deas Afraga, ach bha ar turas air an sgrìob seo gar toirt air triall na b' fhaide, is sinn a' dèanamh air Paranagua ann am Brazil. Bha i caran ceòthail, le smugraich de fhrasan mìn nuair a chuartaich sinn Rubha Agulhas - an rubha as fhaide gu Deas de dh'Afraga. An sin dh'fhairich sinn sruth a' Chuain Shiar a' tachairt ri tonnan slaodach on Deas agus cuan uaigneach an Antartaich a' tulgadh a' bhàta fhalaimh. Bha eathraichean gu leor sa choimhearsnachd air an turais dhan Ear agus dhan Tuath, 's iad uile a' seòladh seachad comharra an Rubha. Thionndaidh sinne dhan Iar-thuath, a' dèanamh cùrsa a thoireadh sinn tarsainn a' chuain fharsaing gus an ruigcamaid Ameireaga a Deas. Thug ar cùrsa sinn beagan gu Tuath air eilean aonarach Tristan da Cunha, ach cha deach sinn goirid gu leòr gu sealladh fhaighinn dheth. Bha mi fhìn a' cumail cluas gheur ris an rèidio fad 's a bha sinn faisg air, oir tha e cho fada o dhùthchannan eile, agus gu tric is ann gu bàtaichean a tha anns a' choimhearsnachd a chuireas iad brath ma bhios rud ceàrr. Co-dhiù, air an turas seo cha robh feum aca air nì.

Bha an t-side fàbharach air a' chuid mhòr dhen turas, agus air bòrd bha na seòladairean trang a' sgeadachadh a' bhàta le dathan ùra, agus am measg nan inneal mòr shìos gu h-iseal bha na h-innleadairean a' cumail an uidheamannan fhèin an òrdugh. Ma shaoileas neach nach eil car ri dhèanamh air bòrd bàta, agus gum fàsar searbh de dh'fhaicinn na mara latha an dèidh latha, cha b' urrainn dha a bhith na b' iomrallaiche. Tha obair fhèin aig a h-uile fear, agus an ceann an latha tha e ceart cho sgith ri fear a tha ag obair air tìr, agus ceart cho toilichte a thàmh a ghabhail na rùm fhèin, no còmhla ri chompanaich – math dh'fhaodte a' gabhail tlachd ann an glainne leanna anns a' bhàr a tha air bòrd. Dh'fheum an fheadhainn a bha ag obair tron oidhche an leabaidhean a thoirt orra tràth, oir b' ann orrasan a bhiodh cudrom a bhith faiceallach fad an dorchadais, 's am bàta a' gearradh tro na tuinn agus càch nan cadal.

Paranagua

Fhuair sinn òrdugh air an rèidio o ar fear-ionaid ann am Paranagua ar n-astar a ghearradh beagan, oir cha robh ar luchd gu bhith deiseil

dhuinn air an latha a bha dùil againn an t-àite a ruigsinn. Mar sin, cha d'fhuair sinn sealladh air an fhearann gu ceann an fhicheadamh latha on a dh'fhàg sinn Jeddah. Nochd beanntan dà eilean bheag às a' cheò ris an Iar, ged a thog sinn iad air an rèidear miltean roimhe sin, a' dearbhadh gu robh ar cùrsa cinnteach agus gun do ràinig sinn ar ceann-uidhe. Mar bu ghiorra a thàinig sinn, dh'èirich na h-eileanan às a' chuan – cnapan beanntach, creagach, còmhdaichte fo bhrat chraobhan. Far an do dh'fhosgail am bealach sìos gu iomall a' chladaich air fear dhe na h-eileanan, mhothaich mi do bhaile beag ri oir na mara agus do sgothan, a' dearbhadh nach robh dòigh air am faigheadh na bha còmhnaidh ann am beòshlaint ach às an toradh a thoireadh iad às a' mhuir. A rèir na h-eunlaith mun cuairt agus na bha de dh'iasgaircan a-muigh nan sgothan beaga, b' e mo bheachd nach robh cion èisg ann.

Thachair ar fear-iùil rinn aig beul a' bhàigh, agus thug e sinn tro chaolas cumhang a dh'fhosgail a-mach gu bàgh farsaing glè choltach ri ar cladaichean fhìn air taobh siar Alba. Air ar taobh Deas, bha tràigh mhòr gheal air an robh stuaghannan a' chuain mhòir a' bristeadh, agus a rèir coltas nan taighean mun cuairt agus na bha de dhaoine air feadh na tràghad, bha e follaiseach gum b' àite e air an robh luchd-turais dèidheil.

Co-dhiù, cha b' e sin ar ceann-uidhe, oir chùm sinn oirnn airson faisg air deich mìle eile suas am bàgh farsaing, gus an do ràinig sinn an acarsaid far an robh àireamh bhàtaichean eile air acaire a' feitheamh ri laimrig a bhith falamh 's gum faigheadh iad ri thaobh airson an luchd a leasachadh no a lionadh air bòrd. B' fheudar dhuinne ar n-acaire a leagail cuideachd, ach thàinig ar fear-ionaid air bòrd le gad litrichean às an taigh, 's b' e sin a' chuid a b' fheàrr aig ceann ar triall fhada. Thoireadh litir às an taigh smaointean an t-sèoladair air ais gu a dhachaigh fhèin, agus co-dhiù a bhiodh i fada no goirid, bhiodh na naidheachdan ga thoileachadh.

Sin nuair a shuidheadh e sìos agus a sgrìobhadh e fhèin a naidheachd dhachaigh, agus a thoireadh e beachdan air nithean a bha a' tachairt aig an taigh, agus nithean a bhiodh e a' smaointinn a bha ri dhèanamh – ach gu tric a' sgrìobhadh mu ghnòthaichean a bha cheana air a dhol seachad, ged a bha iad ùr gu leòr dhàsan.

B' e baile-puirt beag a bha ann am Paranagua, ach a dh'aindeoin sin b' e àite trang a bh'ann, gun stad a' luchdadh a-mach toradh na

dùthcha mun cuairt. B' e feòil agus cearcan air an reothadh a bha sinn a' luchdadh – còrr 's còig mìle tunna de chearcan. Chan eil cuimhne agam cia mheud cearc a bha anns gach bogsa, ach tha mi a' smaointinn gum feumadh duine coimpiutair mun cunntaisicheadh e na chaidh de chearcan a spòltadh mun do rinn iad suas ar luchd uile. Ach cha robh an sin ach an luchd againne – bha bàtaichean eile a' toirt a cheart uiread air bòrd. Cha b' urrainn dhomh fhìn gun a bhith smaointinn air ciamar a bha na h-Arabaich beò nan fhàsaich fhalaimeh mun tàinig an ola am bàrr, agus mun do thòisich a' mhalairt o thaobh eile an t-saoghail a' toirt thuca na feòla sin agus nan nithean eile às gach àite. B' e ceist a bh' ann cuideachd gu dè a thachras an latha a thiormaicheas tobair na h-ola agus nach bi nì eile aig an rìoghachd airson malairt gu caitheamh-beatha an t-sluaigh a chumail aig an ìre aig a bheil e.

Gu dearbh, tha mi cinnteach gur e sin ceist a tha iomadh fear a' faighneachd, ged nach eil e furasda freagairt fhaotainn dhi.

Bha togalaichean Pharanagua caran coltach ris an t-seòrsa a chithear anns a' Phortagail agus anns an Spàinn, feadhainn glè rìomhach, ach bha a' mhòr-chuid ri iomall a' bhaile bochd ga-rìribh. A dh'aindeoin sin, bha an sluagh càirdeil agus toil-inntinneach – bha e glè chinnteach nach robh iad ag ionndrain rud nach faca iad riamh, agus ris nach biodh dùil aca nam beatha. Bha airgead na dùthcha air a dhol às a chiall a' call a mhathais, agus gu dearbh bha e doirbh a thuigsinn ciamar a bha an sluagh a' faotainn na chumadh beò iad, oir bha am pàigheadh a bha an luchd-obrach a' faighinn airson an saothrach a' luchdadh nam bàtaichean aig a' chala gann ga-rìribh. Bha blàths na sìde am fàbhar an t-sluaigh, ach a dh'aindeoin sin, bha coltas na feadhna aig nach robh mòran de shealbhas an t-saoghail luideagach gu leòr, agus bha mòran dhen dachaisgean gu math truagh. Air an làimh eile, bha an fheadhainn aig an robh am beairteas a' dol mun cuairt gun sùil no fàth a thoirt air na bha tachairt mun cuairt dhiubh.

Sgrìob gu Tuath gu Morocco

An dèidh Paranagua fhàgail, thug sinn ar n-aghaidh gu Tuath, agus gach latha a' fiaradh tarsainn a' Chuain Shiar gu Morocco ann an ceann an Iar-thuath Afraga. An sin bha am bàta ri òr-mheasan a

luchdadh a bhàrr air na bha cheana air bòrd, gus am biodh gach oisinn dhith loma-làn.

Eadar cois-fhearainn Shenegal agus suas gus na h-Eileanan Canary, bha uabhas bhàtaichean-iasgaich Ruiseanach ag iasgach, oir is e fìor àite math airson sin a tha ann, ged nach eil sluagh ar dùthcha-ne ro dhèidheil air an t-seòrsa a tha ri ghlacadh san uisge bhlàth sin. Chithear na cabhlaichean mòra mar sin gu math tric mu oirthirean dhùthchannan Afraga, oir tha an t-iasg lionmhor. Bidh na tràlairean aca a' sguabadh a' chuain, agus nuair a ghlacas iad an cuid, thèid an t-iasg ath-luchdadh anns na h-eathraichean mòra mar Clondaicearan a tha a' seòladh còmhla riutha gus an t-iasg a làimh-seachadh, mum bi na luchdan air an cur dhachaigh dhan Ruis.

Chaidh ar seòladh gu Agadir, baile tlachdmhor ri oir a' chuain, le tràighean sgaoilte fada air gach taobh dheth. Is e fìor àite airson luchd-turais a th' ann, agus nuair a thadhail sinn ann bha àireamh mhòr sluaigh às gach dùthaich dhen Eòrpa gan grèidheadh fhèin air a' ghainmhich ann am blàths na grèine, agus an fhairge gan tàladh.

Chaidh am baile a dhroch mhilleadh le crith-thalmhainn o chionn bhliadhnachan, ach bha e air ùr-èirigh o làrach an sgrios, is tuilleadh thogalaichean a' dol suas air gach taobh, agus e glè fhollaiseach gum b' ann do luchd-turais a bha cuid mhath de ghoireasan a' bhaile air an ullachadh. Bha sreath bheanntan àrda a' ruith co-shìnte ris a' chladach ri cùl a' bhaile, 's gun coltas toraidh no craoibh ri fhaicinn ach an talamh donn loisgte. Bha dùn mòr air bàrr beinne os cionn a' bhaile, dìreach mar a chunnaic sinn iomadh uair ann an dealbhan air a' *Foreign Legion* – agus gu dearbh, a rèir a shuidheachaidh, cha b' e àite furasda a bha ann a ghlacadh an àm còmh-stri.

Bha sinn a-nis an lùib nan Arabach a-rithist – ach b' e gnè gu math eadar-dhealaichte iad seach cuideachd uaibhreach Saudi Arabia. Cha robh mòran coltais beairteas a bhith aig na chunnaic mise, agus gu dearbh dh'ionnsaich iad rud no dhà a thaobh am baile a chumail glan on cinneadh ann an rioghachd Saudi. Cha tug luchd-obrach a' chala fada a' cur nam bogsaichean òr-mheasan air bòrd. Bha iad sin air an tarraing chun na laimrig ann an làraidhean aosda a bha air an ath-thogail agus air an atharrachadh cho mòr is nach aithnicheadh na taighean-cèairde a chruthaich iad anns a' chiad dol-a-mach gum buineadh iad idir dhaibh. Co-dhiù, bha iad a' dèanamh a' ghnòthaich air an obair a bha iad a' gabhail os làimh.

Bha am baile ùr gu math fasanta, agus e glè choltach gur ann air luchd-turais a bha sùilean beairteas an àite. Bha iad sin a' dol mun cuairt leth-chòmhdhaichte is gan grèidheadh fhèin sa ghrèin, 's gun iad a' toirt mòran fàth do ghnàth-fhir is mhnathan an àite, còmhdhaichte o bhàrr an cinn le cleòcan dorcha.

Tron Mhuir Mheadhan-thìreach gu Claise Suez

Cha robh sinn fada anns a' phort sin, agus thug sinn smùid gu Tuath a-rithist, agus caolas Gibraltar, far an do thionndaidh sinn dhan Ear agus dhan Mhuir Mheadhan-thìreach gu Claise Suez. Chùm sinn glè fhaisg air cladach Algeria, agus is sealladh grinn gun teagamh na beanntan àrda agus na bailtean len taighean geala a' deàrrsadh sa ghrèin, agus gach gleann a' fosgladh sìos gu oir na mara. Bha an t-sìde anabarrach sèimh agus grianach, le smùid gaoithe nar dèidh gar greasadh air aghaidh. Bha sinn a-nis am measg nan sreathan bhàtaichean a bha a' tighinn às an Ear, agus sinn a' dol seachad air cuid mhath a' dol an aon rathad rinn fhìn, oir bha barrachd astair aig a' bhàta againne.

Ràinig sinn taobh a-muigh Phort Said mu naoi uairean a dh'oidhche agus chaidh sinn gu acaire gus am biodh an cabhlach bhàtaichean a' dol tron Chlaise cruinn airson seòladh gu moch an ath mhadainn. Bha sreathan cheana air acaire romhainn agus tuilleadh a' tighinn air ar sàil, gus an robh an acarsaid laiste mar bhaile le solais gach bàta.

Thàinig ar fear-iuil air bòrd tràth sa mhadainn, agus lean sinn an t-sreath bhàtaichean a bha a' stiùireadh air a' chaolas a thoireadh a-steach air a' Chlaise sinn. Sin nuair a thòisich an ùpraid, le sgothan beaga dhe gach seòrsa a' tighinn gu ar taobh agus treudan a' tighinn air bòrd lem pàipearan-dreuchdail agus le gnothaichean riatanach a dh'òrdaich sinn a thoirt thugainn à Port Said. Bha cuid mhath bhliadhnan o nach deach mi fhìn an rathad ud, agus ga-rìribh b' e mo bharail nach b' ann na b' fheàrr a dh'fhàs cùisean san àite no a chuid sluaigh. Bha làmh gach aon a thàinig air bòrd, biodh inbhe àrd no iseal aige, sinne ag iarraidh thoitean no duais sam bith eile a bha na bheachd a bu chòir dha fhaotainn airson na seirbheis a bha e a' dèanamh. Chan eil mi a' smaointinn gu bheil sluaigh eile air an t-saoghal cho beag nàire riutha. Cha shaoileadh duine uiread dhe sin, ach b' e mar a thagradh iad airson gach nì, mar gu robh sinn fo

fhiachaibh a thoirt dhaibh, a bha duilich cur suas ris. Bha coltas a' bhaile fhèin mì-chùramach, ach aig an àm ud cha robh iad buileach air faighinn seachad air an diol a dh'fhuiling iad tron chogadh ris na h-Israelich, a chùm Claise Suez dùinte cho fada. B' e a' chiad rud a dh'ionndrain mi fhìn comharra mòr *Johnnie Walker*, a b' àbhaist a bhith os cionn fear dhe na taighean àrda mu choinneamh na Claise, ach cha robh air fhàgail ach piosan dhe na h-iarainn a chùm na sheasamh e. Air an oidhche, nuair a b' àbhaist an comharra a bhith soillsichte, chite e o astar mòr. Cha bu mhotha a bha sgeul air riochd De Lesseps – an duine ainmeil a chuir cladhach na Claise air bonn. B' àbhaist sin a bhith na sheasamh na chomharra gu math faicsinneach aig beul na Claise.

Cha robh mòran coltais gun do dh'atharraich cùisean ro mhòr dhan t-sluagh a bha a' fuireach anns na bothagan shìos taobh na Claise gu Deas air Port Said. Bha iadsan a' feuchainn ri an criomagan fearainn àiteachadh mar a rinn an sinnsre fad nan linntean romhpa. Air taobhannan na Claise bha piosan de dhrochaidean iarainn a' laighe nan criomagan meirgte o mhilleadh a' chogaidh. Cha b' iongnadh ged a bhiodh dùthaich na h-Eipheit deònach fuireach ann an sìth ris na h-Israelich, oir gu cinnteach cha bhuannaicheadh iad mòran à cogadh 's aimhreit.

Bha còrr 's leth-cheud bàta a' dol tron Chlaise an latha ud - an dàrna leth a' dol gu Deas 's an còrr a' dèanamh gu Tuath. Cha robh an aon bhàta fo bhrat Bhreatann nam measg, agus b' e sin a thoireadh smaointean an inntinnean nan seann mharaidhean, aig a bheil cuimhne air na sreathan de luingeas mhòr Bhreatannach a b' abhaist seòladh air an t-slighe ud. Chan e gun cuireadh e iongnadh mòr sam bith air na seòladairean a tha a' faicinn ar cabhlaich air crìonadh air falbh, gus nach fhada a bhios aon bhàta idir air a fàgail fo bhrat dearg Bhreatann. Chan eil cho fada air ais on a bha corr 's dà mhìle bàta a' seòladh gach cuan a-mach à Breatann – an-diugh, ma tha dà cheud air fhàgail, tha a' chunntais barrachd 's fiùghantach. Is gnothach nàr e gun teagamh gun leigeadh ar dùthaich à suim ar cabhlach-mara, a rinn uiread gu ar malairt a tharraing gu gach cèarna dhen t-saoghal, agus a rinn uiread gu cliù ar dùthcha a chumail cho àrd.

Nuair a thachras còmh-stri leithid Blàr nam Falklands agus a' Chamais Arabaich, cluinnear sglàmhachd gu leòr mu riatanas

tuilleadh bhàtaichean, ach thèid sin à cuimhne gu math ealamh nuair a bhios an èiginn seachad. Tha ar dùthaich na h-cilean beag, aig am bi feum air malairt na mara cho fada agus as urrainn dhuinn coimhead air aghaidh; agus bu chòir dhuinn sùil ceart cho geur a chumail air ar luchd-mharaichean agus an comas a ghleidheadh airson gun seas sinn air ar casan fhìn, gun a bhith idir a' fàgail ar malairt aig coigrich nach biodh cho dileas seasamh air ar cùl an àm èiginn. Cha ruigear a leas a ràdh nach eil de mhalairt air feadh an t-saoghail na chumadh ar bàtaichean fo smùid – oir chan eil oisinn dhen t-saoghal nach eil fhathast riatanach air gnothaichean a tharraing thuca agus bhuapa. Ach mar a tha cùisean a' dol, chan e ar bàtaichean-ne a tha a' faotainn na buannachd on sin. Cha ruig cuideachd ar n-Eileanan Siar fhìn a leas sùil a thoirt nas fhaide na am bailtean beaga fhèin gu faicinn dè tha a' tachairt aig muir. Cha b' àbhaist taigh a bhith ann am baile às nach biodh dithis no thriùir ghillean sgairteil a' dol gu muir - an-diugh, ma tha aon fhear a' faighinn a bheòshlaint aig muir, is iongnadh e. Is gnothach muladach sin, oir cha b' e a-mhàin an cosnadh a fhuair iad ach na dh'ionnsaich iad air an siubhal, agus am feum chun an do chuir iad an t-ionnsachadh sin gus an dachannan agus am bailtean a leasachadh air dhaibh tilleadh.

An Ath Thadhal an Jeddah 's Tilleadh tro Chlaise Suez

Thug mo thuras fhìn mi tro Chlaise Suez, agus an ceann beagan 's latha eile bha mi air ais aig acarsaid Jeddah a' feitheamh dol gu taobh laimrig. Chaidh an ath luchdadh air aghaidh mar air na turais eile, agus an ceann làithean bha sinn uair eile a' tarraing gu muir air griob eadar-dhealaichte – gu taobh Siar Ameireaga a Deas.

Bha mi a-nis air a bhith trì mìosan air a' bhàta, agus an ciad sheachdain na Dùbhlachd chuir sinn ar cùl ri Jeddah a-rithist is rinn sinn air Claise Suez. Cha do dh'atharraich coltas an fhearainn air ar taobh, 's sinn a' seòladh suas an caolas cumhang gu Suez. Bha beanntannan donna gu oir a' chladaich, loisgte san teas tro na linntean agus gun lus no craobh ri fhaicinn orra ach na creagan loma a' sineadh sìos chun na gainmhich ri oir na mara. Ach an-diugh tha sreathan de chrannan-ola mar shaighdearan air geard rim faicinn air iomall a' chladaich – feadhainn dhiubh is smùid asta a' tarraing na h-ola à bun a' chuain, fad 's a tha tuilleadh chrannan rin togail. Mu choinneamh

nan crann, bha coltas bhailtean beaga a' dol suas – glè chinnteach airson luchd-obrach na h-ola.

Ràinig sinn Bàgh Suez mu mheadhan-oidhche agus dh'acraich sinn an sin gu moch an ath mhadainn, nuair a bhiodh an t-àm ann na bha cruinn de bhàtaichean a chur tron Chlaise. Cha d'fhuair sinn an t-acaire a chur a-mach nuair a bha treudan sgothan beaga a coimhearspa ri chèile gu faighinn ri ar taobh – gach aon a' dèanamh oidhirp ruideigin a reic no fhaotainn bhuainn. Dh'fheumadh duine suilean an cùl a chinn gu sùil a chumail ach gu dè a bha fa-near dhaibh. Cha robh e gu feum feuchainn ri stad a chuir orra o streap air bord, oir bha fàradh aig gach sgoth bhig le cromag air a cheann gu greimeachadh air taobh a' bhàta, agus mum priobadh neach sùil, bhiodh cuideigin a' streap air bòrd. Cha robh nì sàbhailte o na mèirlich – co-dhiù b' e pìos ròpa, sail fiodha no nì sam bith eile air an leagadh iad an sùilean – nach toireadh iad leotha nam faigheadh iad idir cothrom. Ach a bhàrr orra sin, bha sgothan eile air an dèanamh mar bhùthan, a' scalltainn gach gnè lus is meas a bha iad an dòchas a cheannaicheadh bàta. Anns na bliadhnan mun do thòisich an aimhreit agus na cogaidhean ris na h-Israelich, b' e tlachd a bhiodh ann a bhith ag argamaid ris na marsantan a thigeadh a-mach, len sgothan loma-làn dhe gach seòrsa aodaich 's ailleagan, gus an còrdadh iad air prìs fàbharach dha chèile. Chan fhaca mi nì sam bith dhen t-seòrsa sin air an turas ud, a' dearbhadh nach robh cùisean san Eipheit cho soirbheachail agus a bha iad sna bliadhnan a chaidh seachad.

Sheòl sinn tron Chlaise am meadhan na sreath bhàtaichean a bha a' stiùireadh gu Tuath, agus on a bha sinn a' dol troimhpe air an latha, bha barrachd cothruim agam an dùthaich mun cuairt fhaicinn. Air an taobh an Ear dhith bha an fhàsach falamh, ach an corra àite far an robh cnap thaighean aig ceann frith-rathaid a' dol à sealladh ann am farsaingeachd na fasaich uaignich. Sin far am b' àbhaist cruinneachas chàmhail fhaicinn a bhiodh a' tarraing an luchdan fada air falbh - ach air an turas ud cha robh an aon chàmhail an sealladh. Far an robh beagan thaighean, b' e an sluagh bu lionmhoire ri fhaicinn baideinnean shaighdearan a bha ma b' fhior a' gearrd na Claise. Chithinn sròn gunna caol ann an sloc anns a' ghainmhich an siud 's an seo, agus bothag no dhà ri thaobh a' toirt fasgaidh do shaighdearan – ach ciamar air an t-saoghal a sheasadh iad an aghaidh nàmhaid fheargach a' tighinn orra ann an tancaichean, cha robh fios agam.

Os cionn an locha bhig am meadhan na Claise, bha mi toilichte an comharra mòr a chaidh a thogail mar chuimhneachan air na chaill am beatha anns a' Chiad Chogadh Mhòr fhaicinn slàn. B' àbhaist campa mòr a bhith aig an Arm Bhreatannach nuair a bha iad san Eipheit a bha suidhichte goirid dhan chomharra sin. Bu sealladh rionnach e air a sgeadachadh, 's an t-àite a' coimhead cho sgiobalta – ach cha b' e sin dha an uair ud. Bha saighdearan Eipheiteach a' gabhail seilbh ann aig an àm, agus chan eil teagamh nach rachadh iomadh sàirdseant-màidsear às a chiall nan robh e air staid a' champa fhaicinn fo na h-Eipheitich. Chan fhaca taighean-còmhnaidh nan saighdearan sgrìob de dhreach-dhathadh on a dh'fhàg na Breatannaich iad, 's bha an t-àite uile fo fhìor mhi-chùram. Math dh'fhaodte gu bheil cuimhne aig seòladairean air an ospadal mhòr a bha na sheasamh air bruaich na Claise aig Ismailia. Chaidh an t-aite a mhilleadh gu buileach aig àm na h-aimhreit ris na h-Iùdhaich, ach bha coltas gu robh iad a' tòiseachadh air a thogail às ùr.

Tron Mhuir Mheadhan-thìreach 's an Cuan Siar

Bha an ciaradh a' tuiteam nuair a ràinig sinn solais baile Phort Said, ach, gun stad a chur air a' bhàta, chùm sinn oirnn a-mach chun a' chuain, a' dèanamh cùrsa dhan Iar a thoireadh tron Mhuir Mheadhan-thìreach sinn.

Lean an deagh shìde sinn cho fada ri Gibraltar, far an do dh'èirich a' ghaoth agus an do thòisich sinn air pluban tonnan a' Chuain Shiar fhaireachdainn. A rèir nan iomraidhean a bha sinn a' faotainn mun t-side romhainn, bha stoirmean garbh tarsainn a' chuain uile gu Tuath oirnn, agus droch chnap de ghailleann dìreach romhainn faisg air eileanan Mhadeira air an t-slighe a bha nar beachd a leantainn gu Panama. Co-dhiù, chùm sinn air ar cùrsa, a' leantainn gach brath a gheibheadh air an rèidio air mar a bha an droch shìde a' siubhal. Ach mun do ràinig sinn faisg air Madeira, bha e coltach gu robh an cnap na bu mhiosa na bha dùil againn, agus, gun luchd air bòrd, 's am bàta aotrom, bha i a' tòiseachadh air luasgan mì-shocrach. Cha robh e a' dol a dhèanamh feum sam bith cumail air a' chùrsa sin, oir cha robh coltas gu robh an t-side gu bhith dad na b' fheàrr nuair a thigheadh tron chnap sin. Mar sin, thionndaidh an sgiobair a sròn gu Deas seachad air eilean Theneriffe, a-mach às an droch shìde, agus lean sinn cùrsa gu math gu Deas air an rathad a bha nar beachd

an toiseach. Bha a' mhuir sèimh an sin, agus le blàths na grèine, 's an t-adhar gorm os ar cionn, thug am bàta sinteag aiste agus i a' cumail a sròin dhan Iar.

On a bha sinn a' dèanamh air Puerto Bolivar, ann an Ecuador, agus leis an Nollaig a bhith tighinn dlùth, fhuair sinn brath cabhag a dhèanamh airson an t-àite a ruigsinn agus ar luchd a thoirt air bòrd mun tòisicheadh fèis na Nollaige, a chuireadh stad air obair agus a chuireadh bacadh air ar turas. Leis a sin, bha e cho math gun do lean sinn cùrsa tarsainn a' chuain a chùim às an droch shìde sinn, agus a chuidich am bàta gus a h-astar a chumail suas.

Na h-Eileanan Innseanach gu Claise Phanama

Thog sinn sealladh dhe na h-Eileanan Innseanach an Iar tràth san latha. Bha a' ghrian a' deàrrsadh, agus bu ghrinn an sealladh eilean Ghuadeloupe air aon taobh dhinn agus Martinique air an taobh eile, 's sinne a' seòladh tron chaolas eatarra. Is e eileanan bòidheach a th' anna, le beanntan àrda còmhdhaichte le craobhan agus bailtean riomhach ri oir a' chladaich a' deàrrsadh sa ghrèin. Thug sin a-staigh dhan Charibbean sinn, agus cha robh e na iongnadh gum b' àite e a shiùbhladh luchd-turais an t-saoghail thuige – bha am blàths fhèin, agus eireachdas gach eilein, a' tarraing dhaoine thuige às gach ceàrn. Bha gheataichean dhe gach seòrsa air gach taobh – feadhainn bheaga fo shèol, agus na crùsairean mòra, a bha cinnteach a' toirt nam beairteach air falbh o dhraghan an t-saoghail, nan cabhaig gu faighinn gus an cinn-uidhe.

An ceann an dàrna latha on a dh'fhàg sinn Caolas Mhartinique, ràinig sinn am bàgh farsaing aig baile Christobal, agus leag sinn an t-acaire uair eile gu feitheamh dol tron Phanama.

Bha bàtaichean dhe gach seòrsa romhainn an sin – bàtaichean-ola, bàtaichean a' tarraing bhogsaichean-stòraidh loma-lan leotha sin agus feadhainn eile, mar a bha sinn fhin, airson tarraing luchdan reòthta de mheasan no de dh'fheòil. Chaidh an fheadhainn bu mhotha a chur air an rathad tron Chlaise an toiseach ann an soilleireachd an latha, agus mar sin bha am feasgar gu bhith seachad mun d'fhuair sinne air ar rathad.

Tha diubhar mòr eadar Claise Phanama agus Claise Suez, a tha air a cladhach mar dhig às a' ghainmhich air talamh rèidh. Tha Claise Phanama air a gearradh à meadhan bheanntan ann an aon carrann

dhith, ach on a tha am fearann cho àrd b' fheudar a' Chlaise a chur na staidhre chun na h-àirde far an deach loch a chruthachadh eadar na beanntan, a' faotainn pailteas uisge o na h-aibhnichean a tha a' sruthadh ann, agus o na tuiltean de dh'uisge tropaigeach a tha a' tuiteam às an speur. Is e gnothach annasach a th' ann a bhith ag amharc nam bàtaichean mòra mar gum biodh iad a' dìreadh beinne fada os do chionn, 's tu fhèin fhathast gu h-iscal aig àirde a' chuain. Is innleachdach fhèin an dòigh air a bheil gach bàta air a slaodadh o staidhre gu staidhre, le carbadan neartmhor coltach ri einnsean trèana a' ruith air rèilichean air gach taobh dhen Chlaise, agus fear dhiubh sin aig gach oisinn dhen bhàta. Tha trì staidhrean rin streap aig na Gatun Locks, taobh a' Chuain Shiar dhen Chlaise, mun ruig am bàta bàrr na bruaiche, mar gum b' eadh, agus mun lean i a' Chlaise a bheil i chun a' Ghatun Lake. Air dol tarsainn na sgrìob sin dhi, thigear chun na h-earrainn dhen Chlaise a tha air a gearradh à meadhan beinne. Chan urrainn nach e saothair gharbh a bha ann dhan luchd-obrach a chuir crìoch air an obair mhòir sin. Cha b' e gairbheas na h-obrach a bu duilghe dhaibh idir, ach am fiabhras grànda a thog iad on chuileig neimheil sgaothail san talamh bogaich mun cuairt. Chaidh a' Chlaise fhosgladh aig toiseach a' Chiad Chogaidh Mhoir (1914), agus ged a chosg i iomadh beatha ga togail, nach iomadh beatha a shàbhail i tro na bliadhnan a' toirt cobhair dhan t-saoghal an àm cogaidh 's sith.

Tha an ath cheum de staidhrean aig Gaillard, agus air an àirde mun tòisich bàta air a dhol sìos gu h-iscal, is àlainn fhèin an sealladh a' coimhead sìos air baile Colon agus an Cuan Sèimh a' fosgladh a mach on bhàgh aig bun na Claise. Mun do dh'fhàg sinn Claise Phanama, thàinig sgiobair ùr agus oifigeach-maraiche an àite an dithis a bha an ùine suas air bòrd, agus a bha ri tilleadh dhachaigh airson làithean-saora. Thàinig an dithis air bòrd an dèidh diubhar itealan a ghabhail à Lunnainn agus port-adhair anns na Stàitean Aonaichte, agus ge b' e air bith dè a thachair dham bargaichean air an t-siubhal, cha robh sgeul orra nuair a ruig iad Panama. Cha robh aca de dh'aodach ach na bha air an druim, agus cha robh aig càch againn anns na làithean a lean ach feuchainn ri ar cuid fhìn a roinn eatarra. B' e duine mòr tròm a bha san oifigeach, agus cha robh aon air bòrd aig an robh briogais a fhreagradh air. Cha robh aig an duine bhochd sin ach a bhith a' nighe na bha air a dhruim a h-uile oidhche, agus a

bhith an dòchas gu robh e tioram an ath mhadainn. Cha robh e cho fìor dhuilich aodach a fhreagradh air an sgiobair fhaotainn nar measg. Sin nuair a thòisich m' obair fhìn a' cur air falbh theachdaireachdan gu gach àite a' feuchainn ris na bagaichean a lorg. Ach mar a thachair, cha do rug iad oirn gus an robh am bàta air an rathad air ais gu Jeddah nuair a thadhail sinn ann an Afraga a Deas airson ola. Fad na h-ùine sin thug na bagaichean cuairt no dhà air an t-saoghal, 's cuideachdan phlèanaichean a' dol às an ciall a feuchainn rin lorg.

An Cuan Sèimh

Dh'fhàg sinn an uair sin Claise Phanama nar dèidh, a' toirt aghaidh dhan Ear-dheas, agus a' faireachdainn ga-rìribh gu robh sinn a-nis air taobh eile an t-saoghail. Cha chluinneamaid air an rèidio ach Spàinnis a' tighinn à stèiseanan ceann a Deas Ameireaga, agus b' e fìor dhuilgheadas a bha ann dhuinn naidheachdan on BhBC a thogail. Nuair a shuidheas duine aig an taigh a' sealltainn air an telebhisean, chan eil e furasda smaointinn air seòladairean a' siubhal an t-saoghail aig nach eil cothrom air cor an t-saoghail a leantainn ach na chluinneas iad air rèidio ann an cainnt a thuigeas iad. Is e sin a bheir air seòladairean uiread a dhèidh a ghabhail air gnothaichean a tha a' tachairt fada 's farsaing; agus math dh'fhaodte a dh'fhàgas iad gun mhòran sùim ann an gnothaichean gun chudrom am bailtean beaga fhèin nuair a thilleas iad dhachaigh. Chan eil latha na bheatha aig muir nach eil seòladair a' cur suas ri ànradh droch shìde, teas nan àitean bruicheil, no, mar a tha gu math bitheanta a-nis a' tachairt, ann an cunnart o innleachdan-sgrìos le dùthchannan a tha ag aimhreit ri chèile; agus chan eil e na iongnadh nuair a thilleas e dhachaigh nach gabh e gnothach ri aimhreit neo-chiontach eadar nàbaidhean mu nithean gun bhrìgh. Chan e nach eil e a' tuigsinn dè a tha a' dol air aghaidh, ach gu bheil e faicinn gu tric cho fìor ghòrach 's a tha a' chòmh-stri nuair a tha gnothaichean gu math nas truime a' tachairt air feadh an t-saoghail fharsaing.

Ecuador – Port Puerto Bolivar

Thug sinn dà latha a' leantainn iomall na tìre mun do ràinig sinn an ath bhaile-puirt, Puerto Bolivar, far an robh sinn ri cuid dhe ar luchd a thogail mun cumamaid oirn gu Valparaiso. Cha robh ann ach baile beag, a chaidh a thogail suas o chionn bhliadhnan, ach mar

a bha an dùthaich uile mun cuairt, cha robh ann ach àite bochd. A dh'aindeoin sin, b' e daoine gasda calma a bha ag obair a' luchdadh a' bhàta gun fhois gus an deach am bogsa mu dheireadh de bhananathan a chur air bòrd. Bha làraidhean mòra, 's iad uile a' coimhead gu math aosda, a' tarraing gach luchd a dh'ionnsaigh iomall na laimrig. An sin bha gach bogsa air a chur air cuairsgeanan a bha gan tarraing suas dhan bhàta gun stad, agus buidheannan eile de luchd-obrach a' tasgadh nam bogsaichean anns na tuill. B' e saothair gharbh air gàirdeanan 's dromannan a bh' ann, ach cha robh coltas gu robh e a' cur mòran dragh air an luchd-obrach.

Chan urrainn gu robh am pàigheadh mòr, oir mhothaich mi do bhalaich òga a' dol mun cuairt a' reic thoitean – aon no dhà aig an aon àm. Chan fhaca mi aon fhear dhen luchd-obrach a' ceannach pacaid. Bha na balaich bheaga tapaidh, oir bha iad a' cunntais an airgid nam pòcannan mar fhìor mharsantan. Rachadh cuid dhe na bogsaichean a chumail airson samhlan dhen mheas a thomhas, agus mura robh e a rèir a thomhais mar a bha riatanach, rachadh a thilgeadh an dàrna taobh. An ceann an latha bha tòrr air fhàgail nach rachadh ach a thilgeadh a-mach air a' mhuir. Ach bha na balaich òga eòlach air a' ghnòthach agus bha iad a' lionadh phocannan airson, tha mi a' creidsinn, an reic air feadh a' bhaile a-rithist. B' e daoine soitheamh modhail a shaoil mi fhìn a bha annta uile, aig nach robh mòran de shaidhbhreas an t-saoghail. Bha taighean-còmhnaidh aig iomall a' bhaile glè fhada air ais – feadhainn nach robh na b' fheàrr na bothagan gun uinneag no solas – ach bha togalaichean ùra a' dol suas cuideachd. Tha fios gu robh an sluagh toilichte gu leòr – oir chan ionndrain iad sonas an t-saoghail mu nach cuala 's nach faca iad riamh.

Bha an Nollaig gu bhith oirnn, agus bha cabhag mhòr air an fheadhainn a bha a' luchdadh a' bhàta gus an obair a chrìochnachadh, airson gun seòladh am bàta ro àm na fèis. Mar sin, dh'fhàg sinn Bolivar nar dèidh a' cur smùid às a' bhàta a' dèanamh cùrsa air Valparaiso.

Dèanamh Cùrsa air Valparaiso

Bha an cuan ciùin gun luasgan gaoithe no thonnan, agus sinn nar n-aonar air uachdar san uaigneas, ach an corra bhàta-iasgaich a bha ag obair a-mach o chladaichean Pheru. Air bòrd bha na stiùbhardan

a' dreachadh gach seòmair le gnothaichean na Nollaige, agus bha gach aon againn a' crochadh nan cairtean a fhuair sinn o ar càirdean, a' dèanamh oidhirp cuimhneachadh air na dh'fhàg sinn aig an taigh ged a bha sinn iomadh mìle a-nis bhuapa. Bha am bàr fosgailte, agus bha iadsan aig nach robh ri tionndadh a-mach gu an dleasanan fhèin feadh na h-oidhche a' dèanamh an dicheall gu aoibhneas Oidhche Nollaig a chumail suas le cèol agus òrain mar a b' anmoiche a dh'fhàs i. Aig meadhan-oidhche aig an taigh, chuir gach aon fhàilte fhèin agus a smaointean thucasan a dh'fhàg e na dhèidh, agus cha robh teagamh nach robh iadsan cuideachd a' smaointinn air an seòladairean fad' air falbh.

Tha Latha Nollaig aig muir daonnan air a chumail na latha sònraichte, agus bidh cuirm bìdh air a deasachadh, a' dèanamh suas airson an dealachaidh o theaghlaichean agus càirdean. Thòisich an fhèill le gach aon a bha a dhleasnas seachad – air an drochaid no ge b' e air bith càit an robh obair air bòrd – a' cruinneachadh aig meadhan-latha san t-seòmair-searraidh, far an robh an sgiobair a' sineadh a-mach dhramannan o chomann-seilbh a' bhàta, mar a tha bitheanta aig àm na Nollaige agus na Bliadhn' Uire. Thog gach fear a ghlainne, a' cur slàinte gu chàirdean agus gu chèile. Dh'èisd sinn ri guth na Bànrigh, a chaidh a chraobh-sgaoileadh na bu tràithe air an latha - bha sinne còig uairean air dheireadh air an uair aig an taigh, 's mar sin bha e riatanach dhomhsa naidheachd na Bànrigh a chur air teip airson gun cluinneadh a h-uile duine i a-rithist. Aig uair feasgar, thuir na stiùbhardan gu robh am biadh deiseil airson a chur a-mach, agus rinn sinn uile air an t-seòmair-bìdh.

B' e sin an sealladh – na buird air an sgeadachadh mar gum b' ann airson banais, agus buird eile ri aon taobh cudromaichte fo bhiadh dhe gach seòrsa air a dheasachadh gu grinn. Shuidh sinn, is glainnean fion mur coinneamh, agus gun e furasda smaointinn cò air an tòisichadh duine. Nuair a bha a h-uile duine faisg air sgèapadh, eadar breac, cun-frangach, hama agus taghaidhean dhe gach seòrsa lus agus meas, bha leth an fheasgair seachad, agus thug gach aon a rùm fhèin air gu anail a tharraing agus a chrios mu mheadhan fhuasgladh beagan. Mar a tha cuirmean air fad, bha barrachd 's mòran bìdh 's deoch air thairgse aig an aon àm, agus bha mòran air

fhàgail a chitheamaid tric gu leòr anns na làithean a bha romhainn mun tigeadh crìoch air gu buileach.

Valparaiso

Bha an cuan farsaing againn dhuinn fhìn, a rèir choltais, oir cha robh eathar eile ri faicinn mun cuairt. Chuir sinn brathan gu ar fear-ionaid ag innse dha cuin a dh'fhaodadh e dùil a bhith aige rinn, agus chuir esan brath air ais gu robh gach nì a' feitheamh oirnn. Dà latha an deidh na Nollaige, ràinig sinn taobh a-muigh port Valparaiso, ach le ceò a bhith air uachdar na tire mun cuairt, chan fhaiceamaid mòran dhen bhaile ach am beagan dheth a bha dìreach mur coinneamh. Thug fear-iùil a-staigh dhan chala sinn, agus ann an ùine gle bheag bha sinn ceangailte ri taobh na laimrig. Bha an laimrig an teis-meadhan a' bhaile, agus mar a thog an ceò a-null mu mheadhan-latha, dh'fhosgail ar sealladh air a' bhaile mhòr sgaoilte airson mhiltean mun cuairt bàgh farsaing fo fhasgadh cearcall de bheanntan àrda air a chùlaibh. Bha am bàta air a deagh shuidheachadh airson cothrom a thoirt dhuinn coiseachd air tir mar bu thoigh leinn.

Mar a thubhairt mi, b' e Valparaiso an aon fhear dhe na bailtean-puirt aig an do thadhail m' athair air a shiubhal aig muir a chùim mi riamh ann an iongnadh cò ris a bha e coltach, 's mi ag èisdeachd ri sgeulachdan mu na seann longan-siùil air an do sheòl e na òganach mun cuairt Rubha Horn. Ged a shiubhail mi fhìn cuid mhath dhen t-saoghal, cha d'fhuair mi riamh cothrom a dhol air an rathad ud; agus gu firinneach, bha mi a' faireachdainn mar na h-eilthirich a chunnaic mi a' dèanamh air Mecca air mo chiad thuras gu Jeddah. Dh'fhairich mi gu robh m' iongnadh a-nis air a choileanadh, agus nach biodh an còrr cianalais nam inntinn airson an saoghal a shiubhal aig muir.

Bha an dealbh a bha riamh nam inntinn air Valparaiso dearbhte anns a h-uile dòigh nuair a ghabh mi sgrìob suas am baile – a' leantainn ceumannan m' athar, bha mi glè chinnteach. Bu bhaile e nach do dh'fhuiling riamh sgrìob cogaidh, agus bha a sheann togalaichean cho spaideil 's a bha iad o chionn iomadh linn. Bha a' chuid mhòr dhe na taighean agus dhe na h-àitean-malairt air an togail ann am modh nan Spàinneach agus nan dùthchannan Meadhan-thìreach. Bha am baile fhèin air a stèidheachadh o thaobh na mara suas taobh nam beanntan mun cuairt a' bhàigh, agus b' e sealladh anabarrach grinn

fhaicinn air an oidhche le ath-ìomhaigh a chuid sholas a' deàrrsadh air bàrr na mara sa bhàgh. Bha am baile trang le daoine sìos is suas na sràidean, iad uile air an deagh chòmhdach, agus gu h-àraid na boireannaich 's na caileagan òga nan èideadh ùr-fhasanta. B' e daoine toilichte agus càirdeil a bha annta uile, a chuir fàilte shònraichte oirne a thàinig air a leithid a dh'astar. Creididh mi gun do chuir an sinnsre an aon fhàilte air na seann mharaichean a thadhail sa phort air an luingeas-shiùil, agus b' e sin a dh'fhàg a leithid a mheas aca air an àite. Cha robh ni nach faighte anns na bùthan, a bha loma-làn le gach seòrsa bathair. Bha margaidhean-fosgailte cha mhòr air a h-uile oisinn sràide, 's iad cruichte le diubhar sheòrsa mheasan 's lusan agus èisg, is sin air ùr-ghlacadh is air a chur air tìr an cala a' bhaile.

Bha na bùthan a' dùnadh greis dhen fheasgar, mar a tha àbhaisteach an dùthchannan Meadhan-thìreach, agus an sluagh a' gabhail an tàimh tron àm bu bhàithe dhen latha. Dh'fhosgladh iad a-rithist air an fheasgar, agus b' ann an uair sin a bha am baile a' fàs fìor bheothail. Bha na taighean-òsda glè thrang, agus cha robh cion taghaidh air na bha de bhìadh 's deoch, gu h-àraid fìon, rì fhaotainn, agus air prìsean a bha glè reusanta. Le tuiteam an dorchadais bha am baile na las le solais, agus aoi gheachd na h-oidhche a' tòiseachadh. Bha na bàraichean toil-inntinneach ga-rìribh, is dannsairean 's cèol a' cumail gach àite beothail. Bha aon taigh-òsda an Norfolk, faisg air a' chala, a bha na àite-tadhail aig seòladairean tro na linntean, agus b' e a bha annasach mun t-seòmair fharsaing far an robh am bàr bu mhotha gu robh mullach an t-seòmair cruichte le ainmeannan. Thuig mi nach rachadh oidhche seachad gun feareigin a bhith feuchainn ri streap suas air càrn de bhùird air an cur air uachdar a chèile. Bha mullach an t-seòmair faisg air fichead troigh a dh'àirde, ach a dh'aindeoin sin bhiodh fear an dèidh fìr a' dèanamh a dhìcheall ainm fhèin agus a bhàta a chur còmhla ris an àireamh gun chunntais a bha cheana sgrìobhte air. Gu dearbh, cha bu chleas e a dh'fheuch mise, no a bha idir airson mo leithid. Ged a shiubhail mi airson ainm, cha bu mhotha a chunnaic mi ainm m' athar nam measg, agus bha mi glè chinnteach nach do rinn esan oidhirp air a leithid a ghòraiche a leantainn na bu mhotha! Cha b' e sin do chuid dhe ar n-òganaich, a bha fhathast glè lùthmhor, agus a dh'fhàg an comharra an lùib ainmeannan mharaichean o linntean air ais.

Bha faireachdainn bhàidheil agus sheann-shaoghalta anns a' bhaile rìomhach air fad, agus cha robh taobh an tionndaidheadh neach nach faighte fàilte, oir gu fìrinneach bha gach aon toilichte furan a thoirt do choigrich fada on dachaighean fhèin.

Aig an laimrig bha obair luchdadh nam bogsaichean mheasan dhe gach seòrsa a' dol air aghaidh gun stad, oir bha luchd-ùghdarrais a' phuirt fo imcheist am bàta a sheòladh mun tòisicheadh feill na Bliadhna Uire. Mar sin, chaidh an obair a chrìochnachadh na bu luaithe na dheònaicheadh aon againn air bòrd; agus nuair a bha a' ghrian a' deàrrsadh air a' bhaile air an fheasgar, thog sinn smùid gu aghaidh a thoirt air a' chuan agus an triall fada air ais gu ar ceann-uidhe. Bha ar fir-ionaid nan seasamh air an laimrig, agus shaoil mi cuid mhath de shluagh a' bhaile, a' fàgail am beannachdan againn air ar turas fada. Bha na tugaichean a bha gar cuideachadh on laimrig a' toirt am beannachdan fhèin dhuinn le bhith a' sèideadh am feadagan agus a' dèanamh na b' urrainn dhaibh de dh'fhuaim.

Bha mi fhìn a' smaointinn, nam b' e siud fàilte a thugadh dha na seann mharaichean 's iad a' fàgail an àite, nach robh e na iongnadh gum b' e Valparaiso aon bhaile a bha seasmhach nan cuimhne. Air mo shon fhìn, bha mi toilichte gun d'fhuair mi an cothrom an t-àite fhaicinn, oir bha mi glè chinnteach nach bithinn a' tilleadh an rathad ud tuilleadh.

Dèanamh air Caolas Mhagellan

Thug sinn dithis fhear-iùil air bòrd airson ar stiùireadh sìos an costa fiadhaich agus tro Chaolas uaigneach Mhagellan. Mar a b' fhaide a sheòl sinn gu Deas, b' ann a b' fhuaire a dh'fhàs an t-side, le frasan geamhradhail eadhon ged a b' e samhradh a bha ann Deas air Cearcall-meadhain an t-saoghail. A thaobh sin, thagh na fir-iùil cumail taobh a' chuain dhen t-sreath eileanan a tha a' sìneadh faisg air mìle mìle ri oir costa Chile sìos gu Rubha Horn. Thòisich am bàta air rolladh leis na tonnan slaodach a bha a' tighinn tarsainn a' chuain mhòir, a dh'aindeoin cho cothrom agus a bha i le a luchd trom gu h-uachdar. Bha sinn air a bhith cho fada san deagh shìde ghrianach is nach robh e idir furasda fàs cleachdte ris an t-side eadar-dhealaichte agus an tulgadh anshocrach.

Air mhadainn thràth an 3Imh dhen Dùbhlachd, thionndaidh sinn a-steach air ceann Siar Caolas Mhagellan agus seachad air an Eilean

Fhàsail (*Isle of Desolation*). Cha b' iongnadh gum b' e sin an t-ainm a thugadh air, oir bha e doirbh smaointinn air àite eile a bhiodh a' coimhead cho gruamach, neo-fhialaidh, le a bheanntan arda dorcha, gun sgeul gu robh aon ionad-còmhnaidh no neach bèo air. Mar a b' fhaide a shèol sinn tron chaolas, a' lùbadh o earrann gu h-earrann, shaoil mi gu robh an tìr gu sònraichte coltach ri pàirtean de thaobh Siar Alba, gu h-araid na beanntan àrda creagach os cionn Loch Ailleart, Loch nan Uamh agus beanntan Roisbheinn. Bha na beanntan lom agus donn, gun mhòran a' fas orra, agus aibhnichean nam bras-shruth a' dòrtadh sìos gach coire gu muir dhorcha, ghruamach. Gu dearbh, b' e coimhearsnachd ghruamach a bha ann gu leir, agus cha robh e na iongnadh nach robh sealladh de dh'aon taigh no de dh'anam beò a bhith còmhnaidh ann.

Nuair a ràinig sinn an earrann dhen chaolas a bu chumhainge, bha na beanntan àrda ag èirigh suas biorach, beàrnach, is ceapan sneachda air am mullaich, agus air taobh na mòr-thìr chunnaic mi dà eigh-shruth thomadach, annasach nan greadhnas, a' sìneadh sìos gleannan a thuig mi a bha a' dol air àis dhan tìr faisg air naoi fichead mìle. Thoircadh an sealladh nar smaointean dreach an t-saoghail aig àm fada air ais, nuair a bha e uile fo dheigh, agus nuair a thòisich na h-eigh-shruthan air gluasad gu ar gleannan 's ar mòintich a dhealbhadh mar a chì sinn iad an-diugh. Bha beagan chraobhan a' fàs air na bruaichean ìseal os cionn a' chladaich a bha ag èirigh gu cas às a' mhuir. Bha sgalan de dh'uisge trom gar leantainn fad an turais tron chaolas, ach an dràsta 's a-rithist thigeadh boillsgeadh grèine, a' lasadh suas mòrachd an t-seallaidh dhen tìr air gach taobh dhinn. Cha robh coltas anam beò a bhith fuireach san aite uaigneach idir, ach bha eunlaith nam pailteas a' seòladh mun cuairt – gugachan mòra a' tuiteam le ruathar às an speur, 's iad a' daoibhigeadh airson èisg; faoileagan a' leantainn sruthlag a' bhàta; agus pèileagan bòidheach, dubh is geal, a' leam agus a' cleas nan ceudan air gach taobh dhen bhàta.

Cha do thachair sinn ach ri aon bhàta eile a' dol tron chaolas, agus bha sin aig Rubha Froward, am maol as fhaide gu deas de mhòr-thìr Ameireaga a Deas. Bha an rubha na sheasamh a-mach mar chnap mòr beinne dhan chaolas, agus air a chùlaibh bha sreath bheanntan cas agus lom le stòcan biorach 's gleannan fo dheigh agus sneachda a' sìneadh à sealladh air astar. An dèidh an rubha fhàgail

nar dèidh shaoil mi gu robh coltas na tire a' fàs beagan na bu shocraiche, le barrachd de thalamh iseal; ach bha e fhathast lom agus neo-fhialaidh. Bha an caolas a' leudachadh mar a b' fhaide a sheòl sinn dhan Ear, agus mar a lughdaich na frasan, nochd a' ghrian a-mach.

Beagan an dèidh sia uairean feasgar, thàinig sinn gu ceann a' chaolais, agus thàinig bàta a-mach o stèisean uaigneach, far nach robh ri fhaicinn ach taigh-solais agus beagan thaighean faisg air, gus ar fir-iùil a thoirt gu tir. Dh'fhàg sinn ar beannachdan aig na daoine càirdeil sin, agus a-nis, fo ar n-ùghdarras fhìn, thug sinn aghaidh air a' chuan. Chaidh sinn seachad air sreath de chrannan-ola a-mach o chladach Eilean Tierra del Fuego – àite a tha Argentina a' connsachadh mu shealbh. Shaoilinn nach b' e a chreagan loma a bha iad a' connsachadh mun deidhinn, ach gu bheil an sùil air beairteas na h-ola agus na meinnearachan a dh'fhaodas a bhith annta.

A-Mach dhan Chuan Shiar

Chuir sinn ar cùl ris an fhearann, agus mar a thug sinn aghaidh air a' Chuan Shiar fharsaing, bhuail clag meadhain-oidhche air an rèidio, a' toirt na bliadhna 1984 gu crìch, agus mar a sheòl sinn a-mach gu muir shèimh agus sìde na b' fheàrr, thug sinn a-steach a' Bhliadhn' Ur. Bha ar meadhan-oidhche air bòrd a' bhàta fhathast ri teachd, oir bha còig uairean deifir eadar ar n-uair-ne agus an uair aig an taigh, ach b' e clag Big Ben crìoch na seann bhliadhna dhuinne, agus sinn uile a' smaointinn air ar luchd-cinnidh cho fada bhuainn.

An ath mhadainn, bha sinn beagan gu Tuath air eileanan nam Falklands is an cuan sèimh agus an speur gorm. Lean sinn cùrsa a thoireadh na b' fhaide gu Tuath sinn a-mach o fhuachd na gaoithe a bha a' sèideadh tarsainn cuan an Antartaich. Dh'atharraich an t-side mar a b' fhaide a chaidh sinn air aghaidh tarsainn a' chuain, ach cha robh sin a' cur bacadh oirnn. Chum na h-albatrosan ceum rinn fad an triall fhada gu ceann a Deas Afraga, 's iad a' gluasad cho for ghrinn o thaobh gu taobh gun sgiath a chrathadh, agus iad a' cumail suas ri astar a' bhàta gun strì. Le dol fodha na grèine, laigheadh iad air a' mhuir, ach moch air an ath mhadainn bhiodh iad air an stèisean gar coimheadaicheadh.

Thadhail sinn ann an Capetown airson ola agus nithean eile riatanach. Cha robh dad na bu riatanaiche dhan sgiobair agus dhan oifigeach a thàinig air bòrd ann am Panama na am bagaichean

adaich, a bha air an leantainn mun cuairt an t-saoghail agus a rug orra mu dheireadh thall ann an Capetown. Cha robh ar tadhal sa bhaile rìomhach sin ach goirid, agus thill sinn gu ar triall air an t-slighe eòlach gu Jeddah agus ceann mo thurais fhìn aig muir.

Bha mi glè thoilichte gun d'fhuair mi an cothrom cuairt eile a thoirt, agus a dhol gu oisinnan dhen t-saoghal air an robh mi dèidheil, agus àitean eile nach faca mi riamh fhaicinn le sùilean a thug barrachd dlùth air ailleachd ar saoghail na thug mi air iomadh turas roimhe sin. Air mo rathad dhachaigh air a' phlèana à Jeddah, bha mi a-nis buileach cinnteach gun do dhrùidh cianalas a' chuain gu buileach às mo shuim, agus gu robh mi toilichte agus deasaichte m' aghaidh a thionndadh air dòigh-beatha a thrèig mi tuilleadh 's fada.

Am Fàinne

Alasdair Iain MacLeòid

Chaidh mo chartadh a Sgalpaigh, aig aois dusan bliadhna, ar leatha, airson foghlam.

Bidh boillsgidhean de leanabachd air a' Cheann a-Muigh a' tighinn thugam gu tric. Tha cuimhne agam a bhith air gualainn m' athar, agus mi a' cath na pioba às a bheul – bha mi cho eirmseach! Chronaich e mi, oir bha e sgìth, an dèidh latha a' cur suas.

Eadar Pàirc Ailein agus Taigh Mhurchaidh Dhòmhnail – mu leth-mhìle a dh'astar – bha còig duine deug a' dol don sgoil. Chan eil andiugh ann ach aon. Chan eil beò den chòmhlán ud ach còignear: tha na tha air fhàgail mu thri fichead bliadhna 's a deich. Rinn an cogadh sgath.

Bha suragan dona air an rathad, is dh'ainmichinn iad aon uair. Bha tè am meadhan Cnoc Oighrig, tè aig bonn Cnoc an t-Saoir, tè mhòr aig Geata Ailein, tè aig Geata na Sràide agus tè aig Cnoc Beileig. Bha an Lagan Domhainn làn diubh ach bha Tobar an Lagain Domhainn milis – co-dhiù a' tighinn dhachaigh!

Bhiodh na caileagan nan cròileagan, an làmhan a chèile, ach bhiodh na balaich ri mì-mhodh. Bhiodh “ròp” againn, a' tràladh nan nighean mar sgadan no “a' cur uan dhan Oir-Eilean”. An rud a chì na big!

Fliuch no tioram, blàth no fuar, dh'fhalbhamaid don sgoil. Cha ghabhadh na balaich còta idir: bha thu bog ma bha còta ort. Tha cuimhne agam aon mhadainn agus sinn aig Taigh Iain Uilleim san Lagan Domhainn, dhòirt i; mar a theireamaid, “Dh'fhalbh an tòn aiste!”, 's clachan-meallain 'nan ultaich gan tilgeadh oirn. Bha bonaid ormsa ach bha cluasan mòra air mo charaid gràdhach nach maireann. Bha na clachan-meallain a' dannsa am meadhan an rathaid mhòir. Bhiodh balaich air an rathad a' gabhail “Eireagan a' Chinn a-Muigh” oirn. Cha bu toigh leinn sin, agus bhitheamaid a' gabhail bràigh orra nam b' urrainn dhuinn.

'S i Màiri Beileag a' chiad tidsear a bh' againn. Bha i gar teagaisg airson gun dèanadh i sgoilearan matha dhinn. Bha truas aice rinn agus sinn bog fliuch. Bhiodh teine math aice air agus bha blàths innte fhèin. 'S ann aice bha an àmhghair – teagaisg dhòmhsa mar a dhèanainn an litir b. Cha dèan mi ceart fhathast i! Bha Ceit – an

tidsear anns an Rùm Mhòr ri taobh – na bu truime oirnn. Brònag, 's ann aice fhèin a bha an riasladh, a' cur nan "tri Rs" annaine. Bha "An Rùm Mòr" cho mòr ri eaglais agus bha an t-uabhas chloinne ann – bruidhinn air *Composite Classes!* Dh'fhanadh Ceit chòir còmhla rinne aig àm na dinnearach a' dèanamh còco do dh'"Eireagan a' Chinn a-Muigh".

Aon latha agus sinn anns an Rùm Mhòr, thàinig am fear seo a-staigh – coigreach. Bha *plus-fours* air. Bha teine mòr air agus shuidh e aig an teine. Bha rudeigin mar fidheall aige agus mhothaich sinn gu robh fàinne air a mheòir. "Duine bog," thuirt balaich Sgalpaigh riutha fhèin, "nì sinn gloic dheth." Ach thàinig stoirm is dhubh e ghrian. Thòisich an duine ùr gar cur ann an sreathan. Aon de na làithean agus mise a' mì-mhodh mar a b' àbhaist anns an t-sreath. Thàinig e. Fhuair mo chlaigeann trì buillean de dhòrn agus den fhàinne chruaidh ris a' chraiceann. Cha mhòr nach do chaoin mi – ach, "balaich Sgalpaigh!"

'S iomadh fear is tè de mo chomh-aoisean a fhuair buille den fhàinne ud. Dh'fhàg an fhàinne agus an teanga iad bog, mì-mhisneachail. Cha leigeadh e leas a bhith cho cruaidh; leis an fhìrinn, cha robh sinn riamh dona. 'S e Dòmhnall Ailig Thormoid an Tàilleir a thug dha far-ainm, a thoill e. Thug Seonaidh Aonghais Dhòmhnail am far-ainm 'Sgeileic' dhomh fhèin. Aig ceann taigh athar loisg mi urchair air crogan silidh, leis a' ghunna aig Dòmhnall Iain Dhòmhnail Ailein. Aig deich bliadhna dh'aois rinn mi smùr den chrogan; bha sinn cho eirmseach.

Foghlam

Ruairidh MacDhòmhnaill

Cha robh duine san sgoil
 Cho cuimseach
 Gu tilgeil fhloc.

(Is an uair a ghabh e air
 Eideadh an Airm
 Cha robh duine anns a' phlatùn
 Cho cuimseach
 Leis a' pheilear;
 Is anns an Naafi
 A' tilgeil ghath air bòrd
 Bha e a cheart cho sgileil.

Mar chomhairliche baile
 Is an sin mar Bhall-Pàrlamaid
 Bha e co-ionnan sgaiteach –
 Cha robh facal a theireadh e
 Nach buaileadh sùil an tairbh.)

Ach 's e pluic a-mhàin a thilgeadh e;
 Cha tilgeadh e clach idir,
 Ach a-mhàin air na cupannan geala
 Air cruinn an teileagraf
 (Nach iad a bha coibhneil,
 Na daoine a sholair
 Targaidean cho goireasach
 Do bhalaich sgoile
 Is a thigeadh le àraidhean
 Gan càradh
 A h-uile uair a bhristeamaid iad).

Mar sin, an uair a chaochail e,
 Thuirt am ministear anns an ùrnaigh
 Nach do thilg e clach air duine riamh,
 Is bha an fhìrinn aige.

Ach cha d'dh'innis e idir
Cho cuimseach is a bha e
Gu tilgeil phloc...

Ach gu dearbha
Cha b' ann anns an sgoil againne
A fhuair am ministear
'Fhoghlam.

Rèinigeadal

Ceiteag Ailig Iain Bhàin

Is dòcha gun do leugh cuid agaibh cheana ann an earrann eile den leabhar seo beath'-eachdraidh mo bhràthar, Dòmhnall. Aig an àm a bha esan ag ullachadh airson a dhreuchd fhàgail ann am Banca na h-Alba, agus a leantainn às ùr ann am Banca Breatannach Afraga an Iar, bha mise air m' fhoghlam mar bhan-sgoilear a chriochnachadh ann an Colaisde Chnoc Iòrdain. Gu mì-shealbhach, mar a tha fios aig iomadh Eileanach, b' e siud àm aig an deachaidh an Riaghaltas air iomrall ann an tomhas àireamh na cloinn-sgoile agus am feum air tidsearan. Dh'fhoghlamaicheadh cus tidsearan agus cha robh cosnadh ri fhaotainn aca; bha mise fad bliadhna gun obair aig an dachaigh ann am Bàgh a' Chàise. Co-dhiù, an ath-bhliadhna bha mi fortanach obair neo-bhuan fhaotainn, a' siubhal air feadh Uibhist is na Hearadh, greis mu seach, ann an sgoiltean far an robh àite tidseir falamh, ge b' e dè adhbhar, airson ùine ghoirid. Tuigidh sibh, tha mi cinnteach, an toileachas a rinn mi ri litir bhon fhear chliùiteach ud Murchadh Moireasdan, Stiùiriche an Fhoghlaim ann an Siorrachd Inbhir Nis, mi dhol gu ruige Rèinigeadal a chumail na sgoile an sin bho dheireadh Lùnasdal 1938.

Gus o cionn bliadhna no dhà air ais bha Rèinigeadal ainmeil airson aon nì thar gach uile – bhiodh e doirbh smaoinichadh air àite-còmhnaidh dhaoine ann am Breatann uile a bho cho duilich faighinn ann no às air chois. (Aon àite thig nam inntinn, 's e Hiort, agus is iomadh bliadhna bhon thug iad na daoine às a sin gu tìr-mòr.) Tha am Mòd ceud bliadhna dh'aois; tha amharas agam gu robh an fheadhainn a bha an làthair ann an Rèinigeadal bho chionn ceud bliadhna air ais a' miannachadh ceum rathaid air choreigin, ach mun tàinig an rathad cruaidh, rèidh a chuir an Sgrìob gu neo-fheum, cha mhòr nach robh àireamh sluagh a' bhaile air crìonadh gu neoni, agus rinn na buill-naidheachd mòran den chunntas gun do chosg an rathad ceud mìle not airson gach fear, bean is pàisde a bha a' còmhnaidh ann. Bha an Sgrìob ainmeil anns na Hearadh agus a-muigh air sin. Is tearc, gu dearbh, an àireamh de Hearsaich aig an robh an dèoin an Sgrìob fheuchainn gu bhith a' dol a chèilidh air muinntir Rèinigeadail, ge

dlùth an càirdeas. Gu dearbh, is aithne dhòmhsa feadhainn a choisich don bhaile ach a thàinig às air eathar!

Dh'innis mi gun d' fhuair mi mo litir-suidheachaidh gu Sgoil Rèinigeadail, ach b' fhada roimhe sin a bha mi air sgeulachdan a chluinntinn air a' cheum-rathaid chruaidh, gharg bho Urgha gu Rèinigeadal. Chan eil teagamh agam nach ann air an Sgriob a bha Seumas Shomhairle a' cuimhneachadh nuair a rinn e *Eilidh*:

Tha slighe dhoirbh gu beanntan àrd ar n-Eilein,
tha 'n dìreach garbh tron mhòintich is tron fhraoch...

Seachdain no dhà ro fhosgladh nan sgoiltean, dh'fhalbh mi còmhla ri dà chompanach a dhearbhadh dhomh fhèin firinn nan sgeulachdan a chuala mi mun t-slighe agus a dh'amharc air an dachaigh ùr agam. B' e latha blàth grianach a bha ann agus cha do dhiochuimhnich mi riamh an sealladh ud bho mhullach na beinne. Tha e doirbh cur ann an cainnt mar a ghluais bòidhchead an t-seallaidh ud m' aigne; chan urrainn gu bheil nas àille anns an eilean. Ach a' sealltainn sìos romham laigh mo shùil air an Sgriob – a' suaineadh sìos ri aodann a' bhruthaich is a' cromadh gu cas gu Tràigh Throllamaraig. Is mise a bha ri fàs eòlach air na lùban ud anns an ath cheithir bliadhna. Nuair a ràinig sinn cois na mara bha againn ri dìreadh cas eile a dhèanamh air an taobh thall, ach bha ceum aithghearr a-null ri bruaich na mara ris an abradh iad Pall-chlach nam Fiadh. Bha feum air aotromas-coise an fhèidh an siud, oir cha robh fon neach a chailleadh a chasan ach creagan cruaidh geur an-ìochdmhor is am muir domhainn gorm. Gidheadh, cha mhòr nach robh gach neach a' gabhail na h-aithghearrachd seo a dh'aindeoin a' chunnairt.

Bha an taigh-sgoile ann an suidheachadh brèagha, le aghaidh ris a' Chuan Sgith, le talamh an Eilein Sgitheanaich agus Siorrachd Rois air an taobh thall. Aig àm a' Chogaidh bha daonnan sreathan de luing-bathair a' seòladh sìos is suas agus na luing-cogaidh gan ciobaireachd mar cù-chaorach. Nuair a bha an Cogadh aig àirde fhuair mi rèidio, agus bhiodh muinntir a' bhaile a' tighinn a-steach a dh'èisdeachd ris na naidheachdan gach feasgar. Mar sin cha robh mi aonarach no a' faireachdainn tìde a' tarraing.

Bha triùir sgoilearan agam an toiseach – triùir nighean laghach, Ceiteag, Doileag agus Ineag. Chaidh an rola suas gu còignear; gu sianar; agus, an ceann dà bhliadhna, gu aon sgoilear deug, le dà theaghlach a thàinig à Glaschu.

B' e a' chiad fhear-sgrùdaidh a thàinig a cheasnachadh nan sgoilearan an sar-dhuine uasal nach maireann, Ragnall MacLeòid. Ma tha luchd-leughaidh agam a bha ann an Ard-Sgoil Phort Rìgh ann am meadhan nan 1930an, is esan a bha a' teagasg na Gàidhlig an sin agus a' coimhead an dèidh nan gillean ann an Taigh-còmhnaidh Eiligin. Thadhail e san sgoil anns a' mhadainn agus thug e dhomh cead dùnadh airson leth-latha. Bha cuireadh agam gu banais ann an Sgadabhagh, am baile às an robh mo mhàthair. Abair thusa gun do chòrd a' bhanais riumsa, ach aig bristeadh latha choisich mi an deich mìle air ais gu Rèinigeadal gus an sgoil fhosgladh aig naodh uairean.

Cha ghabh sgeul mu Rèinigeadal aithris gun fhacal mu Dhòmhnall Beag am Post, a thug iomadh bliadhna a' siubhal eadar Rèinigeadal is an Tairbeart le eallach litrichean is pharsailean, ri turadh, ri dile, ri fuachd, ri teas, ri fèath is stoirm. Dh'aithnicheadh Dòmhnall a h-uile duine agus dh'aithnicheadh a h-uile duine Dòmhnall. Bha eathar beag aige agus bhiodh e ag iomradh a-null gu Moilinginis airson an t-astar is an dìreadh a ghiorrachadh. Is iomadh droch latha a thachair ris; is iomadh tonn a chaidh thairis air an eathar bheag; ach bha бага nan litrichean an còmhnaidh a' ruigheachd ceann-iùil.

Aon sgeulachd bheag mun crìochnaich mi, air tachartas nach fhaiceadh neach an-diugh is rathad mòr nan càraichean a' ruigheachd meadhan Rèinigeadail. Bha mi air an sgoil a dhùnadh airson saor-làithean an t-samhraidh; bha mo bhaga air a lìonadh is nam làimh; bha m' aghaidh air an Sgrìob nuair a chuala mi glaodh nam dhèidh: "A bheil sibh a' dol dhan Tairbeart?" Cò bha seo ach an Dotair Urramach Donnchadh MacLeòid, ministear an Tairbeirt, agus Seonaidh Dhòmhnail Choinnich à Maraig, a bha air a bhith a' cumail seirbheis anns a' bhaile. "Gheibh sibh aiseag còmhla rinn gu Moilinginis," ars iadsan, agus is mi a bha taingeil. Aig a' chladach thall, chuir am ministear am бага air cromag a bhata agus suas air a ghualainn. Ars esan, "Gabhaidh sinn greis mu seach dheth nar trìuir." Sin mar a rinn sinn, cairteal na h-uarach an duine, suas an leathad is thar na mòintich, gus an d' ràinig sinn snaidhm rathad Urgha, far an robh càr a' mhinistear a' feitheamh is Seonachan aig a' chuibhill. Chuir am ministear mo bhaga ann an cùl a' chàir is thionndaidh e is fiamh a' ghàire air aodann. "Dh'èirich eallach dhiot," ars esan. Feumaidh gun do thuig e dè a bha a' dol tro m' inntinn fad an turais – mura robh an càr air ar coinneachadh, mo nàire a bhith a' coiseachd

– mura robh an càr air ar coinneachadh, mo nàire a bhith a’ coiseachd suas sràid an Tairbeirt ri taobh a’ mhinisteir le бага air cromag a’ bhata.

Tha dlùth-cheangal agamsa ri Rèinigeadal a bharrachd air a bhith an urra ris an sgoil ceithir bliadhna. Is ann a Rèinigeadal a bha mo chèile nach maireann, Dòmhnall Caimbeul, mac Nèill Ruaidh. Bha Dòmhnall na sgiobair air bàtaichean Anndra Weir, a’ seòladh gu gach ceàrn den t-saoghal. Fhuair mi an cothrom is an toil-inntinn siubhal còmhla ris air a’ bhàta turas no dhà mun do thòisich sinn air teaghlach a thogail. Gu muladach, thug am bàs uainn Dòmhnall mun d’ fhuair e an toileachadh a bu chòir ann a bhith ag amharc ar cloinne a bhith ag èirigh suas.

Sin agaibh beagan de mo smaointean air Rèinigeadal leth-cheud bliadhna air ais – baile beag sona; daoine càirdeil, tuigseach, mòran dhiubh nach eil againn nas mò. Is e mo dhòchas turas a thoirt ann aon uair eile – an t-àite anns an do chuir mi seachad ceithir bliadhna toilichte saorsainneil.

“Làithean ar n-òige, làithean gun bhròn, gun smal.”

Murchadh MacPhàrlain

Mar chuimhneachan air fìor bhàrd agus sàr-Ghàidheal

Niall M. Brownlie

Leamsa togamaid càrn mar chuimhn' air an t-sàr
A choisinn da chànain mòran;
Bha meas air mar bhàrd fad' bho eilean a ghràidh -
Tha 'n òigridh am bàidh air òrain.

Tha beàrn am measg bhàrd bhios ri òrain 's gach àit'
On a chaochail am bàrd gleusda;
A bheil e beò am measg chàich filidh nan dàn
A lionas an t-àit' a dh'eug leat?

Ged tha 'n teanga bha geur fo ghlasan an èig,
Tha na dh'fhàg e na dhèidh neo-bhàsmhor;
Fad' 's bhios Gàidhlig cur loinn air tallachan seinn,
Bidh daoine ri seinn a bhàrdachd.

Bidh e siubhal nan speur le Mòrag a sheud
No a' coiseachd a' phrèiridh fhàsail;
Am mailisidh an rìgh bidh e mèarsadh gun sgìths,
'S e tilleadh gu tìr àraich.

Am Mailisidh an Rìgh tha riaghladh gach nì
Tha an laoch a bha fìor chàirdeil;
Tha Murchadh nam buadh, sàr-fhilidh nan duan,
Anns na nèamhan tha shuas a' bàrdachd.

© *Na còraichean glèidhte.*

Am Prionnsa Teàrlach ann an Sgalpaigh

Niall Caimbeul

An dèidh Blàr fuilteach Chùil Lodair theich am Prionnsa Teàrlach le a bheatha a-mach do na h-Eileanan an Iar, far an robh e air an uideil o eilean gu eilean a' feitheamh fàth air faighinn air ais don Fhraing. Ann an ciaradh an fheasgair air an deicheamh latha fichead den Ghiblean sa bhliadhna 1746, sheòl bàta a-steach do Sgalpaigh, agus air bòrd bha am Prionnsa Teàrlach agus còmhlan beag de luchd-cuideachaidh. Thàinig iad air tìr an Sgalpaigh agus fhuair iad fàthachd ann an taigh Dhòmhnail Chaimbeil, Fear Sgalpaigh.

Aig an àm seo bha an t-Urramach Amhlaidh MacAmhlaidh na mhinistear ann an Sgarastadh na Hearadh. Fhuair esan caismeachd air choreigin gu robh am Prionnsa ann an Sgalpaigh agus rinn e air ball dìreach air an eilean, an làn-bheachd am Prionnsa a chur an grèim. Ràinig MacAmhlaidh 's a luchd-cuideachaidh cladach Sgalpaigh, ach choinnich Dòmhnall Caimbeul aig an laimrig iad. Thuirt Dòmhnall ri MacAmhlaidh gu robh am Prionnsa a-staigh aigesan gun teagamh, ach gu robh e air aoigheachd na thaigh-san agus nach robh a chridhe aig MacAmhlaidh no duine eile aon uair corrag a chur air. "A' chiad fhear agaibh," arsa Dòmhnall, "a thig gu tìr an seo, sgoiltidh mise chum na talmhainn leis a' chlaidheamh e." Bha deagh fhios aig MacAmhlaidh cò bh' aige agus bha fhios ro mhath aige gu robh an Caimbeulach a' ciallachadh na bha e 'g ràdh. Thug MacAmhlaidh an sin an t-òrdugh da luchd-cuideachaidh iad a thilleadh air ais gu tìr-mòr na Hearadh, 's cha deachaidh dragh a chur air a' Phrionnsa. Chuir e seachad an oidhche an taigh Dhòmhnail.

An ath latha ghabh an Prionnsa 's a luchd-cuideachaidh an t-aiseag à Sgalpaigh agus sheòl iad a-steach gu ceann a-staigh Loch Siophort. Chaidh iad air tìr an sin is chuir iad an aghaidh air Steòrnabhagh, am beachd bàta fhaighinn an sin a bheireadh don Fhraing iad. Ach mun do ràinig iad Steòrnabhagh fhuair iad garbh-rabhadh gu robh na saighdearan gan lorg an sin, agus cha robh air ach tilleadh air ais an rathad a thàinig iad. Thàinig iad air ais do Sgalpaigh, agus 's e glè bheag nach deach am Prionnsa a ghlacadh

an turas seo. Sheòl bàta is i làn shaighdearan a-steach don Acarsaid a Tuath, ach chuir Dòmhnall Caimbeul air falbh am Prionnsa 's an còmhlan a bha maille ris an grad 's an cabhaig gu Cùl na h-Airde, far an robh eathar ochd-ràmhach gam feitheamh. Thàinig na saighdearan gu tìr agus rinn iad às dèidh a' Phrionnsa, ach nuair a nochd iad os cionn a' chladaich an Cùl na h-Airde bha an t-eathar ochd-ràmhach a' dèanamh astar math a-mach tro Chaolas Eilean Fuam. Tha e ri ràdh gu robh peileirean nan saighdearan a' cur spealgan às na ràimh aig an luchd-teiche mun d' fhuair iad Eilean Fuam eadar iad 's tìr. An àm tuiteam na h-oidhche thàrr am Prionnsa às suas lochan nam Bàgh. Cha do thill e air ais an rathad seo tuilleadh, agus fhuair e fa-dheòidh air ais don Fhraing.

Sa bhliadhna 1773 rinn Dòmhnall Caimbeul imrich do dh'Ameireaga, e fhèin 's a bhean Anna, Iain, am mac a b' òige, agus dithis nighean. Dh'fhuirich Coinneach, am mac bu shine, ann an Sgalpaigh, far an do ghabh e àite athar. Rinn Dòmhnall 's a theaghlach an dachaigh ann an àite ris an abrar MacLendon's Creek ann an North Carolina. 'S ann aig an àm seo a bhrist Cogadh na Saorsa a-mach eadar Breatann agus na h-Eilthirich, agus dh'èirich e gu inbhe Caiptein. Anns a' bhliadhna 1776 chaill Iain a bheatha aig Blàr Moore's Creek. Tha carragh-cuimhne do dh'Iain ri fhaicinn air an làraich seo an-diugh. Chaochail Dòmhnall Caimbeul aig aois ceithir fichead bliadhna 's a h-aon deug, agus tha e fhèin 's a theaghlach air an tìodhlacadh ann an North Carolina.

An Neo-Dhiadhaire

Dòmhnall Alasdair

Nuair a bha mi anns an RAF thachair mi ri aon duine nach robh a' creidsinn ann an Dia. 'S e oifigear a bha ann: duine ceart, coibhneil, air an robh Clarke mar ainm – ach mar as àbhaist, 's e Nobby Clarke a bhiodh aig a h-uile duine air. Bha mi fhin agus e fhèin anns an aon rùm-cadail.

Bha e na chleachdadh anns an t-seirbheis gun a bhith deasbad mu dheidhinn creideimh, ach cha chailleadh esan cothrom sam bith air innse nach robh esan a' creidsinn ann an Dia. Cha b' fhada gus an robh far-ainm air – “Nobby Diadhaidh.”

Chaidh mise a thogail ann an Eilean Leòdhais, far am beil an creideamh a' riaghladh beatha dhaoine mar nach eil e ann an ceàrn eile ach is dòcha Iran. Mar sin, cha chuala mi duine a-riamh ag ràdh nach robh Dia ann gus na choinnich mi ri Nobby. Bha e na charaid math dhomh – duine dìreach, onarach, aig an robh còmhradh a bha buileach ùr, agus dàna na mo chluasan-sa.

“Am beil thu fhèin a' smaoinichadh,” chanadh e, “gum beil na h-oifigearan sin a' creidsinn ann an càil ach ann am botal agus criogaid? Sin an dà Dhia a th' aca.”

Gun teagamh, cha robh iad a' creidsinn anns an Dia a bha againn ann an Leòdhas. Cha leigeadh am fear sin leinn cluich air criogaid air an t-Sàbaid, no fiù fead a dhèanamh. Bhiodh Nobby a' gàireachdainn nuair a dh'innsinn dha gu robh e ceadaichte dha m' athair an tombaca a ghearradh Latha na Sàbaid ach nach fhaodadh mo mhàthair am buntàta a rùsgadh. Bha e a' smaoinichadh gur e fealla-dhà a bha air m' aire.

“Cha chreideadh duine sam bith anns an Dia sin,” chanadh e.

“Trohadh,” chanadh e, “agus seall ri seo.” Bha glainne-amhairc mhòr aige leis am biodh e a' coimhead ris na rionnagan. Shealladh e dhomh ceithir gealaich Iupiter agus cearcall Shaturn.

“Tha mìle millean rionnag anns a' ghalagsaidh againn, agus tha mìle millean galagsaidh eile ann. Tha feadhainn aca cho fada air falbh agus gum beil an solas aca a' toirt millean bliadhna mus ruig e sinn. An dèanadh Dia sam bith na tha sin airson babùn mar duine? Agus dè th' ann an duine ach babùn a chaill am fionnadh? Càit am

beil an irioslachd ann an duine a tha a' creidsinn gum bi e beò gu sìorraidh? Dè an seòrsa Dia a rinn babùn airson a ghlòir fhèin?"

Is iomadh gàire a rinn mi ag èisdeachd ri còmhradh dhen t-seòrsa sa. Aon fheasgar thuirt mi ris, "An fheadhainn a tha creidsinn, chan eil iad ag iarraidh dearbhadh; agus an fheadhainn nach eil, chan eil dearbhadh ann a riarraicheas iad."

"Uill," ars esan, "'s cinnteach gum beil e comasach do Dhia uile-chumhachdach dearbhadh dhomh gum beil e ann."

"Dè, ma-tha, a dhèanadh e airson toirt ort creidsinn?"

"Innsidh mi sin dhut," ars esan, a' coimhead ris a' ghealaich shlàin. "Nan cuireadh e grèim air cùl m' amhach an dràsda agus gun canadh e rium, 'An creid thu ma nì mi spealgan dhen ghealaich sin dhut?', chanainn gun creideadh."

"Tha deagh fhios agad nach tachair sin, agus nan tachradh bhiodh an saoghal ann an cunnart mòr nuair a thuiteadh..."

"Och, tha sin ceart. Ach an Dia anns an creid mise, bheir e dhomh mo dhearbhadh gun call sam bith a dhèanamh. Cuiridh e air ais a' ghealach mar a bha i roimhe."

"'S e tha dhith ortsa mìorbhail. Tè a dh'aon ghnòthaich dhut fhèin." Smaoinich mi air a ràdh ris gu robh daoine ag iarraidh an dearbh rud air Criosd agus nach do chòrd e ris, ach bha mi air fàs sgìth de dh'eudmhorachd Nobby. Tha e air a ràdh nach eil e farasd a bhith beò còmhla ri naomh, ach chan eil e càil nas fhasa a bhith beò còmhla ri eudmhoraiche.

Chaidh mo chur gu stèisean eile, agus 's ann greis an dèidh sin a fhuair mi fios gu robh mo charaid ann an ospadal faisg air Oxford. Abair gun chuir e iongantais orm nuair a chunna mi gur e ospadal leigheas-inntinn a bh'ann. Bha Nobby glè thoilichte m' fhaicinn. "Fhuair mi mo dhearbhadh," ars esan. Cha robh mi cinnteach anns a' bhad cò air a bha e a-mach.

Tha e coltach gun deach e aon oidhche gu mullach a' chnuic a bha ri taobh an stèisein aig an robh e. Bha a' ghealaich slàn agus bha e a' coimhead rithe leis a' ghlainne nuair a dh'fhairich e làmh mhòr, làidir a' cur grèim air cùl amhach, agus chual' e guth mòr, làidir ag ràdh, "An creid thu a-nise ma nì mi a' ghealach na spealgan dhut?"

"Creididh," arsa Nobby. Thuit a' ghlainne às a làmhan agus thàinig crith air leis an eagal.

“Cunnt gu seachd, agus aig seachd gheibh thu do dhearbhadh.”

“Aon, dhà, trì, ceithir, còig, sia...”

“Carson a stad thu?”

“Tha eagal orm.”

“Tha eagal ort creidsinn.”

“Tha a’ ghealach cho brèagha mar a tha i...”

“Nach e tha brèagha d’ às-creideamh. Chan eil thu airson dealachadh ris. Can ‘Seachd’.”

Dh’èigh Nobby “Seachd” àird a chinn agus chaidh a’ ghealach na spealgan agus dh’fhàs an oidhche dorch. Chaill Nobby a mhothachadh airson greis, agus nuair a thàinig e thuige fhèin ruith e chon an stèisein; ach bha e a’ dèanamh leithid a dh’èigheachd agus gun chuir iad fios air an dotair. Seo mar a thàinig e gu bhith anns an ospadal.

Nuair a dh’fhag e an t-ospadal cha robh an RAF ga iarraidh, ach thug eaglais anns a’ Ghàidhealtachd cuirceadh dha a thighinn dhan choitheanal, agus tha e an-diugh na mhinistear an sin. Chuala mi gun dh’iompaich e iomadh peacach leis an sgeulachd seo. Ach chan fhuiling e cluinntinn gum beil an fhìrinn aig eaglais sam bith eile ach an tè aige fhèin.

Chan eil an eudmhorachd ag atharrachadh, creideamh ann no às.

An Cogadh

Tormod MacLeòid (Noraidh, nach maireann, à Sgalpaigh)

Tha leòmhan an-diugh fuasgailte, cha b' ann na uair dha bhith;
Tha 'n nàmhaid guineach buairesach air èirigh suas a-ris,
Le bagradh gun do bhuair e i 's le gluasadan bha cli;
Nuair thug e dùbhlàn bualaidh dhi, b' e dual a chumadh i.

'S ann air madainn Sàbaid theann a' phlàigh a' cogadh rinn;
Bha òrdugh bhon a' Phàrlamaid gun dàil air feadh gach sgìr
Na gillean òg bhith fàgail gu bhith seasamh blàr na tìr,
'S nach iomadh fear den àireamh ud a dh'fhàg agus nach till.

'S iomadh balach àlainn tha 'n-diugh a' cnàmh san ùir,
Is cuid tha 'n uaigh neo-shàmhach air am bàthadh anns a'
ghrunnd;
Ach cuimhne bidh gu bràth orra fad 's a dh'fhàsas flùr
Mar ghaigich nam beann àrda chaidh gu bàs airson a' Chrùin.

Nuair sheallas mi mun cuairt orm 's a chì mi cuain gach làmh –
'S le innleachdan a' Ghearmailtich tha 'n fhairge 'n-diugh cho
làn –
Bidh 'n Sàtan, mar as dual dha, cur na mo chluais gun tàmh
Gur ann sa ghrunnd tha 'n uaigh agam 's nach faic mi Cluaidh
gu bràth.

Ach èiridh grian na sìthe air gach rìoghachd san Roinn-Eòrp';
Bidh 'n Gearmailteach na shìncadh far nach dirich e nas mò;
Cha bhi cuimhn' air gàbhadh no àmhghair thàinig oirnn
Ma gheibh sinn dhachaigh sàbhailt' far an deach ar n-àrach òg.

Ach dùinidh mi an duanag bhon tha cruadhach fo mo cheum –
Bu tric a bheirinn duais air bhon chuir sinn Cluaidh nar dèidh –
'S ma bhitheas mi cho fortanach 's nach tig a-nochd oirnn *raid*,
Gheibh mise cadal socair ann an doc St. Nazaire.

Astar Latha Samhraidh

Murchadh Caimbeul

Nuair a chì mi iomradh air Caisteal Abhainn Suidhe no air a' cheàrnaidh sin de Cheann a Tuath na Hearadh, tha mi nam inntinn a' dol air ais gu latha brèagha grianach, aig toiseach an t-samhraidh anns a' bhliadhna 1941, nuair a choisich triùir againn bhon Tairbeart chun a' Chaisteil.

B' e mo chompanaich Tormod MacLeòid, nach maireann – Tormod Sheonaidh Bhig às Sgalpaigh, a bha na mhaighstir-sgoile ann an Cill Rìmhinn – agus Fionnlagh MacDhòmhnaill nach maireann às Sgarastadh, air an robh aithne aig na Gàidheil mar “Finlay J. anns a' BhBC.” B' e Diardaoin a bh' ann: bha na sgoiltean dùinte airson aon latha a bha, aig an àm ud, air a chumail mar “Latha na h-Impireachd.” Anns a' mhadainn choisich Fionnlagh a-nuas bho thaigh a sheanar ann an Direcleit gu taigh Màiri Ruaidh aig amhaich a' Chidhe, far an robh Tormod, Calum mo bhràthair agus mi fhèin a' fuireach aig an àm. B' i Màiri bantrach Nèill Iain Bhàin, a bha na latha a' ruith le each agus cairt eadar an Tairbeart agus Abhainn Suidhe, agus 's iomadh naidheachd laghach a chuala sinn aice mu dheidhinn an àite agus na daoine a bha ann a' còmhnaidh. 'S iomadh balach agus nighean, a' dol do Sgoil an Tairbeirt, a dh'fhuirich fo na cabair aig Màiri, nuas tro na bliadhnaichean. Den t-seann stoc Ghàidhealach, bha i coibhneil, fialaidh: eadar dà cheann na bliadhna, bha mòran a' tadhal oirre às gach sgìre air feadh na Hearadh.

Bhon a bha an aimsir cho fìor mhath, chuir sinn romhainn a dhol sgriob taobh air choreigin. Is fheudar gu robh seòrsa de bheachd againn an Cliseam a dhireadh, oir 's ann dhan Iar a chuir sinn ar n-aghaidh. Bha mise air a' chiad bhliadhna anns an sgoil ach bha na balaich eile san treas bliadhna. Dh'fhàg sinn an Tairbeart mu mheadhan-latha.

Cha robh sgòth air adhar agus bha a' ghrian gu math blàth, le oiteag de ghaoith on Ear. Cha b' fhada gus an robh sinn, le ceuman sunndach, a' dol seachad air taighean na Leacainn. Bha na leathaidean a' fàs gu h-ùrar gorm; uain dhubh-cheannach a' ruith gu spòrsail mu na bruthaichean; ceòlraidh nan eun a' cur an cèill an toileachais.

Bha an Loch an Iar gu lainnreach, eadar sinn agus Tarasaigh. Mar a chuir am bàrd e:

An saoghal ri sòlas,
Gun do dh'fhògradh am fuachd.

Cha b' fhada gus an robh sinn aig Caolas nan Sgeirean, far an do thadhail sinn anns a' bhùth aig Calum MacAmhlaidh nach maireann – bodach laghach, socair air an robh sinn eòlach. Bhiodh e ri reic bainne air feadh an Tairbeirt agus bha e na eildear anns an eaglais. Nuair a chuala Calum gu robh dùil againn mullach a' Chlìseim a ruigheachd, thug e comhairle oirnn a' bheinn a sheachnadh, chionn nach robh sinn eòlach agus gu robh cunnart ann an lùib na ceothadh a bhiodh air uairean a' laighe mar churrac air a mullach. Ghabh sinn ris an earail ghlic seo, ach chùm sinn oirnn sìos seachad air Aird Thàsaig. An dèidh Ceann an Orra a chur às ar dèidh, stad sinn os cionn seann "Stèisean nam Muc", far an robh clach a chuir a mhaighstir air uaigh coin a bha measail aige. Tha fios gu bheil a' chlach ann an siud fhathast. Thog sinn oirnn tro Bhun Abhainn Eadarra agus lùb sinn suas seachad air Bun na Cille. Bha an leathad a' tighinn oirnn a-nis, ach cha robh aon againn riamh roimhe air an rathad seo – agus bha seo gar brosnachadh gu bhith faicinn dè bha far comhair, air an taobh eile, nuair a ruigeamaid mullach a' chnuic. Cha robh sluagh ach tearc air an t-slios ud den dùthaich, agus ri linn a' Chogaidh bha mòran air falbh bhon dachaigh. Dh'fhàg seo na h-àitean beaga dùthchasach falamh buileach.

Bha sinn a-nis, tha mi cinnteach, a' deasbairreachd nar measg fhèin gu dè cho fada is a bha sinn a' dol a choiseachd. Anns a' chainnt thàinig sinn air gille às Bun Abhainn Eadarra, a' feannadh mònachd. Chaidh sinn a-null far an robh e agus shuidh sinn a' seachas car greis. Thug e dhuinn tuairmse air na bha de mhiltean eadar sinn agus Abhainn Suidhe. Na bheachd-san cha toireamaid fada sam bith ga choiseachd! Bha sinn fhathast ag altraim dòchais gum faodadh còmh-dhail air choreigin tighinn an rathad, ach bha na carbadan cho gann ris na daoine. Saoil cia mheud uidheam giùlain a thèid suas is sìos rathad Abhainn Suidhe air latha brèagha samhraidh ann an 1978?

Cha robh uaireadair aig aon seach aon againn agus tha e anabarrach duilich do chloinn miltean astair a mheas. Ghabh sinn

seachd fadachd mun tàinig an Caisteal am follais, ach ged a bha ar ceum a-nis car mall bha sinn beag is beag a' dlùthachadh ris an Taigh Mhòr.

Ghnog sinn an doras cùil agus chaidh fhosgladh gu grad. Sinn a rinn an toileachadh ris an tè a sheas air ar beulaibh, oir bha sinn a cheana eòlach air Ina Mhoireasdan as Cùl na h-Airde, a bhiodh aig amannan a' cuideachadh bean a' mhinisteir (MacLeòid) air an Tairbeart. Bha i na nighean aoigheil, gheanail, thlachdmhor, agus gun dàil thug i sinn a-steach far an robh a' bhean-taighe, Anna NicAoidh, aon de theaghlach air an robh mòr-mheas anns a' Chaisteal agus ann an taighean mòra den t-seòrsa. Tha cuimhne mhath agam air aghaidh chiùin shiobhalta agus air blàths na fàilte a fhuair sinn bhuaipe. Fhuair sinn gabhail romhainn gu fialaidh: ann an tiotadh bha biadh math agus gu leòr dheth air ar beulaibh. Dh'fhuadaich seo an sgìths agus an t-acras. Cho luath is a ghabh sinn ar dinnear, thug Anna is Ina sinn air feadh a h-uile grèim den Chaisteal. Chan eil sgeul agamsa an-diugh cia mheud seòmar a bha sa Chaisteal. Chuir iad mòr-smaointinn oirnn. Bha aon fhear le brataichean grinn air na ballachan bho mhullach gu làr. Bha an t-àite gu h-ìomlan air leth rìomhach agus snasail. Bha sinn cadhon greis air a' mhullach. Nar seasamh ann an sinn air feasgar cho brèagha, cha robh e duilich a thuigsinn carson a thagh am Morair Dunmore an làrach seo. Bha e faisg air muir-làn, air chùl gaoithe 's an aghaidh grèine – gun teagamh b' e seo “rogha suidhe samhraidh”.

Ged bu mhath fuireach, bha sinn dusan mìle bhon Tairbeart agus am feasgar a' tighinn. Thug sinn taing dhùrachdach dhaibhsan a bhuilich oirnn leithid a choibhneas rè ar turais. San dealachadh thug iad duinn biadh airson na slighe dhachaigh.

Bha a' ghrian a' deàrrsadh gu h-òirdheirc rè an latha. Bha sinn gu mòr air ar n-ùrachadh nuair a chuir sinn cùl ri Abhainn Suidhe. Choisich sinn gu dian airson grunn mhiltean, chionn a-nis bha deagh fhios againn air gach leathad is lùb a bha romhainn. Bha am feasgar eireachdail agus an saoghal mun cuairt cho maiseach don t-sùil. Anns an àm ud, cha robh ainmean àitean ri taobh an rathaid, ach tha mi 'n dòchas an-diugh gun leugh fear-siubhail san dol seachad na h-ainmean gasda mar a tha Cliasamol, Bèidearsaig, An Tolmachan, Miabhag, Teilinsnis, Bun na Cille agus Bun Abhainn Eadarra.

Ged a bha sinn sgrìob mhath fhathast bho ar ceann-uidhe, thug e togail cridhe dhuinn nuair a thòisich sinn a' cromadh aig Teilisnis. Bha na mìltean eadar Ceann an Orra agus an Tairbeart glè bhuan: bha an sgìths a-nis a' tromachadh, is cha bu nàr dhuinn. Bha a' ghrian chòir a' dol fodha san Tabh, agus gu ar làimh dheis bha an Loch a Siar mar ghlainne. Air tìr bha am feur is am fraoch a' glacadh dathan ciar an anmoich.

Bha e mu dheich uairean nuair a ràinig sinn ar n-àite-còmhnaidh. Feum cha robh air tàladh an oidhche ud. Bha ar casan goirt claidhte anns a' mhadainn, ach cha b' fhada gus an d' fhalbh sin. Mar thoradh air ar n-oidhirp fhuair sinn sealladh air an fhàrdaich uasail a bha na dachaigh aig na Sgotaich, uachdarain a bha measail aig muinntir Ceann a Tuath na Hearadh – agus nach b' e ainm ar sgoil Sgoil Shir Eideird Scott. Cha diochuimhnicheamaid ann an cabhaig an fhàilte agus am furan a chaidh a nochdadh dhuinn. Taisgte ann an stòrthaigh na h-inntinn tha mòralachd is maise nam beann is nan gleann a bha mun cuairt oirnn rè an latha. Mar bhalaich bha againn an riarachadh seo: gun do choimhlion sinn an deuchainn a ghabh sinn os làimh. Saoilidh mi nach misde òigridh seo aig àm sam bith.

Banais ann am Moilinginis

Alasdair MacLeòid

An turas mu dheireadh a bha mi air tìr ann am Moilinginis, sheas mi airson treiseag ann an tobhta taigh Dhòmhnail nan Eilean. Tha e glè ao-coltach an-diugh ris mar a bha e nuair a bha na daoine a' fuireach ann, 's cha b' urrainn dhomh gun a bhith cuimhneachadh air an oidhche thoilichte a chuir mi fhèin 's triùir bhalach eile à Sgalpaigh seachad anns an dearbh thaigh aig banais Ceiteag Dhòmhnail nan Eilean. 'S ann mu dheireadh a' Chogaidh a bhiodh ann, oir bha Murchadh a' Mhurtag na phrìosanach aig an àm.

Bha mi fhèin 's Doilean 's Seumas Thormoid Mhurchaidh Bhig 's Iain Eòghainn Chaluum an uair sin anns a' *Brothers Pride*, 's bha sinn glè eòlach air Dòmhnall nan Eilean. Bha e an uair sin ag obair air an sgadan ann an Loch Trollamaraig, agus thàinig fios a-nall uaithe gar fiathachadh chun na bainnse. Cha do leig sinne càil oirnn ri duine gu robh sinn a' dol ann, ach co-dhiù, nuair a thuit an oidhche – oidhche gheamhraidh le sneachda 's reothadh ann – dh'fhalbh an ceathrar againn le geòlaidh 's chaidh sinn air tìr anns a' Chaolas fo thaigh Phàdraig Eòghainn.

Ghabh sinn tarsainn mullach na beinne 's sinn a' dol fodha chun nan glùinean anns an t-sneachda, 's ged nach robh sinne air a bhith an rathad sin riamh roimhe, ràinig sinn taigh Dhòmhnail nan Eilean mu dheireadh. Bha ar brògan 's ar stocainnean bog fliuch, ach abair thusa gun do rinn iad toileachadh rinn, 's fhuair sinn deagh ghabhail againn. Fhuair sinn stocainnean 's brògan tioram o bhean Dhòmhnail nan Eilean, 's chaidh ar toirt chun a' bhùird 's biadh is drama a thoirt dhuinn.

Cha robh a' fuireach ann am Moilinginis an uair sin ach dà theaghlach – muinntir Dhòmhnail nan Eilean 's muinntir Dhòmhnail Duinn – ach bha an taigh gu math làn an oidhch' ud. H-abair thusa gun do chòrd a' bhanaidh rinn – ceòl is òrain 's dannsa, 's clann-nighean cuideachd!

Dh'fhalbh sinn às mun tàinig an latha, ach am faigheamaid dhachaigh mu soilleiricheadh i. Ràinig sinn dhachaigh aig ochd uairean sa mhadainn, ach bha sinn ùine mhòr às dèidh sin mun do dh'inns sinn do dhuine gu robh sinn ann. 'S ann ainneamh riamh a bha mise aig banais dha leithid – bha i math dha-rìribh!

Phàraoh agus an Sàirdseant

Iain MacLeòid

Thuir Sasainn nis ri Phàraoh, “Ni mise duine dhiot,
A sheasas air a chasan fhèin, gaisgeil, treun;
Chumas gunna ri fear fòirneirt mar as còir do Chrìosdaidh fìor,”
Is chuir e gu seann Phàraoh Sàirdseant Whatsisname.
Cha b’ e Diùc no Iarl’ no eadhon Bhìocant,
Cha b’ e seanalair nam putan pràis a bh’ ann;
Ach na sheacaidh sgiobalt’ ceart, air an toireadh daoine feart,
Is air a mhàileid ticeard, Sàirdseant Gu Dè Ainm.

Thuir Sasainn ’n sin ri Phàraoh, “Ged nach seinn thu àrd an-diugh,
Chan fhada gu ’n cuir càch do chliù an cèill,”
Is thug e gu seann Phàraoh an Sàirdseant san robh stuth;
San fhàsach ghabh iad eòlas air a chèil’.
Cha b’ e caisteal criostail no àrd-eaglais easbaig,
Cha b’ e taigh-òsd’ le caileagan gun bhrèid
Ach pìos de ghaineamh dhearg, ann am fàsadh dà chraoibh pailm,
Bu bhothan beag do Sàirdseant Whatsisname.

Thuir Sasainn ’n sin ri Phàraoh, “Bha agad mìorbhailean mu thràth,
Nuair thionndaidh Aaron d’ aibhnichean gu fuil;
Ach cùm do shùil air Sàirdseant, air slat Aaroin cuiridh nàir’-
Le dhraoidheachd nì e saighdearan à luid.”
Cha b’ e idir Hindustànaich, Frangaich ’s Coptaich
Ach na fuigheagan chaidh iomrall bho gach treubh,
Cruth-atharraichte le slat (oir bha ùghdarras sa bhat’),
Is Pharaoh dh’èisd ri Sàirdseant Whatsisname.

(Bha bliadhnachan gun iomradh orr’, bha cealg, amharas is fuath;
Bha dòchas, creideamh, buillean agus tàir -
Dh’iarr an Sàirdseant foighidinn is shuidh Phàraoh solt’ fo bhuidh,
Is thuir Sasainn “Mo thogair” ris le gair’.
Sin dèiligeadh gun chiall a bha aig Sasainn,
Dèanamh seirbheis do Dhia (no Gordon) air aon ràmh -
Oir bha h-impireachd cho cumhang ri crìochan sràidean Lunnainn,
Is iad gun smaoinachadh air Sàirdseant Gu Dè Ainm.)

Thuir Sasainn ris an t-Sàirdseant, “Leig le mo dhaoine falbh!”
 (Cha robh diù aig Sasainn dhaibh bho thùs);
 Rinn an seasamh anns a’ bhatal an nàmhaid le iongnadh balbh,
 Is rinn an Sàirdseant cridhe Phàraoh cruaidh,
 A bha brist’ bho bha na plàighean goirt san Eipheit
 Trì mìle bliadhn’ mun robh an Sàirdseant ann -
 Is chàirich esan e, is cha robh e ann ach deich,
 ’S bha Phàraoh cruaidh mar Sàirdseant Whatsisname.

Bha a’ chòmhrag duilich, aingidh (suarach, truaillidh i bho thus),
 Le teas is dust, le obair thràill is grian;
 Bha nathraichean, cuileagan, cathadh-stùir, pathadh agus plàigh,
 ’S bha Phàraoh na b’ fheàrr na bha e riamh.
 Tron an fhasach, air an rèile, sìos an abhainn,
 Mar na h-Israelich bho bhraighdeanas gu saors’,
 Eadar sgòth is dust is teine, nan deann gu Tìr a’ Gheallaidh,
 Is mar bha Maois leo, bha Sàirdseant Gu Dè Ainm.

Seo eadar-theangachadh air *Pharaoh and the Sergeant*, bàrdachd a rinn Kipling mu Dhàidh Uilleim à Arnol an Leòdhas (Lieut.-Col. David MacLeod D.S.O.).

Do dh'Anna NicGhillEathain

Iain Aonghas MacLeòid

Thainig smeòrach à Muile
 chuir fo gheasaibh na h-uile a dh'èisd;
 fhuair i cliù is mòr-urram,
 's i binn-ghuthach thar cruitean nan teud;
 togail chridhe mar uiseig,
 tàladh inntinn mar sruthan an t-slèibh',
 's feumar aithris a thuilleadh,
 grinneas nàdair an giùlain 's am beus.

Anna bheag NicGhillEathain,
 cha robh annad ach leanabh caomh òg
 nuair chuir Freasdal a bheannachd
 air do bhilean 's do theanga le pòig:
 thainig piseach sa ghealladh,
 gun aon mheang is gun mhearachd 's gun ghò;
 airson uaill is fèin-mhealladh
 chan eil àite nad phearsa nas mò.

Ann an Achadh an Rainich
 chaidh do thogail an dachaigh nam buadh;
 is bha Ulbha am fagas,
 far an d'àraicheadh Lachlann MacGuair';
 cùlaibh Ulbhaigh bha Stafa,
 far an d'ghlac Mendelssohn cagair cuain;
 is bha I ann ad shealladh,
 eilean naomh ud a' Gheallaidh Bhith-bhuain.

Taigh do sheanar san t-Sàilean
 daonnan loma-làn mànrain is ceòil;
 is bu shona do làithean
 'n Aiseag Ulbhaigh le d' chàirdean mear òg:
 fhuair thu foghlam gu d' chàile
 'n Tobar Mhoire nan Spàinneach 's an òir;
 is an Oban na h-Ard-Sgoil
 bha deagh liomhadh air Gàidhlig bho Dhòmh'Il.

Fhuair thu 'n t-Aigeallan Airgid;
 thàinig cogadh is seirbheis an Rìgh;
 anns gach gnìomh dhut a thairgseadh,
 bha thu dicheallach às gaidh gun sgiths;
 cha do dh'fhàs do ghuth meirgeach –
 's ann a leasaicheadh seirm dhut is cli;
 oir bha daonnan ort iarraidh,
 's d' òrain cheòlmhor làn ciatachd is brìgh.

Rinn thu pòsadh tha maireann,
 càraid shnasail thu fhèin 's Marsail còir;
 lùiginn slàn sibh is fallain
 gu 'n tig Sultain 's bhur Banais an Oir;
 's iomadh bliadhna a bharrachd
 gum biodh ceòl agus caithream gu leòr
 'm baile mòr nan gràin-chlachan
 far 'n do chàirich sibh dachaigh bhur deòin.

Thug thu seirbheis saor-thoileach
 ag ath-bheothachadh cànan do rùin,
 's fhuair do shaothair fìor mholadh
 ge b' e robach an aimsir no ciùin;
 nis an àirde na Cathrach,
 's tu fhèin 's airidh do làmh bhith san stiùir;
 Anna bheag NicGhillEathain –
 mìle beannachd don Chomunn fo d' iùil.

Nì mi crìoch air mo luinneig,
 ged bu mhiann leamsa tuilleadh a ràdh
 mun a' chaileig à Muile
 don do dhiol sinne urram is gràdh;
 fhad 's bhios Mòd air a chumail,
 gum bi luaidh air a' chruinneig le blàths,
 's air a' Bhonn Oir a bhuinnig
 is a chaith i le fiùbhas a ghnàth.

Cianalas

Iain Moireasdan

Mi nam shuidh' air a' bhruthach,
 'S mòr mo mhì-ghean 's mo mhulad,
 'S mi ri coimhead an Rubha,
 Lom aonranach, dubhach,
 'S gach dachaigh bheag thughaidh
 A bheireadh fàilt' dhomh is furan –
 Chan eil aon ann an-diugh air a fàgail.

Mi gun ghean is gun sòlas,
 Mi gun spèiread nam chòmhradh,
 Fuar, faondrach is brònach,
 Lag, ionndraineach, deòireach,
 Luaineach, anshocrach, leònte,
 Fo mhì-chùram 's fo chòmh-stri,
 'S gun nì dhomh air dòigh mar a bha e.

Tha 'n dachaigh chuanna air rùsgadh,
 'S i gun tughadh gun sùgan,
 Tha gach ceangal air lùbadh
 'S tha na sparran air crùbadh,
 Tha 'n luidhear gun smùid às,
 Tha 'n tein' air a mhùchadh,
 Chan eil iomall no cùil ann bheir blàths dhomh.

'S mòr am beud e 's cha mhath leam
 Bhith gad fhaicinn-sa falamh,
 Do cheann a' tuiteam gu talamh
 Is meòirean fuara na gaillinn
 A' piocadh glutadh do bhalla,
 A' srac-reubadh an tallain,
 Le fuarachd 's mì-aire ga chnàmhadh.

Tha 'n teinntean gun luatha,
 Làn còinnich is ruadh-fhiodh;
 Chan eil duine mun cuairt dith;
 Tha chathair 's i smuaiste;
 Is tro bhalbhadh an uaigneis,
 'S e an glaodh tha nam chluasan
 Giorrad ar cuairt anns an fhàsach.

Bha latha eil' ann a fhuair mi
 Iomadh coibhnealachd bhuatsa,
 Is cha bhiodh dith 's cha bhiodh gruaime orm,
 Cha bhiodh acras no fuachd orm,
 'S a dh'aindeoin guineas na tuath-fhrois,
 Chaidlinn saoirsneil gun uallach,
 'S osnaich nuallach a' chuain ga mo thàladh.

Dh'fhalbh an comann bha gaolach,
 Dh'fhalbh an caidreabh 's an fhaoileachd,
 Dh'fhalbh an sòlas 's an t-saorsa,
 Dh'fhalbh an nàbachd 's an aonachd;
 Ach tha fìor lagh na caomhachd
 Air a nochdadh 's ri fhaotainn
 Anns gach eisemplair fhiùghail a dh'fhàg iad.

Tha na feannagan uaine,
 'S iad fo chopaig 's fo bhuadh'lan,
 Iad gun chlais a bheir uapa
 Gach dile dhòirteas a-nuas orr',
 Gun tòrr-feamad, gun bhuachar
 An siud 's an seo air an uachdar –
 Chrion a' chruaidh-làmh rinn uair a cuid àitich.

Tha bonn sàmhchair is uaigneis
 Air na tobhtaichean fuara,
 Cha chluinn mi gàire nan gruagach
 Air gach taobh den chlàith-luadhaidh,
 Is iad a' co-sheirm nan duanag
 'S an clò ga shlaiceadh 's ga luaisgeadh,
 Toirt às uilleadh le luath-bhuile 'n làmhan.

Chan fhaic mi nighean no cailleach
Ri cìreadh no gearradh,
Chan fhaic mi liaghra no ceirle
No crois-iarna no fearsaid,
Chan fhaic mi cuibheall thrì-chasach
No beart-dheilbh ris a' bhalla,
Cha cluinn mi buille chruaidh ealamh aig spàl ann.

Cha chluinn mi glodhaich nam balach
Mar a chleachd mun a' chladach,
Is iad le luingeas chaol dharaich,
Breidean bàn rin cuid chrannaibh,
Null 's a-nall bho gach carraig –
Is leam bu taitneach an caithream
Nuair a ruigeadh tè caladh gu sàbhailt'.

A chulaidh, 's càs leam gad fhaicinn
Air do chliathaich sa ghlasraich,
Is teas na grèine gad shracadh,
Fuasgladh bhòrd bho d' chuid asnaibh,
Ga do reubadh 's gad chnapadh,
Ged as tric rinn mi tac leat
Bho Leac a' Mhill gu achlais Sgeir Màiri.

Caochladh

Seonag NicIllFhinnein

An Sgarp – eilean beag bòidheach an achlais ceann a tuath na Hearadh, le tonnan mòra a' Chuain Siar ga bhualadh air gach taobh.

Tha an t-eilean an-diugh air fhàgail fo chaoraich, ach bha uair a bha e làn le daoine tapaidh, geur-chùiseach, ealanta ag obrachadh gu cruaidh airson an teachd-an-tìr air muir agus air tìr.

Faic an t-eilean latha brèagha samhraidh – machair flùranach gorm, muir lainnreach sèimh, tràighean geala gainmhich; raointean fo bhlàth le buntàta, arbhar, coirce beag agus eòrna; beanntan corrach feurach gun a bhith ro àrd a' cur fasnachadh air na taighean bho ghailleann na gaoith an iar; na h-eoin, air muir 's air tìr, mar gum biodh iad a' còmh-stri ach cò as fheàrr a nì seinn is moladh.

Bha na daoine fialaidh, còir, deiseil gu fàilte a thoirt do choigreach aig àm sam bith; bha gu leòr aca – bainne is im is gruth, feòil is iasg is buntata, càl is snèapan is currain – agus cha robh èis airgid orra a bharrachd.

Bha sgoil agus taigh-coinneimh air an eilean, bùth bheag leis gach goireas a bha feumail, le oifis a' phuist anns an dara ceann dith. Bha na litrichean a' falbh 's a' tighinn trì latha san t-seachdain agus bha a' fòn deiseil do gach neach airson bruidhinn ris na càirdean air falbh.

Bha càirdeas am measg nan daoine mar aon teaghlach, a' cèilidh air a chèile fad a' gheamhraidh, agus bu tlachdmhor a bhith ag èisdeachd ris na seann daoine ag innse mu na cruadalan a bha aca toiseach am beatha.

Bha tobar no fuaran faisg air gach taigh le uisge glan fallain ag èirigh bho ghrund na talmhainn.

B' e siud àite na cloinne – cha robh balach gun uan as t-carrach ga thogail air a' bhotal agus ga bhithadh aig an taigh fad a' gheamhraidh. Cha robh guth air telebhisean, ach iad a' ruith casruisgte feadh ghleann is bheann is mhachair cho aotrom ris na h-eoin. Gheibheadh iad iasgach le slatan bhàrr nan creag, agus is iad fhèin a bha sona a' roinn nan cudaigean feadh nan taighean.

Ach thòisich a' chlann a' falbh do sgoil eile aig dusan bliadhna, agus às a sin air los cosnaidh. Chaidh an sgoil agus an taigh-coinneimh a dhùnadh. Thug siud buille-bhàis don eilean; chaill na seann daoine am misneachd, agus mean air mhean fhuair iad taighean air tìr-mòr, far nach biodh caolas cadar iad is cobhair aig àm feuma.

Tha an t-eilean an-diugh air fhàsachadh agus na taighean air an ceannach aig na Goill airson taighean samhraidh.

Tha mòran de na thàinig air tìr às an Sgarp air an dachaigh a dhèanamh ann a Hùisinis, an Abhainn Suidhe no air an Tairbeart, ach tha a' mhòr-chuid de shluagh an eilein nan cadal sàmhach socair air tulach beag gorm os cionn na mara, le torman nan allt agus gàirich a' chuain mhòir ag iadhadh mun cuairt orra, is iad air an càradh, mar bu mhiann leotha, "ri fuaim na h-ataireachd àird."

Bha an sgrìobhadair na ban-sgoilear anns an Sgarp airson naodh bliadhna, agus b' i an tè mu dheireadh a bha ann mun do dhùineadh an sgoil.

Comhairle air Mo Nighean

Dòmhnall Alasdair

Fàgaidh tu 'm bàgh a dh'aithghearr, mo ghaol,
 A sheòladh anns a' chuan mhòr -
 Eisd ri maraich' a chaidh tron a' chaol
 Gun eòlas, gun uidheam, gun òr.

Na caill do chùrs' le mì-chùram,
 Seall am beil balaiste na broinn;
 Deònaich tac eile a stiùireadh
 An àit' dhol ro dhlùth air a' ghaoith.

Cùm sùil air a' charraig a chì thu,
 Cuir eòlas air sgeirean nach fhaic;
 'S faisg no fada bho thìr thu,
 Cha sheall thu romhad ro thrìc.

Ma bheir fear a' ghaoth às an t-seòl ort,
 'S e 'g iarraidh air bòrd ri do thaobh,
 Mura bi acair na chrògan,
 Na gabh bhon òlach a thaod.

Ma thig stoirm a leagas tu, rùin,
 Nì sin briseadh-dùil agus lèireadh,
 Ach chan fhàilligeadh idir a dhol air do thòin
 Ma tha na do rùn a bhith 'g èirigh.

Ma thachras gun tig cruaidh-chàs ort,
 Till thus' air ais tron a' chaol -
 Bidh acarsaid dhut anns a' bhàgh sa
 Gu fàs dà adhairc air bò mhaol.

Ghuidh mi airson sealbh dha do thuras
 'S gach cùrs' a dhealbh thu dhut fhèin;
 Air aon rud co-dhiù thèid mi 'n urras:
 Tha mo dhùrachd gu bràth às do dhèidh.

**Marbhrann do Raonaid Thormoid,
Aird Eaghanais, Sgalpaigh**

Iain Moireasdan

'S tu an teachdair' as cruaidh'
Tha 'n taobh seo den uaigh,
Tha tional an t-sluaigh gun tàmh;
Iosal no uaisl',
Bheir thus' orra buaidh,
Aon neach chan eil buan bho d' làimh;
Thug thusa san àm
Dhuinn buille nach gann
Dh'fhàg an dachaigh ud lom, gun bhlàths;
'S e bean uasal mo rùin
A bhith 'n tasgadh san ùir
A ghluais is a dhùisg mo dhàn.

'S ann dhòmhsa bu chòir
Do chliù chur air dòigh
'S a sheinn ann an òran rèidh;
Bu choibhneil do dhòigh
Ri sean agus òg,
Bu tlachdmhor 's bu chòir do bheus;
'S tu nochdadh dhuinn bàidh
San anmoch no tràth,
'S tu bheireadh dhuinn fàilt' da rèir;
'S tu labhradh rinn blàth
Nuair a rachamaid ceàrr,
Is tu stiùireadh, le gràdh, ar ceum.

'S e b' fhasan dhut riamh
Bhith iriosal, fial,
Daibheideach, rianail, còir;
B' ionnan do smuain
Ri bochd no ri uaisl',
Bha d' annsachd gun fhuath don bheò;

Cha robh gearain nad ghnàths -
 Ged a bhiodh tu fo phràmh,
 'S tu nach nochdadh ri càch do bhròn;
 Bha do mhuinighin gach tràth
 Sa chumhachd as àird',
 A chuireadh gu slàint' gach leòn.

Bha do chridhe-sa làn
 De dh'iochd is de bhàidh,
 'S e teisteanas chàich a b' fhior;
 'S e bhith comhartachd chàich,
 Nan euslaint 's nan càs,
 Bu chleachdadh 's a b' àill leat riamh;
 Cha b' e iunntas na stàit
 Chuir sult air do ghràs
 Ach sochairean àrd an Triath.
 Cha b' e do bhriathran a-mhàin
 A leig fhaicinn do ghràdh
 Ach do bheatha, do ghnàths 's do ghnìomh.

'S truagh nach robh còrr
 Ri fhaotainn de d' sheòrs'
 Measg muinntir ar seòlaidh fhèin -
 'S iad chumadh air dòigh
 Gach nì mar bu chòir
 Le soirbheachadh glòrmhor Dhè;
 Nam biodh tomhas de d' ghràdh
 Aig a mhuinntir a tha
 Cho uailleil le gràs am bèil,
 Shealladh iad bàidh
 Do bhochdainn 's do chàs,
 'S bhiodh sonas is àgh nan ceum.

Tha d' fhàrdaich-sa fàs,
 Gun teine, gun bhlàths,
 Cha tog sinn gu bràth ann fonn;
 Tha làmh-iùil 's i air falbh,
 Tha chlarsach 's i balbh,
 Tha urras gach sealbh air chall;

Cha b' ionnan mar bha
An toiseach mo là,
Nuair bhitheamaid gu càirdeil ann,
Gun chùram, gun ghruaim,
Gun droch-bheart, gun druaip,
'S thusa gu cuanna nar ceann.

Ach ged a phaisg sinn thu uainn
An doimhneachd na h-uaigh,
Gidheadh bheir thu buaidh sa bhàs;
Tha an gealladh 's an duais
A gheall e do shluagh
An-duigh dhuinn cho buan 's a bha;
'S ged is dualach don bheò
Bhith gul is ri bròn,
'S ann dhuinn nach bu chòir bhith 'n càs -
'S ann tha thusa gun dith,
Ann an sonas is sith,
Am fasgadh na tìr as fheàrr.

Seach-Rathad Dhùn Blàthain

Calum MacMhaoilein

Tha iomadh bliadhna bho thòisich muinntir Dhùn Blàthain a' faireachdainn gu robh na bha de thrafaig a' dol tro rathaidean caola a' bhaile na chunnart do gach neach a bha ag imeachd air a chois no ann an carbad tron A9 far a bheil e caol. Bha rathad dùbailte a' toirt na trafaig gu iomall a' bhaile air an taobh tuath, agus bha an rathad dùbailte bhon taobh deas a' tighinn gu math a-steach do mheadhan a' bhaile. Eadar an dà rathad seo bha rathad caol a bha na chnap-starradh do na h-uile – do mhuintir a' bhaile nach fhaigheadh air a dhol gu na bùthan gun a bhith dol am measg gach làraidh mhòr throm a bha ruith eadar ceann a deas Shasainn agus Taigh Iain Ghròt, no eadar Steòrnabhagh agus Glaschu; agus do dhraibhearan nan làraidh sin a dh'fheumadh an slighe a dheanamh tron rathad chaol seo.

Ach chan ann a-mhàin na chnap-starradh a bha e ach na chunnart, nuair a bha draibhearan a' tighinn far an rathaid dhùbailte agus a' cumail suas an astair a bh' aca air an rathad sin. Is iomadh tubaist fhuiltreach agus, aig uairean, bhàsmhor a thachair air an rathad seo tro na bliadhnachan.

Chuir mi eòlas, mar dhraibhear, air an rathad A9 o chionn beagan a bharrachd air fichead bliadhna. Cha robh e an uair sin ach na rathad caol bochd air an robh e doirbh do charbad faighinn seachad air làraidh shlaodach a bhiodh roimhe air an rathad. Ach an-diugh tha iomadh leasachadh air tighinn air, is seach-rathaidean dùbailte ga thoirt seachad air bailtean mar Peairt agus Uachdar Ardair, agus iomadh baile eile eadar Sruighlea agus Caolas Chrombaidh.

Nuair a chaidh seach-rathad Pheairt fhosgladh o chionn beagan bhliadhnachan, cha robh baile a deas air Caolas Chrombaidh tron robh an A9 a' dol ach Dùn Blàthain a-mhàin.

Tha an rathad ùr a-nis air fhosgladh, agus is mòr am faochadh a fhuair am baile, oir chan fhaicear a-nis làraidh throm an Dùn Blathain mura bheil gnothaich aice anns a' bhaile. Is mòr cuideachd am faochadh a th' ann do dhraibhearan a tha a' dèanamh na slighe gu deas no gu tuath a bhith a' seachnadh an rathaid chaoil tro Dhùn Blàthain.

“Cluinnidh e am fear a’ fàs”

Calum MacMhaoilein

Nuair a bhios claisneachd anabarrach math aig duine, their cuid mu dheidhinn, “Cluinnidh e am fear a’ fàs.”

Thàinig na facail seo a-steach orm an-diugh, an dara latha dhan t-Sultain, is mi nam shuidhe leam fhin ann am pairc Laigh Hills ann an Dùn Blàthain.

Bha an latha socair, ciùin, agus cha robh duine no ainmhidh a’ cur dragh air an t-sàmhchair. Mun cuairt orm bha badan conaisg, agus bho àm gu àm chluinninn na cochail a’ bristeadh.

Cha robh mi a’ cluinntinn an fheòir a’ fàs, ach bha mi a’ cluinntinn a’ chonaisg a’ sgathadh a chuid sil, ann an dòchas gun tigeadh fàs air an deagh àm.

Sgeulachdan à Sgìre na Pàirce

Calum MacMhaoilein

Tha mòran sgeulachdan rin innse mu bhodaich agus mu chailleachan a bha a' fuireachd ann an Sgìre na Pàirce ann an Leòdhas mu dheireadh na naodhamh linn deug.

Nam meas seo bha Dòmhnall, a bha ann an dlùth-chàirdeas dha mo sheanair, agus a bhean Peigi, a bha a' fuireach ann an Grabhair. Theireadh cuid gu robh Dòmhnall caran leisg, ach tha mi a' tuigse gu robh e na chleachdadh aige gach Earrach agus toiseach gach Samhraidh a bhith trang aig na lin-mhòra, agus gu dearbha saoilidh mi fhìn nach b' e obair leisgeadair a bha sin.

Aon latha, agus e air tilleadh bho na lin-mhòra, agus e glè sgìth an dèidh obair na h-oidhche, thuirt Peigi ris gu robh an t-agh tinn agus gum feumadh e a dhol gun dàil gu Ceairseadar, far an robh fear a bha glè sgileil air ullachadh chungaidhean-leigheis do mhart sam bith a bha fulang.

Sgìth agus mar a bha Dòmhnall, rinn e mar a dh'iarr Peigi, agus le pige na làimh chum e air a-mach os cionn Gleann Ghrabhair. Nuair a ràinig e Loch Tobhtaichean Amhlaidh, thug sgìths na h-oidhche agus teas an latha air sìneadh am bruaich an loch airson greis beag. Ach 's ann a thuit e na chadal, agus nuair a dhùisg e chunnaic e gu robh mòran dhan latha air a dhol seachad agus gu robh a thid' aige tilleadh, oir bhiodh sgiobadh an lin-mhòir a' fuireach ris.

Cha robh leisgeul aige do Pheigi gus na ràinig e an t-Allt Tarsainn, a tha dlùth ri geata Ghrabhair, ach nuair a chunnaic e an t-allt 's ann a lion e am pige le uisge an uillt.

Thug Peigi an t-uisge dhan agh, agus dòigh no dòigh air choreigin, an uair a thill Dòmhnall bho na lin-mhòra anns a' mhadainn bha an t-agh air a chasan, slàn fallain.

"Tha feum ann an cungaidh Cheairseadair," arsa Peigi.

"Ma-ta," fhreagair Dòmhnall, "na mo bheachd fhìn bha uisge an Uillt Tharsainn a cheart cho math dhan bheathach ri càil a bha mi air fhaighinn ann an Ceairseadar nam bithinn air a dhol ann."

Latha eile cha robh Dòmhnall a' faireachdainn gu math, agus 's e Peigi a b' fheudar a dhol a thoirt dhachaigh beagan chaorach. Cha deigheadh an cù, air an robh Fanny mar ainm, còmhla rithe idir,

ach fhuair i air adhart gu math às aonais gus an robh i am fianais an taighe. Thòisich an uair sin na caoraich a' sgapadh agus thòisich Peigi a-rithist ag èigheachd air Fanny. Ach bha esan ga bhliadh fhèin ris a' ghrèin aig ceann an taighe agus cha do leig e air gun cual' e i. Chuala Dòmhnall i agus chunnaic e mar a bha tachairt. Cha do rinn e oidhirp idir a dhol ga cuideachadh, ach dh'èigh e rithe, "Fanaidh esan gun teagamh, a chaillich, ach tha droch eagal orm nach fhan na caoraich."

A' Dol gu Mòd Dhùn Eideann

Calum MacMhaoilein

Nuair a bha am Mòd Nàiseanta ann an Dùn Eideann ann an 1960, bha mi a' seinn còmhla ri Còisir nan Loch. Dh'fhalbh a' mhòr-chuid dhan chòisir air a' bhàta oidhche Mhàirt, ach on a bha mise airson madainn Diciadain a chur seachad aig m' obair-latha, is ann air an itealan a ghabh mi an t-slighe mu mheadhan-latha Diciadain.

Nuair a ràinig mi Port-Adhair Steòrnabhaigh, thachair còigear de chaileagan na Còisir rium agus chum sinn oirnn gu Rinn Friù. Nuair a bha an t-itealan a' dèanamh airson tighinn gu talamh, thuirt tè dha na caileagan rium, "A Chalum, coimheadaidh sinn fhin às dèidh do mhàileid ma thèid thusa a lorg tagsaidh dhuinn uile."

Rinn mi mar a dh'iarr iad agus fhuair mi tagsaidh gun trioblaid sam bith.

"An toir thu sianar gu Queen Street?" dh'fhaighnich mi.

"Gu toilichte. Thoir ann an seo iad."

Thàinig mi thuige agus an còigear chaileagan gam leantainn. Thug fear an tagsaidh suil orm le uabhas.

"Bha làn-dhùil agam gur e bean agus ceathrar chloinne a bh' agad. Nan robh fios agam gu robh harem agad," ars esan, "cha robh mi idir air aontachadh bhur toirt gu Queen Street."

An Uiseag

Niall M. Brownlie

Mile fàilt' ort 's do bhinn-cheòl air ghleus,
 Eòin bhig th' air an sgèith cho moch-thràth!
 Gur milis leam binn-ghuth do bhèil
 Nuair ghleusas tu luinneag na fàilt':
 Sgeul aoibhneach na h-ùr-mhadainn Chèit,
 'S tu 'g adhradh don ghrèin ann ad dhàn;
 Fàilt' ort, uiseag ghreannmhor nan slèibh',
 Is air còisir nan geug mile fàilt'.

Mile fàilt' ort! Tha mìn-cheòl ag eirigh
 Bho aodann an rèidhleìn na smàl;
 Tha 'n t-ùr-dhealt na smùid gheal sna speuran
 'S luibhean àlainn a' Cheitein fo bhlàth.
 Tha thusa air bras-sgèith led chèile,
 Led shith-sgeul cho teudach ga sniomh,
 A' dòrtadh bhod bhinn-ghob gun tùchan
 Gu eagarra, sunndach, gun strì.

Mile fàilt' air a' cheòl leam as bòidhche
 Tha dòrtadh gu frògan nan gleann
 Gu leadarra, suilbhir is sùrdail -
 'S tu clàrsair as mùirnich measg eòin!
 Tha 'n ceòl tighinn gu binn bho do sgòrnan
 Gu h-ealant', co-òrdaichte, grinn.
 Fhuir thu buadhan a' bhinn-chiùil bho nàdar;
 Gun uaibhreas, gun spòrs tha na fuinn.

Fàilt' ort 's tu 'g èirigh nas àirde
 Bhon duslach a dh'àraich do chre!
 Tha thu lionadh na h-iarmailt led òran -
 Bha d' annsachd gun fhuath don bheò;
 Bha d' annsachd gun fhuath don bheò;
 Cha taobh riutsa bròn ann ad sgeul.
 Nach ceòlmhor is òrdaicht' na teudan
 Tha sileadh bhod bheul-ghob gun mheang; -
 Mile fàilt' ort 's tu 'g èirigh sna speuran,
 A' cur fàilt' air gach rèidhlean is gleann.

Nuair philleas an t-earrach 's na flùran,
 Am bi mise san fhuar-ghrunnd sa bhàs,
 Far nach cluinn mi air latha do dhùsgaidh
 Na teudan a dhùisg mi gu dàn?
 Mur bi mi leat, Mhaircad, sa chùirt seo,
 Cuimhnich mar dhùisg i ar gràdh
 Nuair a dh'èisd sinn a h-òran le cheile,
 Is a ghlas mise, eudail, do làmh.

A' chiad dhuais aig Mòd Nàiseanta Shruighlea, 1987.

© *Na còraichean glèidhte.*

Nam Aonar le Mo Smaointean

Iain MacLeòid

Nam aonar le mo smaointean,
 'S a' ghaoth tighinn bho thuath,
 Grian òr-bhuidh' mar ghriosach
 Cur teine air chuan;
 Na caoraich solt', cho sàmhach,
 Len àl sa chnoc mhòr,
 Ciaradh feasgair cur a ghlòir
 Air faileas dubh le òr.

Na saibhlean fàs gun mhullach;
 Na taighean bha làn
 An-diugh cho fuar 's cho falamh,
 Am fearann dol bàn;
 Gun chrann, gun speal ann,
 Gun lion ann, gun bhàt':
 Eigheach cogaidh a thug bhuainn
 Na balaich thuit sa bhlàr.

Ma chlaoidh sinne nàmhaid,
 'N dràst' faic pris buaidh:
 Cridhe màthar cràidhte,
 'S na gillean san uaigh;
 Cha dèan cliù no onair
 Treabhadh dhuinn no buain;
 Cianail, falamh sith a' bhàis –
 Cha till na fir chaidh uainn.

Aig uaigh fhuar Mhic a' Phearsain,
 'S an sneachd air Peighinn Phùir,
 Chluich a' phiob port tuiridh,
 Am peilear bhrag cruaidh;
 An cogadh faoin nam Falklands
 Thuit Gòrdan ro òg:
 'N-uiridh balach san Sgoil Aird –
 An-diugh a bhàs ar leòn.

A' ghrian tha dol sìos oirme
Air Prèiridh cur blàths;
Oidhche tha gar dùnadh –
Dùsgadh do chàch;
Aig feasgar dorch' ar cùrsa,
Feith dùsgadh 'n latha mhòir:
Ciaradh maidne cur a ghlòir
Air faileas dubh le òr.

The first of these is the
 general principle of
 the military art, which
 is to secure the safety
 of the state, and to
 maintain the peace and
 tranquillity of the
 empire. This is the
 primary object of the
 military art, and it is
 the duty of the general
 to be ever ready to
 defend the state against
 all external and internal
 enemies. The second
 principle is the art of
 war, which is the art
 of attacking and
 defending a fortified
 place. This is the art
 of the general, and it
 is the duty of the
 general to be ever
 ready to defend the
 state against all
 external and internal
 enemies. The third
 principle is the art of
 the soldier, which is
 the art of fighting
 the enemy in the
 field. This is the art
 of the soldier, and it
 is the duty of the
 soldier to be ever
 ready to fight the
 enemy in the field.

Measgachadh de Rosg is Bàrdachd



An Comunn Gàidhealach